



NF. 693. 6. 2.









Digitized by the Internet Archive
in 2013

LEANMHUINN
CHRIOST':

AIR

THIONNADH O LAIDINN,

GU

GAIDHLIG,

LE EOGHAN MAC EACHAINN.


PEIRT:

CLO-BHUAILTE LE MORISONS,

Aireamh 14, an t-Straid Ard.

MDCCCXXVI.

1836



S U M.

A' CHIAD LEABHAR.

CAIB.

TAOBH.

I. Air leanmhuinn Chrìost' is gràin air aimideachd shaoghalta,	1
II. Mu bharail bhig oirnn fheìn,	3
III. Mu theagasg na firinn,	4
IV. Air gliocas an gnìomh,	7
V. Air leughadh an sgrìobtuir naoimh,	8
VI. Air ana-miannan,	9
VII. Gu bheil dòchas faoin is uabhar ri seachnadh,	10
VIII. Air seachnadh brìodail,	11
IX. Mu umhlachd is ìochdranachd,	11
X. Mu anabarr cainnt a sheachnadh,	12
XI. Mu shireadh sìth is dol air adhart,	13
XII. Air math na h-anshocair,	16

XIII. Air Cath an aghaidh buairidh,	17
XIV. Mu bhreth obuinn a sheachnadh,	20
XV. Air gnìomhan na carrannachd,	21
XVI. Air cur suas ri fàillinnean feadhach eile,	22
XVII. Air beatha manaich,	23
XVIII. Sàmhla nan Aithrichean Naomh,	24
XIX. Mu dhleasnas an dea-chràbhaich,	27
XX. Mu dhèidh air uaigneachd is tosdachd,	30
XXI. Air bròn cridhe,	33
XXII. Smaointean air truaighean chlann-daoinne,	36
XXIII. Smaointean air a bhàs,	39
XXIV. Air breitheanas is pian a' pheacaidh,	43
XXV. Mu rian ceart a chur air ar caithe-beath' air fad-le suim,	46

AN DARNA LEABHAR.

I. Mu chomra na leth-astigh,	53
II. Mu sthriochdadh iriosal,	57
III. Air sonas an duine shiochaintich,	58
IV. Mu chridhe glan is beachd treibhdhreach,	59
V. Mu smaointean oirnn fhein,	60
VI. Mu thoil-inntinn na dea-chogais,	62
VII. Air gaol Iosa fos cionn gach ni,	63
VIII. Air càirdeas bàigheil Iosa,	65
IX. Air call gach sòlais,	67
X. Air tàingealachd airson ghràsan Dè,	70
XI. Gur neo-lionar iad a tha 'n dèidh air crois Chriosta,	73
XII. Mu shlighe rioghail naoimh na croise,	75

AN TREAS LEABHAR.

- I. Air combra diomhair Chriosta ris an an-
am dhèileas, 83
- II. Gu bheil an fhìrinn a labhairt air an
taobh-stigh dhuinn gun fhuaim bhriath-
ran, 84
- III. Gu bheil facal Dè ri èisdeachd le umh-
lachd, is gur lionar iad nach 'eil ga
mheadhrachadh le suim, 86
 Urnaigh gu gràsan na cràbhachd a
 chosnadh, 88
- IV. Air gluasad an làthair Dè ann a' fìr-
inn 'san umhlachd, 89
- V. Air feartan miarailteach gaoil Dè, 91
- VI. Am fìor fhear-gaoil air a dhearbhadh, 94
- VII. Air ceiltinn nan gràs fo sgàil na
h-umhlachd, 96
- VIII. Air sealltainn sìos oirnn fhein a' fì-
nuis Dè, 99
- IX. Gum bheil gach nì ri sheòladh gu Dia
mar ar crìoch dheireannach, 101
- X. Do neach a nì diù do 'n t-saoghal is
taitneach seirbheis Dè, 102
- XI. Gu bheil iarraidh ar cridhe ri ranns-
achadh is ri rian, 105
- XII. Gum bheil faighidin ri ionnsuchadh
agus gleac ri r' n-ana-miannan, 106
- XIII. Air umhlachd iriosail iochdarain air
rèir sàmhla Iosa Chriosta, 108
- XIV. Smaointean air breitheanas diomhair
Dè eagal pròis a ghabhail a deagh-
oibrichean, 109

- XV. Ciod tha freagrach a dhianamh 'sa
radh anns gach ni, 111
 Urnaigh gu toil Dè dhianamh, 112
- XVI. Gu bheil fìor shòlas ri shireadh ann
an Dia, 113
- XVII. Gu bheil a h-uile cùram ri thilgeadh
air Dia, 114
- XVIII. Gu bheil truaighean na beathasa
ri 'n giùlan gu faighidneach air rèir
sàmhla Chriosta, 116
- XIX. Air cur suas ri tàrchuis, comhdach
co e an duine tha làn-fhaighidneach, 117
- XX. Air aideach ar laigse, agus ànradh na
beathasa, 119
- XXI. Gur ann an Dia tha socair ri shir-
eadh fòs cionn gach gibht is tiodhlac; 121
- XXII. Gu bheil tiodhlaicean lionor' Dè
ri 'n cuimhneachadh, 124
- XXIII. Ceithir rudan leis a' ghleidhear
mòran sìthe, 127
 Urnaigh an aghaidh droch smaointean, 128
 Urnaigh gu soilleireachadh inntinn, 128
- XXIV. A bhith toirt binn air caithe-bhea-
tha an atharraich ri sheachnach, 129
- XXV. Air na nichean anns a bheil sìth
mhòr cridhe is làn-choimhlionachd ri
faotuinn, 130
- XXVI. Air buadhan na saor inntinn, a
ghleidhear le urnaigh nas fhearr na le
leughadh, 132
- XXVII. Gur i fein spèis a' chuimrig a's
mua san rathad gus a' sonas is àirde, 134
 Urnaigh gu glanadh a' chridhe is
 gliocas diadhaidh chosnadh, 135

- XXVIII. An aghaidh theangan a' chùl-
chàinidh, 136
- XXIX. Gu bheil Dia ri ghairm is ri bhean-
nachadh an àm buairidh, 137
- XXX. Air sireadh comhnadh Dè, is dòchas
a ghràsan fhaighinn air ais, 138
- XXXI. Air tràigsinn chreutairean gu
ruighinn air a' chruthadair, 141
- XXXII. Air fein-aicheadh is claoidh gach
ana-miann, 143
- XXXIII. Air neo-stèidhealachd cridhe, agus
gu bheil ar beachd ri stiùradh air Dia, 145
- XXXIV. Gu bheil Dia miaghail fos cionn
gach ni, aig an fhear a bheir gaol dha, 146
- XXXV. Ar beatha thalmhaidh cha 'n 'eil
saor o bhuaireadh, 148
- XXXVI. An aghaidh breth aimideach
dhaoine, 149
- XXXVII. Gum feum neach e fein a liub-
hairt gu glan 'sgu buileach do Dhia gu
ruighinn air saorsa cridhe, 151
- XXXVIII. Air dea-rian an taoibh-mach,
is ruith gu Dia ann an cunnartan, 152
- XXXIX. Cha tige' do dhuine a bhith ro-
bhras na gnothaichean, 153
- XL. Gu bheil duine gun mhath 'sa bith
uaithe fein, is gun aobhar uail a rud
air bith, 154
- XLI. Air shealltuinn sìos air onair shaogh-
alta, 156
- XLII. Cha 'n 'eil sìth ri suidheachadh air
daoine, 157
- XLIII. An aghaidh faghluim faoin saogh-
alta, 158

- XLIV. Cha 'n 'eil nichean na leth-amach
ri 'n tarruing ugainn fhein, . . . 160
- XLV. Cha 'n 'eil a h-uile h-aon ri chreid-
sinn, is gur tric sgiorradh facail, . . . 161
- XLVI. Air earbsa chur ann an Dia, nuair
chaithear oirnn saighdean fhacal, . . . 164
- XLVII. Gu bheil a h-uile trioblaid ri
ghiùlan airson rioghachd fhblathanais, 166
- XLVIII. Air latha na siorruchd, is ànradh
na beatha so, 168
- XLIX. Dèidh air a' bheatha shiorruidh,
miad an t-sonais a ghealladh do 'n
fheadhainn a ni strì, 171
- L. Gur còir do neach nach fairich sùgh na
chràbhadh e fein fhàgail an lamhan Dè, 175
- LI. Gu beil obair iriosal ri glacail nuar a
fhàsar sgìth do nichean àrda, . . . 178
- LII. Cha 'n e toil-inntinn, ach anshocair a
tha neach a' toiltinn, 179
- LIII. Cha 'n 'eil bun aig gràsan Dè ann
an daoine talmhaidh, 181
- LIV. Gu bheil gluasadan ar nàdair is nan
gràs ao-coltach ri chèile, 183
- LV. Gum beil ar nàdar air a thruailleadh,
is gràsan Dè eifeachdach, 187
- LVI. Gu feum sinn sinn fhein aicheadh,
Criosta a leanail le giùlan ar croise, 190
- LVII. Cha 'n feum duine dol gu anabarr
bristeadh-cridhe airson tuiteam ann a'
fàillinnean, 192
- LVIII. Cha chòir abhith rannsachadh rud-
an àrda, no breitheanas diombair Dè, 194
- LIX. Gu bheil ar n-earbsa uile is ar muin-
ginn ri 'n cur an Dia mhàin, . . . 199

AN CEATHRAMH LEABHAR.

AIR AN T-SACRAMAID.

- Dea-phrosnachadh gu comaine naomh, . . . 203
- I. Gu bheil Criosta ri ghlacail le mòr chùram, 204
- II. Gu bheil mòr mhathas Dè 'sa ghràdh do dhaoine air am fiachainn anns an t-Sàcramaid, 209
- III. Gur feumail comanachadh tric, . . . 212
- IV. Gu bheil an dea-chomanaiche a' faighinn sonais mhòir, 215
- V. Air uaisle na Sàcramaid so is urraim Sagairt, 218
- VI. Ceasnachadh mu chràbhadh ro chomanachadh, 220
- VII. Air rannsachaidh cogais is rùn sgur do 'n olc, 220
- VIII. Air iobairt Chrìost' air a' ehrois, is mar bu chòir strìochdadh dha, . . . 222
- IX. Gum bu chòir dhuinn sinn fein is gach nith' againn a thairgse do Dhia, is guidh airson gach neach, 224
- X. Cha 'n 'eil comanachadh naomh ri leigeadh seachad gun suim, 226
- XI. Gu bheil corp Chrìosta, air rèir an sgiobtuir naoimh ro-fheumail do'n anam christail 230
- XII. Gu 'n d' thige' do 'n fhear a tha dol a ghlacail Chrìost' e fhein uidheamachadh le mòr shaothair, 234
- XIII. Gum bu chòir do dh' anam diadhaidh a' bhith an geall air snaim ri Criosta' anns an t-Sàcramaid le uile chridhe, 236

- XIV. An dèidh mhòr bh' aig cuid do dhaoine cràbhach air corp Chriosta a ghlacail 238
- XV. Gu 'n coisnear gràsan cràbhachd le umhlachd is fein-aicheadh, 239
- XVI. Gur còir dhuinn ar uireasbhuidh a chur an làthair Chriosta, 'sa gràsan a shireadh, 241
- XVII. Air dèidh is toil mhòir Criost' a ghabhail, 243
- XVIII. Cha 'n fhaod duine rannsachadh domhain a dhianamh air an t-Sàcra- maid so, ach mar fhearr leanmhuinn air Chriosta, a cheudan a lùbadh do creid- eamh naomh, 254

LEANMHUINN CHRIOSTA.

A' CHIAD LEABHAR.

A' CHIAD CHABIDEAL.

Air leanmhuinn Chrìost' is gràin air aimideachd shaoghalta.

1. AN neach a leanas mise, cha'n imich e ann an dorchadas, ars' an Tighearna. Sò agaibh briathran Chrìosta, a tha toirt fairgheineadh dhuinn, a chaithe-beatha 'sa bheusan a leanail, ma tha mhiann oirnn a bhith làn shoilleir, agus saor o gach doille cridhe. Smaoinichimid mata, air caithe-beatha Iosa Chrìosta mar ar gnothach a's àirde.

2. Tha teagasg Chrìosta toirt barrachd air teagasg nan naomh uile, 'sa fear aig a bheil a' spiorad gheobh e'n sin mana dìomhair. Ach tha e tachairt gu bheil iad lionor, a tha 'g èisd-eachd gu tric ris an t-soisgeul air bheag faireachdainn dha, a-chionn nach 'eil Spiorad Chrìost' aca. Ach an neach a tha 'n geall air briathran

Chriost' a thuigsinn ceart, agus gu brìgheil, feumaidh e a bheusan fhein a chuma' gu h-iomlan ri caithe-beatha Chriosta.

3. De feum ann an reusonachadh domhain mu 'n Trionaid, ma tha an umhlachd a dhìth ort, 'smar sin neo-thaitneach do 'n Trionaid? Gu-fior, cha 'n e briathran domhain a ni duine naomh no diadhaidh, ach 'se dea-bheusan a gleidheas mias dha 'n làthair Dè.

Bearr leam an t-aithreachas fhaireachdainn, na aithris. Ge do bhiodh am biobull uile agad air do theangaidh, agus facail nan daoine glic' air fad fo d' lèirsinn, 'de b' fhèirde thu sin uile gun ghaol Dè 'sà ghràsan.

Is faoin faoin a' h-uile ni ach gaol a thoirt do Dhia, agus a sheirbheiseachadh nà aonar. So agad an gliocas a's àirde, sealltuinn sìos air an t-saoghal is gluasad gu rioghachd fhathanais.

4. Is faoineis mar sin iarraidh gu beirteas fàillinneach, is ùigh a chur ann. Is faoineis mar an ciadna sireadh gu onair 'is inbh' àird. Is faoineis cuideachd togradh na feòla a leanail is nichean iarraidh a bheir pian oirnn gun dàil. Is faoineis a bhith an geall air saoghal fada, agus a bhith air bheag umhail do chaithe-beatha diadhaidh. Is faoineis ar n-inntinn a leagadh gu buileach air a' bheatha so, is gnothaichean an athshaoghail a dhìochuimhneachadh. Is faoineis spèis a thoirt do nichean a thrèigeas sinn gu grad, 'sgun siubhal air an t-slighe ad gu dian far a' bheil sòlas nach dìbir an tasgaidh.

5. Cuimhnich gu tric air an t-sean fhacal so : cha toilichear an t-sùil le faicinn, no chluas le claisneachd. Dian dìchioll mata, air do chridhe

tharruing o nichean talmhaidh, 'sà leagail air beirtean spioradail, is gu bheil iadsa a thoilicheas an ana-miannan a truailleadh an cogais 'sa' call ghràsan Dè.

II. CAIB.

Mu bharaib bhig oirnn fhein.

1. **THA** dèidh air fiosrachadh, nàdarra do 'n h-uile duine. Ach ciod an stàth am fiosrachadh gun eagal Dè? Gun mhearachd, 'sfhearr coit-fhear dùthcha, a tha ri seirbheis Dè, na sgoilear uaibhreach, a tha diochuimhneach air fhein 'sà choimhead air iùl nan réultan. An neach a thuigeas e fhein gu-math, tha e suarach 'nà shùil-ean-fhéin, agus cha gabh e tlachd a moladh dhaoine. Ge b' aithne dhomh gach ni air tal-amh, gun a'charrannachd a bhith agam, ciod a' stàth a dhianadh sin dhomh 'an làthair Dè, a bheir breth orm air rèir mo dhianadais.

2. Caisg mata, do ro-dhèidh air eòlas, is gur mòr am buaireadh 'sam mearachd a tha na lòrg. Tha daoine ionnsuichte fada an geall air iad fhein fhiachainn, 'sa bhith fo ainm dhaoine glìce. 'S ioma ni a tha an eòlas gun bheag no mhòr do dh' fheum do 'n anam. Agus is ro-ghòrach esan a leagas inntinn air ni air bith, ach beirtean a thig gu leas anma. Cha toir mòran bhriathran fois do 'n anam, ach bheir dea-chaithe-beatha socair do 'n inntinn, is cuiridh cogais ghlan mòr carbsa a Dia.

3. Mar is muà 'sa fhearr t' fhaghlum, 's ann is cruaidhe bhios do bhreitheanas, mur freagar do bheusan dha d' sgoil. Air an aobhar sin na

cuir uail a eòlas air bith no faghlum, ach gabh eagal as an ionnsachadh a th' agad. Ma tha thu saoil sinn gum beil mòran sgoil agad, agus gum bheil thu làn shoilleir innte, tuig agad fhein gur mua gu mòr a tha falach ort, na tha thu an lèir-sinn. Na bi sealltuinn ort fhein mar dhuine fiosrach, ach an àite sin aidich t' aineolas. Carson a dh' àrdaicheadh tu thu fhein fos cionn neach sam bith, is gur lionor iad a 's mua ionnsachadh na thusa, 'sa doimhne faghlum san lagh. Ma 's math leat fiosrachadh is faghlum ceart a bhith agad, iarr a bhith gun toirt gun iomradh.

4. So an leasan a 's àirde, agus is feumail' uile, fìor eòlas is fuath ort fhein. Is duine ro-ghlic is ro-choimh lion esan, a ni neopris dhe fhein, 's aig' a bheil barail mhath daonnan air feadh-ainn eile. Ge do chithe' tu neach a' tuiteam ann am peacadh trom follaiseach, cha bu chòir dhut thu fhein a shaoilsinn nas fhearr na esan, a thaobh 'snach' eil fhios agad càd a sheasas tu ann an staid mhath. Tha sinn uile lag, ach na saoil neach sam bith nas laige na thu fhein.

III. CAIB.

Mu theagasg na firinn.

1. Is sona esan a tha an fhìrinn a' teagasg le fhein, gun sgleò is gun fhuaim briathran a thèid seachad, ach mar tha i innte fhein. Tha ar barail 's ar ceudan gu tric gar mealladh, agus is beag a chi iad. De an tairbhe th' ann an cònsachadh mòr mu nichean diomhair agus domhain, nach tèid a chuntadh mar aineolas oirnn lath' a' bhreitheanais. Is mòr an aimideachd a bhith

dianamh diochuidhn' air beirtean tarbhach agus feumail, 'sa togail suas ar n-inntinn ri rudan faoin' agus peacach. Tha sùilean againn is cha 'n 'eil sinn a' faicinn.

2. De an gnothach a th' againne ri ceisdean dorcha sgoileirean. A' fear ris an labhair am facal siorruidh saorar e o iomadaidh barail. O 'n aon fhacal tha h-uile ni, an t-aon fhacal tha h-uile ni a' labhairt, agus am facal sin se an Tùs, a tha bruidhean ruinne. As eagais cha tuig neach, is cha mhua bheir e breth cheart. Esan ga 'n aon gach ni, a thairngeas gu h-aon gach ni, a chi ann an aon gach ni, faodaidh e bhith stèidheil na chridhe, agus tàmh gu sochdrach ann an Dia. O fhirinn thusa a Dhè! Dian mise m' aon maille riut ann an carrannachd shiorruidh. Is tric mi sgìth leughaidh, agus ag èisdeachd seanchais, ach unnadsa tha gach ni tha mi sireadh 'sa miannachadh. Tosdadh mata luchd-faghlum uile, sàmhach biodh gach créutair ad làth-air, thusa dian combrá rium ad aonar.

3. Mar is suidhichte a bhios duine ann fhein, is mar is saoire inntinn, 's ann is mua 's is àirde alèirsinn air gnothaichean gun dad de shaothair; a thaobh is gu bheil a sholus a' tighinn air o nedmh. Spiorad glan treibhdhireach, stèidheil cha tèid gu bruaillean le mòran gnothaichean; a chionn 'sgu bheil e dianamh oibrichean gu glòir Dè, 'sa toirt ionnsuidh air a bhith suidhichte ann fhein agus saor o gach miann talmhaidh. Ciod is mua tha cur a dh' èis is do chuimrig ort na do chridhe neo-cheannsaichte fhein. Cuiridh an duine math agus diadhaidh a gnothaichean an òrdugh an toiseach na inntinn

fhein, mun teann e ri 'n cur an gnìomh. Is cha tarruing iad e gu miann peacach, ach lùbaidh e iad gu riaghailt reusoin. Co is cruaidhe strì na esan a tha strì ri e fein a cheannsachadh.

Agus se so an gnothach bu chòir a bhith againne, se sin buaidh a thoirt oirnn fhein, is fàs nas treasa is rud-eiginn nas fhèarr, a h-uile là.

4. Anns a' choimhlionach da's àirde sa bheath-asa gheobhar giùmh air choir-eiginn, is anns gach reusonachadh a ni sinn tha ceò àraidh mu chuart da. Se eòlas iriosal ort fhein rathad is cìntiche dhut gu Dia, na reusonachadh domhain faghluim. Cha 'n e gum beil cron ann am fiosrachadh, no lom eòlas air ni air bith, a tha math ann fhein, is an rèir òrdugh Dè; ach tha cogais mhath is dea-bheusan an còmhnuidh ri 'n raghainneachadh. Ach 's lìonor iad a tha nas dhèidheil' air faghluim, na àir caithe-beatha diadbaidh, agus le sin 'stric a tha iad a dol iomrall, agus is neoneach no 's suarach an toradh a tha iad a' toirt a mach.

5. O na gabhadh daoine urad shaothair a' spionadh a mach ana-miannan, 'sa suidheachadh shubhailcean, 'sa tha iad a' gabhail, an rannsachadh chùisean diomhair, cha bhiodh uile is sgandal cho pailt a' miasg an t-sluaigh, no urad chùl-shleamhnachaidh an taighean-cràbhaidh! Gu cinnteach cha tèid fhaighneachd dhinn lath' a' bhreitheanais gu de cho math 'sa leugh sinn, ach gu de cho math 'sa rinn sinn.— Innis dhomh càit' a' bheil na maighistirean, 'sna ollaichean sin, air am b' eòlach thu nam beatha, is nuair a bha iad fo dhearrsa am faghluim? Tha am beathachadh an nis aig feadhainn eile, is

cha 'n 'eil fhios agam a' smaoinich iad orra: Shaoil daoine rud-eiginn dhiu nam beatha, ach an nis cha 'n 'eil guth orra.

6. O cho ealamh 'sa thèid glòir an t-saogh-aillse seachad! B' fhearr leam gu freagradh am beusan dha 'n ionnsuchadh, sin nuair a bhiodh an sgoil 'sam faghlum ceart. Nach lionor iad feadh an t-saoghail a tha gan call fhein le sgoil, is le cion suim do sheirbheis Dè! O 'n is e a bhith mòr bu docha leo na bhith iriosal, chrion iad as nan smaointean uaibhreach fhein. Is fìor mhòr esan aige bheil mòran carrannachd. Is fìor mhòr esan a tha neoneach na shùilean fhein, 'sa sheallas mar neoni air gach àird inbhe. Is fìor ghlic esan a mhiasas gach ni air talamh mar shalchar gu Criosta chosnadh. Is fìor ionnsuichte esan a ni toil Dè, 'sa fhàgas a thoil fhein.

IV. CAIB.

Air gliocas an gnìomh.

1. CHA 'N 'eil a h-uile facal ri chreidsinn, no h-uile gluasad cridhe ri gèilleadh dha, ach tha 'n gnothach ri chothromachadh gu cùramach socrach air rèir Dè. Mo thruaigh! tha sinn cho lag 'sgur e an t-olc is deise leinn a chreidsinn 'sa chantuinn mu'n atharrach na math. Ach cha 'n fhurasda le daoine coimhlion creideas a thoirt do 'n h-uile fear-sgeoil, is gum beil fios aca air laigse mhic-an-duine, a chlaoine gu olc, 'sa sgiorraidhean nach ainneamh an cainnt.

2. Is mòr an gliocas gun a bhith cas an gnìomh, no diarrasach nar barail fhein. 'San lòrg sin, gun sgiala chuile fir a chreidsinn, no

'n rud a chreid 'sa chuala sinn a thaomadh gu grad an cluasan an atharraich. Cuir do chomhairle ri duine tùrail agus cogaiseach, agus bi air do stiùradh le fear is glìce na thu fhein, a raghainn air do dhòigh fhein a leanail. Ni deachaithe-beatha duine glìce air rèir Dè, agus neochearbach ann an ioma gnothach. Mar is irisle a bhios duine ann fhein, is mar is striochte do Dhia, 'sann is glìce e anns gach ni, 'sa mua shiochaint.

V. CAIB.

Air leughadh an sgrìobtuir naoimh.

1. SI an fhìrinn a tha ri iarraidh sa sgrìobtur naomh, is cha 'n e fileachd bhriathran. Bu chòir an sgrìobtur beannaichte a leughadh leis an spiorad sin leis an d' rìnneadh e. Se ar math a thige' dhuinn a shireadh anns an sgrìobtur, is cha 'n e dèire seanchais. Bu chòir dhuinn leabhraichean cràbhach iriosal a leughadh le urad spèis ri leabhraichean domhain diomhair. Na cuireadh inbhe an sgrìobhadair mighean ort, co dhiu bha ionnsuchadh beag no mòr aige, ach tairngeadh gaol na tul-fhìrinn thu gu leughadh. Na faighneachd co thuirt sid no so, ach leag t' inntinn air brìgh an rud a chaidh a chantuinn.

2. Tha daoine diomain, ach fìrinn an Tigh-earna mairidh a chaidh. Gun eisiomail ri duine, tha Dia labhairt air ioma dòigh ruinn.— Tha neònachas ar cridhe fhein gu tric a' cur èis oirnn ann an leughadh an sgrìobtuir, nuair is àill leinn cùisean a thuigsinn 'sa lèirsinn bu

chòir a leigeadh seachad gun chnuasachd. Ma tha thu an geall air do mhath fhein leugh gu h-iriosal treibhdhireach cràbhach, is na h-iarr a chaidh ainm sgoileir. Faighneachd gu tograch, is èisd gu tosdach briathran nan naomh, is na cuireadh dubhfhacail nan aosda ort seirbhe, oir cha 'n ann gun reuson a chaidh an cantuinn.

VI. CAIB.

Air ana-miannan.

1. A H-UILE h-uair a dh' iarras duine gu rud midhleasnach, air ball fairghidh e furban ag èirigh na chridhe. Aig luchd-uabhair is sannt cha bhith chaidh fois. Aig duine bochd iriosal na spiorad tha mòran siochaint. Am fear nach 'eil fhathast tur marbh dha fhein, 's fhurasd' a bhuaireadh, is le nichean neoneach suarach bheirear buaidh air. An duine lag ann an spiorad, agus an càil-eiginn talmhaidh, is gann is urruinn e e fhein a tharruing buileach o thoil-eachadh saoghalta. Agus airson sin 'stric e fo mhighèan, nuair a chumas e e fein o thoil-inntinn, is bìdh lasan beag feirg' air nuair a thigear na aghaidh.

2. Ach ma ghèill e dha mbiann, tha chogais ga bhioradh san uair, airson is gu 'n lean e thoil, rud nach leasaich an t-sìth a bha uaithe. Leis a sin 'sann le cur an aghaidh ar n-ana-miannan a ruigear air fìor shìth cridhe, is cha 'n ann le gèilleadh dhaibh. Mar sin cha 'n 'eil sìth an cridhe an duin' ana-mbiannaich, no aigese a tha na thràill do nichean talmhaidh, ach aig an duin' adhartach an gnothaichean spioradail.

VII. CAIB.

Gu bheil dòchas faoin is uabhar ri seachnadh.

1. Is duine faoin a chuireas earbsa a daoine, no nichean talmhaidh. Na cuireadh e nàire ort feadhainn eil' a sheirbheiseachadh air son gaoil Iosa Criosta; is na seall air mar mhasladh a bhith bochd anns an t-saoghal so. Na cuir earbsa asad fein, ach a Dia na aonar. Dian na dh' fhaodas tu, is cuidichidh Dia le d' dhea-thoil. Na cuir earbsa as do ghliocas fhein, no seòltachd duine beo; ach a gràsan Dè, a chomhnas na daoine iriosal, 'sa dh' islicheas na h-uaibhrich.

2. Na gabh uail a beirteas, ma tha e agad, no a càirdean, ge do thachradh dhaibh a bhith cumhachdach, ach a Dia, fear-riaraiche gach ni, agus a tha deònach air e fhein a thoirt seachad thar gach ni. Na gabh bòsd a miad no dreach do phearsa, a dh' fhaodadh anshocair bheag a mhilleadh 'sa thruailleadh. Na gabh tlachd as do thapadh is as do ghliocas fhein, eagal gu mithaitinn thú ri Dia, ughdaire gach math a th' agad o nàdar.

3. Na saoil gur fhearr thu fhein na feadhainn eile, eagal gur miosa thu na iadsa am fianuis Dè, gha 'n aithne cud a th' anns an duine. Na dian uail a t' oibrichean matha, a thaobh 's nach ionann breth Dè is dhaoine; is gur tric leise giomh fhaighinn anns an rud a thaitinn ri daoine. Ma tha rud math sam bith agad, creid gum beil sin nas fhearr aig feadhainn eile, los gu 'n gleidh thu an umhlachd. Cha misd thu, thu fhein chur fo gach duine, ach 'smòr an dolaidh a ni e dhut, thu fhein a chur fos cionn a h-

aon fhein. Tha sìth daonnan aig an duine iriosal, ach ann an cridhe an uaibhrich 'stric eud is fearg.

VIII. CAIB.

Air seachnadh brìodail.

1. NA fosgail do chridhe do 'n h-uile duine, ach cuir do chomhairle ri duine glic agus anns am beil eagal Dè. A' miasg òigrìdh agus choigreach na bi ach ainmig. Na bi brosglach ri daoine beirteach, is na h-iarr dol a' miasg uaislean.

Biodh daoine iriosal agus treibhdhireach, mar sin is iadsan a tha diadhaidh beusach agad mar chompaich, is biodh do chomhra mu nichean a thig gu leas t'anma. Na dian sùgradh ri boirrionnach sam bith, ach earb mnathan math' uile ri Dia. Ri Dia na aonar is ri ainglibh dian gàirdeachas, agus seachuinn conaltradh dhaoine.

2. Tha charrannachd ri fhiachainn do 'n h-uile h-aon, ach cha'n 'eil brìodal freagrach.

Air uairibh tha e tachairt gum beil am fear nach fhacas leinn fo mhias mòr agus cliù, ach nuair a chi feadhainn e, cha 'n 'eil a dhreach a' taitne' riu no 'n lionadh an sùl. Air uairibh tha sinn an dùil gur toileachadh le daoine' ar faicinn, ach 'sann a thòisichidh iad le sin air fuath thoirt dhuinn, leis an droch ghiùlan a tha iad a' faicinn unnainn.

IX. CAIB.

Mu umhlachd is iochdranachd.

1. 'SMÒR an rud a bhith umhail do 'n atharrach, 'sa bhith fo riaghailt cinn-iuil, is gun duine bhith

air a chomhairle fhein. Is tiarainte gu mòr do neach a bhith na iochdran na bhith na uachdran. Tha mòran ann a tha nan iochdrain leis an eiginn nas mua na airson gaoil Dè; tha iad sin am pèin, is ni iad beagan gearain. Ach cha bhi saorsa inntinn aca mur strìochd iad le 'n uile thoil airson Dè. Ruith an sid no so, is cha 'n fhaigh thu sìth gu bràch mur strìochd thu gu iriosal fo riaghailt cinn-iuil. 'Sioma h-aon a mhealladh a' saòilsinn gum biodh e na b' fhearr an sid no so na rachadh e imrich.

2. Gun bhreug tha gach duine fada an geall air a bheachd fein a leanail na dhianadas, agus tha am barrachd toil aige do 'n fheadhainn a thig ga rèir. Ach ma tha Dia nar miasg, 's fheudar dhuinn air uairibh tighinn as ar barail fhein airson math na sìthe. Oir co tha cho glic is gur aithne dha h-uile ni. Air an aobhar sin na cuir ro-earbsa as do bheachd fein, ach èisd gu deònach ri barail feadhach eile. Ma tha do bharailse ceart, is gu 'n dealaich thu rithe airson Dè, is gu 'n gèill thu do dh' fheadhainn eile, nach miadaich sin do dhuais.

3. Is tric a chuala mi, gur fhearr comhairle èisdeachd 'sa ghabhail, na comhairle thoirt seachad. Faodaidh e tachairt cuideachd gum bi comhairle mhath air gach taobh. Ach diùlt gèilleadh do dhaoin' eile, nuair a tha reuson is aobhar air, is combarradh air àrdan is diarras.

X. CAIB.

Mu anabarr cainnt a sheachnadh.

1. SEACHUINN cho math 'sa fhaodas tu bruaillean

dhaoine; oir 'smòr a' chuimrig ort thu fhein a chur an luib gnothaichean saoghalta, air fheobhas ge 'm bi do bheachd is do chomhairle mu 'n dèidhinn. Oir is ealamh a thruaillear 'sa ghlacar sinn le faoineis bhrèige. Is tric a b' aithreach leam nach robh mi am thosd, is nach d' fhuirich mi o dhol a' miasg dhaoine. Ach carson tha sinn cho dèidheil air labhairt, 's air comhra ri chèile; 'sgur ainmig a sguireas sinn gun bheud cogais. So an t-aobhar; tha sinn fad' an geall air labhairt gu furtachd fhaighinn o chèile, is gus ar n-inntinn aotromachadh a tha tinn le iomadaidh smaointean. Agus 'sann air na nichean dha mua ar tlachd 's ar spèis, na 's mua shaoileas sinn nar n-aghaidh, is docha leinn labhairt is smaoineachadh.

2. Ach mo thruaigh lèir! is faoin ar subhachas agus is meallta. Oir is mòr an èis a tha 'n toileachadh so na leth-amach a' cur air aoibhneas diomhair diadhaidh. Ime sin chuiremid feum air faire agus urnaigh mu 'n càill sinn ar tìm an diomhanas. Ma tha bruidhean ceadaichte agus iomchaidh, labhar gu leas t' anma. Is fhada thèid ana-cleachdadh is leisg spioradail gu miadachadh peacannan na teanga. Ach is comhna' mòr gata, gu dol air adhart an dea-bheusan combra diadhaidh mu rudan spioradail; gu h-àraidh ma 's ionann beachd agus spiorad ann an Dia th' aig a' phàirtidh a tha cruinn.

XI. CAIB.

Mu shireadh sìth is dol air adhart.

1. Is mòr an t-sìth a dh' fhaodadh a bhith againn mur gabhamaid gnothach ri briathran is

dianadas feadhach eile nach buin dhuinn.— Ciamar is urrainn esan a bhith fada an sìth a thilgeas e fhein an ùprait an atharraich, 'sa dh' iarras aobhair bruidlean o leth-amach, is nach toir sùil ach gann no ainneamh air staid a chridhe fhein? Is beannaichte na daoine treibhdhireach o'n is mòr an sìth.

2. Carson a bha cuid dhe nan naoimh cho coimhion is cho àrd-sheallach? Gun teagamh se chionn is gu 'n d' thug iad ionnsuidh air iad fhein a chumail o 'n h-uile miann talmhaidh, 'san cridhe shnaim gu daingean ri Dia, 'sa bhith coimhead air an gnothach fhein gun bhruaidlean. Ach tha sinne ro-theann an sàs aig ar n-ana-miannan, is mua's cùramach mu rudan diomain. Agus 's ainmig cuideachd a bheir sinn làn bhuaidh air aona pheacadh, is mar sin tha sinn fuar plodach.

3. Nam bithemid tur marbh unnainn fhein, is gun chuimrig air an taobh-stigh, b' urruinn duinn an sin nichean diadhaidh thuigsinn, agus èirigh gu roinn do shealladh spioradail. An aon stairsneach is mua a tha nar rathad, se nach 'eil sinn saor o ana-miannan, is o thogradh talmhaidh, is nach 'eil sinn a' strì ri ceuman coimhion nan naomh a leanail: is gu bheil sinn, ma thig crois bheag air bith nar caramh, ro-dheas gu tuiteam gu mighean is gu iarraidh air toileachadh saoghalta.

4. Nan d' thugamaid ionnsuidh mar dhaoine treubhach air seasamh gu cruadalach ri aodan catha, gu cinnteach chithemid comhnadh Dè a tighinn ugainn a flathanas: oir is deas e gu iadsa a tha strì, 'sa tha earbsach as a ghràsan, a chobh-

air; is gur e fhein a tha cur aobhair comhraig nan rathad gu buaidh a chosnadh. Ach mur 'eil sinn ag iarraidh ach sgèimh na leth-amach nar beusan, is gearr gus an tiomraich ar cràbhadh. Ach cuiremid an tuagh ri friamh an uile, spionamaid ar n-ana-miannan as am bun, is bithidh socair inntinn againn.

5. Naspionamaid a h-uile bliadhna aon leannan-peacaidh as a bhun, cha b' fhada gus am bithemid coimhion. Ach an àite sin 'stric a tha sinn a' combarrachadh gu 'n robh sinn na b' fhearr is na bu diadhaidh an tùs ar gabhail na tha sinn an nis dèis ioma bliadhna a chaitheamh an tigh-cràbhaidh. Nas dèinne is nas adhartaiche bu chòir dhuinn a bhith a h-uile latha: ach an àite sin is rud mòr e an dràsda ma ghleidheas duine beagan dhe chiad theas. Nan rachamaid gu beagan strì an toiseach, dh' fhàsadh gach ni socrach réidh dhuinn.

6. Is duilich droch cleachdadh a thrèigsinn, ach 'sdorra na sin cur an aghaidh ar toil fhein. Ach mur tòir thu buaidh air rudan beaga suarach, ciamar a gheobh thu lamh-an-uachdar air nichean cudthromach. Cuir an aghaidh t' anamiannan na'n toiseach, leig dhiot do droch cleachd-annan, eagal gum fàs iad uidh air n-uidh nas dorra cheannsachadh. O nan tuige' tu miad na sìth' a choisneadh e dhut fhein, is miad an toil-eachaidh a bheireadh e do dh' fheadhainn eile, na leanadh tu dea-bheusan, se mo bheachd gum biodh tu nas cùramaiche mu leas t' anma!

XII. CAIB.

Air math na h-anshocair.

1. Is math dhuinn gu 'n d' thigeadh trioblaidean is croisean air uairibh nar rathad: oir 'stric leo duine tharruing uige fein, is fhiachuinn dha nach 'eil ann ach coigreach, is nach feum e ùigh a chur ann an ni air talamh. Is math dhuinn mar an ciadna gu 'n d' thigeadh daoine nar n-aghaidh, is gum biodh barail ole no shuarachaca oirnn: seadh, ged bhiodh ar beachd ceart maraon 'sar gnìomh. Miadaichidh rudan mar sin ar n-umhlachd, is gleidhidh e sinn o ghlòir dhiomhain. Le tuille dùrachd iarraidh sinn Dia mar fhianuis, nuair a bhios sinn fo thàir is fo mhichliu aig daoine.

2 Air an aobhar sin bu chòir do neach a bhith cho stèidheil neartor ann an Dia, is nach biodh e an eisiomail mòrain do thoileachadh saoghalta. Nuair a thachras do dhuine math a bhith fo thrioblaid no fo dhiachuinn, no fo bhuaireadh droch smaointean, tuigidh e sin nas fhearr cho feumail is tha Dia dha, is nach urruinn e bheag a dhianamh as aonais. An sin ni e caoidh acain is urnaigh airson nan truaighean a tha e fulang. An sin 's fada leis a tha e beo, dhùraigeadh e gu 'n d' thigeadh am bàs air, los gum faodadh e bhith fuasgailte agus maille ri Criosta. Mar an ciadna tuigidh e an sin gu math, nach 'eil dìdean no socair cheart ri fhaighinn anns a bheatha so.

XIII. CAIB.

Air Cath an aghaidh buairidh.

1. Fad ar cèilidh anns an t-saoghalsa, cha 'n urruinn dhuinn trioblaidean a sheachnadh agus buairidhean: air rèir 'smar a sgrìobh Iob: is buaireadh beatha mhic-an-duine air talamh.—
Ime sin bu chòir do 'n h-uile duine sealltuinn air a bhuaireadhean fhein 'sa bhith ri faire is urnaigh, mun faigh an deomhan fàth air a mealladh; nach caidil, ach a tha dol mu 'n cuairt a' sireadh co sgriosas e. Cha 'n 'eil duine cho naomh nach fhairich buaireadh air uairibh, is cha 'n 'eil rathad aig' air dol as air.

2. Ach 'stric le buairidhean tighinn gu mòran sta' do neach, ge trioblaideach trom iad san àm: oir umhlaichidh, glanaidh, is soilleirichidh iad e. Chaidh na naoimh uile ro mhòran thrioblaidean is dhiachainnean, agus gu 'm buannachd cuideachd. 'San fheadhainn nach b' urruinn cath an aghaidh buairidh, chinn olc, is chailleadh. Cha 'n 'eil tigh-cràbhaidh cho beannaichte, no ionad cho diomhair nach faighear ann buairidhean is croisean.

3. Duine cha 'n 'eil tur saor o bhuaireadhean fhad 's is beo e, a thaobh 'sgu bheil friamh a bhuaireidh nar nàdar, is gu 'n d' rugadh sinn làn do dh' ana-miannan. Nuair a dh' fholbhas aon trioblaid no buaireadh, thig buaireadh eile na àite, is uair air bith cha bhith sinn gun rud-eiginn ri fhulang; a thaobh gu na chàill sinn gràsan ar ciad thùis. 'S àill le mòran teicheadh o bhuaireadhean, agus 'sann is mua thig iad nan caramh.—

Mar sin cha 'n ann le teicheadh a bheirear buaidh ach 's ann le faighidin is fìor umhlachd a dh'fhàsas sinn nas treasa na ar naimhdean uile.—

Am fear nach seachainn iad ach air an taobh-mach gun am bun a spionadh, is beag a choisneas e, tillidh am buaireadh gu luath a rithist, is fairghidh e nas truim' e. Mar sin 'sann lior beag is beag, le faighidin, is buan chruadal (is gràsan Dè gad chomhnadh) is fhearr a bheir thu buaidh, na le ionnsuidhean casa bruilleanach. Gabh combhairle gu tric mu dhèidhinn buairidh is na buin cruaidh ris an fhear aig a bheil e, ach thoir furtachd dha mar bu math leat furtachd fhaighinn.

4. Se neo-chunbhalachd ar n-inntinn, is laghad ar n-earbsa a Dia is màthair-aobhair do 'n h-uile buaireadh. Mar luing gun stiuir feadh thulgadh nan tonn, 's amhuil duine màirnealach nach lean a gnothach, a' luasgadh le buaireadh a nunn 'sa nall. Fiachaidh an tein' an t-iarrunn ach am buaireadh an duine math. Is tric sinn aineolach air an rud a's urruinn sinn a dhianamh ach fiachaidh am buaireadh co sinn. Ach 'sann mu thoiseach a' bhuairidh is mua a dh' fheumaidh sinn a bhith air ar faicill, is gur ann an sin is fhasa buaidh a thoirt air an namhaid, nuair nach fhaigh e am fosgladh is lagha gu tighinn an stigh gu'r n-inntinn, is nuair a choinnichear e aig a stairsnich, cho luath 'sa gnogas e aig an dorus. Rud a thug air duin' àraidh a radh.

Am fear nach gleachd an tùs buairidh,
Leigheas a' sin se bhios uaithe.

An toiseach èiridh smaoineachadh anns an ehadh; an sin gluasad làidir; an sin toileachadh

broch thogradh, is aonta. Mar sin o cheum gu cheum gheobh an namhaid mhollaichte stigh gu a-ìomlan, mur d' thèid a choinneachadh an toiseach. Is mar is maille bhios neach a dol na harruing, 'sann is laige dh' fhàsas e, agus is treasa chinntas an namhaid na aghaidh.

5. Air cuid thig buairidhean troma an toiseach an càithe-beatha diadhaidh; air cuid eile na leireadh. Feadhainn eile tha air an sàrachadh go fad am beatha; air roinn tha buairidhean aotroma; ach sin uile tha tachairt le luthasachadh glic agus ceart. Dè, a tha cothromachadh staid agus toillteanas gach duine, agus an suidheachadh gach ni gu sàbhaladh a dhaoine taghte.

6. Ime sin cha bu chòir dhuinn tuiteam an eu-dòchas an àm buairidh, ach an àite sin ar n-urnaigh chur suas ri Dia le barrachd dùrachd, agus gu 'n deònaicheadh e ar comhnadh fo gach trioblaid, is bheir e gun teagamh (air rèir bhriathran Phòil) urad chomaraidh duinn anns a' bhuaireadh 'sgur urruinn sinn cur suas ris. Air an aobhar sin umhlaichemid sinn fhein fo laimh Dè anns gach buaireadh is anshocair; oir sàbhalaidd is àrdaichidh e luchd an spioraid iriseil.

7. Fiachaidh buairidhean is trioblaidean càd a chaidh duin' air adhart, miadaichidh iad a dhuais, agus nochdaidh iad a bheusan. Is suarach an rud do dhuine diadhaidh a bhith sùrdail dian nuair nach 'eil e fo eallach buairidh, ach ma chuireas e suas gu cruadalach ri diachainnean, is comharradh sin gu 'n d' thèid e fad' air adhart an naomhachd. Tha cuid a' seasamh fo bhuaireidhean mòra, 'sa gèilleadh gu tric an diachainnean beaga làthail; rud a tha tachairt, los gum bi

iad iriosal, is an-earbsach asda fhein an càsar cruaidhe, 'siad gam faicinn fhein cho lag ann ar rudan suarach.

XIV. CAIB.

Mu bhreth obuinn a sheachnadh.

1. TIONNDAIDH do shùilean ort fhein, 's air do dhianadas, is na toir breth air dianadas feadhach eile. A' toirt breth air feadhainn eile tha saoth-air duine gun fheum, 'sa bhinn gu tric mearachdach, is cha saor i o pheacadh; ach an uair a bhios duine a' toirt breth air fhein is ga rannsachadh fhein, tha shaothair daonnan a' tighinn gu bhuannachd. Air rèir 'smar a tha gnothach a ruighinn ar cridhe 'sann is tric leinn breth a thoirt air, is cha 'n fhurasda dhuinn tuiteam air breth cheirt le miad ar spèis dhuinn fhein. Ach nam b' e Dia a bhiodh daonnan nar n-aire cha bhithemid cho deas gu corruich a ghabhail nuair a rachadh daoine an aghaidh ar beachd.

2. Ach 'stric le rud-eiginn a bhiodh a' falach nar cridhe, no tachairt o leth-amach a tha gar tilgeadh o iùl reusoin. Is lionor iad a tha fioniosal gan sireadh fhein nan gnìomhan, is cha 'n 'eil fhios aca air. Bìdh coltas caoin fhè air an inntinn, fhad 'sa dh' èireas gnothaichean leo, 'sa fhreagras iad gam miann, ach cha luaithe thig cùisean nan aghaidh na ghabhas iad corruich is antlachd. Mar nach 'eil beachd agus barail dhaone daonnan a' freagairt ga chèile, is tric a thogas sin cònsachadh eadar chàirdean is choimhearsnaich, eadar mhanaich is chràbhaich.

3. Is duilich seana chleachdadh a thrèigsinn,

cha 'n ann ga dheòin a dh' fhàgas duine a harail fhein. Ach ma 'sann as do lèirsinn fhein gus as do thapadh is mua tha t' earbsa, na a ràsan Iosa Criosta, is gann agus anamuch a hios tu ad dhuine soilleir: oir 's àill le Dia gum ithemid làn sthriochte dha, is gu 'n leumamaid os cionn reusoin air sgiathaibh gràidh.

XV. CAIB.

Air gnìomhan na carrannachd.

1. AIRSON ni air talamh, no spèis do dhuine fo a ghrèin, cha 'n fhaodar peacadh air bith a dhianamh: ach faodar air uairibh gnothach math a leigeadh seachad gu freasdail air duine feumach, no 'n obair a thionndadh gu tùrn a's fearr; nar sin cha 'n eil an gnìomh math ga chall, ach ga atharrachadh gu rud is fhearr. Gun a' charrannachd cha 'n 'eil stàth an obair na leth-amach; ach a h-uile ni thèid a dhianamh leis a charrannachd, air a laghad 's air a shuaraiche, thig a h-uile gu mòr stà dhuinn. Gu deimhinn 'sann air rèir miad do thoil, agus do ghaoil, a tha Dia a' mias do dhianadais, is cha 'n ann air rèir urad 'sa rinn thu.

2. 'Smòr a tha e dianamh a' fear aig a bheil nòran gaoil. 'Smòr a tha e dianamh a' fear a tha dianamh a ghnòthaichean gu math: is tha e san a' dianamh a ghnòthaicean gu math, a tha cur ri seirbheis a chumanta a raghainn air a thoil fhein. Ach is tric tha miann na feòla ceilte fo chleòc na carrannachd: oir 's ainneamh a thèid iarraidh ar nàdair, ar toil fhein, dùil ri

duais, toileachadh ri buannachd, tur air chùl na dianadas.

3. Am fear aig a bheil carrannachd cheart agus choimhlion, cha sir e e fein ann an ni air bith; ach se glòir Dè mhàin a chur air adhart rùn a chridhe. Cha 'n 'eil farmad aige ri duine beo, a chionn is nach e e fhein a thoileachadh a tha e sireadh, no tlachd a ghabhail as fhein: ach se bhith sona ann an Dia àrd aoibhnas. Mathas air bith cha 'n 'eil e cur as leth duine air talamh, ach cliù gach ni tha e toirt do Dhia, a fuaran o 'n d' thàinig iad, is anns a bheil na naoimh air fad an snàmh an aoibhnas. O nach biodh stradag bheag do 'n fhìor charrannachd aig neach! 'S ann an sin ga rìreamh a shealladh e air gach ni talmhaidh mar aimideachd.

XVI. CAIB.

Air cur suas ri fàillinnean feadhach eile.

1. AN rud nach urruinn duine a leasachadh ann fhein, no anns an atharrach, is còir dha cur suas ris le faighidin, gus a' faic Dia iomchaidh a chùis atharrachadh. Smaoinich agad fhein gu bheil an gnothach theagamh nas fhearr mar a ta e, mar chùis dhiachainu is fhaighidin: oir gun an fhaighidin is beag is fhiach sinn. Ach thige dhut urnaigh làidir a chur suas nuair a bhios tu fo chroisean do 'n t-seòrsa so, fiach an deònaicheadh Dia dhut a chobhair, gus gu 'n cuireadh tu go socrach suas riu.

2. A fear nach gabh do chomhairle air a chiad no 'n ath ionnsuidh, na bi a' strì ris, ach fàg an gnothach an urra ri Dia, los gum bi thoil diante,

gu faigh e cliù o sheirbheisich gu leir, is gur ath is aithne dha an t-olc a thionndadh gu ath. Ionnsuich cur suas gu faighidneach ri illinnean feadhach eile, is ri 'n laigsean do 'n -uile seòrsa; oir 's ioma giomh a tha unnad ein a th' aig feadhainn eile ri 'n giùlan. Mur il e t' urruinn thu fhein a dhianamh mar bu math at, ciamar a dh' fhaodas tu an t-atharrach a oirt gu d' riaghailt. Bu toil leinn feadhainn le fhaicinn coimhion, an dèis sin cha leighis un ar giomhan fhein.

3. Bu math leinn feadhainn eile a bhith fo dhàn cruaidhe, ach cha mhat leinn sinn fhein bhith fo lagh air bith. Is fada leinn a straoth a thàs a leigeil le feadhainn eile, ach strian na 'n fhuilig sinn a chur ruinn fhein. Bu mhat leinn feadhainn eile a bhith fo chuibhchean cruaidhe, ach sinn fhein cha 'n fhuilig eud. Mar sin is gnothach soilleir gur ainmig na sinn a toirt an aona chothrom do 'n atharrach a tha sinn a toirt dhuinn fhein. Nam biodh h-uile duine coimhion, ciod an sin a bhiodh gainn ri fhulang airson Dè.

XVII. CAIB.

Air beatha manaich.

. FEUMA' tu do thoil fhein a leigeil dhìot an ma càs ma tha mhiann ort rèit' is còrdadh a hith eadar thu fhein is feadhainn eile. Cha nothach aotrom a bhith ann an tigh-cràbhaidh an comunn bhraithrean, is caithe-beatha gun hìomh a leanail an sin, 'sa bhith seasrach dìleas u ruig am bàs. Is buidh dhàsan a chaith a

làitheam an sin gu diadhaidh, 'sa chuir crioc orra le dea-bhàs. Ma 's math leat a bhith a stèidh cheirt, is fàs diadhaidh, seall ort fhein ma choigreach is mar fhear-cuairt air talamh. Feum ma' tu a bhith ad uipeir airson Chrìosta, ma th shannt ort caithe-beatha naomh a leanail.

2. Is beag stà na deise 'sa bhearraidh-chruinn ach se sgeadas nan deà-bheus, is cur dheth ana cleachdanan, a ni manach ceart diadhaidh. A neach a chuireas ùigh ann an ni sam bith eile ach Dia na aonar, is sàbhaladh anma, is anshoc air is dòruinn a chrannchar. Is cha 'n 'eil seò aige cuideachd air fuireach fad' an sìth, mur iar e a bhith an iochdar is fo 'n h-uile duine.

3. 'Sann gu seirbheis a thàine tu, is cha 'n an gu bith ad mhaighistir, 'sann gu fulangas is gnìomh, mar tha fios agad, chaidh do ghairm is cha 'n ann gu diomhanas is cainnt ghòraich. An so tha daoine fo dhiachuinn mar an t-òr sa teallach. Rathad cha 'n 'eil aig duin' air seas amh mur umhlaich e e fhein le uile chride airso. Dè.

XVIII. CAIB.

Sàmhla nan Aithrichean Naomh.

1. SEALL air beo-shàmhla nan aithrichean naomh anns an robh fìor choimhlionachd is creideamh a' dealradh, agus chi thu cho beag agus falamh 'sa tha ar dianadas fhein. Mo thruaighe! cionn i a' beatha againne ann an coimeas ri 'm beusan. Na naoimh agus càirdean Chrìosta chuir ri seirbheis an Tighearna an acras 's am pathadh, an fuarachd 'sa luime, an saothair 'san ànradh, ar

aire 'san traisg, an urnaigh 'sa smaointe diadh-
idh cridhe, an geur leanmhuinn 'sa mòran
àire.

2. O nach bu lionar is nach bu trom na diach-
innean ro 'n deach na h-ostail, na martàirean,
na h-aidmheilich, na h-òighean, is gach aon eile
dh' iarr imeachd ann an ceuman Chrìosta?
Dha'n anam fhein san t-saoghalsa thug iad fuath,
us gum mealadh iad e sa bheatha mhairean-
taich. O nach bu chruaidh, nach bu chlaoidhte
aithe-beatha nan aithrichean naomh san fhà-
ach? Nach bu bhuan, nach bu trom na diach-
innean ro 'n deach iad? Nach bu tric iad fo
bhuairadh a' namhud? Nach bu lionar an
urnaigh ri Dia is nach bu teth? Nach bu trom
m peanas orra fhein? Nach bu dian dùrachd-
ach an ionnsuidh air dol air adhart ann an
liadhachd? Nach bu làidir a chath iad an agh-
idh aintheas an ana-miannan? Nach bu cheart
lìreach a stiùr iad am beachd air Dia? Fad an
atha chuir iad ri gnìomh, is an oidhche bhuilich
ad air cràbhadh. Ged bhiodh an lamhan ag
bair, cha lasaicheadh an cridhe o chomhra naomh
i 'n Cruthadair.

3. Bu math a bhuilich iad an tìm air fad.
Bu luath-shiubhlach leo gach uair dhi na 'n
ràbhadh diombair ri Dia, an cridhe an leaghadh
e sòlas 'snach biodh cuimhn' aca air feum na
oluinne. Ri beirteas gu h-iomlan, inbhe àird,
sonair chuir iad cùl, mar sin ri càirdean is ri
àimhich. A' bheag air bhith do 'n t-saoghal
o cha d' iarr iad aca. Air tiachd-an-tìr na col-
inne fhein is gann a bheireadh iad sùil, 'sa riar-
chadh na feum bu chàs orra. 'S amhuil sin a

bha iad bochd ann a' maoin shaoghalta, ach saoi bhir ann an gràsan is sòlas diadhaidh.

4. Bu choigrich iad san t-saoghal, ach bu nàbaidhean do Dhia is bu chaomh chàirdean.— Mar neoni sheall iad orra fhein, is fo thàir bha iad aig daoine; ach bu phrìseil iad an sùile Dè is bu ghràdhach. Bi an irioslachd an stèidh an umblachd bha imeachd an ceuman, mar sin an carrannachd 'sa faighidin: air an dòigh sin leasaich gach là am beusan spioradail, 's an fàbhor am fianuis De. Bu sgàthan beatha iad de chràbhaich uile; is thige' dha sàmhla ar pros nachadh gu naomhachd le barrachd neirt, na meaghbhas na fuar chràbhach gu mobhsgaid.

5. O nach bu dian ionnsuidh nan daoine diadhaidh air fad na ciad thòiseachadh! O nach bu teth an strì mu dheagh-bheusan! Nach bu bhòidheach fo bhlàth an sin eilean naomh Nach b' umhail, nach bu sthriochte gach aon f uachdran spioradail? An sàmbla dh' fhàg ia nan dèigh is comhdach air miad an naomhach 'san coimhlionachd; nuair a stàmp iad a saoghal fo casaibh le 'n cath cruaidh sa chogad spioradail. Ach an nis saoil ear mòran do neac mur 'eil e a' tuiteam ann am peacannan, is m 's urruinn e an gnothach a ghabh e fos laimh chur an gnìomh gu faighidneach.

6. O cho meirgeach is cho plodach 'sa tha sinn air fàs, nuair a dh' fhuaraich sinn cho luath o the ar ciad cràbhaidh: an diugh is eallach ar beath oirnn a ghiùlan le miad ar leisg agus ar n-airse eil! Gu 'n d' thugadh Dia dhutsa, a chunaic liuthad dea-shàmbla, nach fuaraich thu tur ar ad t'ionnsuidh air subhailcean.

XIX. CAIB.

Mu dhleasnas an dea-chràbhaich.

1. Bu chòir caithe-beatha an dea-chràbhaich lealradh a mach leis a h-uile subhailc, air chor s gum freagair beusan a thaoibh-stigh, do bhar-til dhaoin' air an taobh-mach. Gun teagamh, hige' do 'n taobh-stigh, barrachd a thoirt air 'n taobh-mach: oir tha Dia fos ar cionn a' oimhead oirnn, is bu chòir dhuinn a bhith o fhiamh na làthair anns a h-uile h-àit' am bi inn, is gluasad cho naomh ri ainglibh na fhian-uis. Bu chòir dhuinn ar n-inntinn ùrachadh a h-uile latha, agus sinn fhein a bheothachadh gu gnìomh, mar gum b'e sin an là a bhithemid air ar thòiseachadh; a' cantuinn, a Thighearna, an t-ian mo chombnadh, gus an rud a tha 'm beachd a chur an gnìomh, agus do sheirbheis naomh a chur air adhart; thugas domh gu 'n tòisich mi an diugh ga rìreamh; oir gu so cha d' rinn mi beachd a mhath.

2. Air rèir ar dùrachd 'sann a thèid sinn air adhart, is tha mòran saothair riatanach dhasan a tha cur roimhe ruighinn air àrd bheusan. Agus an t-ia tha 'm fear a's treasa beachd gu tric air dheir-eadh na gnìomh, ciod a dh' èireas dhasan nach eil ach ainneamh no marbhanta a' cur roimhe? Dir 's ioma rud a thig nar rathad a thilgeas air is sinn: is gann a ni sinn an dearmad a's lagh' air dleasnas air bith gun chall duinn. 'Sann a' rasan Dè, cha 'n ann a 'n gliocas fhein a tha a' cur arbsa nan naomh: 'sann a chombnadh a tha 'n àil ri soirbheas anns gach ni ghabhas iad fos

laimh. Cuiridh an duine roimhe, ach tha Di-riaghladh a' ghnòthaich; is cha 'n 'eil sligh duine na laimh fhein.

3. M^a 's gnothach diadhaidh no feum an ath-arrach a bheir oirnn air uairibh dleasnas àraid a leigeil dhinn, is fhurasda breith air uair eile ach ma se airsneal no leisg a thug oirnn fhàgai fairghidh sinn gu 'n robh ar coire trom agus mì-teach. Ach a dh' aon dichioll ga 'n dian sinn bithidh sinn fàillinneach an iomadaidh càs. Ac feuma' sinn daonnan gnothach sònraichte a choir-eiginn a chur romhainn; gu h-àraid a gleachd an aghaidh nan giomhan a 's mua tha na n-aoraibh. Tha 'n taobh-stigh 'san taobh-mac againn ri 'n rannsachadh is ri 'n cur an òrdugh oir gach aon diu tha feumach air rian gu subailcean a chosnadh.

4. Mur urruinn thu a bhith sealltainn o fhein gun lasachadh, an car a 's lagha seall o fhein air uairibh, aon uair san latha mar ainmig: gu h-àraid much no anamuch. S mhaduinn cuir romhad, is mu fheasgar ran saich do bheusan, is seall air an dol-amach b agad am briathran, an gnìomhan 'sa smaointear oir leo sin theagamh gu na choirich thu-gu tr an aghaidh Dè is do choimhearsnaich. Tog o mar ghaisgeach, is cath an aghaidh ionnrach an an deomhain; cum smachd air craos, ag 'sann is fhasa dhut uil' iarratus na feòla a cheann suchadh. Na bi tur diomhain uair air bith; ac a' leughadh, no sgrìobhadh, no 'g urnaigh, ri smaoinneachadh math ad chridhe, no dianan rud-eiginn a thig gu math an taighe. Ach tl gnìomhan corporra ri 'n cur an cèill le cunbhai

ir cha 'n e an aona chàil th' aig a h-uile duine haibh.

5. An rud nach buin do 'n chumanta cha 'n eil e ri dhianamh am follais; oir 'sann an uaig-eas a 's fhearr a fhreagras a leithid sin do gnothach a bhith. Ach thoir an aire nach bi thu leisg n' gnothaichean cumanta, agus iasgaidh ad niomhan uaigneach fein: ach ma chuir thu eachad gu poncail is gu dìleas gach seirbheis is rdugh cumanta, faoda' tu an sin, ma bhios ùin' nn, tionndadh riut fein, a' dianamh mar a dh'arras do chràbhadh. Cha 'n fhreagar an aon ob-ir do 'n h-uile fear, se 'n gnothach so a's fhearr chòrdas ris an duine so, an gnothach ad ris an uin' ad eile. A bhàrr air sin, tha gnothaich-an a' caochladh mar an tìm: cha 'n ionnan eirbheis a thaitneas ri feadhainn air làithean èille is air laithean eile. An dleasnas so tha reagrach an àm buairidh, an dleasnas ad eile ri inn sìth agus sàmhchair. Tha sinn an geall air ta smointean so an àm bròin, air na smaoin-ean ad eile nuair a ni sinn gàirdeachas anns an fighearna.

6. Ri linn fhéilltean mòra, bu chòir dhuinn oiseachadh air ar dleasnasan a chur air adhart nar gu b' ann as ùr, is eadarghuidhe nan naomh arraidh le mòran dùrachd. O aon latha fèille 'u latha fèill' eile, bu chòir dhuinn beirtean nath' a leanail, mar gum b' ann an sin a bhiodh gainn ris an t-saoghal so fhàgail, is dol gu fèisd hiorruidh. Is amhuil sin bu chòir dhuinn sinn ein uidheamachadh le suim air laithean naomha, s sinn fein a ghiùlan nas diadhaidh, agus gach dleasnas choimhlionadh nas cùramaiche, mar

gun biodh ar duais againn ri fhaotuinn o Dhia gun dàil.

7. Is ma bhios an dàil ann creidemid nach robh sinn deas nas leòr, is nach b' fhiach sinn fhathast tighinn gu glòir cho mòr 'sa thèid a shoilleireachadh unnainn san àm iomchaidh: is rachamaid gu 'r dùbhlán gu bhith nas uidheamaichte airson na crìche deireannaich sin. Is sona (ars' an soisgeulach Lug.) an duin' a gheobh an Tighearna, nuair a thig e, ri faire. Gu fìrinn-each tha mi cantuinn ribh, gu 'n cuir e fos cionn a mhaoin uile e.

XX. CAIB.

Mu dhèidh air uaigneachd is tosdachd.

1. IARR dhut fhein àm freagarach, agus beachdaich gu tric air tiodhlaicean Dè. Cuir faoineis air chùl. Leugh na rudan a ghluaiseas bròn, a raghainn air nichean a chosgais saothair. Ma thairngeas tu thu fhein o chomhra faoin, is c chuirtean diomhanach, is o thoirt cluais do naidheachdan is do sgeulaibh, gleidhidh tu pailteas ùine gu leigeadh air dea-smaointean.— Sheachainn na naoimh bu mhua nuair a dh fhaodadh iad cuideachda dhaoine, is thug iad a raghainn comhra Dè ann an diomhaireachd.

2. Thuirt duine àraidh, cho tric 'sa chaidh mi am miasg cuideachda, thill mi na bu lagha am dhuine. Tha so fìor, is tric ri fhaicinn, nuair a leanas sinn fad air conaltradh. Is fhasa gu mòr fuireach sàmhach, na gun fhacal corra chantuinn. Is fhasa a bhith am falach aig a' bhaile, na bhith tiarainte nas leòr uaithe. Mar sin am fear a

na 'n geall air gnothaichean diomhair agus spior-
dail, feumaidh e dol a leth-taobh o'n t-sluagh
maille ri Iosa. Cha d' thig neach air bith am
ollais gu tiarainte ach esan a tha tìtheach air
bhith falach. Cha labhair neach air bith gu
tiarainte, ach esan a tha sireadh a bhith na thosd.
Cha 'n 'eil neach air bith tiarainte na mhaigh-
stir, ach esan nach ob a bhith na sheirbheiseach.
Cha 'n 'eil neach air bith a riaghlas gu tiarainte,
ach esan a sthriochd gu math do rian.

3. Cha ghabh neach air bith toil-inntinn
tiarainte, ach esan aig am bheil teisteanas dea-
hogais. An dèigh sin uile bha tiarainteachd nan
taomh uile làn do dh' eagal Dè: is cha bu laghd-
chadh air an cùram is air an umhlachd iad a
bhith làn do subhailcean is do ghràsan. Ach an
tiarainteachd a tha na peacaich an saoil sinn aca
heine, cha 'n 'eil innte ach miar do'n uabhar is
to dhànadas, a mheallas air a' cheann thall iad.
Na earb gu bràch a tiarainteachd anns a' bheath-
sa; ge do thachradh e dhut a bhith ad dhean-
hanach na ad aonaran cràbhach.

4. Is tric leis an feadhainn a's mua mias aig
laoin' a bhith am barrachd cunnairt le 'm barr-
achd dànadais. Mar sin se is freagraiche do
nhòran gun bhith as eugais buairidh, ach fo
liachuinn gu tric, eagal gum faodadh iad le'n
ro-thiarainteachd nam barail fhein èirigh gu
àrdan, no ruith mua 's deas gu toileachadh
saoghalta. O nach buidh dhasan, nach d' iarr
ciamh sòlas diomain, 'snach do chuir ùigh anns an
t-saoghal; 'sann aig' a dh' fhaodas an dea-chogais
a bhith! O nach buidh dhasan a thilg dheth
gach cùram talmhaidh, 'sa leag a bheachd uil'

air nichean tarbhach agus naomh, agus a chuir a dhòchas air fad an Dia, 'sann aig' a dh'fhaodas an t-sìth mhòr a bith agus an t-sàmhchair!

5. Cha 'n fhiach duine toileachadh fhaotuinn a fathanas, mur 'eil a chridhe air a sgaradh gu goirt leis an aithreachas naomh. Ma 's math leat gu 'n drùigheadh an t-aithreachas gu domhain air do chridhe, gabh a stigh gu t' sheòmar, agus druid a mach bruaillean saoghalta; air rèir 'smar tha e sgrìobhte; na 'r seòmraichean gabhaibh aithreachas. Gleidhidh tu ann ad sheòmar an rud a chailleas tu gu tric a mach as. Gleidhidh seòmar a chumar blàs, ach mur cumar gu math e fàsaidh e fuar neo-thaitneach. Ma ni thu t'ionad buan dhe agus do thuinidh an toiseach do chràbhaidh, fairghidh tu an dèigh sin e na àros aoibhinn agus blasda.

6. 'Sann le sàmhchair is sìth a dh'èireas anam cràbhach gu diadhachd, 'sa thuigeas e diomhaireachd an sgrìobtuir. An sin gheobh e fuaran àghor nan deur, leis an glan 'sa nigh e e fhein gach oidhche, is leis a' fàs a chomhra nas blàithe ri chruthadair, air rèir is mar a leigeas e saoghalsas as aire. Mar sin am fear a thrèigeas a luchd-èolais 'sa chàirdean dlùthaidh e nas teinne air Dia, 'sair ainglibh naomh. 'S fhearr do neach a bhith an uaigneas 'sa toirt an aire air fhein, na e fhein a dhiochuimhneachadh, is miarailtean a dhianamh. Is cliuiteach do dhuine cràbhach a bhith ainmig a mach, agus seachnach air e fhein fhiachuinn, is daoine fhaicinn.

7. Carson a bhiodh dèidh agad air rudan fhaicinn, is nach fhaod thu an sealbhachadh? Thèid an saoghal seachad le uail Bheir togradh

almhaidh air duine gu 'n d' thèid e a spaisdeir-
eachd, agus cho luath 'sa thèid sin seachad, ciod
a bheir e dhachaidh ach cnàmh cogais is seach-
an-inntinn? An dèis cuart aighearaich, is tric
a tha tilleadh brònach, 'san dèis oidhche chritheil
ha-maduinn airtealach. 'S amhuil sin tha h-uile
macnus taitneach na thoiseach, ach na dheireadh
àn guin is puinsean. Ciod a tha ri fhaicinn an
ait' eile, nach 'eil ad shealladh an so fhein?
Feuch, neomh, agus talamh, is na dùilean gu
èir: oir asda sin chaidh gach ni chruthachadh.

8. Ciod is urruinn thu fhaicinn an àit' air
bith, aig bheil buanas is mairsinn. Theagamh
gum beil thu an dùil do chridh' a làn thoileach-
adh, ach sin rud nach gabh dianamh. Ge do
chithe' tu gach ni air talamh, ciod a bhiodh ann
ach sealladh faoin? Tog do shùile suas ri Dia, is
gabh aithreachas airson do pheacannan is do
dhearmadan. Fàg aimideachd aig amadain, ach
biodh t' airese air na dleasnasan a dh' òrduich
Dia dhut. Dùin ort fhein do dhorus, is gairm
ad ionnsuidh Iosa, do luaidh. Fuirich maille
ris ad sheòmar; oir an àit' eile cha 'n 'eil urad
shìth dhut. Nam biodh tu gun dol a mach, is
gun chluais a thoirt do naidheachdan, bu shèimh
a bhitheadh do shìth. Ime sin uair air bith a
dh' èireas suigeart ort gu sgeulaibh èisdeachd,
cuimhnich gum beil bruailean inntinn an cois
a leithid sin.

XXI. CAIB.

Air bròn cridhe.

1. MA 's math leat dol ceum beag air t' adhart

an naomhachd, cum thu fhein an eagail Dè ; is na bi mua 's saor : ach smachdaich gu math d' cheudan uile : is na toir thu fhein seachad d' chrithealas faoin. Leig air bròn cridhe is gleidhidh tu cràbhadh. Is dorus bròn cridhe air an d' thig ioma sonas a steach, a chaillear gu tric l' taobhasdal inntinn. Is gnothach iongadach gu urruinn an duine sin ruighinn air làn thoileachadh anns a' bheatha so, a smaoinicheas air fhein, 's sheallas air an sglàmbachd anns am bheil e, 's liuthad cunnart anma a tha mu chuart da.

2. Se aotromas inntinn, is cion suim gar fàillinnean a dh' fhàg sinn gun fhaireachdainn d' lotan ar n-anma : agus is tric ar gàire, nuair bu chuibhe dhuinn gal. Cha 'n 'eil fìor shaors ri fhaotuinn, no làn thoileachadh, ach an eagail Dè, 'san dea-chogais. Se mo niarachd am fea a's urruinn e fhein a ghleidheadh o'n h-uile seacharan inntinn, agus a chridhe leagadh air aithreachas beannaichte. Se mo niarachd esan a's urruingach ni a chuireas smal no eallach air a chogais a chur air chùl. Gleac gu smearail ; cuirid cleachdadh cleachdadh air chùl. Ma 's aithne dhut leigeil le daoine, is math is aithne dhaibhs leigeil leatsa do gnothach fhein a dhianamb.

3. Na gabh pàirt an gnothaichean an athary aich, is na cuir thu fhein an luib cùisean d' shinnsre. Ort fhein biodh do shùil an comhnuid teagaisg thu fein an seòl sònruichte, a raghain air iadsa a's docha leat. Mar 'eil umhail aig daoine dhiot, na cuireadh sin ort gruaman ; ac ruigeadh so do chridhe, nach 'eil do ghiùlan, is aire ort fhein cho math 'sa dh' fheumadh seirbheic each Dè, agus dea-chràbhaiche. Is tric a tha

as feumaile do neach, is nas tiarainte, a bhith ir bheag toileachaidh anns a' bheatha so, gu -àraidh do 'n choluinn. Mur 'eil sinn a' blasad ir sòlas spioradail no ga fhaireachdainn ach innig, 'sann againn fhein a tha choire, a chionn ach 'eil sinn a' leigeadh air bròn cridhe, is nach 'eil sinn buileach saor o ghòraich is faoineis halmhaidh.

4. Tuig agad fhein nach airidh thu air sòlas pioradail, ach toillteanach air mòran anshocair. Nuair a bhios duine fo chràdh mòr cridhe bithidh an saoghal uile na eallach air, is na sheirbe. Gleidhidh an duine math nas leòr do dh' aobhair ròin agus mulaid. Co dhiu sheallas e air fhein, no air a choimhearsnach, chi e nach 'eil duine eo gun anshocair. Agus mar is mua a bheachdicheas e air fhein, 'sann is truime a bhios a bhròn. Na fìor aobhair bhròin is aithreachais siad so, ar beacannan, is ar n-ana-miannan, anns a bheil sinn an ceangal cho teann, is gur ainneamh is urruinn luinn ar cridhe a leagail air nichean diadbaidh. Na smaoinicheadh tu air a' bhàs nas mua na ìneadh làithean, cha 'n 'eil teagamh agam nach rachadh tu air t' adhart an dea-bheusan le tuille ùraim. Na gabhadh tu mar an ciadna sàr bheachd air pian iutharna, agus a' phurgadair, ha mi a' chreidsinn gu 'n giùlaineadh tu triobaid is anshocair le tuille toil, is nach cuireadh anastachd air bith eagal ort. Ach a chionn is gur rudan sin nach 'eil a' drùghadh air ar cridhe, is gu bheil sinn fhathast a' sireadh sògh saogh-alta tha sinn a leantuinn air a bhith fuar plodach ar cràbhadh.

6. Is tric a tha càil spioraid uainn, rud a tha

na aobhar gearain do 'n choluinn gu tric. Air an aobhar sin dian urnaigh iriosal ris an Tigh-earna gu tric, gu 'n d' thugadh e dhut spiorad an aithreachais, is abair, mar am fàidh; beathaich mi, o Thighearna, le aran nan diar, is thoir deoch na tùrsa dhomh an tomhas.

XXII. CAIB.

Smaointean air truaighean chluann-daoine.

1. Is duine truagh thu a dh' aon àite ge 'm bi thu, no gus an tionndaidh thu thu fhein, mur tionndaidh thu ri Dia. Carson a tha thu fo sprochd nuair nach 'eil gnèthaichean a dol leat mar bu math leat, is mar do mhiann? Co an neach aig a'm bheil gach ni air rèir a thoil? Cha mhise e, cha tus' e, cha duin' air talamh.— Cha 'n 'eil duine fo 'n ghrèin gun anshocair air choir-eiginn no eugail, biodh e na rìgh, no na phàpa. Ach co is fhearr staid? Gu cinnteach se esan a's urruinn rud-eiginn fhulang airson Dè.

2. Their mòran do dh' fheadhainn anfhann lag, Feuch, nach ann aig an fhear ad a tha an dea-chaithe-beatha, nach beirteach, nach àrd, nach cumhachdach, nach uasal e. Ach gabh beachd air rudan diadhaidh, agus chi thu gur neoni na rudan talmhaidh sin, gur neo-chinnteach iad, is gur eallach trom ri ghiùlan; a thaobh is nach 'eil dòigh air an sealbhachadh gun imcheist is gun chùram. Cha 'n e àrd shonas duine cuid shaogh-alta bhith aige gu àilleas, is leòr dha cuibheas.— Is fìor thruaighe bhith beo air talamh. Mar is mua a shireas duine bhith diadhaidh, is ann is mua ghràin air a' bheathasa, a thaobh gur ann is

nua fhaireachdainn 's is fhearr a fhradharc air ruaighean coirbte chlann-daoine : oir a bhith an eisiomail iche, òil, caithris, cadail, fois, oibre, s nichean mar sin a tha nàdar a' sireadh, is fìor bhruaighean is trioblaidean do dhuine cràbhach, a tha sireadh a bhith saor agus glan o 'n pheacadh.

3. Is mòr an t-eallach air duine smaoinichail fìrthealadh do 'n cholunn anns a' bheathasa.

Sann airson sin a rinn am fàidh an urnaigh naomh so, los gu faigheadh e bhith saor o 'n uallach sin ; a' cantuinn ; o m' uireasbhuidhean saor mi, o Thighearna. Ach siad mo thruaigh, iadsan a tha aineolach air an trioblaidean, ach is seachd truaighe iadsa aig a bheil spèis do 'n bheatha bho chd thruaillidh so. Oir tha cuid do dhaoine cho dèidheil air a' bheatha so, (ged is gann le 'n saothair, no le baigeireachd fhein a ghleidheas iad an iomfhuasgladh) is gum fuirgheadh iad san t-saoghal so feasda, nam faodadh iad, gun dad do shuim do rioghachd Dè.

4. O dhaoine gun chiall, gun chreideamh, nuair tha sibh cho domhain fodha ann am muir an t-saoghail so, is nach aithne dhuibh ach nichean talmhaidh ! Ach na creutairean dosgach, tuigidh iad air an cosg mu dheireadh, cho faoin is cho neoneach 'sa bha na rudan a ghlac iad nan cridhe le urad spèis. Ach naoimh Dè, is cràbhaich dh'èileas Chrìosta, cha do dh' iarr àilleas a thoirt do 'n cholunn, no mòrchuis aimsireil ; ach an dùil sam beachd uil' a bha leagte air sonas siorruidh. Bha uil' ionnsuidh an cridhe a' sireadh gu nichean buan agus spioradail, eagal gu 'n tairgte le miann saoghalt iad thun an talmhuinn. Na càill do dhòchas, a brathair, nach ruig

thu air beusan diadhaidh ; tha tìm agad fhathast is soirbheas.

5. Carson a chuireadh tu dàil sa gnothach : tog ort, is toisich san uair : is abair ; So àm a' chatha, so an t-àm freagrach gu dea-rian a chur air mo bheusan. Nuair a bhios tu tinn is fo thrioblaid sin an t-àm gu cosnadh duais. Feuma' tu dol ro theine is ro uisge mun ruig thu air fois. Mar cuir thu èiginn ort fhein, cha toir thu buaidh air an olc. Fhad 'sa bhios sinn sa choluinn bhreòite so cha 'n urruinn sinn a bhith gun pheacadh, no saor o airsneal is trioblaid. Bu toil leinn a bhith socrach is saor o thrioblaid ; ach o na chàill sinn leis a' pheacadh ar ciad ghràsan chàill sinn mar an ciadna ar còir air fois fhìrinnich. Leis a sin chuiremid feum air faighidin, ag earbsa an iochd Dè gu 'n d' thèid crioch air a' pheacadh, is gu n' toir a' bheatha dhinn trusgan a' bhàis.

6. O laigse mhic-an-duine, 'sa ro-dhèidh air an olc an comhnuidh ! An diugh tha thu 'g aideach do pheacannan, 'sa màireach tha thu a' tuiteam sna peacannan ciadna air t' ais. An dràsda tha thu a' cur romhad an aire thoirt ort fhein, agus an ceann uair a thim' an dèigh sin, tha do ghiùlan mar nach biodh a leithid do bheachd idir agad. Mar sin is mòr an t-aobhar a th' againn air sinn fhein umhlachadh, is gun a bheag a phròis a chur as sinn fhein ; is sinn cho lag is cho neo-stèidheil. Is ealamh cuideachd a chaillear le mobhsgaid an rud is gann a choisinn sinn le saothair is le gràsan Dè.

7. Ciod a dh' èireas dhuinn deireadh an latha, nuair a tha sinn sa mhaduinn cho meaghbhlath.

Mo thruaighe sinn, ma 's ann air an dòigh sin a dh' iarras sinn socair, mar gum àite fois so agus didean, nuair nach 'eil a' bheag a bhlàth fìor naomhachd fhathast air ar giùlan. Tha feum againn air dol do sgoil as ùr, mar luchd-faghluim air dea-bheusan; nan tachradh sin, bhiodh rud-eiginn dùil air dol a' feobhas, agus air adhart an caithe-beatha diadhaidh.

XXIII. CAIB.

Smaointean air a bhàs.

1. Is gearr gus am bi am bàs agad, fiach ciamar a tha thu uidheamaichte air a shon; an diugh tha an duin' ann, am màireach cha'n 'eil e air bhrath. Agus nuair a leumas e o'n t-sùil, 'sgearr gus an leum e o'n chuimhne cuideachd. O doille agus cruas cridhe mhic-an-duine, nuair a tha e smaoin-eachdadh a mhàin air nichean talmhaidh, a raghainn air cur suas maoin airson na siorruchd! Do ghnìomhan air fad is do smaointean bu chòir a bhith freagrach do ghrad bheum a' bhàis. Ma tha dea-chogais agad, cha chulaidh eagail mhòir dhut am bàs. Ach se seachnadh a' pheacaidh a's feumaile dhut na clisgeadh o ghath a' bhàis. Mur 'eil thu deas an diugh, ciamar a bhios tu deas a' màireach? Is rud neo-chinnteach dhut an lath' a' màireach, agus ciamar a tha fios agad gum bi thu beo ri fhaicinn.

2. Ciod is fhèirde sinn a bhith fada beo, mur deach sinn ach beag am feobhas. Mo thruaighe! Cha'n ann daonnan gu stà dhuinn a tha saoghal fada againn, ach gu tric gu leasachadh ar peacannan. Gu 'n d' thuga' Dia dhuinn aon latha

fhein a bhuileachadh gu math san t-saoghal.— Tha mòran a' cunntadh nam bliadhnachan o thòisich iad air caithe-beatha naomh, ach am bichontas, cha 'n 'eil an toradh ach gann ri fhaicinn nam beusan. Ma 's aobhar eagail am bàs, theagamh gur e bhith fada beo is mua cunnart. Is buidh dhasan aig a bhell uair a' bhàis daonnan mu choinneamh a shùl, agus a tha a h-uile là a' dianamh deas air a shon. Ma chuna' tu duine a' faighinn bàis uair air bith, cuimhnich an rathad a chaidh esan gur ann a thèid thusa.

3. Anns a' mhaduinn smaoinich nach faic thu an oidhche. Agus nuair a thig an oidhche, na gabh a dhànadas sùil a bhith agad ris a' mhaduinn. Ime sin bi daonnan deas, agus giùlain thu fhein ann an dòigh is nach glac am bàs thu neo-uidheamaichte. Tha mòran a' faighinn bàis obuinn, is iad neo-dheas air a shon, oir thig Mac-an-duine an uair a 's lagha a bhios dùil ris. An uair a thig do latha deireannach, 'smòr an caochladh a thig air do bheachd mu d' chaithe-beatha gu lèir a chaidh seachad, agus is mòr do dhorran an sin gu 'n robh thu cho leisg is cho mi-adhartach.

4. Nach sona, 'snach glic esan a tha strì ri e fhein uidheamachadh 'sa bhith cho deas 'sa dh' iarradh e aig uair a bhàis. Cha bheag an t-aobhar misnich do neach aig uchd a' bhàis, ma tha fuath aig' air an t-saoghal, dèidh air cleachdadh nan subhailcean, spèis do dheabheusan, a' gabhail saothair ri breitheanas-aithris, umhail do riaghailtean, smachdail air fhein, faighidneach fo gach anshocair airson gaoil Chriosta. 'S ioma rud math a dh' fhaodas tu dhianamh nuair a tha an t-slàint agad, ach nuair a dh' fhàsas tu tinn,

cha 'n 'eil fhios agam de 's urruinn thu dianamh. Cha mhòr a tha dol am feobhas leis an easlaint : san fheadhainn a tha dol tric air chuairt cha lual dhaibh a bhith diadhaidh.

5. Na cuir earbsa a càirdean na dàimhich, is na leig dail ann ad thionndadh ri Dia : oir diochumhnichidh daoine thu nas luaithe na tha thu an dùil. Se beirt is fhearr dhut maoin a gleidheadh san àm, is cuid a thasgadh ann a' flathanas, na earbsa' a comhnaidh an atharraich as dèigh do bhàis. Mur 'eil suim agad dhìot fhein an dràsda, co ghabhas cùram dhìot an dèigh so. So agad an t-àm prìseil, so àm an t-sàbhalaidh, so agad an t-àm thaitneach. Och mo dhòruinn nach 'eil thu a toirt buil nas fhearr aise, leis am faoda' tu duais a chosnadh air an d' thige' tu beo gu sìorruidh ! Thig an latha anns bu math leat, gum faighe' tu aon là no aon uair a thim gu leas t' anma ; is cha 'n 'eil fhios agam am faigh thu a.

6. Faic, fhir mo ghaoil, miad a' ghàbhaidh a sheachnadh tu, is miad an fhuathais o rachadh do thiarnadh na ghluaiseadh tu an nis is gach là fo eagal is fo fhiamh a bhàis ? Rian an nis do bheatha cho dealbhach, 'sgur mua an t-aobhar aighir no eagail dhut am bàs. Ionnsuich an nis bàsachadh do'n pheacadh ann an rathad, is gum faod thu an sin a bhith beo maille ri Criosta. Ionnsuich an nis sealltuinn sìos air gach ni talmhaidh, air chor 'sgum bi an rathad rèidh dhut gu leum gu Criosta. Cìosnaich an nis do cholunn le peanas ann an seòl is gum bi bonn do dhòchais an sin cinnteach.

7. O amadain ! carson a tha sùil agad ri saoghal fada, is gun aon latha dhut cinnteach. Is lion-

or iad a shaoil a bhith beo fada, a bha air am mealladh, 'sa dh' fhàg a cholunn mu 'n dh' fhairich iad. Nach tric a chuala tu gu na mharbhadh am fear ad leis a' chlaidheamh, gu 'n deach am fear ad eil' a bhàthadh, gu 'n thuit am fear ad le creig, is gu 'n brist e amhach, gu 'n thachdadh am fear ad le griam bìdh, gu 'n bhàsaich am fear ad is e a' cluith? Tha fear le teine, fear le iarrunn, fear le plàigh, fear se goid am fàgail na beatha so : mar sin se deireadh gach duine am bàs, is siubhlaidh beatha mhic-an duine air folbh mar fhaileas.

8. Agus an dèis do bhàis co bheir cuimhn' ort, no ghuidheas air do shon? Tog ort, tog ort, fhir mo ghràidh, dian na dh' fhaodas tu an nis, a thaobh is nach 'eil fhios agad cuin a thig am bàs ort, is cha mhua 's aithne dhut do chor na dhèigh.— Fhad' a bhios ùin' agad cuir mu seach iùntas siorruidh dhut fhein. Ni na biodh ad aire ach leas t' anma, is na gnothaichean a bhuineas a mhàin do Dhia. Dian an nis càirdean dhut fhein le urram a thoirt do na naoimh, is le 'm beusan a chleachdadh ; air chor agus gu 'n stiù iad t' anam an àm trèigsinu na coluinne gu 'm pailliuinn shiorruidh.

9. Seall ort fhein mar choigreach, no mar fhear-siubhail air talamb, gun dad a ghnòthach a ghabhail ri nichean saoghalta. Cum do chridhe saor, is biodh e an togail an àird ri Dia ; oir cha 'n fhada is dachaidh dhut so. T' urnaigh t' achanaich is do dheoir stiùr gu flathanas, air chor is gur fhiach do spiorad aig uair a bhàis leum le sòlas thun an Tighearna.

XXIV. CAIB.

Air breitheanas is pian a' pheacaidh.

SEALL anns gach nì air do chrìch dheireann-ich, agus ciamar a fhreagras tu am briteamh ruaidh, air nach 'eil nì am falach, is nach abh duais no leithsgeulan, ach a sgoilteas a hòir air a druim. O pheacaich thruaigh gun hiall, ciod a fhreagras tu do Dhia, a tha faicinn o drochbheirt, thusa a tha fo fhiamh air uairibh n làthair duine fo fheirg? Carson nach 'eil hu a' dianamh deas airson latha a' bhreitheanas, far nach 'eil duin' a' s urruinn do leisgeul a ghabhail, no do dhion, ach 'sleòr do'n h-uile luine freagairt air a shon fhein? An dràsda tha 'eum ad shaothair, toradh ad dheoir, èisdeachd uig bròn, mathanas aig aithreachas agus glan-aidh e o pheacannan.

2. 'Smòr agus fallainn am purgadair a th' aig an duine fhaighidneach, a ghiùlaineas gach eucòir, 'sa ghabhas mòran bròin a drochbheirt feadhach a thig na aghaidh, 'sa bheir mathanas lhaibh o chridhe; is nach cuir dàil ann a' mathanas iarraidh; a bhios nas tioma gu truas a ghabhail na bras gu feirg; a bhios ga chiòsnachadh fhein gu tric agus a'strì ris an fheoil a chumail fo smachd a' spioraid, 'Sann an dràsda is freagraich' ar peacannan a nigh uainn, agus ar n-ana-miannan a spionadh as am bun, na fàgail gu'n toirt air folbh an dèigh so. Gu fìor, 'strom a tha sinn gar mealladh fhein, le miad ar spèis eucoraich do'n fheoil.

3. Ciod a loisgeas tein' ifrinn ach do pheacann-

an. Mar is mua a chaomhnas tu thu fhein an dràsda, 'sa leanas tu miann na feòla, 'sann is truime a bhios do phian an dèigh so, agus is mua a dh' fhadas tu theine gu d' losgadh. Na nìchean leis am mua am peacaich duine, 'sann leo is mua a thèid a phianadh. An sid (an ifrinn) stopar na daoine leisg le gathan teine: an sid fuilgidh na geòcairean pathadh is acras geur: an sid bàite ann loch dèisneach pic is pronaig bìdh luchd-drùis is miann shalaich gan lèireadh gu goirt: is mar mhadaidh caothaich a' donnallaich biodh luchd-farmaid gam pianadh.

4. Cha bhi aona pheacadh air neach nach bi a phian fhein na lòrg. Bithidh luchd an uaibhair fo mhasladh trom; is na daoine sanntach fo ghosta chruaidh. An sid is cràitiche fulang aon uair do thim, na ciad bliadhna do 'n pheanas a 's cruaidhe an so. An sid cha 'n 'eil furtachd no an fhios a 's lagha aig na daoine damainte. An so tha cothrom air uairibh air anail a leigeil, is toil eachadh fhaighinn an caidreamh nan càirdean. Bi mata an nis fo chùram, is làn bròin airson do pheacannan, los gum bi thu tiarainte latha a bhreitheanais a' miasg nan naomh. An sin seasaidh na naoimh gu misneachail ri aodan na feadhach a bha gan sàrachadh, is gan èignicheadh. An sin èiridh suas na bhritheamh an duine sin a ghèill gu h-iriosal do bhreth dhaoine. An sin is mòr misneach an duine chochd iriosail nuair a chritheas na daoine àrdanach le fiamb mu chuart da.

5. An sin chitear gum bu dhuine glic air talamh esan a bha na uipeir is fo mhasladh airson Chrìosta. An sin is aobhar sòlais nach beag

An trioblaid a chaidh fhulang le faighidin :
 s druidear bial na h-eucorach. An sin 's aoibh-
 nn a bhios gach duine cràbhach, agus brònach
 bithidh gach neach neo-dhiadhaidh. An sin
 bith an fheoil a chaidh a chlaoidh fo aoibhneas,
 nas mua na aig a' chuilm is sòghaire. An sin
 learrsaidh an trusgan suarach, is bithidh deisean
 nòrchuis gun mhiagh. An sin bithidh tuille
 nias air a' bhothan bhochd, na air pèilis fo dheil-
 readh òir. An sin is miasaile buan fhaighidin,
 na cumhachdan an domhain gu lèir. An sin is
 mua cliù na fìor umhlachd, no seòltackd an t-
 saoghail uile.

6. An sin is mua a bhios do mhias aig cogais
 mhath ghlain, na aig àrd sgoileireachd. An sin
 miasar sealltuinn sìos air beirteas, nas mua na
 iùntas saoghalta. An sin is mua a bhios do spèis
 do dh' urnaigh dhùrachdaich, na do chuirm
 shòghail. An sin is annsa leat gu 'n robh thu
 ad thosd, no gu 'n rinn thu sgialachdan fada is
 mòran seanchais. An sin is luachaire gnìomhan
 matha, na cainnt bhlasda. An sin is taitniche
 caithe-beatha cruaidh, agus geur aithreachas, na
 h-uile h-aighir shaoghalta. Ionnsuidh an dràsda
 mata, beagan fhulang, gus gum faigh thu dol as
 air dòruinn is mò. Fiach an dràsda ciamar a
 chuireas tu suas ris an fhulangas a tha feitheamh
 ort an dèigh so. Mur tèid agad an dràsda' air
 beagan fhulang, ciamar a chuireas tu suas ri
 pèin' iutharna? Ma chailleas tu t' fhaighidin
 an dràsda leis a bhuaireadh is lagha, ciamar a
 sheasas tu ri lasraichean sìorruidh? Gu cinnteach
 cha 'n urruinn thu a bith ann an dà shòlas, an

aighir shaoghalta am bhos, agus an glòir maille ri Criosta san t-saoghal thall.

7. Ma 's ann an urram san aighir a chosg thu do bheatha gus an latha diugh, de b' fhèirrde thu sin uile nam b' i so uair do bhàis? Mar sin i aimideachd gach ni ach gaol a thoirt do Dhia, i seirbheis a dhianamh dha na aonar. Am fear a bheir gaol do Dhia o ghrund a chridhe, cha 'n ruig e leas eagal a ghabhail as a' bhàs, no a pèin no a breitheanas, no a iutharna; a chionn is gu bheil fìor gràdh a' rèiteachadh an rathaid dha gu Dia. Am fear a tha gabhail tlachd fhathast a' pheacadh, cha 'n ioghnadh e a bhith fo eagal as a' bhàs, is as a' bhreitheanas. Bu mhat dhut, mar 'eil gaol gad chumail fhathast o' pheacadh, gu 'n cuireadh geilt tein' ifrinn striar riut. Am fear anns nach 'eil eagal Dè, cha 'n fhada is urruinn e seasamh an dea-staid, ach glacar gu luath e ann an lìn an deomhain.

XXV. CAIB.

Mu rian ceart a chur air ar caithe-beath' air fad suim.

1. BI faicleach agus dìchiollach ann an seirbheis Dè; smaoinich gu tric de thug an saoghal? Nac ann gu bhith beo do Dhia, is fàs ad dhuir naomh? Ime sin gluais air t'adhart gu coimhlionachd; oir do thuarasdal tha feitheamh or si gheobh thu e gu luath airson t' oibre; san dè sin cha bhith culaidh eagal no anshocair mu thimchioll. Is goirid do shaothair an so, ach mòr is gun cheann an t-socair 'sa sòlas a th

eitheamh ort. Ma bhios tu ad fhear-oibre dìlas dian, gun teagamh bithidh Dia ceart agus alaidh riut na thuarasdal. Bu chòir do dhòchs a bhith làidir stèidheil, gu 'n ruigeadh tu air rùn na beatha, ach a bhith mua 's cinnteach as ha 'n eil freagrach, mum fàs thu leisg na àrdnach.

2. Nuair a thachair do dhuin' àraidh a bhith ric fo imcheist eadar dòchas agus eagal, thilg e fhein, 'sa chridhe briste le mulad, air bhialaobh ltarach ann an eaglais gu urnaigh; agus trom maointean inntinn leig e mach anns na briathran o; o nach robh fios agam gu'n leanainn air cirtean matha gu m' chrìch! Air ball chuala e n t-sainis so o Dhia na chridhe; gu de nam biodh ios agad air sin, ciod a math a b' àill leat a dhianmh? Am math sin a b' àill leat, dian an nis s bithidh tu gle-thiarainte. Air ball fhuair e ith is ghlac e misneach, is strìochd e do thoil Dè, s dh' fholbh gach teagamh as aire. Is tuille cha l' iarr e a chor an dèigh so a thuigsinn le ranachadh diomhain; ach si toil mhath cheart Dè s mua a bha tighinn fonear dha, agus tòiseachdh air gnìomhan matha 'sa leanail gu chrìch.

3. Cuir dòchas ann an Dia, is dian rud math, ars' am fàidh,) is bìdh do chomhnuidh air talamh, is beathaichear thu le bheirteas. Tha aon rud ann a tha cumail mòrain air ais o leas an nma, is o cheartachadh an caithe-beatha le saothair: agus se sin eagal ro sthri, no cruas a' chatha. Gun teagamh bheir iadsa barrachd air eadhainn eil' ann an subhailcean, a chuireas iad fhein uige gu tuille saothair, a' cur nan aghaidh fhein an càsan cruaidhe, is mi-thaitneach dha 'n

nàdar. Oir tha neach a dol air adhart, 'sa cos nadh ghràsan, air rèir is mar smachdaicheas 's chlaoidheas e an fheoil leis an spiorad.

4. Cha 'n e an aon uibhir a th' aig gach duine ri chur fo smachd 'sa cheannsachadh. Dèigh si uile, am fear a bhios ro-dhìchiollach, a' strì a mòran do droch fhàgailean, se is fhaide a thèid air adhart, na duine math eil' a's lagh cath, ac car mall a toirt a mach shubhailcean. Tha d rud àraidh ann a thig gu mòran stàth gu toirt mach shubhailcean: siad sin, gu 'n d' thuga' duine ionnsuidh làidir air e fhein a tharruing o iar atasan coirbte a nàdair; is gu 'n dianadh dìchioll mòr air an t-subhaile sin a bhuanach a's mua tha dhìth air. Feuma' tu cuideachd bhith nas faicilliche is nas seachnaiche air r giomhan sin a's mua tha cur do dh' antlack ort ann am feadhainn eile.

5. Stuigeadh gach ni thu gu dol air adhart. Ma chi thu dea-shàmhlano ma chluinneas tu sgia air, cuir romhad atharrais. Ach ma chi thu sam bith mi-dhealbhach, thoir an aire nach dia thu a, agus ma thachair dhut a dhianamh ua air bith, bi air t' fhaicill nach dian thu gu brà tuill' e. Mar a tha do shùil air feadhainn eil' is amhuil a tha sùil feadhach eil' ortsa. Nach aoibhinn an sealladh 'snach taitneach, bhith faicinn bhràithrean adhartach, cràbhac dea-bheusach, agus rianail nan giùlan! Air a laimh eile, nach bochd muladach ri fhaicinn briathrean ag imeachd gu mi-dhealbhach ag coma air an dleasnas. Nach càillteach an dearmad a dhianamh air a' ghnòthach gus

each ar gairm, agus ar n-inntinn a thogail ri
 dan nach buin dhuinn.

6. Cuimhnich mata air a' gnothach a ghabh
 tu fos laimh, is lean sàmhla na Tì a chaidh a
 cheusadh. Ma bheir thu sùil air beusan Iosa
 riosta, is mòr an t-aobhar nàire dhut nach d'
 aich thu le tuille saothair na cheuman, an dèis
 aut a bhith cho fad air slighe na diadhachd.—
 An duine cràbhach a sheallas gu beachdail agus
 a dùrachdach air beatha agus pàis ro-naoimh an
 t-ighearna, gheobh e an sin am pailteas mòr do
 h-uile ni a tha feumail agus riatanach dha ;
 agus an taobh-mach do dh' Iosa cha 'n 'eil dad
 le ri shireadh nas fhearr. O nach e Iosa, a
 chaidh a cheusadh a thigeadh a steach gur cridh-
 chan, an sin 's ealamh agus bunailteach a bith-
 eadh air ar teagasg !

7. An cràbhaiche dian gabhaidh e an dea-
 làirt, is giùlainidh e gu math a h-uile ni
 thèid iarraidh air. Ach aig an chràbhaiche
 isg mheirgeich tha anshocair muin air mhuin,
 na èiginn air gach taobh: oir sòlas an
 oibh-stigh tha dhìth air, is toileachadh an
 oibh-mach air a chrosadh dheth. An cràbhaiche
 tha mi-rianail na ghiùlan tha e an rèiteach an
 thaid gu mhòr ainleas. Am fear a dh' iarras
 a' gnothaichean aotrom' agus socrach, tha e
 onnan am pèin; oir aon rud no rud eile thèid
 a' aghaidh.

8. Seall ciamar tha mòran chràbhaich eil' a'
 anamh, a tha fo reachdan cruaidh' an taigh-
 n-cràbhaidh? Is ainmig a mach iad, is leth-
 reach an caithe-beatha, is ro-bhochd an lòn, is
 a' bh an aodach, is trom an obair, is tearc an

ràite, 's fhad' am faire, 's much an èirigh, buan an urnaigh, is tric an leughadh, agus poncail iad a' cumail gach achd agus riaghailt. Gabh beachd air na Carthùsich, air na Sistéirsich. 'S air a h-uile seòrsa mhanach, is bhana-mharach : faic mar tha iad ag èirigh a h-uile h-oidhche a sheinn shalm do 'n Tighearna. Ime sin is na dhutsa san tìm naomh ad anns a' bheil cràblach aich gun àireamh am moladh gu h-aoibhinn Dia a bhith ad laidhe nad phleodhaisg gun brìgh.

9. O nach ann cuidhte a bhithemid o gach nì agus ar Tighearna Dia mholadh le 'r cridhe uile is le 'r beul! O nach biodh tu cho fortanach 'snach iarra' tu biadh, no deoch, no cadal, le gum faigheadh tu Dia mholadh gun lasachadh is gnothaichean diadhaidh mheadhrachadh mhain! Sin nuair a b' ionmhuinn do chor, sean an nis nuair is fheudar dhut frithealadh do choluinn an iomadaidh càs! B' fhearr na robh an èiginn so ann, ach freasdal do chuilmheas spioradail, air am beag, (mo thruaigh!) ag ainmig ar mìagh.

10. Nuair a dhìreas duine cho àrd, 'snach sin toileachadh ann an nì talmhaidh, tòisichidh e sin ri toil-inntinn a ghabhail ann an Dia seòl sònraichte, is bithidh e làn thoilichte an a chuile nì a thachras. An sin cha tog mòraghean, is cha leag beagan inntinn; a chùra uile tha e a' tilgeadh air Dea le mòr earbsa, Tì is gach nì dha anns gach nì; an Tì air na d' thèid nì a dhì no gu bàs; ach dha bheil gach nì mairrionn, is deas freagrach dha smèideach.

11. Cuimhnich daonnan air do chrìch, agus nach till an ùin' a dh' fholbh. Gun sùrd

ichioll cha toir thu mach a chaoidh subhailcean.
 Ia theannas tu rí fàs fuar, tòisichidh tu rí fàs
 lc. Ach ma dh'èireas sùrd ort, is mòr an t-sìth
 gheobh thu, is fàsaidh t' obair nas aotroma le
 cartan nan gràs, is le d' dhèidh air subhailcean.
 An duine dian adhartach tha deas gus gach tùrn
 dhianamh. Se gleachd an aghaidh ar peac-
 anan 's ar giomhan strìth is mua na oibrichean
 ruaidhe corporra. Am fear nach seachainn
 giomhan beaga, lion cuid is cuid tuitidh e ann
 a giomhan mòra. Bithidh toil-inntinn ort daon-
 an mu fheasgar ma bhuilich thu an latha gu
 math. Biodh faire agad ort fhein, mosgail thu
 fhein, is ge brith a dh'èireas do dh' fheadhainn
 le, na dian thusa diechuimhn' ort fhein. Thèid
 tu fada no goirid air adhart air rèir 'smar a
 uireas tu cruaidh ruit fhein. *Amen.*



The first part of the history of the
 city of London is contained in the
 following chapters. The first chapter
 contains the history of the city from
 the time of its first settlement to
 the time of the Norman conquest.
 The second chapter contains the
 history of the city from the time of
 the Norman conquest to the time of
 the reign of Henry the Second.
 The third chapter contains the
 history of the city from the time of
 the reign of Henry the Second to
 the time of the reign of Richard
 the First. The fourth chapter
 contains the history of the city
 from the time of the reign of
 Richard the First to the time of
 the reign of John. The fifth
 chapter contains the history of the
 city from the time of the reign of
 John to the time of the reign of
 Henry the Third. The sixth
 chapter contains the history of the
 city from the time of the reign of
 Henry the Third to the time of
 the reign of Edward the First.
 The seventh chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Edward the First
 to the time of the reign of
 Edward the Second. The eighth
 chapter contains the history of the
 city from the time of the reign of
 Edward the Second to the time
 of the reign of Edward the Third.
 The ninth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Edward the Third
 to the time of the reign of
 Richard the Second. The tenth
 chapter contains the history of the
 city from the time of the reign of
 Richard the Second to the time
 of the reign of Henry the Fifth.
 The eleventh chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Henry the Fifth
 to the time of the reign of
 Henry the Sixth. The twelfth
 chapter contains the history of the
 city from the time of the reign of
 Henry the Sixth to the time of
 the reign of Edward the Fourth.
 The thirteenth chapter contains
 the history of the city from the
 time of the reign of Edward the
 Fourth to the time of the reign
 of Richard the Third. The
 fourteenth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Richard the Third
 to the time of the reign of
 Henry the Seventh. The
 fifteenth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Henry the Seventh
 to the time of the reign of
 Henry the Eighth. The
 sixteenth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Henry the Eighth
 to the time of the reign of
 Edward the Sixth. The
 seventeenth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Edward the Sixth
 to the time of the reign of
 Mary the First. The
 eighteenth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Mary the First
 to the time of the reign of
 Elizabeth the First. The
 nineteenth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the First
 to the time of the reign of
 James the First. The
 twentieth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of James the First
 to the time of the reign of
 Charles the First. The
 twenty-first chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Charles the First
 to the time of the reign of
 Charles the Second. The
 twenty-second chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Charles the Second
 to the time of the reign of
 George the First. The
 twenty-third chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of George the First
 to the time of the reign of
 George the Second. The
 twenty-fourth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of George the Second
 to the time of the reign of
 George the Third. The
 twenty-fifth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of George the Third
 to the time of the reign of
 George the Fourth. The
 twenty-sixth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of George the Fourth
 to the time of the reign of
 George the Fifth. The
 twenty-seventh chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of George the Fifth
 to the time of the reign of
 Edward the Seventh. The
 twenty-eighth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Edward the Seventh
 to the time of the reign of
 George the Fifth. The
 twenty-ninth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of George the Fifth
 to the time of the reign of
 George the Sixth. The
 thirtieth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of George the Sixth
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second. The
 thirty-first chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the Second
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second. The
 thirty-second chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the Second
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second. The
 thirty-third chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the Second
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second. The
 thirty-fourth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the Second
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second. The
 thirty-fifth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the Second
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second. The
 thirty-sixth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the Second
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second. The
 thirty-seventh chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the Second
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second. The
 thirty-eighth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the Second
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second. The
 thirty-ninth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the Second
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second. The
 fortieth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the Second
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second. The
 forty-first chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the Second
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second. The
 forty-second chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the Second
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second. The
 forty-third chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the Second
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second. The
 forty-fourth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the Second
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second. The
 forty-fifth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the Second
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second. The
 forty-sixth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the Second
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second. The
 forty-seventh chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the Second
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second. The
 forty-eighth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the Second
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second. The
 forty-ninth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the Second
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second. The
 fiftieth chapter contains the
 history of the city from the time
 of the reign of Elizabeth the Second
 to the time of the reign of
 Elizabeth the Second.

Printed by
 J. B. Nichols & Co.
 15, North Street, London, E.C. 4.

The
 a
 Fig
 sa
 car
 eb
 th
 le
 w
 me
 air
 ma
 aol
 mb
 the
 term
 aoi

JEANMHUINN CHRIOSTA.

AN DARNA LEABHAR.

A' CHIAD CHABIDEAL.

Mu chomra na leth-astigh.

THA rioghachd Dè air an taobh-stigh dhibh, an Tighearna; tionndaidh thu fhein ris an Tighearna le d' uile chridhe, is cuir cùl ris an saoghal thruagh so, is gheobh thu fois dha t' nam. Ionnsuich gnothaichean na leth-amach chur an neopris, agus gnìomhan na leth-astigh thoirt fonear, is chì thu gu 'n d' thig rioghachd è ugad: oir si rioghachd Dè sìth is aoibhneas ans an Spiorad Naomh; rud nach toirear do na boire mi-dhiadhaidh. Thig Criost' ugad gu d' ionadh le shòlas, ma ni thu àite rèidh dha air do taobh-stigh. Air an taobh-stigh tha ghlòir agus mhaise, is ionad taitneach a chomhnuidh. Ri uine smaoinichail is tric a thachairt, is blàth a chomhra, is blasda shòlas, is sèimh a shìth, agus aoibhinn a chaidreamh.

2. Tog ort, anaim chriostail, dian deas d' chridhe do dh' aoidh' an àigh so, is gum bhe e deònach tighinn ad ionnsuidh is comhnuidh ghabhail unnad. Oir siad so a bhriathran neach air bith a bheir gaol dhomhsa, cumaid e m' fhàithnean, is thig sinn ga ionnsuidh is sinn comhnuidh ann. Dian mata àite do Chrìos 's air gach ni eile druid an dorus. Nuair a bhios Crìost' agad, tha thu beirteach, agus an cuid g' d' àilleas. Oir is esan do threise t' fhear-comhnaidh is do chobhartach dìleas anns gach èiginn air chor is nach bi thu an eisiomail earbsa daoine. Oir is ealamh a thig atharrachadh a daoine, agus is luath a dh' fhàillinnichidh iad ach mairidh Crìosta gu bràch, is seasaidh e dìle gu d' chrìch.

3. Cha mhòr earbsa a tha ri chur a duine la fàillinneach, ge do thachradh dha bhith feumadh dhut, agus taitneach ad shùilean; is cha 'n aobh dorrain ro-mhòr dhut ged thigeadh e cearr c' no d' aghaidh. An fheadhainn a tha leat an diug faodaidh iad a bhith ad aghaidh am màireach air neo air chaochla dóigh, ag atharrachadh m' a' ghaoth. Cuir t' uile dhòchas ann an Dia, biodh eagal unnad, agus a ghràdh. Seasaidh esan ar do shon, is ni e do ghnòthach anns a dòigh a tha freagrach. Cha 'n aros-tàimh bhuth dhut an saoghal so; ge brith ait' a bheil thu, eilthireach thu agus fògrach, gun fhois agad m' 'eil thu am fasdadh ri Crìosta.

4. Carson a tha thu 'g amharc mu chuart d' an so, is nach e so t' àite comhnuidh? 'Sann a' flathanas bu chòir dhut tuinidh: seall air nic ean talmhaidh mar fhear a' dol seachad. Ga

Thèid seachad agus thusa nan luib. Thoir an
 ìre nach lean thu riu, nach glacar, 'snach bàs-
 lich thu. Smaoinich air an Tì is àirde, is biodh
 urnaigh ri Criosta gun lasachadh. Mur urr-
 inn thu dìreadh gu smaointean àrda diadhaidh,
 beag t-inntinn ar pàis Chriosta, is na lotan beann-
 ichte gabh fois gu ro-dheònach. Ma ruitheas
 a gu cràbhach gu lotan is athailtean prìseil Iosa
 mar dhèan, is mòr a bheir sin do dh' fhurtachd
 dhut ri linn trioblaid, is cha chuir tàir dhaoine
 ort mòran bruaillean, is cha bhi cur suas ri 'n
 dùlchainnt na eallach ort.

5. Bha Chriosta fhein fo thàir aig daoine air
 alamh, is air a thrèigsinn le luchd eòlais is le
 dhàirdean am miadhon dòruinn, nuair bu mhua-
 cheum air furtachd. Bha dèidh aig Criosta air
 ulangas is air tàrchuis, 'sam bheil a dhànadas
 gadsa gearain air neach sam bith. Aig Criosta
 cha naimhdean is luchd-càinidh, agus am b' àill
 ceatsa gum biodh a h-uile fear na charaid dhut
 is na chobhartach? Càit' am bi do dhuais mur
 'thig ni air bith tarsainn ort? Ciamar is
 charaid thu do Chriosta, mur cuir thu suas ri
 lad air bith a thig ad aghaidh? Bi faighidneach
 comhla ri Criost' is air a shon, ma 's math leat
 a bhith mar-ris an glòir.

6. Na rachadh tu aon uair a stigh ceart an
 ìridhe Iosa, is na ruigeadh stradag bheag do theas
 ghràidh ort, fhàsadh tu an sin coma co dhiu
 phitheadh tu an cothrom no 'n anacothrom, ach
 sann a tàir fhulang a bhiodh t' uail, oir bheir
 gaol Iosa air duine sealltuinn sìos air fhein. Am
 fear anns a bheil gaol Ios' agus na fìrinn, gun
 seachran inntinn, is gun tuairgneadh o ana-mi-

annan, is fhurasda dha e fhein a thionndadh Dia, agus dìreadh fos a chionn fhein na spiora agus fois aoibhinn a ghabhail.

7. Am fear a leughas gach ni mar tha iad unnt fhein, is cha 'n ann air rèir mias agus bara dhaoine, is fìor dhuine glic e, 's air a theagas le Dia nas mua na le daoine. Am fear dha aithne gluasad air rèir an an taoibh-stigh, is a th air bheag suim a dh'ghnothaichean na leth-amacl cha 'n iarr e àite, is cha 'n fheith àm gu dhleanasan cràbhaidh a chur air adhart. Cha fhad' a bhios an duine smaoineachail ga thearal fhein, a thaobh nach 'eil a smaointean tur a faondra. Cha 'n 'eil obair shaoghalta a' cur grabadh air, cha mhua tha car do sheirbhe riatanaich air àm : ach tha e rian gach ni mar tha freagrach dhaibh. Am fear a tha rianail òrdail air a thaobh-stigh, cha chuir gniomba euchdail no dèisneach saoghalta air bruillear. Tha duine ga chur fhein an sàs 'san luib air rè a thoirt do ghnothaichean.

8. Nam biodh do dhòigh ceart, is do chogaglan, thionndadh gach ni gu d' fheum is gu bhuanachd. Ma tha ioma rud nach 'eil còrdadh riut, is gad thogail gu tric gu buairead se 'n reuson th' air sin, nach 'eil thu fhatha tur marbh dhut fhein, no fuasgailte o nichea talmhaidh. Ni cha 'n 'eil a' cur smal agus s air cridheachan dhaoine cho mòr ri spèis ne ghlan do chreutairean. Ma leigeas tu dhiot to eachadh saoghalta, thèid agad air nichean diadaidh a mheadhrachadh, is blasaidh tu gu tric a aoibhneas diomhair spioradail.

II. CAIB.

Mu sthriochdadh iriosal.

NA cuireadh e furban ort co tha leat no t' agh-dh ; ach dhe so gabh suim agus cùram, gum bi Dia leat anns gach tùrn tha thu dianamh. Biodh ea-chogais agad, is dìonaidh Dia thu gu ro-lhath. Oir an neach a dheònaicheas Dia dìomhnadh, cha dian mirun dhaoine dolaidh air. Nam b' aithne dhut fuireach sàmhach is fulang, feobhadh tu comaradh an Tighearna gun teag-mh. 'S aithne dhasa an t-àm 'san dòigh air masgladh ort, is leis a sin bu chòir dhut thu fhein a thilgeadh na uchd. Se gnothach Dè ar dìomhnadh, is ar saoradh o gach cùis mhaslaidh. Fele thric tha e feumail do dhuine gu chumail iriosal, gum biodh a ghiomhan follaiseach do dh' feadhainn eile, is gum faigheadh e achasan.

2. Nuair a dh' umhlaicheas duin' fhein airson lochdan, maoltaicheas e feadhainn eile air bheag saothair, is ni e rud-eiginn rèite ri luchd-màdaich. Se an duin' iriosal a dhionas agus a bhaoras Dia: do 'n iriosal tha spèis agus a shòch-ir; ris an duin' iriosal tha bhàigh; do 'n duin' iriosal tha e toirt ghràsan mòra; agus an dèigh mhlachadh tha e ga thogail gu ghloir. Do 'n duin' iriosal tha e am fiachainn a nichean dìomh-ir, is ga tharruing is ga thàladh uige fhein le bhàigh. Nuair a gheobh an duin' iriosal maslaidh tha e làn shocrach na inntinn, a chionn is gur ann an Dia, 'snach ann san t-saoghal, a tha arbsa. Na saoil gu 'n deach thu bheag air t'

adhart, mur 'eil thu a' sealltuinn ort fhein ma an neach a 's suaraiche do dhaoine.

III. CAIB.

Air sonas an duine shiochaintich.

1. GLEIDH sìth unnad fhein an toiseach, 'sa dèigh sin faoda' tu feadhainn eile a shiochain teachadh. Is mua math an duine shiochaintic na 'n duin' ionnsuichte. Tionndaidh an duin feargach am math fhein gu olc, agus an t-olc th e deas a chreidsinn. Ach tionndaidh an duin siochainteach gach ni gu math. Am fear a th siochainteach cha 'n 'eil amharus aig air neac air bith; ach am fear a tha neo-thoilichte agu buaireasach, tha e làn amharusan; cha 'n 'e sìth aige fhein, is cha 'n leig le e daoine eile sìt a bhith aca. Iomadaidh uair their e an ni nac bu chòir dha, is fàgaidh e an rud a thige' dh dhianamh. Gabhaidh e beachd air dleasnasa feadhnach eile, is air a dhleasnas fhein ni e dea mad. An toiseach mata, bi sùrdail ad gnoth ach fhein, agus 'sann an sin is fhearr a ni th feum do 'n atharrach.

2. Is math is aithne dhut do leithsgeul fhei a ghabhail, agus an dath is fhearr a chur air d dhianadas, ach ri leithsgeul feadhnach eile cha ' èisd thu. Ach se beirt bu dealbhaiche dhut, th fhein a chur fodha, is do bhràthair a thoirt a uachdar. Ma 's math leat gu 'n cuirte suas riu cuir suas ri fear eile. Seall cho fad 'sa tha th fhathast o 'n fhior charrannachd is o 'n umblach subhailcean nach gluaisear gu feirg no gu cor uich ach ri duine fhein. Cha 'n euchd mòr c

each giùlan ri daoine rèidhbheirteach ciuin ; is ur cuideachda sin a chòrdas gu math ris a h-uil' -aon ; is ga bheil sìth is tlachd a h-uil' h-aon, irson a bhith a dh' aona bheachd riu fhein.— Ach se giùlan gu faighidneach ri daoine borb nollaichte mi-riaghailteach dreamach, an gnìomh urramach agus euchdail.

3. Tha cuid do dh' fheadhainn ann, a tha itheil unnta fhein, agus a tha gleidhe' sìth m miasg feadhach eile. Tha daoine' eil' ann, is nach 'eil sìth unnta fhein, is nach leig fois le fheadhainn eile ; is eallach trom iad sin air daoine' eile, ach daonnan nas truim' orra fhein. Tha luagh eil' ann, a tha sìochainteach unnta fhein, 'sa toirt a h-uil' oidhrip air daoine' eil' a sìochainteachadh. An dèigh sin uile, se cur suas ri anshocair, is cha'n e gun a faireachduinn anns a bheatha shruagh so, aona bhonn air sìth.

IV. CAIB.

Mu chridhe glan is beachd treibhdhireach.

1. AIR dà sgèith tha duine 'g èirigh o nichean talmhaidh : siad na sgiathan sin treibhdhireachd agus gloine. Bu chòir do threibhdhireachd a bhith anns an inntinn, do gloine anns a' chridhe. Tha treibhdhireachd a stiùradh dìreach air Dia, gloine a breith air is ga mhealtuinn. Cha chuir gnìomh math sam bith eallach ort, ma bhios tu saor o ana-miannan air an taobh stigh. Mur 'eil ni air bith eil' a tighinn fonear dhut no ad bheachd, ach toil mhath Dè, agus feum do choimhearsnaich, mealaidh tu saorsa inntinn. Nam biodh cridhe treibhdhireach agad, bhiodh gach ni dhut na

sgàthan dea-chaithe-beatha, is na leabhar teagaisg naoimh. Cha 'n 'eil creutair cho beag i chò dìblidh anns nach 'eil mathas De ri fhaicinn.

2. Nam biodh cridhe ceart agus glan unnad chithe' tu gach ni gun bhruaillean, is thuige' tu gu math iad. Ruigidh sùil a' chridhe ghloin gu flathanas, is ifrinn. Air rèir 'smar a bhios cridhe duine, 'sann a bheir e bhreth air an taobh mach. Ma tha toileachadh air talamh, 'sann aig fear a chridhe ghloin a ta e. Ma tha èiginn no anshocair ann, se fear na droch cogais a fhairgheas iad. Mar a chailleas iarrunn a thilgear san teallach a mheirge, 'sa thionndas e uile na chaoir dheirg, is amhuil a chrathas esan, a thilleas ceart ri Dia, dheth a leisg, 'sa dh' fhàsas e na dhuin' ùr.

3. Nuair a theannas duine ri fàs plodach, is bēag an gnìomh nach cuir sgàth air, is iarraidh e gu ro-dheònach gu toileachadh talmhaidh.— Ach nuair a thòisichidh neach a cheart rìreamh ri buaidh a thoirt air fhein, is ri triall gu fearail air slighe Dè, miasaidh e an sin aotrom na gnothaichean a bha e cunntas roimhe so nan eallach.

V. CAIB.

Mu smaointean oirnn fhein.

1. CHA 'N fhaod sinn mòran earbsa a chur as sinn fhein; oir is tric a tha gràsan uainn agus lèir-sinn. Is beag soluis a th' unnainn, agus am beagan sin fhein 's ealamh a tha sinn a' call le 'r mobhsgaid. Is tric cuideachd nach 'eil sinn a' faicinn cho dall 'sa tha sinn. Is tric tha sinn a'

ianamh uile, agus rud is miosa na sin tha sinn ga hion le leithsgeilibh. Air uairibh gluaisear sinn e 'r ana-miannan, agus saoilidh sinn gur eud aomh a t' ann. Is beag an rud nach cronaich inn anns an atharrach, is air giomhan mòra nnainn fhein seallaidh sinn fairis. Is math hairgheas, agus is mion a thoimhseas sinn an -olc a fhuilgeas sinn o 'n atharrach, gun aon ùil againn air fulangas an atharraich uainn hein. Am fear a sheallas gu ceart cothromach ir fhein, cha toir e breth chruaidh air daoin' ile.

2. Gabhaidh an duine smaoineachail cùram he fhein ro 'n h-uile cùram, is bheir e deagh-ire air fhein, agus 'stoil leis a bhith sàmhach mu haoin' eile. A chaoidh cha bhi thu ad dhuine maoineachail cràbhach, mur bi thu sàmhach mu hluagh eile, is mar beachdaich thu tur ort fhein. Ma bhios t' aire air fad air Dia is ort fhein, is eag suim a bhios agad, do na tha ri fhaicinn san -saoghal. Càit a bheil thu, nuair nach 'eil thu gad fhein? 'San deis dhut ruith feadh gach onaid, ciod a choisinn thu, ma rinn thu dio- huimhn' ort fhein. Ma's math leat ruighinn air ìth, agus fìor fhois, cha 'n fhuilear dhut seall- uinn sìos air gach ni, agus amharc ort fhein ad onar. Is fhada rachadh tu air t' adhart, na umadh tu thu fein saor o'n h-uile cùram saogh- lta. Is mòr an èis ort spèis thoirt do ni talmh- idh. Ni mòr, ni àrd, ni taitneach, ni miasail na biodh agad ach Dia 'sa ghnòthaichean.— Cunnt mar fhìor aimideachd gach toileachadh a hig o chreutair air bith. An t-anam anns a sheil gaol Dè, is beag aig' a h-uile ni ach Dia,

a tha lionadh gach àite, 'sa bheir làn shòlas do'n anam, is aoibhneas do'n chridhe.

VI. CAIB.

Mu thoil-inntinn na dea-chogais.

1. AOBHAR uaill an duine mhath se teisteanas na dea-chogais. Biodh cogais mhath agad, is bithidh tu làn aighir an comhnuidh. 'Smor a dh' ghiùlaineas dea-chogais, 's is mòr a h-aighir an càsan cruaidhe. Ach an droch cogais bithidh daonnan fo sgàth is fo bruillean. Is sèimh t fhois, mur 'eil do chogais gad theumadh. Na gabh toil-inntinn, ach nuair a ni thu math. Aig na daoibh cha 'n 'eil fìor thoil-inntinn, no fois inntinn; oir cha 'n 'eil sìth, os an Tighearna, aig na h-aingidh. Ma their iad tha sìth againn, cha d thig olc nar còir, co aig' a tha dhànadas dolaidh a dhianamh oirnn? Na creid iad; oir bristidh fearg Dè mach gu h-ealamb, sgriosar an gnìomh an gu neoni, is thèid an smaointean air chùl.

2. Uaill a ghabhail a trioblaid cha deacair do dh' fhear-gaoil; oir a leithid sin do dh' uaill cha bhiodh ann ach toileachadh a crois an Tighearna. Is gearr a' ghlòir a bheir daoine seachad no ghabhar uapa. An cois glòir shaoghalta tha tha daonnan bròn. Ach glòir dhaoine matha tha nan cogais, is cha 'n an am bial an t-sluaigh. Tha sòlas nan naomh o Dhia is ann an Dia agus anns an fhìrinn. An neach a tha 'g iarraidh glòir bhunaitich shiorruidh, cha 'n 'ei spèis aige do ghlòir thalmhaidh. Am fear shireas glòir thalmhaidh, is nach dian diù dhith o bhun a chridhe, is dearbhadh sin nach 'eil mia-

nas leòr aig' air glòir fhathanas. 'Smòr socair
' chridhe sin a tha coma mu chliù 'smu mhi-
chliù.

3. 'Smòr toileachadh agus sìth an fhir sin aig
a bheil cogais ghlan. Cha 'n 'eil thu nas diadh-
uidh le moladh, no nas suaraiche le diomoladh.
Na tha thu, tha thu; is cha 'n fhaod thu radh gu
bheil thu nas mua na tha thu an làthair Dè.—
Ma sheallas tu air do thaobh-stigh, bithidh tu
coma ciod a their daoine. Seallaidh duin' air an
taobh-mach, ach amhaircidh Dia air a' chridhe.
Seallaidh duin' air gnìomhan, ach amhaircidh
Dia air a' bheachd. A bhith daonnan ri math,
is iriosal an aigne, is comhdach air umhlachd
anna. Mur eileas a' sireadh toileachadh o chreu-
tair air bith, is comharradh air gloine cridhe,
agus mòr earbs' inntinn.

4. Am fear nach sir teisteanas dhaoin' air
fhein, is dearbhadh gu bheil uile mhuingin ann
an Dia. Oir cha 'n e am fear a mholas e fhein,
(mar thuirt naomh Pòl) a tha cliuiteach, ach
am fear a mholas Dia. Imeachd an làthair Dè
air an taobh-stigh, is gun dad a spèis do nichean
air an taobh-mach, se aon dleasnas an duine
chràbhaich.

VII. CAIB.

Air gaol Iosa fos cionn gach ni.

1. Is buidh dhasan a thuigeas ciod e gaol a thoirt
do dh' Iosa, agus sealltuinn sìos air fhein airson
Iosa. Is fheudar dealachadh ri annsachd airson
annsachd; oir se toil Iosa gum faigheadh e gaol
fos cionn gach ni. Gaol chreutairean tha meall-

ta agus fàillinneach. Gaol Iosa dìleas agus mairsinneach. An neach a dh' fhasdas e fhein ri creutairean tuitidh e maille riu. Ach am fear a leanas ri Iosa seasaidh a chaoidh. Thoir spèis dhasan, is lean ris mar charaid; is gur e an Tìnach tràig thu nuair a dhìobras gach ni, is nach leig a dhìth thu aig do chrìch dheireannaich. Is fheudar là-eiginn dealachadh ri gach ni, olc air mbath leat.

2. Lean ri Ios' am beatha 'sam bàs; is tilg thu fhein fo thlàs a sgèith' dhìlis is gur e is urruinn do chomhnadh, nuair a fhàgas gach ni thu. Tha do luaidh cho uasal na nàdar 'snach fhuilig e coigreach na chòir; 's àill leis do chridhe dha fhein na aonar, agus suidh' ann mar rìgh air a chàthair fein. Nam b' aithne dhut thu fhein fhuasgladh o chreutairean, is deònach a ghabhadh Iosa comhnuidh maille riut. 'Sann gu càil-eiginn dolaidh dhut a thig gach dùil a chuireas tu ann an creutairean, a mach o Iosa. Na cuir dùil no earbsa a cuile fhaoin; 'sgur feur a chuile feoil, is gu 'n tuit a glòir mar bhlàth an luis.

3. Meallar gu luath thu, ma 'se sgèimh na leth-amach air a bheil thu 'g amharc ann an daoine. Oir ma 's ann o fheadhainn eil' a thig t' aighear is do mhathas, is tric a dh' fhairgheas tu do chall. Ach ma shireas tu Ios' anns gach ni, gheobh thu e gu beachd: ach ma dh' iarras tu thu fhein gheobh thu thu fhein mar an ciadna, ach 'sann gu d' dhunaidh. Oir am fear nach sir Iosa, is mua chall da fhein, na fhaodas an saoghal 'sa naimhdean uile a dhianamh air.

VIII. CAIB.

Air càirdeas bàigheil Iosa.

NUAIR a bhios Ios' a làthair tha chuile ni eart, is ni cha saoillear duilich. Ach mur 'eil os' a làthair, tha gach ni diachuinneach. Mur 'eil Ios' a labhairt a steach, is faoin an sòlas, ch ma their Ios' ach aon fhacal, fairghear oibhneas mòr. Nach bu luath a dh' èirich Moire Mhagdalan o ionad a deoir, nuair a thuir Martha rithe, tha am maighistir a làthair, is ha e gad shireadh? Is sona an uair sin anns n gairmear le Iosa sinn o bhròn gu aighir spiòrid! Nach sgraingidh cruaidh thu as eugais osa! Nach fann faoin thu, ma tha do dhèidh ir dad air bith saor o Iosa! Nach mua an call o gu mòr na call an domhain gu h-iomlan?

2. De math a ni an saoghal dhut gun Iosa? A bhith as aonais Ios' is ionann is iutharna, ach s phàrrais aoibhinn a bhith an cuideachd' Iosa. Ma tha Iosa maille riut, cha n' urruinn namhaid all a dhianamh òrt. An neach a fhuair Iosa, huair e iùntas àghor; seadh, nas àghoire na uile ni. 'Sam fear a chailleas Iosa, tha chall o-mhòr, nas mua na call an t-saoghail uile.— Is ro-bhochd esan a tha as aonais Iosa, agus is o-shaoibhir esan a tha air dhea-dhòigh maille ri Iosa.

3. Is foghlum àrd eòlas air comhra dhianamh i Iosa, agus is gliocas mòr lèirsinn air an dòigh an gleidhear e. Bi iriosal agus siochainteach is anaidh Iosa maille riut. Bi cràbhach agus sàmhach is tàmhaidh Ios' ad chuideachda. Is

ealamh a thèid Iosa fhuadach, 'sa gràsan a chail ma shireas tu claonadh gu nichean talmhaidh. Is ma dh' fhògras tu uat é, is ma chailleas tu co ionnsuidh a ruitheas tu; co an caraaid a dh' iarras tu? Cha mbath a' bheath' a bhios agad gun charaid; agus mur e Iosa do charaid tha gach neach, is truagh agus deireasach do chor. Mar sin is gnothach faoin earbsa a chur a dhuibh 'sa bith, no toileachadh a ghabhail ann. Is fhearr dhuinn an saoghal uile a bhith nar n-aghaidh na Iosa. Ime sin ro 'n h-uile caraaid dian do charaid àraidh do dh' Iosa.

4. Airson Iosa thoir gaol do 'n h-uile neach ach gaol do dh' Ios' air a shon fhein. Tha gaol sònraichte ri thoirt do dh' Iosa Criosta, a chionn 'sgur e an t-aona charaid ceart fìrinneach a mias ar càirdean uile. As a lethse is annsa, biodh gaol agad air càirdean is air naimhdean: guidh air an son cuideachd, gus gu faigh iad uile eòlas air, is gu 'n toir iad gràdh dha. Na iarr moladh no spèis a tharruing ort fhein aonach, oir is rud sin a bhuineas a mhàin do Dhia, aig nach 'eil coimeas. Na sir gu 'n eadh thugadh neach air bith spèis dhut na chridhe, na biodh togail aig do chridhe fhein ri neach ach biodh Ios' ad chridhe fhein 'san chridhe gach duine mbath.

5. Bi glan agus saor o leth-astigh, gun chuibhreach o chreutair. Feuma' tu a bhith nochd, a chridhe glan a thoirt do Dhia, ma 's math leat gu 'n tuig 's gu faic thu cho blasda 'sa ta an Tighearna. Ach is gnothach cinnteach gur ann an solus is beothachadh nan gràs a ruigeas tu air seòl a bhith an ceangal gu teann ri Dia, gun chuibhreach

ach air bith gad chumail uaithe. Oir nuair a
 ig gràsan Dè gu duine, fàsaidh e an sin coma-
 ch air gach ni dhianamh, ach nuair a shiolas
 d uaithe, tha e an sin truagh agus anafhann,
 air fhàgail mar gum b' ann gu sgrìos. Ach
 ans an teinn so, cha bu chòir dha dol gu droch
 isnich, no eu-dòchas, ach e fhein a làn sthriochd-
 th do thoil Dè : agus na thàinig air fhulang
 a leasachadh glòir Iosa Criosta : oir an dèis
 gheamhraidh thig an samhradh, an dèis na
 oidhche an latha, an dèis na stòirm fia mòr.

IX. CAIB.

Air call gach sòlais.

. CHA duilich do neach subhachas saoghalta a
 hur an neopris, nuair a bhios toileachadh spior-
 dail aige. Ach is mòr agus ro-mhòr an rud e,
 na 's urruinn duine tighinn as aonas an dà chuid,
 oileachadh talmhaidh agus spioradail : 'sa bhith
 eònach air cruas cridhe fhulang gu glòir Dè,
 agus gun iarraidh air a ghaireas fhein an ni air bith,
 no sùil a thoirt air a thoillteanas fhein. Am
 heil e na rud mòr a bhith aoidheil cràbhadh,
 nuair a bhios gràsan gad ghiullachd? is ion-
 dhuin an soirbheas sin leis a h-uile duine. Is
 ocrach gleus an duine a tha marcachd air gràs-
 an Dè. De an t-iongadas gun a bhith faireachd-
 inn an callaich a tha t-uile-chumbachdach a'
 giùlan, 'san t-àrd fhear-iuil a rian.

2. Tha sinn fad' an geall air rud-eiginn tol-
 eachaidh a bhith againn, agus cha 'n fhuasda
 lhuine dealachadh ri fein-spèis. Thug an
 martair beannaichte Laurance buaidh air an

t-saoghal; ('sa shagart mar an ciadna) a thaobh gu 'n rinn e diù do 'n h-uile ni a bha taitneach ann; agus ge bu mhòr a spèis do dh' àrd shagart Dè Sictus, dh' fhuilig e dealachadh ris gu faighidneach airson gaol Chrìosta. Mar sin fhuair gaol a' chruthatair lamh-an-uachdar air gaol chreutair; agus bu docha leis an naomh sin to mhath Dè na aigear shaoghalta. Air an dòig chiadna dealaich thusa ri caraid fheumail ghràdaich airson Dè. Is na gabh gu h-olc e ma ni o charaid t' fhàgail; a' tuigsinn agad fhein, gur is deireadh dhuinn uile dealachadh o chèile.

3. Is fada agus is cruaidh an cath a fheumaid a bhith aig duine na aghaidh fhein mu 'n ionnuidh e làn bhuaidh a thoirt air fhein, 'sa chridh gu iomlan a tharruing gu Dia. Nuair a sheas duin' air fhein, ruithidh e gu ro-thogarrach gu toileachadh talmhaidh. Ach am fear aig a bhe fìor ghaol air Crìosta agus a tha fad' an geall air subhailcean a chosnadh, cha sir e gu leithid se do thoil-inntinn, no gu sògh saoghalta, ach annsa leis cruaidh sthrìth, agus dol ro sheirbheighoirt airson Chrìosta.

4. Ime sin nuair a gheobh thu sòchar o Dhia gabh le buidheachas i, agus tuig gur e tiodhla Dè th' ann, is nach e do thoillteanas fhein. Na bi air do thogail le pròis, na bi mua 's critheil no dàna asad fhein. An àite sin leasaich t' umhlachd, t' fhaicill, is t' eagal ann ad uile dhianadas. Oir thig an soirbheas math so gu ceann agus èiridh stòirm a' bhuairidh. Ach nuair a dh' fholbhas an toil-inntinn so uat, na tuit sa nuair gu ann-dòchas, ach feith le umhlachd is l faighidin ri tilleadh an t-sòlas bheannaichte a ris

r is fhurasda do Dhia toileachadh nas mu
toirt dhut. Cha cheum ùr so, is cha slighe
an imeach le seirbheisich Dè; oir shiubhail
a naoimh bu mhua, is na fàidhean o shean air
bithdean doirbhe is rèidhe mu seach.

5. Thug sin air duin' àraidh, se fò ghean nan
aràs, a chantuinn; thuirt mise ann am shaoibh-
eas; cha d' thig gluasad fodham a feasda. Ach
uair a shuibhail na gràsan, dh' aithris e caochla'
geoil, ag radh; thionndaidh thu uam do gnùis,
agus dhùisg mo bhuaireadh. Ach feadh nan
nochlaidhean sin uile, cha do ghèill e idir do
h' eu-dòchas: ach rinn e urnaigh nas dùrachd-
che ris an Tighearna; a' cantuinn; riutsa, o
Tighearna, togaidh mi mo ghuth, is ri mo Dhia
mi urnaigh. An sin tha e a' leigeil a mach
radh achanaich, ag radh; Chuala an Tighear-
na, is ghabh e truas rium, se an Tighearna m'
near-comhnaidh. Ach ciamar a thachair sin?
Air an dòighse; thionndaidh thu (os esan) mo
hròn gu aighir, is chuartaich thu mi le sòlas.
Se so crannchar nan naomh a b' àirde glòir; is
tha 'n fhaod sinne, creutairean laga bochda dol
u ann-dòchas, ge do dh' èireadh dhuinn a bhith
eth air uairibh agus fionnfhuar, oir tha Spiorad
' folbh agus a' tighinn air rèir a thoil mhath
hein: rud a thug air naomh Iob a radh; thig
hu dh' amharc air san òg-mhaduinn, is dearbh-
idh tu e gun dàil.

6. Co mata, ris am faod mi earbsa, no co anns
n cuir mi mo dhòchas, ach ann an iochd mòr
Dè mhàin, is a gràsan fhathanas. Oir ged
bhiodh daoine matha am fhochair, ged bhiodh
ràithrean cràbhach, ged bhiodh càirdean dìleas,

leabhraichean matha, eachdraidh thaitneach, binnas laoidhean is dhàn ; is beag sunnt a chuireadh sin uil' orm, agus 'sbeag gean, ma tha gràsan a chall, is ma thèid m' fhàgail am bhochdainn fhein. Sa chàs so cha 'n 'eil leigheas a 's fhearr air chùis na faighidin, is mi fhein a sthriochdadh o thoil mhath Dè.

7. Duine riamh cha d' fhuair mi cho diadaidh is cho naomh, nach d' fhairich air uairil fàillinneachadh ghràs is laghdachadh cràbhaid. Cha robh naomh air bith air a thogail cho àrd no air a shoilleireachadh cho mòr, nach d' fhuil diachainn roimhe sin, no na dhèigh. Oir cha 'n airidh an duine sin air àrd chomhra ri Dìomur d' fhuilig e car do 'n anshocair airson Dè. Is teachdaire am bichiontas am buaireadh air a t-sòlas a thig na dheaghaidh : is gur h-ann a an fheadhainn a dhearbhar leis a' bhuaireadh, tha gealladh air aoibhneas naomh. Do neach bheir buaidh (arsa Dia) bheir mi dha do chraoi na beatha ri iche'.

8. Tha sòlas naomh ga thoirt seachad, gu co a thoirt do dhuine gu croisean a ghiùlan ; is t am buaireadh a tighinn na dhèigh los nach ga e uail as a' mhath. Cha 'n ann na chadal tha an deomhan, is cha mhua tha an fhe fhathast mharbh : air an aobhar sin dian de thu fhein gu math airson a' chatha.

X. CAIB.

Air tùingealachd airson ghràsan De.

1. CARSON a dh'iarradh tu socair, thusa a ruga gu saothair. Bi strìth ri faighidin a bhith ag

raghainn air toil-inntinn; is air croisean a
 niulan a raghainn air sòlas. Leis co an duine
 talmhaidh leis nach bu toil aighear is aoibhneas
 ioradail a bhith aige, nam faigheadh e ruighinn
 ara an combnuidh. Oir tha toileachadh spiorad-
 ail a toirt barrachd air toileachadh talmhaidh, is
 e uile mhacnus na feòla. A thaobh is gu bheil
 bhachas saoghalta faoin air fad no truaillidh.
 'n aighear spioradail na h-aonar a tha sòlasach
 araon agus suairce: is gur i gineal nan subh-
 lcean, is tobhartas Dè do luchd-a-chridhe glain.
 ch cha mheal duin' an sòlas spioradail so
 daonnan; a chionn 'snach fhad' an dàil a bheir
 an buaireadh dhuinn.

2. Ach an rud a tha fad' an aghaidh nan
 gràsan naomhasa, se dānadas is ro-earbsa as sinn
 ein. Is math a tha Dia a' dianamh, nuair a
 e toirt seachad gràsan na toil inntinn, ach
 olc a tha an duin' a' dianamh, mur 'eil e a'
 toirt a' bhuidheachas so uile do Dhia le gniomhan
 ingealachd. Ime sin cha 'n urruinn uisge nan
 gràs struthadh oirnn, as leth ar mi-thàingealachd
 cha 'n ughdaire, is as leth 'snach 'eil sinn a' toirt
 bhuidheachais uile do 'n chiad fhuaran o bheil
 d a' tighinn. Oir tha còir aig an fhear a tha
 ingeil nas leòr air gràsan daonnan; agus is tric
 tha duin' iriosal a' faighinn nan gràsan a thà
 toirt o 'n uaibhreach.

3. Cha toigh leam sòlas a bheir uam bròn
 ridhe, no smaointean àrda a thogas dhomh pròis.
 Oir cha 'n 'eil a h-uile rud àrd naomh; no h-uile
 rud blasda math; no a h-uile rud taitneach glan;
 no a h-uile rud miannasach ceart an làthair Dè.
 s toileach a ghabhas mi gràsan a leasaichidh

daonnan m' umhlachd is m' fhiamh, 'sa chom nas mi gu dol asam fhein. Am fear a tha eòla air sùgh nan gràs, 'sair an tiomrachd a thig nuadh' fholbhas iad, cha 'n 'eil a dhànadas aige da a chur as a leth fein, ach aidichidh e gu sa nach 'eil ann ach duine bochd ruisge. Thoir Dhia an rud a bhuineas do Dhia, is dhut fhe an rud a bhuineas dhut fhein; se sin, the buidheachas do Dhia airson a gràsan, is faig coire dhut fhein airson do pheacannan, ag tuig gu bheil làn dhìoladh agad ri dhianamh a an son.

4. Cuir thu fhein daonnan san àit is isle thèid an t-ionad a 's àirde thoirt dhut; oir a t-ard cha sheas gun bonn iosal. Na naoimh mhua an làthair Dè, siad bu lagha do dhaoinan sùilean fhein; is mar a b' àirde an glòir 'sa a b' isle an umhlachd. Iadsa a tha suidhich am fìrinn, is làn do ghlòir dhiadhaidh cha glòir dhiomhain. Iadsa tha stèidheil suidichte ann an Dia, cha ghabh togail gu àrdan an an rathad air bith. Agus iadsan a bheir tàing Dhia airson gach sòchair a bhuilich e orra, cl sir glòir o chèile; ach 'sann air a' ghlòir a t tighinn o Dhia tha an dèidh; is math leo gu faigheadh Dia o fhein, is o na naoimh uile cl fos cionn gach ni; agus daonnan tha iad a' sireac ga ionnsuidh.

5. Ime sin, bi tàingeil airson an ni is lagh is thèid nichean a 's mua thoirt dhut. Air rud a 's lagha coimhid mar an rud is mua, is a tobhartas beag mar gibht shònraichte. Is sheallar air an Tì a tha toirt seachad, cha mias tiodhlac air bith beag, no suarach; oir cha tob

tas beag tiodhlac an Dè is mua. Ge b' e pian dòruinn a leigeadh e nar rathad, bu chòir an acail le sòlas; is gur e ar sàbhaladh a tha na eachd anns a h-uile ni a tha e a' luthasachadh, thighinn oirnn. Am fear a tha 'n geall air àsan Dè ghleidheadh, biodh e tàingeil airson n gràsan a fhuair e, faighidneach nuair a thèid toirt uaithe, ri urnaigh gus am faighinn air, is nuair a gheobh e iad, cùramach is iriosal u'n càill e iad.

XI. CAIB.

ur neo-lionar iad a tha 'n dèidh air crois Christa.

THA mòran aig Ios' an dràsda, a tha fad' an all air a rioghachd am flathanas, ach 's ainnebh iad a tha giùlan a chroise. Tha mòran agraiddh aighir, ach beagan a' sireadh a dhòruinn. pailt iad a shuidheadh aig a bhòrd, ach is tearc a thraisgeas maille ris. Bu mhath leis a uile neach a bhith mar-ris an sòlas, ach is beag ha toileach air dad fhulang air a shòn. Lean mòran Iosa gu bristeadh an arain san fhàsach, ach is beag a dh'òl a' chailis maille ris. Is nar iad a tha toirt onair dha mhiarailtean. Ainneamh iad a tha dol fo thàir na cruinne, ach maille mòran Iosa, fhad 's nach 'eil a' chroise. Is a' chroise a' ghaidh. Geobh Iosa a' chroise a' tighinn mòran fhad 'sa mhaireadh a' chroise is moladh o' chroise, ach ma thèid a' chroise a shòlas nan cridhgas e car tam a' chroise Ios' am falach orra, is ma uithidh iad a' chroise iad, leighidh iad air gearain, a' chroise a' chroise gu mighean. Ach an fheadhainn a bheir gaoil do dh' Ios' a shon fhein, gun sùil air toileachadh dhaibh

fhein, molaidh iad Iosa fo ànradh is briste'-cridhe chearta cho math 'sa dhianadh iad am boillsgean sòlais. Is ged nach deònaicheadh e toileachadh air bith a leigeil nan rathad, mholadh iad e a dèigh sin uile gun lasachadh, is bhiodh iad a strì ri tàing a thoirt da daonnan.

3. O gu de nach dian gaol Isa, nuair a bhio e glan, is gun smal fein-spèis no buannachd Nach e luchd-tuarasdail is àillis a dh' fhaodar radh riu sin uile, a tha an comhnuidh a' siread toil-inntinn? Nach cùis shoilleir, gur ann dhaib fhein is mua tha 'n spèis na do Chrìosta, nuair a tha 'n sùil daonnan air am math fhein 'sar buinnig? Càit' am faighear esan a tha toileach air Dia sheirbheiseachadh a nasgaidh?

4. Is gann a tha duine cho naomh ri fhaotuin a tha tur glan o 'n h-uile truailleachd. Oir càit am faighear e, a tha tur bochd na spiorad, is sa o 'n h-uile spèis do nichean talmhaidh: 'sann cèin-thir a thig e, is tha luach mar ni o iomall a t-saoghail. Ge do bheireadh duine a mhaoin air fad seachad, cha bu dad sin fhathast. Ge dhianadh e aithreachas goirt, bu bheag sin cuid eachd. Ge do ruigeadh e air a h-uil' eòlas, bhiod e fhad air ais an dèigh sin. Ged bhiodh 'subhailcean mor' aige, agus an cràbhadh bu teotha bhiodh mòran air chall. Seadh, an aon rud a feumaile dha uile. Ciod sin? E fhein a chur air chùl an dèis dealachadh ri gach ni eile, is do a mach as fhein buileach, is gun dad dh' spèis-fhein a leantuinn ris, agus an dèis gach dhianamh a tha e am faicinn bu chòir dha coimheadadh air fhein mar dhuine gun fheum.

5. Na biodh barail mhòr aig air rudan a th

iasail aig daoine, ach aidicheadh e o chridhe, ch 'eil ann fhein ach seirbheiseach gun mhath: ar tha an fhirinn ag radh: nuair a ni sibh gach a chaidh a chur mu 'r cionneamh, abraibh, a 'n 'eil unnainn ach seirbheisich gun mhath. Iodaidh neach an sin a bhith fìor bhochd agus an na spiorad, agus a chantuinn mar am fàidh; a mi am aonar agus bochd. Dèis sin uile, ach cha 'n 'eil ann nas beirtiche, neach cha 'eil ann nas cumhachdaiche, neach cha 'n 'eil ann nas saoire, na esan dha 'n aithne gach ni rèigsinn, is e fhein a chur fo gach duine.

XII. CAIB.

Mu shlighe rioghail naoimh na croise.

SAOILEAR cruaidh le mòran na facail so; fheadh thu fhein, tog do chrois, is lean Iosa. ch is cruaidhe gu mòr èisdeachd ris na briath- n deireannach so: deilichibh rium a luchd nam ollachd gu teine siorruidh. Ach an fheadhainn th' èisdeas a nis gu deònach, agus a leanas iirm na croise, cha ruig iad a leas eagal a ghabh- nuair a chluinneas iad a' bhinn shiorruidh. bithear comhara na croise so san athar nuair thig an Tighearna gu breitheanas. Iadsa a og a' chrois, 'sa dhealbh am beatha ri sàmbla an ir a chèusadh, thig le mòr mhisnich an coinn- mh a' bhritheamh Criosta.

2. Carson mata, a tha sgàth ort mu 'n chrois hogail, is gur i an t-slighe gu rioghachd Dè. ans a' chrois tha sàbhaladh, anns a' chrois tha atha, anns a' chrois tha dion o naimhdean, ans a' chrois tha gàirdeachas spioradail, anns a'

chrois tha càil cridhe, anns a' chrois tha aiobhnea spioraid, anns a' chrois tha brìgh nan subhailcean anns a' chrois tha iomlanachd na naombachd Cha 'n 'eil beatha anma bhos, no aobhar dùil r sàbhaladh sìorruidh thall, ach anns a' chrois.— Tog mata, do chrois, lean Iosa, is rach a stig gu beatha mhaireannach. Chaidh Iosa romhad a' giùlan a chroise, is air a chrois dh' fhuilig e an bàs air do shon, los gu 'n iomraiche' tusa do chrois fhein, is gum biodh tu toileach bàsachadh air a' chrois. Oir ma bhàsaicheas tu maille ris bithidh tu beo maille ris. Is ma bhios pàirt agad na dhòruinn bithidh pàirt agad na ghlòir.

3. Feuch 'sann sa chrois 'sam bàsachadh tha brìgh gach ni! Rathad eile cha 'n 'eil an gu beatha is gu sìth fhìrinnich cridhe, ach sligh naomh na croise, agus fein-chlaoidh gach là.— Theirig an rathad a thoilicheas tu, iarr an ni shanntaicheas tu, is cha 'n fhaigh thu rathad na àirde fos do chionn, no nas tiaruinte fodhad, n slighe na croise beannaichte. Suidhich is ria gach ni mar a shanntaicheas tu is mar is àill lea is cha 'n fhaigh thu ach so; gum feum thu daor nan rud-eiginn fhulang, a dheoin no dh' aindeoir is mar sin coinnichidh a' chrois thu an comb nuidh. Oir fairghidh tu eugail, coluinne, n èislean anma.

4. Air uairibh fàgaidh Dia thu, air uairib thig buaireadh ort o d' choimhearsnach, 'sa rud a's mios' uile, is tric is eallach ort fhein thu. A bharr air sin, cha 'n 'eil leigheas no cobha dhut ri fhaotuinn, a bheir fuasgladh dhut n lasachadh; is fheudar dhut mar sin fulang fha 'sa chi Dia iomchaidh. Oir is àill le Dia gu

Ionnsuiche' tu cur suas ri anshocair gun sòchair, gu'n striochdadh tu tur dha, is gum fàsa' tu iriosal le neart dòruinn. Cha drùigh pàis Chriosta air neach air bith ceart, ach airse a fhairich an dòruinn. Mar sin, tha chrois an comhnuidh leas 'sa feitheamh ort anns gach àite. Cha 'n urruinn thu dol as oirre, a dh' aon àite gu'n d'fhèid thu; oir gus a h-uil' àite tha thu gad thoirt fhein leat, is tha thu fhein a làthair daonnan. Gabh suas, no gabh sios, folbh mach, no fuirich a stigh, is anns gach ionad dhiu tha do chrois am feitheamh ort. Agus anns gach àite tha e riatanach gum biodh faighidin agad, ma's math eat sìth inntinn a bhith agad agus gu'n coisne' tu crùn siorruidh.

5. Ma ghiùlaineas tu chrois le làn thoil, giùlainidh a' chrois thusa, is bheir i gu ceann-uidh' an àigh thu, far an sguir fulangas, ged nach sguir e an so. Ma's ann gad antoil a tha thu giùlan na croise, tha eallach ort, is tha thu fhein na eallach nas truime ort, ach 's fheudar dhut cur suas riu. Ma thilgeas tu uat aona chrois gun teagamh coinnichidh crois eile thu, agus crois ma fh' fhaoidhte nas truime.

6. Am beil thusa an dùil gu seachainn thu rud nach b' urruinn duin' air talamh a sheachnadh? Co an naomh bh' air an t-saoghal gun chrois is gun anshocair? Iosa Criosta fhein, ar Tighearna, cha robh an aon uair a thim dhe dheatha thalmhaidh saor o dhòruinn a phàis.— Bu chòir (os esa) do Chriosta fulang, agus èirigh o nam mairbh, agus an dèigh sin dol a stigh gu ghlòir. Carson tha thusa sireadh rathad eile, a raghainn air slighe rioghail naoimh na croise.

7. Beatha Chrìost' uile bu chrois agus b' mhartaireachd, 'sa bheil thusa an sireadh soca is gaireas dhut fhein; Air do mhealladh, air do mhealladh tha thu, ma tha ni air bith eil' air ad aire ach cur suas ri trioblaid. Oir a' bheath thalmhaidh so tha bàit' ann an truaighean, ag an snàmh an croisean. Agus mar is àird' a d' èireas neach ann an naomhachd, 'sann is truim am bichiontas a dh' fhairgheas e croisean; airse 'sgu bheil e ann an cèin-thir tha cràdh a chridh am miadachadh air rèir a ghràidh do Dia.

8. Ach an duine so fo dhomhladas dòruin cha 'n' eil air fhàgail gun furtachd, oir tha fi aige gu 'n' d' thig toradh trom a ghiùlan na crois is tha sùil aige ri sòlas spioradail airson lùbadh cho deònach do dh' uallach na trioblaid: ag mar is mua chlaoidhear an fheoil leis an anshocail 'sann is mua neartaichear an spiorad le gràsan na leth-astigh. Gu bhith coltach ri Criosta, cheusadh, tha dèidh neach air croisean is trioblaid ean a toirt urad spionnaidh dha air uairibh 'sna iarradh e a bhith as aonais ànraidh is anshocail is gum bheil e a' creidsinn gu 'n' taitinn e ri Dia air rèir lionarachd is truime nan diachainnean chaidh aige air fhulang as a leth. 'Sann gràsan Chrìosta, is cha 'n' ann le chàil fhein, tha duin' air a neartachadh cho làidir na chridh is gum fiach e le sùrd is aighir ri gnothaichean a chur air adhart, a tha fada an aghaidh a nàda is laigse na fheòla.

9. Is rudan so nach 'eil air rèir nàdair; chrois a ghiùlan, spèis a thoirt dhi, a' cholud a chlaoidh 'sa chumail fo smachd, a bhith seachnach air onair, dèidheil air fulang tàir, seal

guinn sìos oirnn fhein, tìtheach air masladh o
 'headhainn eile, cur suas ri gach anacothrom is
 calldachd, gun iarraidh air mòrchuis shaoghalta.
 Agus ma bheir thu sùil ort fhein, chi thu gur
 rudan so nach 'eil ad chomas fhein a h-aon dhiu
 'hianamh. Ach ma chuireas tu do dhòchas anns
 an Tighearna, gheobh thu neart a fathanas a
 'bheir buaidh dhut air an t-saoghal is air an
 'heoil. Agus ma se creideamh t' armachd,
 agus crois Chrìosta do bratach, cha chuir an
 'aibhistear fhein eagal ort.

10. Teann mata, mar shaighdear dleasnach
 lileas Chrìosta, ri crois do Thighearna, a fhuilig
 a cheusadh oirre le miad a ghràidh dhut, a ghiùlan
 gu misneachail treubhach. Dian deas airson
 mhòran chroisean is anagairis do 'n h-uile seòrsa
 'hulang anns a' bheatha thruaigh so; oir bithidh
 ad ad lòrg a dh' aon àite gu 'n d' thèid thu, is
 eanaidh iad gu cinnteach do cheuman gus gach
 onad an dian thu t' fhalach. 'Sann mar sin is
 'heudar a bhith, is cha 'n 'eile rathad a 's fhearr,
 gu rian an uile is an àmhghair a tha thusa a'
 'fulang, na cur suas riu. Ol cailis an Tighearna
 gu deònach, ma 's math leat a bhith ad charaid
 'tha, agus pàirt a bhith agad ris. Fàg sòchairean
 aig Dia, riaraidhidh esan iad mar a chi e freagrach.
 Ach dian thusa airson anshocrach a ghiùlan, is
 seall orra mar aobhar aoibhneis mhòir. Oir cha
 n fhiach trioblaidean na h-aimsire so an cur an
 coimheart ris a' ghlòir a tha ri chosnadh; cha 'n
 fhiach, ged fhuilige' tu uil' iad ad aonar.

11. Nuair a thèid thu cho fad, is gum bi
 anshocair airson Chrìosta dhut blasda agus miagh-
 ail; tuig an sin gur math do chor: oir fhuair

thu phàrrais air talamh. Ach fhad 's is e leat trioblaid, 'sa theicheas tu o dhòruinn, cl mhath do dhòigh, is bithidh an anshocair an tò ort a dh' aon àite gu 'n d' thèid thu.

12. Ach ma chuireas tu do lamh ris a' gnot ach a thige' dhut, se sin fulang is bàsachadh dh fhein is goirid gus an rachadh do staid am feobha agus gus am faighe' tu sìth. Ge do rachadh e thogail suas gus an treas neomb, mar thach do Phòl, cha bhitheadh tu saor o chroisean a dèigh sin. Fiachaidh mise dha (os Iosa) de d fheumas e fhulang airson m' ainmse. Mar si tha fulangas am feitheamh ort, ma 's àill le gaol a thoirt do dh' Iosa, agus seirbheis daonna a dhianamh dha.

13. Gu 'n d' thugadh Dia dhut gum b' fhiach thu rud-eiginn fhulang airson ainm Iosa! D ghlòir nach coisneadh sin dhut fhein? De sòlas nach tugadh e do naoimh Dè air fad? Is e an dea-leasan nach faigheadh do choimhearsnach Gu beachd, molaidh gach aon an fhaighidh ach mo thruaigh a laghad 'sa tha deònach a fulang! Is fhad' a tha e mar fhiachaibh ort gu biodh toil agad beagan fhulang airson Chrìosta nuair a tha muinntir an t-saoghail so a' cur su ri mòran anshocair airson na coluinne.

4. Is math a tha brath agad, gur e beath chlaoidhte bu chòir dhut a leanail, is gur an mar is mua bhàsaicheas duine dha fhein, is mu theanneas e ri tighinn beo ann an Dia. Cha ' fhiù am fear sin gum faigheadh e sealladh a diomhaireachd fhathanas, mar do sthriche do dhòruinn as leth Chrìosta. Ni cha 'n e nas taitniche do Dhia, ni cha 'n eil nas fallainn

ut fhein sa bheathasa, na bhith toileach air fu-
g airson Chrìosta. Ged bhitheadh raghainn
thogail, se trioblaid fhulang airson Chrìosta,
cha 'n e sògh is gach àilleas talmhaidh, bu chòir
ut a glacail; oir bhiodh tu mar sin nas col-
che ri Chrìosta is ris nan naoimh uile. Oir
a 'n e mòran aighir is toil-inntinn a ni fiachail
ramach sinn, ach cur suas ri mòran ànraidh
us anshocair.

15. Nam biodh ni sam bith eil' ann, a b' fhearr
dòruinn gu sàbhaladh mhic-an-duine, gu cinn-
ach dh' fhiachadh Chrìosta e le bhriathran
araon is le shàmhla. Oir dha na deisciobail a
a na chois, is dhaibh uil' a bha tìtheach air a
anail, thug e prosnachadh làidir a' chrois a
iùlan; ag radh: Ma tha mhiann air duin'
r bith mise a leanail, aicheadh e e fhein, tog-
h e chrois, is leanadh e mise. Se 'n dùnadh
thig o 'n leughadh is o 'n mhìneachadh so uile,
r th' ann tro mhòran thrioblaidean a dh' fheu-
as sinn dol a stigh do rioghachd Dè.

Faint, illegible text at the top of the page, possibly a header or introductory paragraph.

Main body of faint, illegible text, appearing to be several lines of a letter or document.

.6 I finally... (A line of text, possibly a signature or a specific reference, with a period and the number 6.)

Bottom section of faint, illegible text, continuing the document's content.

dir e
L. E
anna
ann f
inn f
tha
dad a
sona g
cha'n
sa gu
stigh.
ean ta
Is son
their r
adh la
dionh
fodsan

LEANMHUINN CHRIOSTA.

AN TREAS LEABHAR.

A' CHIAD CHABIDEAL.

Air comhra diomhair Chriosta ris an anam dhèileas.

. EISDIDH mi ciod a their an Tighearna Dia annam. Is sona an t-anam a tha 'g èisdeachd ann fhein ri briathran an Tighearna, 'sa faighinn facal an t-sòlais o bheul. Is sona na cluasan a tha glacail sainis a chogair naoimh, 'sa tha gun lad a dh' umhail do mhonmhor saoghalta. Is sona ga rìreamh na cluasan, a tha caisgeachd, cha 'n e fuaim nam facal air an taobh-mach, ach an guth a tha teagasg na fìrinn air an taobh-tigh. Is sona na sùilean a tha dùinte do nìchan talmhaidh, ach fosgailte do rudan spioradail. Is sona iadsa a ruigeas air rudan naomha, 'sa sheir ionnsuidh nas mua is nas mua le 'n cràbhaidh làthail air iad fhein uidheamachadh gu liomhaireachd dhiadhaidh thuigsinn. Is sona adsan, a tha freasdal gu cùramach air Dia, 'sa

tha crathadh dhiù gach cuimrig shaoghalta. Beachdaich air so, m' anam, agus dùin an dor air t' ana-miannan, los gum faigh thu èisdeach ris an ni a labhras an Tighearna do Dhia unna

2. So agad briathran do rùin, is mise shlàinte, do shìth, agus do bheatha. Cum th fhein maille riumsa, is gheobh thu sìth. Fànichean fàillinneach, is iarr nichean nach dìbi Ciod iad rudan talmhaidh air fad ach culaic mheallaidh? Agus de an toileachadh a bhe creutairean air fad, ma thrèigeas an cruthada thu. Ime sin, a' cur cùl ri gach ni, dian th fhein taitneach dha d' chruthadair is bi dìleas dh agus gum faod thu ruighinn air sonas fìrinneac

II. CAIB.

Gu bheil an fhìrinn a labhairt air an taobh-sti dhuinn gun fhuaim bhriathran.

1. LABHAIR, a Thighearna, is gu bheil do sheirbheiseach, ag èisdeachd: Is mise do sheirbheiseach, thoir tuigse dhomb, los gu faic mi e lagh. Aomadh mo chridhe gu d' bhriathra ruitheadh do chainnt mar an driùchd. O sheirbheiseach, thuir clann Israel ri Maois, labhair thusa ruinn agus èisdidh sinn, na labhradh an Tighearn' a eagal 's gu faigh sinn bàs. Cha 'n ann mar sin a Thighearna, cha 'n ann mar sin a bhios, thoir mi griosad ort; ach coltach ris an fhàidh Samuise mo ghuth iriseal riut agus dùrachdach; labhair, a Thighearna, is gu bheil do sheirbheiseach a' cluinntinn. Na labhradh Maois rium, no h-aodhe nam fàidhean, ach labhair thusa rium, 'Thighearna Dia, fhir gluasaid agus a leis na

àidhean uile : oir gun iadsan 's urrainn thusa
no làn-shoilleireachadh, ach gun thu cha 'n 'eil
ifeachd unntasan.

2. Faodaidh iad gu dearbh fuaime a' dhianamh
e 'm bhriathran, ach cha toir iad seachad an
piorad : Is bòidheach an cainnt, ach cha las
ad an cridhe ma bhios tusa sàmhach : bheir
adsa fos nàird nichean diomhair, ach is tusa a
bheir tuigse gu lèirsinn : Ni iad laghan, ach
uatsa thig càil gu 'n cumail : fiachaidh iad an
-slighe, ach 's tusa, bheir spionnadh gu triall :
bruidhnidh iad ris a' chluais a mhàin, ach is tusa
a bheir lèirsinn is solus do 'n chridhe : fiuchaidh
iadsan an taobh-mach, ach 's ann uatsa a thig
an toradh. Ni iadsan bruidhean, ach is tusa
bheir lèirsinn do 'n fhear-èisdeachd.

3. Na labhradh mata, Maois riumsa, ach
thusa, a Thighearna mo Dhia, fhìrinn shiorr-
uidh ; eagal gu 'm faodainn bàsachadh, 'sa bhith
gun toradh, mur bi agam ach seòladh na leth-a-
mach gun bhlàs na leth-astigh. Na biodh e na
aobhar dìteadh dhomh èisdeachd an fhacail gun
a dhianamh, eòlas air gun spèis dheth, a chreid-
sinn gun a choimhlionadh. Labhair mata,
Thighearna, is gu 'm teil do sheirbheiseach a'
cluinntinn, is gur ann agad a tha briathran na
beatha shiorruidh. Labhair gu furtachd air
choir-eiginn a thoirt dha m' anam, gu leasachadh
gach subhaile unnam, is gu cliù is glòir agus mo-
ladh siorruidh thoirt dhut fhein.

III. CAIB.

Gu bheil facal Dè ri èisdeachd le umhlachd, is lionar iad nach 'eil ga mheadhrachadh le suim.

1. EISD, a mhic, ri m' bhriathran, is gur cainn ro bhàs'd' iad, is nas mua ri 'm mias na faghlu sgoileirean agus dhaoin' ionnsuichte an t-saoghais so. Is spiorad agus beatha mo bhriathran, agus is do-rannsaichte iad do reuson chlann-daoine. Cha 'n fhaodar am fiaradh gu toileachadh faoi ach tha iad ri 'n èisdeachd gu tosdach, is ri 'n g-cail leis an umhlachd is mua 'sa miagh is blàith.

2. Thuirt mise, is sona an neach a theagais ear leatsa, a Thighearna, 'sa dh' ionnsuichid uat do lagh: air chor is gu faigh e uat furtach san dubh làtha, is nach d' thèid a sgrios air t-lamh.

3. Is mise, os an Tighearna, a theagaisg fàidhean o thùs, agus cha do sguir mi fhatha a' labhairt ri gach aon. Ach tha mòran bodha dha m' ghuth, agus cruaidh-chridheach gan èisdeach. Is docha le mòran cluas a thoirt do t-saoghal, na do Dhia, is annsa leo miann na feola a leanail, na toil mhath Dè. Tha a' saoghal a' tairgse rudan talmhaidh gun bhrìgh, is tha daoine a' dianamh seirbheis dha le mòran toil ach tha mise gealltainn nichean ro-àrd agus sìor-uidh, agus tha cridheacha dhaoine gun toiridhaibh. Co tha ri m' sheirbheis, 'sa gèilleadh dhomh cho dùrachdach anns gach ni, 'sa thata do 'n t-saoghal, is ga mhaighistirean. Biodh nàire ort, a Shion, os a' mhuir, is ma 's math leat brath fhaighinn carson, èisd ris an reuson

erson beagain buannachd tha astar mòr ga
ianamb, ach airson beatha shiorruidh, is gann
hogas mòran aona chas o'n talamh. Tha
oine an geall air beagan buannachd, 'sair
iribh a' strì gu maslach mu sgillinn do dh'
geod: airson gnothaich fhaoin no gealladh
n brìgh cha'n ob iad cur ri saothair a latha 'sa
' oidhche.

4. Och nach nàr an gnothach! gum biodh
sg air daoine saothair bheag a ghabhail airson
nais nach dìbir, airson na duais is àirde prìs,
erson onair gun choimeas, is glòir gun chrìoch.
iodh nàire ort, mata, a sheirbheisich leisg agus
earainich, gum biodh iadsa nas deise gu saoth-
r thun a' bhàis, no tha thusa gu gnìomh thun
beatha: 'sdocha leo faoineis na leatsa an fhìr-
n: Air uairibh cuideachd tha iad air am meall-
th na 'n dòckas: ach air a mhealladh cha
ni neach le m' ghealladhsa, no air fhàgail
lamh na earbsa unnam. An rud a gheallas
i, bheir mi seachad; 'sa rud a their mi, ni mi,
a ses gum bi neach dìleas na m' ghaolsa gu
rìch. 'Smise fear-riaraiche a h-uile sonais,
fear-dearbhaidh a h-uile cràbbaiche. Sgriobh
o bhriathran air do chridhe, agus leugh iad le
uim: oir ri linn buairidh bithidh iad ro-fheum-
l. An rud nach tuig thu ri àm a' leughaidh,
neobh thu lèirsinn air latha mo shealltuinn ort.
Sàbhaist dhomh tighinn a shealltainn air mo
neirbheisich air dà dhòigh, 'siad sin, le buair-
adh, is le toil-inntinn. 'Sgach là tha mi toirt
à leasan dhaibh, a' cronachadh am peacannan
ir a h-aon, is ga 'm prosnachadh gu dol air
dhart ann a' subhailcean a h-aon eile. An

neach aig a bheil mo bbriathran, 'sa ni diù dhì
tha aobhar dìtidh aig' air an là mu dheireadh.

Urnaigh gu gràsan na cràbhachd a chosnadh.

6. O Thighearna mo Dhia, is tusa mo shona
gu lèir. Agus co mise, gum biodh a dhànada
agam labhairt riut. Is mise do sheirbheiseach
ro-bhoichd, cneimheag gun diù : agus mòran na
bochda, is nas dìblidh nas lèir dhomh, 'sna
urrainn dhomh innse. Ach cuimhnich, a Thigh
earna, gur neoni mi, nach 'eil ni agam, is nach
'eil ni am chomas. Is tusa ad t-aonar a tha
math, ceart, agus naomh : a h-uile ni tha a
chomas, a h-uile ni tha thu dianamh, a h-uil
ni tha thu a' lionadh ; na peacaich a mhàin tha
thu a' fàgail falamh. Cuimhnich air do thròcair
is lion mo chridhe le d' ghràsan, is nach mat
leat t' obair dol a dholaidh.

7. Ciamar is urrainn dhomh cur suas riun
fhein anns a' bheatha thruaighse, mur neartaich
t' iochd agus do ghràsan mí? Na tionndaidh do
ghnùis uam : is na fàg mi gun amharc orm, is
gun t' fhurtachd : eagal gu 'n tiormaich m' an
am, mar thalamh gun uisge. Fiach dhomh, o
Thighearna, mar a ni mi do thoil, is ionnsuich
dhomh imeachd ad làthair gu dealbhach is gu
h-iriosal : oir is tu mo ghliocas, an Tì aig a bheil
fior eòlas orm, is dha 'm b' aithne mi mun na
chruathaicheadh an saoghal, is mun d' rugadh
air talamh mi.

IV. CAIB.

ir gluasad an làthair Dè ann a' fìrinn 'san umhlachd.

A MHC, imich am làthair ann a' fìrinn, is eir mi daonnan le treibhdhireachd cridhe. An eadh a ghluaiseas am fhianais ann a' fìrinn, eobh e dìon o ionnsuidhean eucorach, agus saor-e o mhealltairean, is o luchd-càinidh. Ma maoras an fhìrinn thu, bithidh tu saor ga rìr-mh is cha chuir càinnt ghòrach dbaoine bruail-an ort.

2. A Thighearna, si sin an fhìrinn. Biodh dhomb, tha mi ag guidh ort, mar a thuirt thu. eòladh t' fhìrinn mi, dìonadh i mi, is stiùradh mi gu cala sàbhailte. Saoradh i mi o gach roch mbiann, o ghaol mi-dhligheach; agus ubhlaidh mi maille riut le mòr shaorsuinn idhe.

3. Fiachaidh mi dhut (os an fhìrinn) na rud-a so a tha ceart agus taitneach am shùilean.— maoinich air do pheacannan le mòran gràin agus mulaid. Gu bràch na cuir uail asad fhein s leth t' oibrichean matha. Gu fìor, is peacach tu, an ribeadh, 'sa sàs aig ana-miannan. Uat hein tha t' iarraidh daonnan gu neoni; is ealamh tha thu tuiteam, is ealamh thatar a toirt uaidh ort, is ealamh tha thu fo bhuaireadh, is ealamh tha thu meatachadh. Cha 'n 'eil ni agad s an dian thu uail, ach 's iomadh aobhar a th' gad air thu fhein umhlachadh: oir tha do laigse aòran nas mua nas urrainn thu smaoineachadh.

4. Na saoil mòran mata, do rud air bith a ni

thu. Cha 'n 'eil ni mòr, ni prìseil, ni iongach, ni is fhiach moladh, ni àrd, ni fìor umach no 's fhiù iarraidh, ach nichean siorruidh. Fos cionn gach ni gabh tlachd as an fhìr shiorruidh, is biodh do dhìbleachd bhochd fh an comhnuidh a' cur fuathais ort. Ni na bic na aobhar eagail, fuath, no seachnaidh dh cho mòr ri t' ana-miannan, is ri d' pheacann fhein, is gur aobhar bròin iad nas mua na air bith eile. Cuid a dh' fheadhainn tha tr am fhianais gu cealgach, ag iarraidh le ioghna is le mòrchuis ruighinn air mo nichean diomha 'san geall air gnìomhan àrda. Dè a thuigsinn 'sa leigeadh diochuimhn' air sàbhaladh an ann. Is tric leo sin, le mise a bhith nan a' aghaid tuiteam ann am buairidhean mòra agus ann : peacannan, airson an àrdain agus an neònach.

5. Gabh eagal a breitheanas Dè, is cuireadh fearg an uile-chumhachdaich sgàth ort. Ach h-iarr cùisean na Tì is àirde a rannsachadh, a faigh a mach do pheacannan, a liuthad olc a ri thu, 'sa liuthad math a dh' fhàg thu gun dia amh. Nan leabhraichean a mhàin tha an cràl a dh aig cuid do dh' fheadhainn, an dealbhan t cràbhadh feadhach eile, sgèimh is dreach leth-amach aig daoine eile. Cuid a luaidheas le 'm bial, ach is beag dhiom a tha na 'n cridh. Cuid le inntiun shoilleir, is le cridhe glan t strì an comhnuidh ri nichean siorruidh : niche talmhaidh 'sbeag orra a chluinntinn, a chola a riarachadh na feum cha toigh leo : aca sin t faireachdainn air ciod a labhras Spiorad na fìris unnta : oir tha e cur air shùilean dhaibh nic ean talmhaidh ghràineachadh, spèis a thoirt

lan spioradail, diù dhianamh do 'n t-saoghal is fathanas a shireadh a latha 'sa dh'oidhche.

V. CAIB.

Air feartan miarailteach gaoil Dè.

THA mi toirt aoraidh dhut, Athair naomh, hair mo Thighearna' Iosa Criosta, a chionn u na dheònaich thu mise am bochdan a chuimhachadh. O Athair na tròcaire, 'sa Dhè a h-uile ais, tha mi a toirt tàing dhut, a chionn is gum l thu air uairibh, ged nach do thoill mi a' bheag thoileachadh, a' beothachadh mo chridhe le as. An comhnuidh tha mi toirt aodhruidh ut is glòir, is dha d' aonaghin Mic Iosa Criosta, dha 'n Spiorad Naomh an co-fhurtair, a tha uille riutsa o shaoghal gu saoghal. O mo aighearna Dia, mo rùn gaolach, an trà thig u ionnsuidh mo chridhe tha mo chom uile fo ibhneas. Is tusa mo ghlòir, agus sòlas mo ridhe. Is tu bun mo dhòchais, agus sgiath o dhìean ann a' latha na trioblaid.

2. Ach o 'n tha mi fhathast lag ann an gràdh, neo-choimhliòn am beusan, tha mi a' cur am air t' fhurtachd is air do shòchair: ime sin all orm gu tric, is seòl dhomh dea-bheusan. Cor mi o ana-miannan, 'sa h-uile togradh i-riaghailteach spion as mo chridhe: mar sin bhith fallain is fìor ghlan air an taobh stigh, um bi càil agam air gaol a thoirt seachad, neart a fulang, agus stèidhealachd gu leantuinn ri irtean matha.

3. Is rud mòr gràdh, is sonas mòr e gu beachd: a mhàin a ni aotrom gach eallach, 'sa chuireas

suas gu socrach ri gach cùis mhi-shocrach, oir trom air gràdh ealleach a ghiùlan, is cuirid blas is misle air gach ni a tha searbh. Tha Ios' uasal, prosnaichidh e gu gnìomha mòra greasaidh e daonnan air adhart neach gu coilionachd nas àirde a shireadh. 'S àill le ga bhith saor, agus fuasgailte o gach miann talaidh, eagal iad a chur dubhar air sùil h-inntinn, eagal cuideachd gu 'n cuireadh uall 'sa bith saoghalta èis air, no gu 'n tuiteadh e eallach. Cha 'n 'eil ni nas misle na gaol nas treasa, ni nas àirde, ni nas leatha, ni taitniche, ni nas saobhire, ni nas fhearr air neo no air talamh: oir o Dhia fhein tha 'n gaol dearrsadh, is cha 'n fhaigh e fois ach ann an Ios' a tha fos cionn gach ni chaidh a chruthachadh.

4. An neach a bheir gaol, tha e luath, siùlach, aoibhneach; agus tha e saor, is cha dia griam air. Tha e toirt uaithe gach ni, gus gach ni a chosnadh; 'sa h-uile ni tha aig' anns gach ni: oir fos cionn gach ni tha bhun anns an Tì is àirde: am fuaran o bheil gach matha taomadh. Cha sheall e air an tiodhlac, ach cionn gach tiodhlac togaidh e a shùilean gus Tì tha gan toirt seachad. Air uairibh cha 's gaol aig cuibheas, ach tha theas fos cionn gach cuibheis. Cha 'n fhairich gaol cudthrom eallach is cha chaomhainn e saothair, tha a thoil a' fos cionn a chomais; a nichean do-dhianthe ghabh e meatachd, oir tha e an dùil gu bheil gach ni na chomas agus rèidh dha. Mar sin tha aig' air gach ni, is mòran tha e dianamh 'sa an gnìomh, a dh' fhairtlicheadh air fear gach gràdh is fo 'n tuiteadh e.

6. Tha gràdh na fhaireachadh, is an àm cadcha tuit e gu suain. Fo sgìs cha bhi e cuirte, o theanntachd cha bhi e an teinn, fo fhiamh bhi e am bruailleann : mar bheo lasair, 'smar oir dheirg tha iarraidh suas, gun bheud a' ltadh gach cuimhrig. An neach aig a bheil l, tuigidh e brìgh nam facal so. Is guth ler an cluasan Dè togradh teth an anma; a ir, mo Dhia agus mo ghràdh, 'sleamsa thu h-iomlan, agus 'sleatsa misé gu h-iomlan.

7. Leasaich mo ghràdh, gus am fairich mi le d diomhair mo chridhe, cho milis agus a tha dh, 'sa bhith a' leaghadh ann 'sa snàmh.— ian cuireadh gràdh rium, an nuair a dhìreas fos mo chionn fein le cràbhadh mua 's teth, us aintheasach. Seinneam laoidh gràidh, leanthu rùn gu d'ionad àrd, teirbheadh m'anam oirt cliù dhut, a' seinn le teas gràidh. Dhutsa dh mo ghaol nas mua na dhomh fhein, is mo tol dhomh fhein biodh air do shonsa; agus nadsa biodh mo ghaol air gach aon leis a math t, air rèir òrdugh lagha ghràidh a tha dearrs- uatsa.

8. Tha gaol ealamb, treibhdhireach, diadhaidh, bhneach, taitneach, làidir, faighidneach, dileas, fadfhulangach, trèin, agus gun sireadh air in an càs air bith. Oir nuair a dh' iarras ne e fhein, tuitidh e o ghràdh. Tha gràdh lltainneach, iriosal, ceart, cha 'n 'eil e meat aotrom, no air a thogail ri rudan faoine; tha niasarra, geanmhnaidh, stèidheil, suidhichte, achail air a cheudan uile. Tha gaol umhail is striochte do dh' uachdrain, beag agus suar- na shùilean fhein, cràbhadh is tàingeil do

Dhia, a cur earbsa is dòchais ann daonna seadh, 'nuair nach 'eil dad a thoileachadh aig' Dhia: oir saor o bhròn cha 'n 'eil tighinn be aig a' ghaol.

8. An neach nach 'eil deas gu fulang ga dòruinn, agus leagte ri toil a rùin, cha 'n fhiac e ainm fir-gaoil. Thigeadh do dh' fhear-gràic ruith ro gach cruaidh chàs is diachainn gu h-in tinneach airson annsachd, is gun chlaonadh uait le cuimrigan.

VI. CAIB.

Am fìor fhear-gaoil air a dhearbhadh.

1. A MHC, cha 'n 'eil thu fhàthast ad fear-ga calma glic.

2. Carson, a Tighearna.

3. Thaobh gu bheil thu teirbheirt ad gnion le croisean beaga a thig ad rathad, is gu bheil th mua 's dèidheil air toil-inntinn. A' fhear-ga treubhach tha e seasrach ri aodan buairidh, is c toir e creideas do bhrìodal cealgach an nam ud. Do 'n fhior fhear-gaoil tha mi cho ta neach am bog 'san cruaidh.

4. Cha 'n e an tiadhac air 'a' seall a' f fhear-gaoil, ach air gràdh na Tì a tha ga th seachad. Is docha leis a rùn na an tiadhac, fos cionn gach tobharta seallaidh e air annsach Am fear-gaoil uasal cha stad aig an tobharta ach ruigidh e mise thairis air gach gibht. A an aobhar sin, cha 'n 'eil a h-uile ni càillte, g dh' èireadh dhut air uairibh a bhith nas la faireachdainn dhiomhsa is dha m' naomh, na math leat. Am beothachadh tairis blàth a' d

irgheas tu air uairibh ad chridhe, se sùgh nan
 s a t' ann, agus boinne blasda o ionad na
 has: is mòran suim cha 'n 'eil ri chur ann,
 e rud a tha folbh 'sa tighinn. Ach se gleachd
 aghaidh aintheas t' ana-miannan, agus fuath
 thoirt do ghluasadan an anspioraid, comharr-
 is mua air àrd bheusan is dea-thoilteanas.

. Na cuireadh sgleòthan brèige ort furban,
 h' aona chearn as an d' thig aid. Lean gu
 a do bhuille, is dìreach air Dia mairich do
 rsa. Cha 'n fhaileis bhrèige a chi thu, ma 's
 gu 'n tuit thu an neul spioraid gu grad air
 ribh, is gu 'n till thu rithist gu luath gu gnà
 oineis do chridhe fhein. Oir a' ghòraich so
 thu fulang gha d' antoil, is cha 'n ann gad
 oin, fhad agus oil leat i, 'sa chathas tu na
 ghaidh, is buannachd i is cha ehall.

. Biodh brath agad gu bheil an t-sheann nath-
 a dol gu dùbhlàn fiach a' fuaraich i do ghaol
 math, 'sa leig thu dhiot gach gnìomh cràbh-
 a, mar tha onair thoirt do nan naomh, meadh-
 nadh naomh air mo phàise, air do pheacannan
 in, (rud ro-fheumail) freiceadanachd air do
 idhe fhein, maille ri ionnsuidh làidir dol air
 dhart ann an dea-bheusan. 'S ioma' droch
 toineachadh a thogas e ann ad chridhe, gu
 apar-inntinn is fuathas a chur ort, fiach an
 ruing e thu o urnaigh is o leughadh beannaich-
 Is beag air faoisid iriosal, is na 'm fhaodadh
 humadh e thu o ghlacail corp an Tighearna.
 creid e, is na gabh suim dbeth, ged thilgeadh
 apan tuislidh gu tric ad rathad. Smàd e,
 air a thogas e nichean grànda salach ad inntinn.
 air ris; as m' fhianais, a spioraid shalaich,

biodh nàir' ort, a mhic mìrath; is ro-thruaillid thusa, a tha cur rudan cho mosach am chluas. Gabh romhad fhìor mhealtair, cuid cha b' agad unnamsa: ach maille rium bithidh Ios mar thrèin fhear-cogaidh, agus seasaidh tu gointe fo fhiamh. 'S annsa leam am bàs, 'sa bhith ceusda le gach dòruinn, na gèilleadh dhutsa. 'S sàmhach, bi tosd; cha 'n èisd mi riut nas fhaid ged rachadh tu gu ùbraid a cur gach dosgaidh a rathad. Se an Tighearna mo sholus, agus mo shlàinte, co chuireas eagal orm. Ged sheasac càmpan am aghaidh, cha d' thig tais air n chridhe. Se an Tighearna m' fhear-comhnaid agus mo Shlàinair.

7. Gleac mar dheà-shaighdear, is ma thuite tu le laigse air uairibh, beothaich do mhisneach nas mua, 'g earbsa ri gràsan nas treasa: is bi a do ro-fhaicill nach sèidear suas thu le toileachas faoin no àrdan. So an t-olc a tha cur mòran a seachran, is gan dalladh cho fad air uairibh, gur gann tha rathad air a leigheas. Biodh sgrì nan uaibhreach, a ghabh gu faoin d'ànadas or fhein, na leasan tiarnaibh dhusa, agus umhlach

VII. CAIB.

Air ceiltinn nan gràs fo sgàil na h-umhlachd.

1. A MHIC, bithidh tu nas fhearr dheth, is n tiarainte, ma cheileas tu gràsan do chràbhaidh gun bhith gabhail uail asda, gun bhith labhadh gu tric mu'n dèidhinn, no saolsinn mòran dhi ach an àite sin thoir tuille gràin dhut fhein, is fo eagal mar dhuine nach b' fbiach am faighir. Cha 'n 'eil mòran suim ri ghabhail do'n ghluas

n, a fhaodar fhaireachdainn gu luath a' caochdh. Ri linn thu bhith ann an staid nan gràs, raoinich cho bochd is cho truagh 's is àbhaist ut a bhith as an aonais. Agus nuair a bhios ileachadh nan gràs agad, cha 'n 'eil thu dol r' t' adhart an caithe-beatha naomh cho math; nuair a bhios tu gu iriosal, toilichte, faighidach a' cur suas as eugais a' ghean so: ma sech fàs thu leisg mu dhleasnas na h-urnaigh, is ch lasaich thu a' cur air adhart na ghnìomhan e a bhuineas dha d' staid. Gu deònach dian r-uile rud cho math 'sa urra dhut, 'sa 's aithne ut: is na tugadh tiormachd cridhe, no càmpartinn ort thu fhein a dhiochuimhneachadh gu ileach.

2. Tha mòran ann a dh' fhàsas mi-fhaighneach is leisg, cho luath 'sa thèid gnothaichean n aghaidh. Oir cha 'n 'eil slighe duine onnan na lamhan fhein; Ach 'sann do Dhia uineas a bhith a' toirt seachad ghràsan agus tachd; agus sin nuair is àill leis, urad 'sa 's àill, is do 'n neach is àill leis, air rèir a thoil, 'sa ean math a mhàin. Tha cuid do fheadhainn i-fhaicleach a chuir as dhaibh fhein le gràsan bhaidh, oir bha iad an geall air tuilleadh a anamh na bha na 'n comas, gun sealltainn air laigse fhein, a' leanail buadhaidh an cridhe nas a na solus reusoin. Agus o 'n bha dhànadas iarraidh nas àirde, na bu taitneach le Dia, ill iad gu luath an gràsan. Dh' fhàs iad hd, dh' fhàgadh truagh iadsan a rinn nead ibh fhein ann a' flathanas; gus gu 'n nsuicheadh iad le neart umhlachd is bochd'ainn, 'n dol san athar cho àrd air an iteig fhein,

ach earbsa a dion fo 'm sgèithse. An fheadhainn a tha fhathast amh is aineolach air slighe a 'Tighearna, mar 'eil iad fo stiùradh dhaoir fiosrach, faodar am mealladh gu furasda, 'sa dochan.

3. Ma se am beachd fhein is fhearr leo a leanai na daoine 'eil' aig a bheil soilleireachd a chreidsinn, tha chùis cunnartach air a' cheann thall ma ses nach àill leo am beachd fhein a leigeadh dhiù. An fheadhainn a tha glic na 'm baraid fhein, is ainneamh a lùbas iad sìos gu h-irios do rian feadhach eile. 'S fhearr beagan eòlaiche umhlachd, is beagan lèirsinn, na turlach meafaghlaim le faoin uail. 'S fhearr dhut beagan sgoil a bhith agad, na mòran a dh' fhaodas a bhith na aobhar pròis' dhut. Cha 'n 'eil dol-amach an fhir sin glic nas leòr, a bheir e fhein seach buileach do thoil-inntinn, a' diochuimhneachadh a chiad bhoichdinn, agus fiamh diadhaidh a 'Tighearna, a tha cur cùram air duine gu 'n càine na gràsan a th' aige. Cha mhà tha glioc an duine sin diadhaidh nas leòr, a thuiteas linn chroisean no anacothruim gu eu-dochas, nach 'eil a' smaoineachadh 's ag amharc orm le urad earbsa is bu chòir dha.

4. An neach leis an àill a bhith mua 's tì ainte an àm sìth, is tric leis a bhith tais ag gealtach ri linn cogaidh. Nam b' aithne dhut bhith an comhnuidh iriosal agus beag ad shùile fhein agus do spioraid fhein a shuidheachadh ' rian ceart, cha tuiteadh tu cho ealamh, ann a cunnartaibh 'sam peacadh. Is dea-chombairle, meadhraiche' tu ri linn teas cràbhaidh, ciam a bhios do chor nuair fhuaraicheas e. Agus nu

thachras dha fuarachadh, thoir fonear gum od an solus tilleadh fhathast, a tha mi toirt r' folbh car tamuill gu leasan dhutsa is glòir romh fhein.

5. Is tric le dhearbhaichean mar so teachd gu urrachd stà dhut, na gnothaichean a dh' èirigh at an comhnuidh mar bu mhath leat. Oir ia 'n e am fear aig a' bheil mòran thaisbeanan, o shòighneasan, no dh' eòlas air sgrìobtur, no ia an inbh' àird, a tha ri mholadh; ach esan a tha fìor iriosal na chridhe, is làn do 'n charranachd dhiadhaidh; esan a tha sireadh gu Dia ionnan gu treibhdhireach ceart; esan a tha alltuinn air fhein mar neoni, agus a' toirt fìor ràin dha fhein, agus a tha an geall air tàir is r' masladh o 'n atharrach nas mua na onair aotuinn uaith' is mias.

VIII. CAIB.

Air sealltainn sìos oirnn fhein a' fianuis Dè.

LABHRAIDH mi ri mo Thighearna Dia, ged is r' is luath mi. Oir ma chuireas mi tuilleadh mo leth fhein, feuch seasaidh tusa am aghaidh: us togaidh mo pheacannan fianais làidir am haidh, nach urrainn mi aicheadh. Ach ma 'islichidh mi mi fhein, is ma dh' umhlaicheas mi neoni, a' cur gach fhein-spèis air chùl, 'sa bhail ris, mar is fìor, gur dus a th' unnam, thidh do ghràsan càirdeil rium, agus do sholus ann air mo chridhe; agus a h-uile pròis, air a ghad bàthar agus dìthidh ann an aibheis mo oneachd gu bràch. 'Sann an sin a fhiachas mi fhein dhomh; co mi, co bh' unnam, is cud

gus an d' thàine mi : oir is neoni mi, is cha rob fhios agam air. Ma dh' fhàgar dhomh fhein m feuch is neoni mi, agus laigse gu h-iomlan : ac cho luath 'sa bheir thu sùil orm, grad dùisgid unnam neart, is lionar as ùr mi le sòlas. Agu 'smòr an t-aobhar iognaidh, gum bithinn air m bheothachadh cho ealamh, is gum biodh tusa ch bàigheil rium, a tha an comhnuidh ag iarraidh sios le m' cudthrom fhein.

2. 'Sann o d' gràdh a tha so a' tighinn, a th freasdal orm gu bàigheil, is gam chobhair ch tric an tèinn; gam ghleidheadh cuideachd chunnartan gàbhaidh, is gam dhion, (mar dh' fhaodas mi radh le fìrinn) o uilc gun ài eamh. Gu fìor, 'si spèis thuathal a thug r dhomh fhein a chàill mi; agus se t' iarraidh t-aonar, is gaol mo chridhe thoirt dhut, ghleidh dhomh thusa agus mi fhein maraon 'sann le impidh do gràidh cuideachd a dh' um laich mi mi fhein cho mòr. Oir tha thusa, fhior rùn mo chridhe! a' fiachuinn bàigh riur fos cionn a h-uile toillteanais, is fos cionn dà adais m' earbsa agus m' achanaich.

3. Gum bu naomh a bhios t' ainm, o mo Dhì oir ged nach airidh mi air math air bhith, t thusa le fialachd is mòr thròcair a' taomadh g stad do mhathais air na neo-thoillteanaich fheir is air do `naimbdean. Tionndaidh riut fhe sinn, ann a' rathad is gum bi sinn tàingeil, iri sal, cràbhach, oir tu ar slàinte, ar treoir, ag ar neart.

IX. CAIB.

um bheil gach ni ri sheòladh gu Dia mar ar crìoch dheireannach.

Is mise, a mhic, bu chòir a bhith am àrd-
rìch dheireannaich dhut, ma tha mhiann ort a
bith sona ga rìreamh. Leis a' bheachd so bith-
h do chridhe air a ghlanadh, a tha dol tuathal
a tric le bhith a' tionndadh uige fhein is chreut-
rean. Oir ma shireas tu thu fhein ann an rud
r bith, seargaidh tu as gu luath agus crionaidh
. Air an aobhar sin stiùr gach ni am ionnsuidhse
an a' seòl sònraichte, oir is mi a thug gach ni
achad. Seall ormsa mar àrd fhuaran o bheil
h-uile mathas a' struthadh, agus ime sin tha
ch ni ri tilleadh ugam a rithist mar gu b' ann
a màthair-uisge fhein.

2. Uamsa tha am beag 'sa mòr, am bochd 'sam
irteach ag òl, mar gu 'm b' ann a fìor thobar
sge na beatha. Iadsa ni seirbheis dhomsa gu
ònach agus gu h-inntinneach gheobh uam gràn-
n a nasgaidh. Ach an neach a ni uail an
obh-mach dhomhsa, no ghabhas toileachadh a
aidh air bith a th' aige, cha bhi thoil-inntinn
an, is cha 'n fosgail a chridhe; ach bithidh e
a theanntachadh is air fhàsgadh air ioma
igh. Air an aobhar sin cha chòir dhut, math
bith a chur as do leth fhein, no cliù subhaile
hoirt do dhuine; ach a h-uile ni thoir do Dhia,
as eugais cha 'n 'eil ni aig duine. Is mis' a
ug gach ni seachad, thusa tha mi an geall air
aotuinn gu h-iomlan, agus gnìomhan tàingeal-
hd tha mi 'g agairt gu cruaidh ort.

3. So an fhìrinn a tha cur glòir fhaoin air chùl. Ma thig gràsan Dè 'san fhìor charrann achd a stigh do 'n anam, cha bhi bheag do dh'fharmad ann ri fhaotuinn, no cuing cridhe, na fein-spèis. Oir tha charrannachd dhiadhaidh toirt buaidh air gach ni, 'sa sgaoileadh gach buaidh mhath san anam. Ma 's fìor dhuine gl' thu, 'sann asansa 'm aon a bhios t' uail, 'san unnamsa 'm aon a bhios do dhòchas; oir neach cha 'n 'eil math ach Dia na aonar, a tha a' mholadh fos cionn gach ni is ri bheannachadh anns gach ni.

X. CAIB.

Do neach a ni diù do 'n t-saoghal is taitneach seir bheis Dè.

1. AN nis labhraidh mi ri mo Thighearna, is cha bhi mi sàmhach; their mi ann ad èisdeach mo Dhia, mo Thighearna, agus mo Rìgh, a tha air neomh. O Thighearna, nach pàilt do shòla a tha gu diomhair agad an tasgaidh a' feitheam air an feadhainn anns a bheil t' fhiamh! A' gu de thu dha d' luchd-gaoil, gu de do 'n feadhainn a ni seirbheis dhut le 'n uile chridhe? Gu fìor, is aoibhneas nach fhaodar innse, a bhith ann an ort, is toil-inntinn mhòr e dha d' luchd-gràidh. Gu ro-shònraichte dh' fhiach thu dh'onn sa chàs so miad do bhàigh, an trà nach robh e idir ann, chruthaich thu mi; an trà chaidh mi a' cèin uat air seachran, thill thu mi air ais gu sheirbheis; is dh' aithn thu orm gu 'n d' thug mi gaol dhut.

2. Fhuarain a' ghràidh shiorruidh, ciod

eiream riut? Ciamar a dh' fhaodas mi diuimhn' a dhianamh ort, thusa a dheònaich ìmhneachadh ormsa; seadh dèis domh breoth-lh is bàsachadh sa pheacadh? Dh' fhiach thu òcair dha d' sheirbheiseach fos cionn gach dùil, agus fos cionn gach toillteanais, thug thu gràsan ìomh le bàigh. An èirig nan gràs so ciod a neir mi dhut? Oir cha 'n e a h-uile h-aon a neobh gairm uat cùl a chur ris an t-saoghal gach ni, agus caithe-beatha manaich a ghlacail. m mòr leam thusa sheirbheiseachadh, is gu neil do sheirbheis air gach creutair mar fhiach-bh? Gum bu mhòr leam thusa sheirbheis-chadh, cha bu chòir dhomh a smaoineachadh. ch so an rud a tha ri shaoilsinn mòr agus ion-dach, gu 'n deònaicheadh tu creutair cho bochd cho mi-thoillteannach a ghabhail mar sheirbheiseach, 'sa chur an comunn sheirbheisich do àidh.

3. Feuch gach ni th' agam se do chuid, agus chiud gu t' sheirbheis. Ach air an laimh le, is mua do sheirbheis dhomh, na mo sheirbheis dhut. Feuch neomh agus talamh, a ruthaich thu gu feum mhic-an-duine, a' freasdal ort, 'sa gèilleadh a h-uile là dha d' riaghailt. ch 'sbeag so dhe d' mhathas, do na h-ainglibh fein thug thu òrdugh freasdal air mac-an-duine. ch a dol fos cionn gach ni tha so, gu 'n tiùrcheadh tu fhein mac-an-duine a riarachadh, is a 'n gealladh tu thu fhein dha mar dhuais.

4. De bheir mi dhut airson do mhathais sna ìltibh càs? O nach mi dh' fhaodadh do sheirbheiseachadh gach aon latha dhe m' bheatha! nach biodh e am chomas aon latha fhein a

bhuileachadh gu ceart ann ad sheirbheis! ceart gur airidh thusa air a h-uile seirbheis, agus onair, agus cliù gu sìorruidh. Gu fìor, is tu ri Thighearna, agus 'smise do sheirbeiseach bochd air a bheil mar fhiachaibh cur ri d' sheirbheis m' uile neart; agus do mholadh gun sgìs gu lasachadh. 'Samhuil mo thoil, 'samhuil mo dhùrachd; is na bhios uam deònaich thusa dhianamh suas.

5. Is mòr an onair, is mòr an cliù dhomh thusa sheirbheiseachadh, agus sealltainn sìos a gach nì air do shon. Is mòr na gràsan a th' air an fheadhainn a lùbas iad fhein gu deònach sìos gu d' gnìomh ro-naomh. Iadsan a leigeas dhìogach toileachadh saoghalta airson do ghaoilsgheobh aoibhneas blasda a' Spioraid Naoimh.— Iadsan cuideachd, a ghabhas a stigh air an t-slighe chumhainn ann ad ainmse, agus a thilgeas dhìogach cùram saoghalta, gleidhidh mòr shaorsainntinn.

6. O cho taitneach is cho aoibhinn 'sa tha thusa, a sheirbheis Dè, tha dianamh duine ghrèamh saor agus naomh! O cho naomh 'sa tha staid an duine chràbhaich, a tha togadheach cho àrd ris na h-ainglibh, ga dhianamh taitneach do Dhia, na chulaidh eagail do dheomhain, is molaidh do chreidmheach air fad! O sheirbheis ghlòrmhor! Ri ghlacail an comharraidh is ri 'm miann, a tha cosnadh dhuinn àrsonas, agus sòlas air nach d' thig crìoch.

XI. CAIB.

Tha bheil iarraidh ar cridhe ri rannsachadh is ri rian.

A MHC, cha 'n fhuilear dhut fhathast iomaid ionnsuchadh, nach d' fhaghlum thu ceart.

2. De na rudan sin, a Thighearna?

3. Tha togradh do chridhe a làn-sthriochdadh ri m' thoil naoimhse: agus gun bhith toirt leis dhut fhein, ach a' gèilleadh dha m' thoilse a dùrachdach, Is tric tha togradh do chridhe sahad suas unnad, is gad chur gu luasgan mòr: ach seall an ann gu m' chliùsa tha an gluasad, no 'n ann gu d' bhuannachd fhein. Ma 's an air mo shonsa tha e, bithidh tu làn thoilichte do char 'sa bith a dh' òrduicheas mise thoirt do chùis, ach ma tha togradh 'sa bith falachaidh gad fhein sa gnothach, se so a tha togail dhut mlig is furban.

4. Thoir an aire mata, nach cuir thu mòran urbsa a buathadh t' inntinn, gus an cuir thu do nomhairle riumsa: eagal gu 'n gabh thu aithneachas dèigh-laimhe, no gu mi-thaitinn an gnothach riut air an robh thu cho tìtheach a toiseach. Oir cha 'n 'eil a h-uile gluasad, a shaoilear ceart an toiseach ri chur gu math an gnìomh, ged do dh' èireadh dha bhith ceart agus math, cha mhua tha chaochla' sin dhùilt; ach tha rian feumail sa h-uile cùis, eagal seachrain-inntinn, le bhith mua 's dian, no gainneal thoirt do dh' fheadhainne eile le d' bhraise, no buaireadh dhut fhein leis am faod thu dol mathal is do gnothach a chall, le daoine a bhith cothachadh ad aghaidh.

5. Air uairibh cuideachd tha strì cruaidh ri anach, agus cath làidir an aghaidh t' ana-miannan, gun umhail do thogradh na feòla, co-dhiù tha i leat no t' aghaidh: a toirt deagh-aire cumail fo smachd a' spioraid ge b' oil leatha.— Agus tha e iomchaidh a claidh agus a cìosnachadh gus a' strìochd i do 'n h-uile ni, sam bi i toilichte le beagan, agus dèidheil air rudan cuibheasach, is gun bhith gearain air ana-gaireas.

XII. CAIB.

Gum bheil faighidin ri ionnsuchadh, agus gleac ri 'r n-ana-miannan.

1. A THIGHEARNA Dia, tha mi a' faicinn gu rud ro-fheumail dhomh an fhaighidin; oir ioma ni a tha gleac am aghaidh anns a' bheatha so. Oir a dh' aon fhois ge 'm bi agam chachum sin mo bheatha o chath is o dhòruinn.

2. Tha chùis mar sin, a mhic, ach an fhois sin, a tha saor o hbuairadh, is nach fairic croisean, cha 'n àill leam thu shireadh. Ach saoil agad fhein gu 'n d' fhuair thu sìth, an a bhios tu gleac ri ioma buairadh, is fo dhiach ainn chroisean lionar. Ma their thu, nach urrainn thu mòran fhulang. Ciamar, mata, chuireas tu suas ri teine a' phurgadair? Dhè dhà olc, se an t-olc is lagha daonnan is raghuinniche. Ime sin, los is gu faod thu dòruinn an t-saoghail thall a sheachnadh, cuir suas gu deònach ris na h-uile a tha bhos airson Dè. Bheil thu an dùil gu bheil muinntir an t-saoghail so gun dad a phian, no air bheag fulangais

ha 'n fhaigh thu mar sin iad, ged do gabhadh beachd air staid nan daoine a 's socraiche.

3. Ach their thu, gu bheil mòran toil-inntinn aca, is gu bheil iad a' ruith air an toil fhein, is mar sin nach 'eil iad a cur uidhreachd air an ioblaidean.

4. Fàgar a' chùis mar sin fein, gu bheil gach aca gu 'n àilleas: ach càd a'mhaireas an sògh-eas? Feuch mar an deathach meathaidh as daoine sòghail an t-saoghail, 's air an aighir saoghail cha bhi tuille' cuimhne. Ach rè am atha, cha 'n ann gun seirbhe, gun chàmpar, gun chùram tha iad am miadhoin sòlais. Oir a ceart rud a thug toil-inntinn dhaibh, 'stric a tha ionndadh a mach dhaibh na aobhar pèine. Tha a cuideachd iomchaidh; oir iadsan a dh' iarr 'sa eal toileachadh brèige, is ceart gum biodh iad fo hasladh is fo phèin ga leanail. O cho gearr, o meallta, cho mishealbhach, cho truailidh is a macnus saoghail! Dèigh sin, le raoit is le mille cha 'n 'eil iad a' tuigsinn; ach mar ainmhean, tha iad a toirt a' bhàis dha 'n anam air- n toileachadh beag dha 'n coluinn thruailidh, ach thusa, a mhic, na lean t' ana-miannan. Agus leig dhiot do thoil fhein. Gabh toil-inntinn anns an Tighearna, is bheir e dhut iarratus chridhe.

5. Oir ma 's àill leat fìor aoibhneas, is pailteas ais uamsa. Feuch, 'sann le gràin a thoirt do ch nì saoghailta, is le d' spannadh o gach toileach- dh talmhaidh, a ruigeas tu air a' bheannachadh 'sa gheobh thu aighear shònraichte. Is mar mua thairngeas tu thu fhein o 'n h-uile toil- chadh o chreutairean, 'sann is blasda 'sa brìgh-

eile bhios dó shòlas. Ach anns a' chiad dol amach, cha 'n ann gun bheagan anshocair saoth air is strìth a ruigear air so. Is cuimrig or ana-cleachdadh, ach bheir dea-chleachdadh air buaidh. Gearainidh an fheoil, ach cuirid cràbhadh dian spioraid smachd orra. Bithid an t-seann nathair a cogadh 'sa strì riut, ac cuiridh urnaigh an teicheadh oirre; ni obair fheumail cuideachd dorus nach beag a' dhùnadh oirre.

XIII. CAIB.

*Air umhlachd iriosail iochdarain air rèir sàmhla Ios
Criosta.*

1. A MHIC, an neach a dh' iarras e fhein a thar ruing o umhlachd, tha e ga tharruing fhein ghràsan; 'sa neach a shireas a chòir fhein, tha e a' call na còrach cumanta. An neach nach striochd gu toileach agus gu deònach do dh' uachdaran, is comharradh e nach 'eil an fheoil aig fhathast tur fo smachd; ach gu bheil i tric a' èirigh 'sa casadh na aghaidh. Air an aobhar sì ionnsuich striochdadh gu deas do dh' uachdarain ma 's àill leat smachd a chur air t' fheoil fhein. Bheirear buaidh air namhaid na leth-amach na luaithe, an trà a' bhios fear an taoibh-stigh a' rian ceart. Oir namhaid nas trioblaidiche 's na miosa cha 'n 'eil aig an anam, na 'n fheoil nua a' bhios i asumhail do 'n spiorad. Gu beachd thigeadh dhut fìor fhuath thoirt dhut fhein, na 's math leat buaidh a thoirt air fuil agus feoil. Se miad do spèis fhathast dhut fhein, a th

ir sgàth ort gèilleadh do dh' fheadhainn eile gu ealamh.

2. Ach am mòr leatsa, gun unnad ach ùir is eoni, lùbadh do dhuine airson Dè, nuair a bhèill mise, an t-uile-chumbhachdach, an t-àrd ligh, cruthadair gach ni a neoni, gu h-iriosal do dhuine air do shonsa. Dhaom mi sìos fo ach duine, gus t' uabharsa leigheas le m' umhlachd. O ùir, ionnsuich gèilleadh, o thalaimh a chrè faghlum umhlachd, is lùbadh fo chasaibh ach duine! Ionnsuich do thoil fein a bristeadh s gèilleadh sa h-uile ni.

3. Biodh do chorruih riut fhein, 'sa bheag do dh' at phròis' na biodh unnad: ach bi cho iriosal unnad fhein is cho beag, is gum bi thu mar athad rèidh fo chasaibh gach duine, is mar eabar a stràide fo 'm bonn. De fà do ghearain, a huine fhaoin? Ciod, a pheacaidh thruaillidh, a h' fhaodas tu chantuinn an aghaidh na feadhnach bbeir tàir dhut, thusa a thug tàir cho tric do Dhia, 'sa thoill cho bichionta iutharna? Ach cha mo shùilse blà' riut, a chionn gu robh t' nam prìseil ann am fhianais; gus gu 'n tuigeadh tu mo gràdh dhut, is gum biodh tu tàingeil gu bràch airson mo thiodhlaicean, is gu 'n d' thugadh tu thu fein thairis gach là do lagh na fìor risleachd 'sna h-umhlachd, is gach masladh gu n giùlaine' tu le faighidinn.

XIV. CAIB.

Smaointean air breitheanas diomhair Dè eagal pròis a ghabhail a deagh-oibrichean.

THA do bhreitheanas, a Thighearna, a' beucaich

fos mo chionn mar thairneanach, is tha thu cur gluasad is crith air mo chnamhan uile, is th' m' anam fo fhuathas mòr. Fo gheilt tha smaoin eachadh, nach 'eil flathanas fein gun smad làthair. Anns na h-ainglibh fhein gheol thu fabhd, fathamas cha tug thu dhaibh; ciod dh' èireas dhomhsa? Na reultan thuit o neom Agus mise, gun unnam ach ùir, co as a ni n uail? An fheadhainn a chomharraicheadh cò na gnìomh, thuit iad gu truagh sìos, 'san fheadhainn a dh'ich dh'aran nan aingeal, bha annas air gusgul nam muc.

2. Mar sin, a Thighearna, cha 'n 'eil naomhachd ann, ma dhìbreas do lamhsa i. Cha 'n 'eil feum an gliocas, mur dian thusa cùl taic dha. Cha 'n 'eil dìon ann a' neart, ma sguireas tu ga chomh nadh. Cha 'n 'eil seasamh aig geinmneachd mur 'eil i fo d' dhèan. Cha 'n urrainn sin an aire thoirt oirnn fhein, mur 'eil do bhua chailleachd naomhsa fos air cionn. Oir m thrèigear sinn, thèid sinn fodha, is bàthar sinn ma thèid freasdal oirnn, bithidh sinn aighearac agus beathail. Oir is creutaire mi-stèidheil sinn, ach ni thusa taic ruinn, fàsaidh sinn fuar ach ni thusa blàth sinn.

3. O nach iriosal suarach bu choir dhomh sealltuinn orm fhein! Is ma shaoilear math 's bith unnam a' bheag a bhòsd cha 'n 'eil ri chu as! O nach domhain, a Thighearna, bu chòir dhomh sioladh sìos fo fhuathas diomhair do bhreitheanais; far nach faigh mi a' bheag dhion fein, ach neoni na neoneachd. O chuait ghàbhaidh! O mhuir gun iomall! far nach 'eil ni dhìom ri fhaotuinn ach am fìor neoni! Càit

an nis am falaichear uail? Càit' a' bheil aig anadas spionnadh? Bhàthadh a h-uile faoin uail ann an aibheis do bhreitheanais orm?

4. Ciod i a h-uile feoil ann ad fhianais? An an criadh uail an aghaidh an fhir a tha ga cu-a'? Ciamar a ghabhas esan pròis a cainnt maoin, aig' a bheil a chridhe làn-sthrichte do hia? An saoghal uile cha tog gu h-àrdan am ar sin a tha fo smachd aig an fhìrinn, is le modh a h-uile beoil cha ghluaisear esan a tha cur ochais làidir ann an Dia. Oir iadsan uil' a tha bhairt, feuch is neoni, a thrèigeas cho luath ri aim an an cainnte, ach fìrinn an Tighearna airidh gu siorruidh.

XV. CAIB.

Ciod tha freagrach a dhianamh 'sa radh anns gach ni.

Urnaigh gu toil Dè dhianamh.

A MHIC, so mar their thu anns a h-uile ni: Thighearna, ma 's 'si do thoil, biodh so diante e an dòigh so. A Thighearna, ma tha e gu chliù, biodh so diante ann ad ainm. A Thigh-rna, ma tha thu faicinn so iomchaidh, agus ga hias feumail dhomh, thugas domh a tharruing d' glòirse. Ach ma tha thu a' faicinn gu 'n thig e gu dolaidh dhomh, agus nach ann gu us m' anma tha e, thoir uam an togradh so.— Air cha 'n ann o 'n Spiorad Naomh a tha h-uile uasad a' tighinn, ged shaoilte ceart agus math le daoine. Is duilich ceart bhreth a thoirt, co m' u se Spiorad math no olc a tha gad stuigeadh

gu sud no só iarraidh, no 'n e do spiorad fheach a tha gad ghluasad. 'S ioma' h-aon a fhuair iadh fhein air am mealladh an deire' na cùise, shacsa. iad fhein an toiseach fo stiùradh spiorad cheir 4.

2. Air an aobhar sin tha h-uile gluasad, lam taitneach, a dh' èireas ad inntinn, ri rannsac air do adh le eagal Dè is umhlachd cridhe, mu toir thu cas thoil agus t' aonta dha gu chur an gnìomh; ag ombh, ann an seòl sònraichte bu chòir dhut thu fheiridh is do gnothach a leigeadh gu tur am mhèinnearidh a' cantuinn, a Thighearna, tha fios agad air an-sh bheirt a 's fhearr; biodh e mar sid, no mar shàin air rèir is mar is àill léatsa. Thugas domh mi is àill leat, urad 'sa àill leat, agus anns àm mi is àill leat. Dian rium mar is àill leat, mar Gu taitniche leat, is mar is mua gu d' ghloir. Ru mi far a math leat, is dian do thoil rium an Ru gach ni. Tha mi ann ad lainh, tionndaidh Ru caraich mi mu'n cuairt mar is math leat. Feuc sma 'smi do sheirbheiseach, deas gus gach ni; cha da 'n ann dhomh fhein is math leam a bhith beo, a. G dhutsa. O gum b' ann dligheach foirfidh bhilamb mo ghiùlan! was a

Urnaigh gu toil Dè dhianamh.

3. Tiùrach dhomh, O Ios' is mua bàigh! an-tho ghràsan, gus gu 'm biodh iad maille rium, an an co-oibreachadh leam, agus am lòrg gu 'm chrìochachair Thugas domh gum bì mi an combnuidh a' siread, m 'sa 'g iarraidh an rud is taitniche leatsa, agus an pail a mua do dhèidh. Biom a dh' aon toil riutsathane agus leanadh mo thoilse daonnan do thoilse, chan s còrdadh i rithe, gu h-icmnan. Aontaicheadh ruidh, thoilse dha d' thoilse anns gach ni 's àill leat, uruasg!

ach àill : is na biodh e am chomas dad a shir-
dh no dhiùlt, ach mar a dh' iarras 'sa dhiùltas
sa.

4. Thugas domh bàsachadh do 'n h-uile ni air
lamh, agus a bhith tìtheach air tàir fhulang
r do shonsa, agus a bhith gun fhaighneachd
ans a' bheathsa. Fos cionn gach ni thugas
omb, fois a' ghabhail unnadsa, agus sìth dha 'm
ridhe fhaotuinn unnad. Is tusa fìor shìth a'
ridhe, agus aon fhois : gun thu gach ni tha
u-shocrach is neo-stèidheil. Anns an t-sìth so
hàin, se sin unnadsa, àird shonais shiorruidh,
mi fois is gabhaidh mi tàmh. *Amen.*

XVI. CAIB.

Gu bheil fìor shòlas ri shireadh ann an Dia.

RUD 'sa bith a 's urruinn dhomb shireadh,
smaoineachadh gu ruighinn air toil-inntinn,
a 'n 'eil e ri fhaotuinn an so an nis, ach dèigh
Ged do gheobhuinn a h-uile sòlas a tha air
lamh, is ge do b' urruinn dhomb a h-uile sòigh-
eas a' mhealtuinn, is gnothach cinnteach nach
aodadh sin mairsinn fada. Air an aobhar sin,
a 'n 'eil dòigh agad, m' anam, air a bhith
n-thoilichte, no ruighinn air fìor shòlas, ach
an an Dia, co-fhurtair nam bochd, is fear-fàil-
achaidh nan iriosal. Biodh beagan faighidin
ad, m' anam, feith ri gealladh Dè agus bithidh
n pailteas mòr agad do 'n h-uile sonas ann a'
athanas. Ma chuireas tu mòran ùigh anns na
dan sin a tha làthair, caillidh tu sonas sior-
uidh. Biodh nichean talmhaidh agad mar iom-
uasgladh feumail, ach cuir t' ùigh ann an rudan

siorruidh. Cha 'n urruinn ni math sa bith ta
mhaidh do chridhe lionadh, oir cha 'n ann gu
gu meal thu iad, a chaidh do chruthachadh.

2. Ged bhiodh a h-uile rud math a chruth
aicheadh agad, cha b' urruinn thu bhith son
agus làn-aoibhinn: ach 'sann an Dia, crutha
air gach ni, a tha do shonas agus do shàr-aoibh
neas. Cha 'n e a' sonas a thuiteas fo 'n t-sù
'sa tha miasail aig amadain a tha beadrach n
'n t-saoghalsa; ach an toil-inntinn ris a bhe
sùil aig dea-chreidmheich Chrìostá, is air a' bhe
roimh-bhlasad air uairibh aig daoine spiorada
'sa chridh ghlain, aig a' bheil an comhra' ann
flathanas. Is faoin agus gearr toileachadh saog
alta. An sòlas naomh agus ceart 'sann o
fhìrinn air an taobh-stigh tha e tighinn. Th
duine cràbhach a' giùlan a' cho-fhurtair Ios' a
a shiubhal anns a h-uile h-àit' an tèid e, 'sa ca
tann ris, foir orm, a Thighearna Iosa, anns ga
ionad agus àm. An so biodh m' aighear is r
uail, a bhith ro-dheònach air gach toileachad
talmhaidh a bhith dhìth orm. Is ma bhios
fhurtachd uam, biodh do thoilse, is do dhiachair
orm nan aobhar aighir dhomh. Oir cha b
do chorraich an comhnuidh an lasadh, no c
mbaoidheach am mairsinn gu siorruidh.

CAIB. XVII.

Gu bheil a h-uile cùram ri thilgeadh air Dia.

1. A MHC, leig dhomh mo thoil fhein a dhia
amh riut; tha fios agam ciod tha freagrach dhu
Tha do smaointeansa mar dhuine ann an ion

tha thu toirt breth air rèir faireachduinn do
ridhe.

2. A Thighearna, is fìor an rud a tha thu can-
inn. Is mua do chùram dhiom, na faicill air
th a's urruinn a bhith agam orm fhein. Tha
an ann an cunnart mòr nach 'eil a' tilgeadh a
ùram gu h-iomlan ortsa. A Thighearna, ma
s gum fan mo thoilse ceart agus stèidheil unn-
sa, dian rium mar is àill leat. Oir cha 'n fhaod
gun bhith math, rud sam bith is math leatsa
ianamh rium. Ma 's àill leat mi bhith ann an
orchadas, biodh t' ainm beannaichte, ma 'si do
oil mi bhith ann a' solus, biodh t' ainm bean-
ichte cuideachd, ma dheònaicheas tu dhomh
rtachd, biodh t' ainm beannaichte, ma si do
oil trioblaid a leigeadh orm, biodh t' ainm mar
ciadna daonnan beannaichte.

3. 'S amhuil sin, a mhic, a dh' fheumas tu
bith, ma 's math leat imeachd maille riumsa.
Bu chòir dhut a bhith cho tìtheach air fulang,
tha thu air sòlas. Bu chòir dhut a bhith cho
èidheil air a bhith uireasbhach bochd, 'sa tha thu
a bhith saobhir agus beirteach.

4. A Thighearna, fuilgidh mi gu deònach rud
a bith a' s àill leat a thighinn orm. Si mò
oil an t-òlc 'sa math, am bog 'san cruaidh,
bithnas is anshocair a ghabhail gu rèidh uat;
agus a bith tàingeil airson gach ni a thig am ra-
nad. Cum mi o 'n h-uile peacadh, is cha chuir
n bàs no iutharna eagal orm. Ma ses nach
lg thu a chaoidh uat mi, 'snach dubh thu mach
leabhar na beatha mi, cha dian ni air bith a
lig am charamh dolaidh orm.

XVIII. CAIB.

*Gu bheil truaighean na beathasa ri'n giùlan
faighidneach air rèir sàmhla Chriosta.*

1. A MHC, thàine mise nuas a fathanas gus shàbhaladh, ghabh mi t' eugailean orm fhein, o'n ann le èiginn ach le teas na carrannachd; agus gu'n cuireadh tu suas ri anshocair na beatha le gean. Oir o'n uair a rugadh mi gu làr bhàis air a' chrois, cha robh mi saor o dhòruir. Bu mhòr m' anagaireas air nichean corporra; tric a dh' èisd mi ri monmhor mu m' dhèidhidh ri masladh is ri tàir chuir mi suas gu ciuin; i neor-thàingealeachd mo phàidheadh airson rìthiodhlaicean, toibheum airson mo mhiarailteach agus achasain airson mo theagaisg.

2. A Thighearna, a chionn is gu robh do bheath làn faighidin, leis na dheach-choimhlionadh le òrdugh t' athar, is ceart gu'n giùlaineadh mi am peacach truagh, gach trioblaid gus thu thoileachadh, is gu'n cuirinn suas, fad'sa ce thu iomchaidh ri ullach na beatha truailidh agus gus m' anam a shàbhaladh. Oir ged is tro èire na beatha so, dèigh sin 'smòr a duais le com nadh do gbràs: agus le d' sàmhla fein is ceuman do naoimh tha i nas aotroma do lagaidh is nas dealbhaiche. Tha i cuideachd mòran nì ionmhuinn na bha i ri linn a' lagha o shean, nuas a bha dorsan fhathanasais dùinte; agus a bhàrr agus sin bu dualach san àm sin gum biodh an t-slig do fhathanas na bu duirche, nuair a bha cl beag an geall air a thoirt a mach. A thuilleadh a sin, cha'n fhaodadh na daoine matha fhein,

eir an òrduchadh gu beatha, dol a stigh do 'n ghachd shiorruidh, ro d' phàise agus do bhàis oimh.

3. O co lion tàing a tha mar fhiachaibh orm hoirt dhut, a chionn is gu na dheònaich thu omsa is do na creidmhidh uile rathad dìreach rt fhiachainn gu rioghachd shiorruidh? Oir do bheatha is slighe dhuinne, is 'sann le faigh-a naoimh tha sinn a' coiseachd gu d' ionnsuidh, gur tu crùn na beatha dhuinn. Mar rachadh a romhainn, is mar teagaisge' tu sinn, co dh' raidh do leanail? Mo thruaigh! Nach lionor a dh' fhanadh an cèin uat, is air an ais, mur dh dealradh do dhea-shàmla fo sùilean. Feuch, sinn fuar fhathast, a' dh' aindeoin na chuala a dhe d' theagasg mar-ri d' mhiarailtean lionar, l a dh' èireadh dhuinn mur biodh urad sholuis inn gus do leanail.

XIX. CAIB.

*cur suas ri tàrchuis, comhdach co e an duine
ha làn-fhaighidneach.*

Cìod tha thu cantuinn, a mhid, leig dhoit rain, thoir fonear mo phàise, agus fulangas nan mh air fad. Cha tàinig fuil ort fhathast san Is beag a dh' fhuilig thu lamh riusan a idh fo ioma dòruinn, fo bhuairidhean gàbh-a, fo anshocair dhiachuinnich, fo dhearbhean is càsan cruaidhe gu minig. Ime sin, eadh dhut cuimhneachadh air dòruinnean t feadhach eile, gus t' eallach aotrom fhein aiùlan nas faighidniche. Agus mar 'eile thu haòilsinn aotrom, fiach nach e cion faighidin

an t-aobhar. Ach co dhiù tha do thrioblaide beag no mòr thoir an aire gu 'n giùlain thu i gu fhaighidneach.

2. Mar is mua a ni thu thu fhein deas fulang, 'sann is glic' a ni thu do gnothach, 's mua choisneas tu dhuais: bìdh t' àmhgl cuideachd nas aotrom' le bhith an dèidh air, ga chleachdadh. Na h-abair, cha 'n urruidhomh a leithid so a ghiùlan o leithid so dhuine, is cùisean mar sin cha 'n fhuilig mi: 'smòr an dolaidh a rinn e orm, is tha e g chàineadh airson rud air nach do smaoinich riamh: ach cuiridh mi suas ri fear eile gu faidneach, mar a chi mi freagrach. Is gòrach leithid so do smaointean, nach 'eil a' coimh air prìs subhaile na faighidin, no air an Tì a toirt duais dhi, ach a' sealltuinn le eisiomail daoine, agus air nàdar na tàire.

3. Cha 'n fhior dhuine faighidneach esan, n'eil deònach air fulang, ach nuair a chi e fhiomchaidh, agus o 'n fheadhainn a thoilichea fhein. Ach am fior dhuine faighidneach, cha sh e co a tha toirt beum dha, co dhiu se uachda a th' ann, a leth-bhreas fhein, no iochdaran, co dhiu is duine math naomh e, no droch dhu gun diù. Ach o chreutair 'sa bith o 'n d' crios air, air a truimead, 's air a tricead, gabha e o laimh Dè i gu tàingeil, agus 'smòr a mi e dhuais. Oir rud air bhith a dh fhuilgeas du airson De, air a laghad, cha tèid seachad duais Dè.

4. Air an aobhar sin, bi deas thun a' cha ma 's math leat buaidh a chosnadh. Gun chorraig cha 'n urrainn thu crùn na faighidin a th

nach. Mur àill leat fulang, tha thu diùlt a th air do chrùnadh. Ach ma's math leat a th air do chrùnadh gleachd gu fearail, fuilig faighidneach. Gun ànradh cha ruigear air, is gun chath cha choisnear buaidh.

A Thighearna, biodh e so-dhiente dhomh le chràsan, an ni tha mi saoil sinn do-dhiente dha nàdar. Tha thu fhein a' faicinn cho beag 'sa 'm chomas fhulang, is cho luath 'sa mheathas mhisneach, nuair thig rud neoneach am aghaidh. Ann ad ainmse biodh a h-uile diachainn n trioblaid dhomh taitneach agus ionmhuinn; a bhith fulang 'sam pèin air do shonsa is rud hallain dha m' anam.

XX. CAIB.

air aideach ar laigse, agus ànradh na beathasa.

Am aghaidh fein aidichidh mi mo chionta tsa, a Thighearna, innsidh mi mo laigse. Is an rud iomadh uair a leagas mo chridhe gu ad is gu mighean. Tha mi a' cur romham tean fearail a chur a' gnoimh, ach cho luath hig buaireadh beag, tha mi an tèinn chruaidh. eag a' rud air uairibh a thogas buaireadh mòr. Is an trà shaoileas mi mo dhòigh rud-eiginn uinte, tha mi gun fhaireachduinn dhomh air ibh air mo shèideadh thairis gu bheag le osaig in.

Seall mata, Thighearna, air mo laigse, agus a' bhreòiteachd a tha thu faicinn unnam air uile dòigh. Gabh truas dhìom, is tarruing n fhèithe mi, mu fan mi innte a' sàs, is mu bi odha an comhnuidh. So an rud a tha tric

a cur fuathais orm, is nàire ann ad fhianais, bheil mi cho deas gu tuiteam is cho lag gu cotachadh ri m'ana-miannan. Is mur 'eil mi tur gèilleadh dhaibh, an dèis sin tha an ionnsuidhe trioblaideach agus trom orm, agus 'smòr an a shocair a bhith h-uile latha mar so a' strì. Atha so a' fiachuinn dhomh mo laigse; oir tha sàmhlaichean sgrathail a' tighinn orm nas ealam na tha iad gam fhàgail.

3. O Dhè ro-chumhachdaich Isral, a chaoin charaid nan anam creidmbeach, b' fhearr sealla' tu air saothair agus air ànradh do sheirb eisich, agus gu 'n comhnadh tu e anns gach ris an cuir e lamh! Thoir dhomh neart spiorada eagal gum buadhaich an seann duine, an fhe choirbte so, nach 'eil fhathast làn-umhail do spiorad, agus ris a' feumar gléachd fhad 'sa bhig an anail unnainn anns a' bheatha bhochda. Och! ciod i a' bheatha so, far am bheil trioblaidean is truaighean gun aireamh, is far a' bhàiribe is namhaid sa h-uile h-àite. Oir cha luaith dh' fholbhas aon trioblaid no buaireadh, na thi h-aon eile na àite, agus mu 'n sguir a chiad chaitha naimhdean ùra 'g iadhadh orm gun fhdomh.

4. Agus ciamar a fhaodar spèis a thoirt do bheatha sin, anns a bheil searbhain cho pailt, tha cho làn do dhosgaidh, is do thruaighe? ciamar a dh' fhaodar beatha a radh rithe, a na màthair-aobhair do 'n bhàs is do plàigh lionor? Dèigh sin uile tha a spèis ga thoirt 'n bheatha, is tha mòran an geall air toileach a gabhail innte. Is tric a theirear gu bh an saoghal meallta agus faoin, dèis sin

fhurasta dealachadh ris, a thaobh gu bheil
-miannan na feòla ro chumhachdach ann.
a tha aon rud a' tarruing dhaoine gu spèis a
irt da; rud eile gu gràin a thoirt da. Gu
l a thoirt da, se ana-miannan na feòla,
-miannan nan sùl, is uabhar na bheatha tha
gan stuigeadh; ach gu fuath, is gràin a thoirt
si phian 'san dòruinn a tha gu ceart na lòrg
nàthair-aobhair.

. Ach mo thruaighe! Tha toil-inntinn pheac-
a toirt buaidh air an anam thalmhaidh, a tha
barail gu bheil sòighneas ri fhaotuinn a' miasg
isean: a chionn 'sgu bheil e gun eòlas gun
as air cho milis is tha Dia, cho blasda is tha
hailcean spioradail. Ach an fheadhainn aig
heil fuath ceart air an t-saoghal, agus a tha
eall air iad fein thoirt do Dhia fo rian naomh,
'n 'eil iad aineolach air sòlas Dè, a tha feith-
h orrasa, a thrèigean gach ni; tha iad
fhiosrach cuideachd air cho fad sa tha saoghal
ol mearachd, 'sa liuthad seachran a th' ann.

XXI. CAIB.

*r ann an Dia tha socair ri shireadh fos cionn
i gibht is tiodhlac.*

Fos cionn gach ni 's anns gach ni, biodh t' fhois,
Nanam, an combnuidh anns an Tighearna
ur e fois shiorruidh nan naomh. 'Thugas
h, O Ios', is misle luaidh 's a's gràdhaich'
n, gum bi m' fhois unnadsa fos cionn gach
utair, fos cionn a h-uile slàinte agus maise,
cionn a h-uile mias agus onair, fos cionn a
ile cumbachd agus inbhe, fos cionn a h-uile

h-eòlais agus gèire, fos cionn a h-uile beirteis gliocais, fos cionn sòlais agus aighir, fos cionn a h-uile mias agus cliù, fos cionn a h-uile toileadh agus mìslean, fos cionn a h-uile dòchais agus geallaidh, fos cionn a h-uile toillteanais agus miann, fos cionn a h-uile gibht agus tiodhlachd' fhaodas tu thoirt seachad no dhòrtadh or fos cionn a h-uile crithealais is greadhnais, urrainn an inntinn a ghlacail no mhealtuinn, cionn ainglibh is àrd-ainglibh, fos cionn u shlòigh fhathanas, fos cionn gach ni chitear nach fhaicear, fos cionn gach ni eile, ach th t-aonar mo Dhia.

2. Oir fos cionn gach ni, a Thighearna Dhia, 's ann agadsa a tha 'n urram. 'Stu aonar is àirde, ad aonar is cumhachdaiche, aonar a tha làn-shaoibhir is beirteach, ad a 'stu chulaidh aighir a's mua, 's is àirde sòlas Ad aonar is tu àilleachd na maise 's nam mias fos cionn gach ni, is tu is urramaiche 'sa 's à glòir, is gur ann unnad a tha, 'sa bha, 'sa bhi h-uile sonas gu iomlan a' comhnuidh. Mar gun t'fhaicinn, gun do làn-shealbhachadh, tha air bith 'eil' a bheir thu seachad (saor uat fe no shoilleiricheas tu mu d' dhèidhinn fhein, gheallas tu, ro-ghann is beag gu m' lionadh Gu beachd, cha 'n urruinn fìor fhois a bhith mo chridhe, no làn-thoileachadh, mur tàmn unnadsa, is mur èirich e suas fos cionn g tiodhlac agus creutair.

3. O àird luaidh mo chridhe, Iosa Criost 's glaine gràdh, a mhaighistir a h-uile creut Co bheir dhomh sgiathan, is gum bi mi saor èirigh nàird is tàmh unnad? O cuin' a b

-chothrom agam gu fhaicinn cho blasda is a
 thusa, Thighearna mo Dhia! Cuin'a thion-
 eas mi unnadsa mo smaointean uile, an dòigh
 ach bi faireachduinn agam domh fhein, ach
 utsa fos cionn gach tomhais agus tuigse, 'san
 l nach aithne do chreutair! An dràsda 'stric
 osnach ag èirigh, a' giùlan 's ag acain mo
 uaige; 'smi miasg uile gun aireamh ann a'
 an so nan deur; 'is tric a tha iad gam chur fo
 uailleán, fo mhulad, is fo cheò; is tric a' cur
 orm is seachrain, le 'n tàladh is le 'm meal-
 h an seòl 'snach 'eil an rathad rèidh dhomh
 ionnsuidh, is gu meal mi do chuideachd', a
 nais bhuan nan spiorad naomh. Gluaiseadh
 osna do thruas, gluaiseadh m' uireasbhuidh
 ar air talamh do bhàigh.

4. O Iosa, a sholuis na glòire siorruidh, a cho-
 rtair anma nam fògrach, tha mo bhilibh sàmh-
 ad fhianais, ach is briathran ad chluais mo
 sdachd. Càd a bhios mo Tighearna gun
 rinn? Thigeadh e gu m' ionnsuidh, 'smi
 hd, agus togadh e gean orm, sìneadh e lamh;
 hugadh e mise, 'smi truagh, as a h-uile h-èig-
 . O thig, thig, oir as t' eugais cha 'n 'eil latha
 uair dhomh aoibhinn; oir 'stu mo shòlas, is
 i thu tha ma bhòrd gun chuirn falamh. Is
 ne truagh mi, ann a' seòrsa prìosain, is fo
 om cheangal, gus an d' thig thu làthair, 's am
 thaich thu mi, 'sa saor thu mi, 'sa fiach thu
 omh do gnùis aoidheil.

5. Sireadh feadhainn eile sid no so, a raghainn
 sa mar a thogras iad, ach mise cha 'n 'eil, cha
 toilichte le ni nas lagha na thusa fein mo
 ia, mo dhòchas is mo bheatha mhaireannach.

Cha bhi mi sàmhach, cha sguir m' urnaigh, g an till rium do ghràsan, 'sa dian thu comh rium air an taobh-stigh.

6. Feuch, tha mi ad làthair. Feuch, mi fhianais; oir ghairm thu orm. 'Siad do dhe fein, dèidh t'anama, t' umhlachd, do bhròn cridh a ghluais mi gu tionndadh, is tarruing ad ion suidh.

7. Agus thuirt mi, a Thighearna, dh' ei mi ort, is gum mealainn thu se mo mhiann, 's deas gus gach ni thrèigsinn as do leth. Oir 's fhein a ghluais mi an toiseach gus do shiread Ime sin gu'n rohh t' ainm beannaichte, a Thighearna, a rinn a' fàbhar so ri d' sheirbheisea air rèir do mhòr thròcair fhein. Ciod tui th'aig do sheirbheiseach ri chantuinn ad fhiana ach gu'n umhlaicheadh e e fhein gu mòr làthair, cuimhneachail daonnan air a laigse fh is air isle. Oir do choimeasa cha 'n'eil ri fha uinn ad gnìomhan miarailteach air neomh air talamh. Is ro-math t' oibrichean gu lèir ceart do bhreth, is fo rian do fhreasdail tha cruinne-cè. Cliù gu robh dhut agus glòir, Ghliocais an Athar; tha mò bheul a' toirt dhut is molaidh, mar an ciadna m' anam, 'sg: ni cruthaichte maille rium.

XXII. CAIB.

Gu bheil tiodhlaicean lionor' Dè ri'n cuimhneacha

1. FOSGAIL, a Thighearna, mo chridhe ann lagh, agus ionnsuich dhomh imeachd ann fhàithnean. Thugas domh gu'n tuig mi do th is le mòran suim is meadhrachaidh gu'n cuin

h mi air do thiodhlaicean maraon 's air
mhla; gus gu faod mi le sin buidheachas a
irt dhut mar is còir. Ach tha fios agam, is
mi 'g aideach nach urruinn dhomh tàing
art a thoirt dhut sa phàirt a 's lagha airson do
àsan. Tha mi neo-thoillteannach air do
athas uile dhomh: is nuair a sheàllas mi air
bhuanan, tha mo spiorad air chall ann ad
òralachd.

. Gach ni th' againn a thaobh anma no
inne, o leth-amach no o leth-astigh, o nàdar
o ghràsan, siad do thiodhlaicean a th' unnta;
s tha iad a' taisbeanadh gu bheil thusa fial,
crach, mathasach, o d' thàinig gach mathas
on. Is ma tha fear a fhuair nas mua, is fear
lagha, se do chuidse th' ann dèigh sin, 'sa
's lagha cha 'n eil ri fhaighinn ach uasta —
neach is mua fhuair cha 'n fhaod e bhuidh
irt ris fein, no e fhein a thogail fos cionn
ich, no saltairt air an duine a 's suaraiche;
mar is mua duine, 'sa fhearr, 's ann is lagha
ireas e as a leth fhein, agus a 's mua tha umh-
id 'sa cràbhadh a toirt buidheachais. - Agus
ear a sheallas air fhein mar dhiù chlann-daoine,
mhiasas e fein mar ghusgul, is dòcha gibhtean
mua fhaotuinn.

. Ach a' fear a 's lagha fhuair, cha bu chòir
bhith fo mhighean, no fo aineadas, no làn
naid ri fear a 's beirtiche, ach se thige' da
nhead ortsa, agus an cliù a 's mua thoirt dha
phathas, a chionn is gu bheil thu toirt seachad
thiodhlaicean cho pailt, cho fialaidh, is cho
nach gun eisiomail ri duine. 'Sann uatsa a
h uile ni, leis a sin, tha thu ri-mholadh anns

a h-uile ni. Tha brath agadsa ciod tha iomchaidh ri thoirt do 'n h-uile h-aon; agus carson a th' e beagan aig an fhear ud, is mòran aig' an fhear so, is gnothach sin nach buin dhuinne a sgeòladh, ach dhusta, a thoimhseas toillteanas ga h-aon.

4. Ime sin, mo Thighearna Dia, tha mi a' chomharrachadh na ghibht mòir, nach 'eil mòr agam a thairngeadh orm moladh no cliù leth-amach, no mias o dhaoine. Air an aobh sin, nuair sheallas neach air a bhochdainn feid is isleachd, cha 'n e tuiteam fo sprochd, mighean is cianalas bu chòir dha, ach èirigh gu toil-inntinn is aighir mhòir, a thaobh 'sgur iad na daoibh bochda, iriosal, suarach aig an t-saoghal a tha thusa, o Dhia, gu bhith agad nan càirdean is luchd-taighe. Is teisteanas air sin na h-ostas a shuidhich thu nam prionnsachaibh air talamh. Anns an t-saoghalsa bha an caithe-beatha ghlè ghiomh; bha iad iriosal, aonfhillteach, gun ghluais gun fhoill, ann a' rathad is gum bu thoil-inntinn leo masladh fhulang airson t' ainmse: agus bu rud bu gràiniche leis an t-saoghal ghlac iad aobhneas mòr.

5. Ime sin, cha 'n 'eil ni aig neach, a bh' e gaol dhutsa, is aig a bheil eòlas air do thoil laicean, na chulaidh aobhneis cho mòr ri thoilse bhith diante, agus t' òrdugh naomh sin a' ruidh a dhol air adhart. Bu chòir so a liona le toileachadh is le sòlas cho mòr, is gum bu chearta cho deònach a bhith an iochdar, 'sa th' e fear eile an geall air a bhith an uachdar: mar sin thigeadh dha suidhe cho stòilte is cho toilich san àit' is isle ris an àite 's àirde; agus a bh

titheach air a bhith suarach, fo thàir, gun as, gun chliù, 'sa bhith e airson na h-uram 'sna h-onair a 's àirde san t-saoghal. Oir do thoilse is dèidh air do chliù ri bhith an eadhar air gach ni, 'sa bhith nan culaidh aighir hòlais do neach, nas mua na h-uile tiodhlac a air e, no fhaodas e fhaighinn.

XXIII. CAIB.

Ceithir rudan leis a' ghleidhear mòran sìthe.

1. A Mhic, teagaisgidh mi a nis dhut slighe na n' agus na fìor shaorsuinn.

2. Dian, a Thighearna, mar tha thu cantuinn, is rud sin a 's binn leam èisdeachd.

3. Iarr, a mhc, toil an atharraich a dhianamh raghuinn air do thoil fhein. Gabh daonnan chuid a 's lagha a raghuinn air a' chuid a 's a. Sir daonnan an t-àit' a 's isle, agus a th fo 'n h-uile h-aon. Bi an comhnuidh a' eadh 'sa guidh toil Dè a bhith diante unnad in gu h-iomlan. Feuch, tha a leithid so do line a' dol a stigh air criochaibh na sìth' agus foise.

4. A Thighearna, tha na facail so goirid, ach tòr a' choimhlionachd a tha iad a' teagasg.— gearr iad ann am bhriathran, ach 'smòr am gh, agus is trom an toradh. Agus nam b' uinn dhomsa an cumail ceart, cha 'n fhaoidte thogail cho deas ann am bruaillean. Oir cho 'sa fhairich mi mi fhein fo bhuaireadh no m-inntinneach, thug mi an aire gu 'n deach an aghaidh an teagaisg so. Ach thusa, a Thighearna, a tha comasach air gach ni, agus a

tha an comhnuidh an geall air buannachd a' bhàis, an anma, leasaich dhomh do ghràsan, gus gum b' e càil agam gu t' fhacal a choimlionadh, agus sàbhaladh m' anma a chur air adhart.

Urnaigh an aghaidh droch smaointean.

5. A Thighearna is mo Dhia, na bi fada uam Mo Dhia, seall orm gu m' chomhnadh, a chionn 's gu bheil ioma smaointean a' gleachd rium, uamhunn mòr a' sàrachadh m' anma. Ciamar thèid mi as orra gun bheud, ciamar a bhrister mi rompa?

6. Thèid mise, os esan, romhad, agus leagaidh mi daoine mòrchuiseach an talmhuinn, fosglaidh mi dorsan a' phrìosain, agus fiachaidh mi dhut nichean diomhair.

7. Dian, a Thighearna, mar tha thu radh agus teicheadh droch smaointean as t' fhianais. Se so friamh mo dhòchais is mo thoil-inntinn mhàin, ruith fo d' dhion anns a h-uile trioblaid is mo bhun a chur asadsa, gairm ort o ghrunn mo chridhe, agus feitheamh gu faighidneach furtachd uat.

Urnaigh gu soilleireachadh inntinn.

8. Soilleirich mi, O Iosa chaòimh, le solus inntinn: fuadaich a h-uile dorchadas a fàrdaic mo chridhe. Cuir stad air smaointean seach ranach a tha lionor, agus caisg buairidhean air neartach. Cath gu làidir air mo thaobhbh, agus ceannsaich droch bhèistean, se sin ana-mianna meallta; ann a' rathad is gum bi sìth ann le chumhachd, agus pailteas molaidh ga sheinn an ad thalla naomh, se sin ri radh, ann an coga

alain. Thoir t' òrdugh do' n ghaoith, agus do stòirm, abair ris a' mhuir, bi tosd; agus ris ghaoith tuath, na sèid; agus thig fè mòr.

9. Cuir a mach do sholus agus t' fhìrinn, gus a soilleirich iad an talamh: oir is talamh gun bath gun stà mise gus an d' thig do sholus.— Naom a nuas do ghràsan, agus maothaich mo chridhe le driùchd fhathanas: cuir a nios uisge a naomhachd, gu uachdar an talmhuinn a bliuchadh, gus toradh math brìgheil a chur sa chionn. Tog an cridhe a tha leointe fo allach peacaidh, agus tarruing mo thoil gu ìomlan gu nichean fhathanas, los gu 'n toir asad air aoibhneas spioradail toileachadh cho òr dhomh, 'snach diù leam smaoineachadh air tadan talmhaidh.

10. Tarruing mi, spion mi o 'n h-uile toileachadh diomain chreutairean, oir cha 'n urruinn i 'sa bith cruthaichte mo chridhe a lionadh 'sa n-thoileachadh. Fasdaidh riut fhein mi le abhraidh nach brist do ghràidh: 'sgur tu t' ònar a bheir do fhear-gaoil fhoghnadh, as t' agais is falamh a h-uile rud.

XXIV. CAIB.

bhith toirt binn air caithe-bheatha an atharraich ri sheachnach.

NA leig, a mhic, air faondra do smaointean, na biodh imcheist fhaoin ort. De do gnoth-hsa ri sid no so? Leansa mise. Am buin e iutsa, am fear ud a' bhith mar sud, 'sa fear so ar so, no gu deach a leithid so, no sid a dhian-nh no chantuinn leis an duine ad? Cha 'n 'eil

mar fhiachaibh ortsa freagairt airson feadhna eile, ach tha cunntas agad ri thoirt unnad fheir Carson mata, a tha thu gad chur fein an sàs.— Feuch, tha eòlas agamsa air a h-uile h-aon, tha mi faicinn gach seud fo 'n ghrèin, is tha fic agam air staid gach neach, ciod tha e smaoin eachadh, a' sanntachadh, agus a' sireadh le rù diomhair a chridhe. Mar sin tha h-uile ni earbsa riumsa; ach cum thusa thu fhein ann a dea-shìth, is leig le duine buaireasach a bhith buaireadh mar a shanntaichidh e; oir tuitidh n là fhein air a cheann diùghaltas airson na rin e is na thuirt e; oir cha 'n urruinn e mise mhealladh.

2. Na gabh suim do dh' fhaileas ainm' mhòir na bi ro-chàirdeil ri mòran sluaigh, no dèidhe air spèis dhaoine. Oir is rudan 'sin a thoga mòran seachrain-inntinn, agus dorchadais cridhe. Is toileach a dhianainn comhra riut, 'sa shoil eirichinn dhut rudan diomhair, na gabhadh t beachd ceart air mo thighinn ad ionnsuidh, is fosgladh tu dorus do chridhe dhomb. Bi faileach ort fein, dian faire ri urnaigh agus umlaich thu fhein anns gach ni.

XXV. CAIB.

Air na nichean anns a bheil sìth mhòr cridhe làn-choimhlionachd ri faotuin.

1. A MHC, labhair mi mar so, mo shìth tha n a' fàgail agaibh, mo shìth tha mi toirt dhuib cha 'n ann mar bheir a' saoghal seachad i a t mise ga toirt dhuibh. Tha h-uile h-aon an gear air sìth, ach cha 'n 'eil a h-uile h-aon ag iarraidh

miadhonan a bheir a mach fìor shìth. 'Sann aille ri luchd na h-umhlachd 'sa chridhe chiuin a mo shìthse. 'Sann am mòran faighidin a tha shìthse. Ma dh'èisdeas tu riumsa, agus ma nas tu mo chomhairle, mealaidh tu mòran be.

2. Ciod mata, th'agam ri dhianamh.

3. Ann's a h-uile gnothach thoir dea-fhaire fhein, ciod a ni thu, is ciod a their thu: b'fhad do bheachd uile a' strì ri so, mise 'm nar a thoileachadh, is gun dad ach mise a niann no shireadh. A thaobh bhriathran is niomhan feadhach eile, no toir breth chas bith: na cuir thu fein an luib ghnòthaichean ch buin dhut: is faodaidh tu a bhith air do òigh, ann a' rathad is nach bi thu ach air eag bruaillean, is gun èislean ach ainneamh. h a bhith saor o fhurban, a bhith gun fhair-hduinn do thrioblaid anma no coluinne, is le nach faighear sa bheatha so, ach ann a' s na beatha shiorruidh. Air an aobhar' sin, saoil agad fhein, gu bheil thu ann a' sìth rinnich, airson is nach 'eil thu faireachdainn air bith a' tha cur coisgeig ort; no gu bheil ch ni dol ceart, nuair nach 'eil namhaid air h agad; no gur ann an so a tha blagh na ombachd, a h-uile ni a bhith dol air adhart r is math leat. Cha mhua is còir dhut mòr-a shaoilsinn dhiot fein, no mhias gu bheil is shònraichte dhiot, airson is gu bheil thu a ad cràbhadh, no làn do thoil-inntinn; oir chomharraichean cinnteach sin air neach a th tìtheach air subhailcean, cha mhua tha

dea-bheusan, no coimhliònachd duine ri fhaighinn unnta.

4. Co ann mata, Thighearna.

5. Ann do thairgse fhein seachad o t' uiridhe do thoil Dè, gun iarraidh 'sa bhith a do gnothaichean fhein, anns a' bheag, no anns mhòr, an tìm no siorruchd : ann a' rathad is lean thu air tàing a thoirt seachad leis an aonghean ad aodan a' coinneachadh toil-inntinn chroisean, a' tomhas gach cuid leis an aomheidh. Nam biodh tu cho làidir ad dhòcha is cho crudalach, is gu 'n dianadh tu, agus tu gun fhurtachd nan gràs san àm, do chridhe de agus nas mua fhulang, gun bhith a' cur còrach air do thaobh fhein, mar nach d' thig' dhut s ne urad so fhulang ; ach a' cur na còrach air m thaobhsa anns gach ni, agus a' toirt cliù dha r naomhachd : sin nuair a bhios do cheuman a slighe fhior, is dhìreach na sìthe, 'sa bhì deagh-earbsa agad gum faic thu rìs le aighir n gnùis. Ma ses gu 'n d' thig thu gu làn-fhua thoirt dhut fhein, biodh brath agad gum me thu sin pailteas sìthe, air rèir is mar a' lug aigeas do staid thalmhaidh.

XXVI. CAIB.

Air buadan na saor inntinn, a ghleidhear le urnaid nas fhearr na le leughadh :

1. A MHC, so agad obair an duine choimhliònach inntinn a chumail daonnan air nichean diadhaic gun lasachadh, is dol ro ioma trioblaid g bhruaillean : cha 'n ann air dòigh an duine leis ach air rèir dòigh àraidh na saoir inntinn, a

ch 'eil dèidh mhi-dhleasnach sa bhith air eatairean.

2. Tha mi 'g achanaich ort, a Dhè is muaibhneas, gu 'n teasraige' tu mi o ro-chùram beathasa, eagal mo chur an sàs ro-theannatha; agus o iomadh iarratus coluinne, eagal 'n glacar mi le àilleas, agus o 'n h-uile cuimrigma, eagal càmpar-inntinn mo mheath is mo gachadh. Cha 'n 'eil mi radh o 'n na rudan a mhàin, a tha aimideachd shaoghalta sireadh uile mhiann a cridhe, ach o na truaighean sin, dhàinig an lòrg mollachd cumanta a' pheacaidh anam do sheirbheisich, mar phian, is mar lach, nach leig leis saorsainn spioraid a bealtuinn cho tric agus bu math leis.

3. O mo Dhia, m' aoibhneas gun tomhas, air gràin ann am chridhe air gach toileachadh blar, a tha gam spionadh o ghaol rudan rruidh, is gam bhriagadh as an rathad le sgleò eige toil-inntinn. Na tugadh, mo Dhia, na gadh fuil agus feoil buaidh orm; nam mealladh saoghal mi, 'sa ghlòir dhiomhain: na cuireadh deomhan no chèilg bharr mo bhuint mi.— Moir càil dhomh an aghaidh buairidh; faighn fo anshocair; cruadal gu buan-leantainn: t ghràsor bhlasda do spioraid an àit' a h-uile leachadh saoghalta; agus gaol t' ainmse, an e tlachd na feòla.

4. Feuch, tha biadh, deoch, aodach, is gaireas e gus a' cholunn a chumail suas, na 'n eallach spiorad cràbhach. Thugas domh mi fein an arachadh leo le stuamachd, nu 'm bi mi sàs le mhiann. Cha 'n fhaodar an tilgeadh uile air ùl, oir tha nàdar ri chumail suas: ach a bhith

ag iarraidh an anabhairr, no biadh miaghail g saòighneas, tha do lagh naomh a' crosadh dhinn eagal gum fàsadh an fheoil ro-uairbheach a aghaidh a' spioraid. San àm, tha mi ag guidh gu stiùr is gu seòl do lamhsa mi, ma ruith n gus an t-anabarr.

XXVII. CAIB.

Gur i fein-spèis a' chuimrig a' s mua san rathud ga a' sonas is àirde.

1. A MHIC, bu chòir dhut gach ni thoirt airson gach ni, is gun dad thiot fhein a bhith unnad. Biodh fios agad gur e do ghaol ort fein a's mu a ni dholaidh ort, na rud air bith air talamh. Leanaidh gach ni riut teann no las air rèir c spèis agus do mhiagh dhaibh. Ma bhios do gha glan treibhdhireach, is air dea-rian, cha bhi thu na d' sglàmhaidh aig gnothaichean. Na san taich an rud nach 'eil ceadaichte a bhith agad. An rud a chuireas cuimhrig ort, no bheir u saorsainn cridhe, na h-iarr a bhith agad. gnothach iongadach nach 'eil thu gad liobhai fhein seachad dhomhsa o ghrunn do chridh maille ri gach ni a dh' fhaodas tu iarraidh no t agad.

2. Carson a tha thu gad chaitheamh fhein mulad carson tha thu gad shàrachadh fhein cùram gun fheum. Bi leagte ri m' thoil mhath is cha 'n fhuilig thu beud. Ma dh' iarras sid no so, ma 's math leat a bhith san àit' u no san àit' ad eile gu d' ghaireas fein, agus gu thoil fhein a bhith agad, cha bhi thu feasd' ar a' siochaint, no saor o imcheist: oir bithith gion

choir-eiginn anns a h-uile ni, is coinnichidh duine-eiginn a thig ad aghaidh anns a h-uile ìte.

3. Mar sin, cha 'n e a bhith gleidheadh, 'sa cur as cuid shaoghalta a ni stà dhut, ach sealltuinn s orra, agus a spionadh a nios as do chridhe. Cha 'n e airgiod is beirteas a mhàin a tha mhiann n thu thuigsinn, ach iarraidh air onair, is dèidh moladh faoin, a dh' fholbhas uile comhla ris t-saoghal. Is beag is fhiach an t' ionad, ma t spiorad cràbhaidh air chall: agus an t-sìth a rear o 'n taobh-mach cha bhi buan, mur 'eil cridhe fhein air stèidh cheirt, se sin ormsa.—
 Modaidh tu t' àit' atharrachadh, gun dol bhas ri linn. Oir thig aobhair ad rathad a eir ugad na trioblaidean o na theich thu, is agamh trioblaidean nas mua.

Urnaigh gu glanadh a' chridhe is gliocas diadhaidh chosnadh.

4. Neartaich mi, o Dhia, le gràsan a' Spiorad noimh. Thoir spionnadh dhomb, a neartaich mi air an taobh-stigh, agus saor mo chridhe imcheist fhaoin is leann-dubh, eagal gu 'n rìngear as an rathad mi air ioma dòigh le miann rud air bith, beag no mòr. Seallam air gach mar rudan a tha dol seachad is gu dìth, agus fhein cuid-riu. Oir cha 'n 'eil ni buan fo 'n rèin; oir cha 'n 'eil anns gach ni' ach faileas ràdh spioraid. O nach glic esan a sheallas orra ns an dòigh sin!

5. Thugas domh, a Thighearna, gliocas diadhaidh, gus gu 'n ionnsuich mi thusa a shireadh fonn gach ni, agus t' fhaotuinn, spèis agus gaol

thoirt dhut fos cionn gach ni: agus gu 'n tu mi rudan uile mar tha iad an làthair do ghliocai agus unnta fhein. Thugas domh gu seachai mi gu tùrail an duine brosglach, is gu 'n cuir suas gu faighidneach risan a thig am aghaidh. Oir is mòr an gliocas, gun bhith fo luasgan a h-uile gaoith cainnte, is gun chluais a tho do dh' eucorach a bhrìodail. Mar sin thèide air adhart gu tiarainte anns an t-sligh' a ghaladh fos laimh.

XXVIII. CAIB.

An aghaidh theangan a' chùl-chàinidh.

1. A MHC, na gabh gu h-olc e, droch bharail bhith aig cuid do dhaoine ort, no iad a bhàrdhainn mu d' dhèidhinn rud nach bu mhaileat a chluinntinn. Bu chòir do bharail ort fhathast a bhith nas miosa na sin fhathast, agus a bhàrdhainn nach 'eil duine ann a 's laige na t' fhein. Nan gluaiseadh tu air rèir an leth-astig cha ghabhadh tu mòran suim a cainnt a th' seach. Cha bheag an gliocas fuireach sàmha san droch uair, agus tionndadh riumsa air taobh-stigh, is gu 'n dol gu furban airson bràrdhainn.

2. Na biodh do shìth air bhàrr theangan dhaoine; oir thugadh iad binn mhath no cha 'n 'eil thusa ach mar bha thu. Càit' a bh' fìor shìth agus fìor ghloir? Nach ann unnan Agus 'smòr an t-sìth a th' aigesan nach 'eil iarraidh daoine thoileachadh, no fo fhiamh mi-thoileachadh. 'Sann o ghaol mi-riaghailtean

eagal faoin, a tha h-uile bruaillean cridhe
ighinn, agus mearachd cheudan.

XXIX. CAIB.

*bheil Dia ri ghairm is ri bheannachadh an àm
uairidh.*

GUM bu naomh, a Thighearna, gu robh t'
m gu bràch, a dheònaich am buaireadh, 'san
blaid so a leigeadh ann am rathad. Cha 'n
e am chomas an seachnadh, is o nach 'eil, is
udar dhomh ruith ugadsa, gus thu gam chomh-
h, agus an tionndadh gu stà dhomh. A
ighearna, tha mi dràs' ann am èiginn, is tha
chridhe neo-stòlta; agus mo dhòruinn mòr
a diachainn so. Agus a nis, Athair ghràdh-
a, ciod a their mi? Tha mi air mo ghlacadh
an èiginn. Teasraig mi o 'n uair ghàbhaidh
Agus se thug ionnsuidh na h-uairse mi, gus
'n d' thigeadh e gu glòir dhusta, mise a bhith
m' umhlachadh gu mòr, agus air mo thiarnadh
sa. Deònaich, a Thighearna, mo thoirt as
èinn so : oir creutair bhochd, mar tha mise,
t a 's urruinn edhianamh, no càit' an gluais
as t' aonais. Thoir faighidin dhomh, a Thigh-
na, san àm so fhathast. Mo Dhia, dian mo
mh nadh, is cha chuir mo thrioblaid, air a
mid, eagal orm.

. San àm, ciod a theiream riut? A Thigh-
na, gu robh do thoilse diante. Is math a'
ll mi bhith fo thrioblaid is fo dhòruinn. Gu
ahinn is còir dhomh fulang, agus b' fhearr
n dianainn sin gu cruadalach gus an rachadh
doinionn seachad, 'san d' thige' fiath. Is

comasach do lamh chumhachdachsa air a' bhua eadh so a chur seachad orm, agus aintneas bristeadh, mun gèill mi tur dha: amhuil is m a rinn thu roimhe so gu tric dhomh, mo Dh agus m'fhear-fuasglaidh. Ge duilich dhotnha cha duilich do làimh na Tì a's àirde atharracha theirt mu 'n cuairt.

XXX. CAIB.

Air sireadh comhnadh Dè, is dòchas a ghràs fhaighinn air ais.

1. Is mis' an Tighearna, a bheir furtachd a an là na trioblaid. Thig am ionnsuidhse, nu nach 'eil thu faighinn do gnothaichean leat. rud a 's mua a tha cur èis air sòlas spioradail, gu bheil thu mall a' tighinn ugamsa le urnaigh Oir mun d' thig thu ugamsa gu urnaigh dhi achdach a dhianamh, tha thu roimhe sin an ge air ioma furtachd is toileachadh o leth-amach. Is mu dheireadh tha thu tuigsinn gur béag fiach iad, nuair a bheir thu fonear gur mist fhuasglas air an fheadhainn a dh' earbas asan agus an taobh-mach dhiomsa, nach 'eil cobh eifeachdach, comharle cheart, no leigheas ma sinneach. Ach a nis èireadh do spiorad an d do 'n stòirm dol seachad; glac misneach o sho mo thròcairse: oir tha mi a' faisge, gus gach shlànachadh, cha 'n ann a mhàin gun bhe ach gu fallainn is gu ro-choimblion.

2. A' bheil rud air bith duilich dhomhsa, 'n coltach mi ri fear a their, is nach dian. Càit' a' bheil do chreideamh? Seas gu dàic is gu buan. Bi cruadalach agus fearail; t.

rtachd ort na h-àm fhein. Feith riumsa, feith
umsa, thig mi agus slànaichidh mi thu. Is
aireadh a tha gad chur fo èislean, is fiamh
oin a tha cur geilt ort. De a ni imcheist mu
dan a tha ri tachairt dhut, ach bristeadh-cridhe
ogail, nach leòr do 'n latha olcas fhein. Is rud
oin gun bhuannachd a bhith fo ghean no mi-
ean mu rudan a tha fada thall, gun fhios an d'
ig iad idir gu teach.

3. Ach 'sann do laigse chlann-daoine a bhith
am mealladh le sgleòthan brèige, agus is
mharradh air inntinn a tha fhathast anafbann
bhith cho ro-luasganach le buaireadh an namh-
. Cha 'n 'eil umhail aigesan co dhiu 'sann le
mharraichibh riochdail no brèige a chuireas e
leò 'sa mheallas e; no co dhiu chuireas e as
ibh le gaol air rudan a tha làthair, no le fiamh
'n rud a tha ri tighinn. Air an aobhar sin
biodh do chridhe fo fhiamh no eagal. Creid
namsa, is biodh do dhùil ri m' thròcair.—
uair a shaoileas tu mi fada uat, 'sann an sin is
nne ort mi gu tric. Nuair tha thusa saoil sin
ch ni càillte, 'sann an sin iomadh uair a tha an
chrom a' s mua agad air buannachd. Cha 'n
l a h-uile ni càillte, airson is gu 'n d' thàinig
othach ad aghaidh. Cha bu chòir dhut breth
choirt air rèir a' ghluasaid a tha agad sau àm,
gèilleadh is fannachadh fo thrioblaid air bith
o fad, agus gu 'n càill thu do dhòchas tighinn
airis orra.

4. Na saoil gu bheil thu tur air do thrèigsinn,
d chuirinn anshocair ad rathad air uairibh, no
d bheirinn uat a' sòighneas air a bheil do
èidh: oir is ann mar sin a thèidear gu

rioghachd fhilathanais. Gun teagamh se diac
 ainnean do 'n anshocair is freagraiche dhutsa,
 dha m' sheirbheisich eile, no ge do gheobhad
 sibh gach ni mar a thaitneadh ribh fhein.
 aithne dhomsa diomhaireachd chridheachan :
 tha fios agam gu bheil t' fhàgail air uairibh gu
 sòchair ro-fheumail gu leas t' anma, eagal g
 fàsadh tu àrdanach ri linn dea-shoirbheis, r
 gu gabhadh tu tlachd asad fhein airson buadha
 nach 'eil agad. An rud a bheir mi seachad, t
 e am chomas a thoirt air folbh, agus a chur a
 ais, nuair is àill leam.

5. Nuair a bheir mi seachad, se mo chu
 fhein a th' ann, agus nuair a bheir mi air folb
 cha 'n e do chuidse tha mi toirt air folbh: oir
 leamsa a h-uile dea-thobhartas, 'sa h-uile tiòd
 lac coimhlon. Ma leigeas mi anshocair is croi
 ean ad rathad, na gabh gu h-olc e, is na tui
 eadh do chridhe. 'S urruinn mise fuasgladh or
 agus an t-eallach a thoirt dhiot, is gean a chur or
 Dèis sin tha mi ceart, is ri m' mholadh gu m
 airson na dòigh' tha mi gabhail dhut.

6. Na sealladh tu ceart air gliocas 's air fìrin
 cha tuiteadh do chridhe cho ro-iosal ri lir
 chroisean do choinneachadh; 'sann a' thigeac
 dhut a bhith aoibhinn, 'sa toirt tàing seachad.
 'Sann, se so air a seall thu mar t' aobhar sòla
 a mhàin, gu bheil mi leagadh ort dòruinn gu
 fhathamas. Mar thug an t-Athair gaol domhs
 tha mise a' toirt gaol dhuibhse, thuirt mi
 ostail mo ghaoil; a chuir mi uam, cha 'n ar
 gu aighir shaoghalta, ach gu cruaidh chatl
 cha 'n ann gu urram, ach gu tàir; cha 'n ar
 gu diomhanas, ach gu saothair; cha 'n ann g

air, ach gu toradh trom a thoirt a mach le
ghidin. Cuimhnich air na briathran so, a
aic.

XXXI. CAIB.

*r trèigsinn chreutairean gu ruighinn air a' chruth-
dair.*

A THIGHEARNA, is ro-fheumach mi air grà-
nas mua, ma ses gu bheil agam ri dol cho
air m' adhart, is nach cuir neach no creutair
orm. Oir fhad 'sa bhios griam ag ni air bith
n, cha 'n urrainn mi èirigh gu saor, mar gu
ann air iteig ad ionnsuidh. Bu tìtheach air
th ad ionnsuidh a' bha a' fear a thuirt, co
eir dhomh sgiathan mar chalman, agus siubh-
lh mi air iteig, is gabhaidh mi fois. Ciod is
ta fois na sùil threibhdhireach, co is saoire na
n aig nach 'eil miann talmhaidh? Air an
har sin tha e riatanabh do neach dol fos cionn
-uile creutair, agus glan chùl a chur ris fein,
is inntinn a thogail suas, agus amharc le iogh-
lh air cruthadair gach ni, mar Thì gun choim-
am miasg chreutairean. Agus mur bi neach
sgailte o 'n h-uile chreutair, cha 'n 'eil e na cho-
s beachdachadh gu saor air nichean diadhaidh.
e sin cha 'n 'eil ach beagan ri fhaotuinn do
oine àrd-smaoineachail, a thaobh is gur tearc
san a tha tur neo-cheangailte o nichean fàill-
each is o chreutairean.

2. Uige so is mòr na gràsan a dh' fheumar,
an t-anam a thogail, agus a tharruing fos a
onn fein. Agus mar bi duine air àrdachadh
spiorad, agus saor o cheangal chreutairean,

agus snaimhte gu h-iomlan ri Dia, cha dian mòr stà dha ni air bith a 's aithne dha, no ni bith a th' aige. Is fhada am bhios e diblic agus iosal na laidhe, a' fear sin a shaoileas air bith mòr, ach an t-aona mhathas, a neo-chriochnaichte agus sìorruidh. Gach ni, a Dia, is neoni, is ri chunntas mar neoni. aacoltach ri chèile gliocas an duine shoill chràbhaich, agus faghlum sgoileir ionnsuidh dhèidheil air fiosrachadh. Si sgoil sin a taomadh o fhuaran àrd nam flathas is prìseile mòr, na faghlum a bheirear a mach le dìch mhic-an-duine.

3. Is lionor iad a tha 'n geall air a bhith daoine àrd-smaoineachail, ach is ainneamh ia tha le 'n ghnìomh a' cleachdadh na miadh cearta. Is mòr an èis oirnn a bhith gèilleadh shàmhlaicean is do rudan a thuiteas fo 'n t-sa fàgail gun toirt fein-chlaoidh iomlain. Cha 'eil fhios agam ciod a tha na 'r n-aire, no spiorad a tha gar gluasad, no de tha nar beanuair tha sinne, aig a' bheil ainm dhaoine spiadail, fo urad shaothair is imcheist mu gnò aichean diomain agus talmhaidh, an trà a thas gun smaoineachadh idir ach gann le suim rudan diomhair a' chridhe.

4. Mo thruaighe! nuair a bheir sinn grath beag air smaointean diadhaidh, leigidh sinn ball le 'r inntinn ruith air faondra: is cha m' tha sinn a' dianamh mion rannsachadh air gnìomhan. Cha 'n 'eil sinn a' toirt sùil cudrathad a tha miann ar cridhe 'g iarraidh, a seilche ar gnìomhan air fad cha 'n 'eil sinn glanadh uainn le deoir. Oir shalaidh gach f

lighe fhein, agus an lòrg sin thàinig an tuil òr. Mar sin an uair a bhios rùn ar chridhe gràineil air a thruailleadh, is dualach gum bi gnìomh fhein salach, agus a' fiachainn cho g' treoir 'sa tha san spiorad. O chridhe glan ntidh toradh dea-chaithe-beatha.

5. Faighneachdar de urad 'sa rinn neach, ach 'n fhaighneachdar de cho dùrachdach is cho th 'sa rinneadh an gnìomh. Thèid fheòraich bheil neach foghainteach, beirteach, bòidheach, nsuichte, math air sgrìobadh, air seinn, air omh, ach cha bhi guth de cho bochd 'sa bha ch na chridhe, de cho faighidneach is cho ciuin, cho cràbhach is cho smaoineachail 'sa bha e. llaidh sùil ar dreach an taoibh-mach do aine, ach amhaireidh gràsan, air an taobh- h; meallar gu tric an t-sùil, ach gràsan, bheil am bun ann an Dia, cha d' thèid am alladh.

XXXII. CAIB.

Air fein-aicheadh is claidh gach ana-miann.

A MHC, cha 'n urruinn thu ruighinn air saorsa imblion, mur aicheadh thu thu fein gu each. A h-uile h-aon a bheir spèis is gaol fhein tha e fo chuibhrichean, làn sannt, im- ist, is luasgain, ag iarraidh daonnan a ghairis n, is cha 'n iad gnothaichean Iosa Criosta: ach leilbh gu tric 'sa suidheachadh rudan nach ; oir cuirear as do 'n h-uile ni mar 'eil lamh ris. : Gabh a' chomhairle ghoirid choimblion Fàg gach ni, is gheobh thu gach ni; fàg do d fhein, is gheobh thu fois: meadhraich so

ad inntinn, is nuair a' chuireas tu an céill tuigidh tu h-uile ni.

2. A Thighearna, cha 'n obair aon latha sa no cluith chloinne bige, cha 'n eadh, anns bheagan fhacal so tha brìgh coimhleonachd a duine chràbhaich air fad.

3. A mhic, cha bu chòir dhut a ghabhail g h-olc, no dol gu grad gu mighean nuair a chluineas tu beusan nan daoine coimhleon; an à sin bi air do bheothachadh gu fàs nas diadhaidh an car a 's lagha biodh sin ad bheachd. B' fheach leam gu robh thu air an dòigh so, agus cho fheach air t' adhart, is gu sguireadh tu thoirt spèis dh fhein, is gu 'n gèilleadh tu dha m' thoilse h-iomlan, agus do thoil an fhir sin a chuir mi do dh'ionn mar athair: sin nuair a dheathair tu rium, sa ruitheadh do bheatha uile ann aoibhneas, 'sa sìth. Tha mòran agad fhathast thrèigsinn, is mar leig thu dhìot iad buileach mo shonsa, cha 'n fhaigh thu t' iarratus. 'Si chomhairle dhut; thu cheannach uamsa òr dhearbh an teine, los gu 'm bi thu beirteach; t-òr sin se gliocas naomh a ni diù do 'n h-uile talmhaidh. Leig dhìot gliocas saoghalta, se a bhith sireadh dhaoine agus thu fhein a tho eachadh.

4. Thurt mi, gum bheil rudan a tha prìs is miasail a'g daoine ri 'n reic airson nichean tha suarach nan sùilean. Oir is coltach gu bh fìor ghliocas fhathanas fhein suarach, neoneach is gu bheag air diochuimhn' aca: an gliocas t mi radh se sealltainn sìos oirnn fhein: is mhòrchuis a shireadh air talamh; (rudan a mòran a' moladh le 'm bial, ach ag àicheadh

the-beatha,) so an leug phrìseil a tha falach mòran.

XXXIII. CAIB.

r neo-stèidhealachd cridhe, agus gu bheil ar beachd ri stiùradh air Dia.

A MHC, na creid gu h-ealamb an gluasadh a 'èireas ad chridhe, agus a dh'atharraicheas grad. Fhad 'sa bhios tu beo bìdh caochlaich-a a' tighinn ort, seadh, an aghaidh do thoil deàchd: air uair bios tu subhach, air uair ohach, air uair an sìth, air uair fo bhruaillean, uair blà-chràbhach, air uair fuar-ohràbhach, uair adhartach, air uair leisg, trom air uair, is rom uair eile. Ach se na caochlaichean sin rian, gnothach an duine glic agus shoilleir spiorad, suim cha ghabh e as na gluasadan in, no co an àird as am beil an soirbheas caochleach so a' sèideadh; ach beachd inntinn cumh e dìreach air cuspair dligheach a chinnhe: a' dol gu dhùbhlan, fiach an seas e gun uasad gun chreanaachadh na chridhe, a' stiùrta ormsa gun lasachadh feadh chaochlaichibh a aireamh.

2. Ach mar is glaine beachd a' chridhe, 'sann socraiche an t-iùl ro ioma doininn. Ach a am mòran tha an dea-bheachd cridhe so ga ll, le claonadh o'n chuspair cheart gu rud anuch air choir-eiginn a thuiteas leum nan rath. Oir is gann tha duine ri fhaotuinn tur saor abiar dhe thoil fhein. 'S ionann e is na ùdhaich o shean, a thàinig gu Bethania, gu rtha agus Moire, cha 'n ann airson Ios' fhaic-

inn, ach gus gu faiceadh iad Làsarus. Mar s
feumar beachd a' chridhe a ghlanadh, gus e bhi
aonfhillteach ceart; agus a stiùradh ormsa fea
gach ni a dh' iarras a chur fodha.

XXXIV. CAIB.

*Gu bheil Dia miaghail fos cionn gach ni, is an
gach ni, aig an fhear a bheir gaol dha.*

1. FAIC mo Dhia, is m' iùntas uile! De tuillea
tha uam, no ciod a's fhearr a fhaodas mi shirea
na thusa! O fhacail bhlasda bhrìgheil! A
'sann do 'n fhear leis an toil e, a raghainn air
t-saoghal is gach ni th'ann, a tha facal so m
sin: mo Dhia agus m' iùntas uile. 'Sleòr
briathran so aithris do dhuine a thuigeas ia
agus an aithris gu tric is ionmhuinn leis an nea
a bheir gaol. Nuair a bhios tusa againn, bi
a h-uile rud taitneach, nuair a bhios tusa uair
tha h-uile ni neo-aoibhinn. Is tusa a bheir f
do 'n chridhe, agus mòran sìth agus aighir.
tusa a bheir faireachdainn cheart dhuinn ar
gach ni, 'sa bheir oirnn thu fein a mholadh ar
gach ni, agus as t' eugais cha 'n urruinn ni
bith mairsinn fada taitneach: oir gu bhith ta
neach agus ionmhuinn, cha b' fhuilear do
sùgh do ghràs is salunn do ghliocais.

2. An neach aig a bheil miagh dhiotsa, de
nach miaghail leis? Agus an neach aig nach
tlachd dhiotsa, ciod as an urruinn e tlachd
ghabhail. Ach coma mu d' ghliocas tha dao
crionna an t-saoghail so, is luchd leanmhu
na feòla; a thaobh is gu bheil iad gòra
sa chiad dol-amach, 'sam bàs aca air bhrat

an lòrg an aimideachd. Ach do luchd-lean-
 uinnse, a tha fuathach air an t-saoghal, 'sa
 oidh na feòla, cunntar na fìor dhaoine glìce, a
 tonn gu 'n d' thug iad a raghainn fìrinn air
 òineis, a' spiorad air an fbeoil. Leo sin is
 ionmhuinn Dia; is buaidh mhath air bith a chi
 aig creutair, tha iad a' toirt cliù air a shon do'n
 chruthadair. Is aacoltach gata, is ro-aacoltach
 buadhan a' chreutair ri buadhan a chruthadair,
 a ri siorruchd, solus cruthaichte ri solus gun
 cruthachadh.

3. O sholuis shiorruidh, a tha dol fada thairis
 soluis chruthaichte, leig a nios o d' ionad àrd
 um dhe d' sholus àillidh air bàrr mo chridhe.
 an, aoibhinn, soilleir, beo, dian biodh mo
 orad le bhuidhean, gus gu 'n glaogh e riutsa le
 r aoibhneas. O cuin a thig an uair shona
 us ionmhuinn, anns a lion do gnùis mi le làn
 las, is gum bi thu gach ni dhomh anns gach
 ' Gus a' faigh mi so, cha bhi m' aoibhneas
 . Mo thruaige mise! 'sa seann duine unnam
 thast beo, gu 'n a bhith air a' chlaoidh buil-
 h no tur marbh. Fathast tha chath nach
 an aghaidh a' spioraid, tha chogadh diomhair
 as a' chridhe, is cha 'n fhuling e fè air uchdar
 anma.

4. Ach thusa a chuireas smachd air buaireadh
 chuain, 'sa bheir onfha nan tonn gu sìth, èir-
 , is dian mo chomhnadh. Sgap na cinnich a
 sireadh cogaidh, agus sgrios iad ann ad neart.
 ch, tha mi guidh ort, do chumbachd an
 omh, is aig do laimh dheis biodh moladh;
 culaidh dhòchais eile cha 'n 'eile ann, no dìd-
 dhomh, ach thusa, a Thighearna mo Dhia.

XXXV. CAIB.

Ar beatha thalmhaidh cha 'n 'eil saor o bhuaireadh

1. A MHC, cha 'n 'eil thu uair air bith tjaraint anns a' beatha so: ach rè do làithean tha air spioradail an comhnuidh dhut riatanach. Th thu an teis-miadhoin naimhdean: agus air a laimh dheis agus chli tha iad a toirt ionnsuid ort. Ime sin mar dion thu thu fhein air gae taobh le sgèith chruadalaich, cha bhi thu saor lotan. A thuilleadh air sin, mur suidhich th do chridhe gu daingean ormsa, le làn thoil gae ni fhulang air mo shonsa, cha 'n urruinn thu a deannal ud a sheasamh, no buaidh nan naomh chosnadh. Leis a sin tha agad ri beumad ro 'n h-uile ni le cruadal, agus gairdean làidir tharruing an aghaidh do naimhdean: gheobh fear a bheir buaidh mana, ach a' feitheamh a a' ghealtair tha ioma truaighe.

2. Ma shireas tu socair anns a bheatha s eiamar an sin a ruigeas tu air socair shiorruidh Na h-iarr gu móran socair, ach gu mòran fulan ais. Iarr gu sìth fhìrinneach, cha 'n ann air ta amh, ach air neomh: cha 'n ann an daoine, no an an creutairean, ach ann an Dia mhàin. Airse gaoil Dè bu chòir dhut gach ni ghiùlan gu deò ach, mar tha saothair, dòruinn, buaireadh, far an, campar-inntin, uireasbhuidh, easlaint, ca anacainnt, achasain, tàir, masladh, cronachad agus tàrchuis. Is comhnadh na nichean so subhailcean a thoirt a mach: gu saighde Chriosta a' dhearbhadh: is gu crùn fhathanai thoilltinn. Bheir mise duais shiorruidh seach

erson saothair ghoirid, agus glòir gun chrìoch,
erson masladh diomain.

3. A' bheil thusa an dùil gum faigh thu sòigh-
eas spioradail daonnan nuair is math leat. Cha
fhuair mo naoimbse sin daonnan; ach an àite
i, mòran ànraidh, ioma buaireadh, agus mòran
ormachd chridhe. Ach sheas iad gu cruadal-
h anns gach càs, agus bu mhua an earbsa a
ia, no asda fhein: a' tuigsinn nach 'eil fulangas
h-aimsire so ri shàmhlachadh ris a' ghlòir
an chrìoch a choisneas e. An àill leatsa gum
ealadh tu nis na nichean sin nach tug ioma fear
mach ach gann le mòran dhiar agus saothair.
eith ris an Thighearna, oibrich gu sgairteil,
ac misneach; na bi neo-earbsach, na tionndaidh
t' ais, cuir do cholunn is t' anam gu 'n dùbh-
a gu glòir Dè gun lasachadh. Pàidhidh mi
u gu pailt, bithidh mi maille riut sa h-uile
oblaid.

XXXVI. CAIB.

An aghaidh breth aimideach dhaoine.

A MHC, stèidhich do chridhe gu daingean air
Tighearna, is na cuireadh breitheanas dhaoine
àth ort, ma ses gu bheil do chogais a' toirt teist-
nas ceart agus neo-lochdach ort. Is math agus
hor a bhith fulang mar so, agus cha 'n eallach
om sin air cridhe iriosal, a tha cur tuilleadh
earbsa a Dia na as fhein. Is mòr a their mòran,
us airson sin 'sbeag creideas tha ri thoirt daibh.
eh cha 'n 'eil lion air a h-uile h-aon a thoileach-
h; oir ged dh' iarr Pòl a h-uile neach a thoil-
chadh anns an Tighearna, is ged rinn e dhe

fein a h-uile ni ris a h-uile neach, dèis sin b bheag aige dol fo bhinn dhaoine.

2. Gu dea-shàmhla thoirt seachad is daoine shàbhaladh rinn e a h-uile dhìchioll a fhaod e 'sa b' urruinn e: dèis sin, cha robh rathad aige air uairibh air binn dhaoine agus an tàir a sheachnadh. Ime sin leig e gach ni an urra ri Dia aig' a bheil brath air gach ni; agus le faighidinn is le umhlachd dhion e e fhein an aghaidh theang anan luchd labhairt uile, 'san aghaidh smaointean is bhriathran faoine briagach dhaoine.— Ach thug e freagairt seachad air uairibh, mu gabhadh daoine laga sgainneal le e bhith sàmhaich.

3. De an duine thusa, nuair a ghabhadh tu eagal ro dhuine talmhaidh? Tha e an diugh làthair, 'sa màireach cha 'n 'eil e ri fhaicinn.— Biodh eagal Dè ort, is na gabh geilt ro dhaoine. Ciod an dolaidh a's urruinn neach a dhianam ortsa le chàinnt no le dhrochbheirt? 'Sann a fein a's mua ni e dholaidh, na ortsa, agus dol air breitheanas Dè cha 'n 'eil na chomas, ge b' e. Cum thusa Dia mu choinneamh do shùl, na bi ri trod no ri gearain. Is ma tha thu ga shaoilsinn fein air dhroch càradh air àm, agus faighinn masladh nach do thoil thu, na cuireadh sin iarguin ort, is na lagbdaich do chrùn le ciod faighidin: ach thoir sùil ormsa suas gu flathana is gu bheil mi comasach air do shaoradh o gach masladh is eucoir, agus a thoirt do gach neach air rèir oibrichean.

XXXVII. CAIB.

um feum neach e fein a liubhairt gu glan 'sgu buileach do Dhia gu ruighinn air saorsa cridhe.

A MHC, fàg thu fein, agus gheobh thu mise. gun earruinn gun chuid dhut fein, agus bios daonnan am buannachd; oir gràsan nas treasa eirear dhut, cho luath 'sa liubhras tu thu fhein achad, is gun tarruing air ais.

2. A Thighearna, de cho tric agus a bheir mi fhein seachad dhut, is de chuireas mi unnam n air chùl?

3. Daonnan, anns gach àm tairgidh tu thu ein dhomhsa, anns a' bheag 'sann a' mhòr gun achnadh. Ni cha 'n 'eil mi lughaige' dhut, is l leam d' fhaotuinn lom do gach ni. Air aochla' dòigh ciamar a tha thu leamsa, no mise tsa; mur 'eil thu a stigh 'sa mach saor o d' oil fhein. Mar is luaithe a ni thu so, 'sann is earr a' bhios do ghnòthach; agus mar is làine us is dìriche a ni thu so, 'sann is mua thèid o thoileachadh, 'sa mua do bhuanachd.

4. Tha cuid do dh' fheadhainn a liubhras iad n dhomb, ach 'sann le saobhadh àraidh; oir a 'n 'eil iad a' leigeadh an cùis an urra ri Dia h-iomlan, agus air an dòigh sin, tha iad a' imhead orra fhein. Feadhainn eile tha gairt fhein thairis gu h-iomlan an toiseach, ach dèigh sin, nuair a dh' èireas buaireadh, tillidh l air an ais uca fhein; is mar sin cha 'n eil iad r ag èirigh gu subhailcean. Cha ruig iad so ceart shaorsa cridhe, 's air gràsan mo chaidh nh aoibhinn, gus an toir iad thairis iad fhein

gu glan, 'san tairg iad suas mar iobairt iad fein dhomhsa ; gun sin cha 'n 'eil, cha bhi ar comun caidreach.

5. Is tric a thuirt mi riut, is their mi nis rithist ; fàg thu fein, thoir seachad thu fein, i gheobh thu mòran sìthe cridhe. Thoir gach n airson gach ni ; na sir, na h-iarr a' bheag air ais seas ormsa gu glan, gun ag, is gheobh thu mi Bios do chridhe sin saor, is cha laidh ort dorch adas. Biodh t' ionnsuidh, t' urnaigh, is t' iarraidh an strì ri so ; thu fein a sgaradh o gac ni bhuineas dhut fhein, agus gu lom Iosa lon a leanail ; agus bàsachadh dhut fhein, 'sa bhith beo dhomsa gu bràch. Sin nuair a dh' fholbha a h-uile sàmhla faoin, droch bhruaillean, is cùrar gun feum. Sin cuideachd nuair a fhàgas a t-anabharr eagail thu, 'sa chuirear, fein spèis g bàs.

XXXVIII. CAIB.

Air dea-rian un taoibh-mach, is ruith gu Dia an an cunnartan.

1. A MHIC, so an rud bu chòir dhut a thoirt fonear gu math anns a h-uile h-àite, gniomh, i sheirbheis air an leth-amach ; se sin, a bhith saor ad inntinn, is ad maighistir ort fhein, biodh gac ni fodhad, is na bi thusa fodhasan. Bi murrac air do ghnothaichean, is ad rianadair, cha 'n an na d' thràill is na d' mhuinntireach aca. A àite sin, mar dheagh-Ebrach, bi saor, agus iar gus an onair tha dligheach, 'san t-saorsa a bhuineas do chloinn Dè : aca sin tha nichean làthaireac fo 'n casaibh, ag amharc air nichean siorruidh

rudan fàillinneach tha sùil chearr, air gnoth-
 chean fhathanas an sùil dheas: le nichean
 oghalta cha tairngear iad air dòigh is gu 'n
 aogh iad riu; ach an àite sin 'sann a tha iad
 an toirt gu dea-bhuil, air rèir òrdugh Dè, is
 an an àird fhir-iuil, nach d' fhàg ni san domhan
 ìni-loinneil.

2. Na miasadh tu gach ni (gun suim a thoirt
 r sgèimh an taoibh-mach, no do 'n breth a bheir
 t-sùil 'sa chluas) mar a rinn Maeis, a ruith a
 gh do 'n phailliuin gu chomhairle chur ri Dia
 ans a h-uile cùis, gheobhadh tu air uairibh sainis
 Dhia, agus thilleadh tu air do sboilleireachadh
 r rudan a tha làthair is ri tighinn gu teach.—
 bleachd Maeis folbh do 'n phlailliuin nuair a
 nitheadh cùisean dorcha duilich aige ri rèiteach,
 us ruith e a shireadh cobhair na h urnaigh, an
 a cunnairt is droch ionnsuidhean o dhaoine.—
 lar sin thigeadh dhutsa tionndadh a stigh gu
 omhaireachd do chridhe fhein, is comhnadh Dè
 ireadh le dùrachd. Tha sinn a leughadh gu 'n
 each Iosua is cloinn Isral a mhealladh leis na
 abaonich, a chionn 'snach d' fharraid iad beul Dè
 a toiseach; chaidh am briagadh as an rathad le
 nith ro-dheas a' toirt creideas do chealgairean.

XXXIX. CAIB.

Tha tige' do dhuine a bhith ro-bhras na gnothaichean.

A MHC, earb do ghnathach riumsa daonnan:
 uiridh mise air dea-dhòigh e na àm fhein. Feith
 i m' riansa, is fairghidh tu gur math e.

2. A Thighearna, is ro-dheònach a dh' earbas
 ni gach ni riutsa; oir is beag a tha am chomas

fhein a dhianamh. B' fhearr leam nach biodh mi gu iomaguin cho mòr mu ghnòthaichean ri tighinn gu teach, ach gu 'n tairnginn mi fhein gu d' thoil mbathsa a dhianamh an combnuidh.

3. A mhic, an rud air a bheil neach fada air geall, is tric leis a bhith air a thogail mu dhèidhinn gu mòran ùbraid: ach cha luaithe a ruigeas e air na thòisichidh a bheachd air caochladh: a thaobh is nach rud seasrach gluasad a' chridhe, ach a' leumas o aon rud gu rud eile. Mar sin cha ruic suarach, duine thoirt bristeadh as fhein anns na ghnòthaichean a 's lagha.

4. Si fìor choimhliònachd duine, e fhein aicheadhb: oir a' fear a dh' aicheas e fhein, is fìor dhuine saor e, agus tiarainte. An seann namhaid, a tha gleachd an aghaidh a h-uile math, cha' sguir do bhuaireadh, ach a latha is do dh' oidhche tha e a' suidheachadh ribichean gàbhaidh: fiach a' faod e am fear nach 'eile na aireachadh a' ghlacail le foill. Dianaibh faire agus urnaigh os an Tighearna, mun tuit sibh ann am buair eadh.

XL. CAIB.

*Gu bheil duine gun mhath 'sa bith uaithe fein, i
gun aobhar uail a rud air bith.*

1. A THIGHEARNA, ciod e an duine, nuair tha thu cuimhneach air, is mac-an-duine nuair a bheir eadh tu sùil air? Ciod a math a rinn an duine gu 'n d' thuga' tu do ghràs an dha? A Thighearna ciod an t-aobhar talaich a th' agam, ge do thrèig eadh tu mi, no fà gearain ad aghaidh ged dhiùlt tu m' achanach? Gu cinnteach faodaidh mi s

maoineachadh 'sa radh le fìrinn ; a Thighearna, cha 'n 'eil ni unnam, ni am chomas, ni math 'sa leth-agam uam fhein : ach tha mi uireasbhach air a h-uile rathad, 'sa 'g iarraidh daonnan gu bonni : agus mur bi mi air mo chomhnadh leatsa, agus fo d' sheòladh air a' leth-astigh fàsaidh mi le plodach agus fuar.

2. Ach thusa, a Thighearna, tha 'n comhnuidh air an aon dòigh, agus maireann gu sìorruidh, aonnan ceart, math, agus naomh, 'sa cur gach an gnìomh gu dealbhach, ceart, beannaichte, gan riaghladh le d' ghliocas. Ach mise, a tha nas tìtiche an comhnuidh air an olc nas mua na air a mhath, cha 'n 'eil mi idir a' fuireach air an aon suidheachadh an comhnuidh, ach a' caochladh mar oidhche nan seachd sian. Dèis sin thidh mo chor nas fhèarr, nuair a chi thusa am chaidh, agus nuair a shìneas tu do lamh gu d' chomhnadh : oir is ann agadsa ad onrachd a na comas fuasglaidh, gun lamh duine a bhith leat, agus càil cho mòr a thoirt seachad is nach d' thig tharrachadh tuilleadh air mo gnùis, ach bìdh mo chridhe fiathail unnadsa agus socrach a' tìmh.

3. Ime sin nam b' aithne dhomsa gu math tighinn as aonais toileachaidh saoghalta, los tighinn air tlus cràbhaidh, no los tighinn as m' tighinn le ruith gu d' chobhairse ; (is gun fhurtachd naomh aige duine) dh' fhaodainn an sin earbsa a misneachail ad ghràsan, agus leum gu h-aigh-arach le gràsan ùra.

4. Tàing gu robh dhusta, o bheil gach ni a' tighinn a dh' èireas gu math leam. Cha 'n 'eil unnamsa ach faileas agus neoni ann ad fhianuis,

duine neo-stèidheil agus lag, Mar sin, co as dh' fhaodas mi uaille a ghabhail no carson shirinn mias? 'N ann a neoni, ach is faoin sin Gu fìor, is faoin glòir, is plàigh mhillteach i, aimideachd mhòr: a chionn is gu bheil i garruing o fhìor ghlòir, 'sa toirt uainn gràsa Dè. Oir nuair a ghabhas duine tlachd as fheitha e mi-thlachdor leatsa: oir nuair tha e an gear air cliù o dhaoine, tha e a' call fìor shubhailcear

5. Ach an fhìor uaille 'san fhìor aighear, s uaille unnadsa, is cha 'n ann unmainn fheithaighear, a t' ainmse, is cha 'n ann as arsubhailcearfein no a creutair 'sa bith ach air do shonsa.— Moladh dha t' ainmse, is cha 'n ann dhombhsacliù dha d' ghnìomhsa, is cha 'n ann dha shaothairse: gum bu beannaichte t' ainm naomhis no biodh dad a luaidh aig daoine ormsa. tusa mo ghlòirse, agus sòlas mo chridhe. Unnadsa ni mi uaille agus aighear fad' a' latha, gu bheag a bhòsd asam fhein, mar a h-ann as laigse.

6. Iarradh, na h-Iùdhaich glòir o cheile, ac a' ghlòir a tha mise a' sireadh 'sann o Dhi a mhàin tha i. Gu deimhinn cha 'n 'eil ann a glòir dhaoine, 'sam mòrchuis saoghalta, ac faileas agus gòraiche lamb ri d' ghlòir shioruidhse. O m' fhìrinn, mo thròcair, mo Dhia, Thrionaid beannaichte, dhutsa gu robh moladonair, cumhachd is glòir fad saoghal nan saogha

XLI. CAIB.

Air shealltuinn sìos air onair shaoghalta.

1. A mhic, na cuireadh e mighean ort, nuair

i thu feadhainn eile an̄ faighinn onair agus de shaoghalta, an trà tha thu fhein fo thàir is neopris. Tog suas do chridhe ugamsa ann a' thanas, is na cuireadh masladh dhaoine air amb ort gruaman.

2. A Thighearna, tha sinne dall, agus gu tric ar mealladh le faoineis. Ma sheallas mi art orm fhein, tha mi faicinn nach d' rinn dh eucoir orm riamh le creutair air bith; ann rathad is nach 'eil aobhar gearain 'sa bith agam aghaidhse. Oir mise, a pheacaich cho tric is o trom ad aghaidh, is math a thoill mi gu'n èirdh gach creutair an airm am aghaidh. Mar sin, masladh is tàir mo cheart thoillteanas, dhutsa a ruineas moladh onair is glòir. Agus mur 'eil i fada an geall is làn thoileach air tàir fhaighinn o n h-uile creutair, le iad gam dhìobradh, iad gam chur tur suarach; cha 'n urruinn sìth a stòdachd cridhe a blith agam, no lèirsinn ioradail, no ceangal daingean riutsa.

XLII. CAIB.

Cha 'n 'eil sìth ri suidheachadh air daoine.

A MHC, ma se aobhar do shìth ri neach air th, gu bheil a chuideachd' taitneach leat, irghidh tu thu fhein mi-stèidheil agus cuibhichte Ach ma 'sann as an fhìrinn bheo mhairnnich a 'tha' daonnan do bhun, cha chuir folbh o bàs caraid ort gruaman. Is mise bu chòir a rith am stèidh do d' shìth ri caraid, 'sann air o shonsa bheir thu spèis dha, ge brith e, a na thu saoil sinn math, no air am bheil thu ro-nèidheil anns a' bheathsa so. Gun mise cha 'n

'eil brìgh no buanas ann an càirdeas, cha mhòtha 'n gaol fìrinneach glan mur ann uamsa a th shnaim. Do ghaol mar so do dhaoine a 's toig leat bu chòir dhut a bhith cho marbh, is gum b mhat leat, cho fad 'sa gabhas e dianamh, a bhith saor o chomunn dhaoine. Mar is fhaide a fhàga duine toileachadh talmhaidh, 'sann is teinne thèie air Dia. Mar an ciadna, mar is doimhne thèie duine fodha ann fein, 'sa laghdaichidh e e feir 'sann is àirde a dhìreas e gu Dia.

2. Ach an neach a chuireas math air bith as leth fhein, tha e cur moille air gràsan Dè thigh inn ga ionnsuidh : oir 'sann air a' chridhe iriose a tha gràsan a' Spioraid Naoimb daonnan a tòir. Nam b' aithne dhut tha fhein umhlachadh gu necni, is gach gaol talmhaidh a thrèigsinn bhiodh rathad agamsa an sin air gràsan sòp raichte a bhuileachadh ort. Nuair a shealla tusa air creutairean, tha thu call fradharc air a chruthadair. Ionnsuich buaidh a thoirt oir fhein anns gach ni airson a' chruthadair, agus mar sin bithidh rathad agad air ruighinn air so lus diadhaidh. Cha 'n 'eil rud, air a laghad, dh bheil spèis, no iarraidh neo-rianail duine, nach 'e a' cur moille air a mhath a 's mua, agus smal air an anam.

XLIII. CAIB.

An aghaidh faghluim fuoin saoghalta.

1. A MHIC, na gabh son do chàinnt bhòidheic fhìnealta dhaoine. Oir cha 'n ann am briathran a tha rioghachd fhilathanais, ach an cumhachd. Gabh suim dhe m' briathransa, a tha fadad!

ne sa chridhe, 'sa soilleireachadh na h-inntinn, gluasad aithreachais, 'sa dùsgadh sòlas air na dòigh, Na leig air leughadh uair air bith n am beachd a bhith fo mhias duine ionnsuich-no ghlic. Iarr gu t' ana-miannan a chlaoidh; sin a' rud a 's feumaile dhut, na mòran eòl-air ceisde diomhair.

2, An dèis mòran a leughadh, agus a thuig-an, bu chòir an t-eòlas sin a thilleadh gu chiad uaran. Is mise a tha toirt faghlum do dhaoine, us tuille lèirsinn do 'n bheag nas urruinn oine thoirt seachad. An neach ris an labhair ise, cha 'n fada a bhitheas e fàs glic, 'sa dol adhart gu math ann a' spiorad. Siad mo ruaigh iadsa a tha faighneachd ioma rud faoin dhaoine, agus a tha air bheag cùraim mu 'n t-igh air mise sheirbheiseachadh! Tha an t-àm tighinn anns a fiach maighistir nam maighis-ean e fhein, Criosta, Tighearna nan aingeal, us leasan a h-uile fir èisdeachd, se sin, gu cog-s-gach aon a rannsachadh. An sin thèid Ier-alem a rùrach le solus choinnlean, is thèid omhaireachd an dorchadais a' thoirt am follais, us beoil a dhùnadh.

3. Is mis' ann a' mìonaid a thogas an t-anamosal, gu tuille lèirsinn air an fhìrinn shiorrdh, na bheir sgoil dheich bliadhn' amach.— Tha mise a' toirt mo leasain seachad gun bhoil-a fhacal, gun aimhreit bharalaichibh, gun at dain, gun chònsachadh reusain. Is mise tha agasg nichean saoghalta a ghràineachadh, fuath thoirt do rudan diomain, sonas siorruidh shirrdh 'sa mheadhrachadh, onair a sheachnadh, rehuis fhulang, dòchas iomlan a' chur unnam-

sa, gun rud eile a shireadh ach mi, agus gràdh a thoirt dhomh fos cionn gach ni.

4. Bha duine àraid ann, le gaol a chridh, thoirt dhomhsa a dh' ionnsuich sgoil dhiadhaidh 'sa labhair an seòl miarailteach; 's mua chaidh air adhart le fàgail gach ni, na bheireadh sgoi dha air na leasain a 's àirde, Do chuid a dh' fheadhainn tha mi 'g innse rudan cumanta, d' dh' fheadhainn eile rudan sònraichte, dhaibh s' tha mi gam thaisbeanadh fhein gu sèimh f' chomharraichean is fo riochdan, dhaibh sud th' mi soilleireachadh nichean diomhair le mòra soluis. Se an t-aona ghuth th' aig na dòighean so uile, ach cha 'n ionann faghlum a bheir ia seachad; oir is mise fear-teagaisg na fìrinn, ai an taobh-stigh fear-raonsachaidh a' chridhe, fear leughaidh na smaointean, fear-prosnaidh g' gnìomh, a' riarachadh do gach aon air rèir is ma' a chi mi a thoillteanas.

XLIV. CAIB.

Cha 'n 'eil nichean na leth-amach ri 'n tarruing u' ainn fhein.

1. А МНІС, thighe' dhut a bhith aineòlach a ioma ni, agus sealltuinn ort fhein mar dhuib marbh air talamh, agus claidhte do 'n t-saogh uile. 'Sioma rud cuideachd bu chòir dhut leigeadh seachad le cluais bhodhair, a' smaoin eachadh air na rudan a 's mua a bheir sìth dhu. Se do shùilean a thionndadh o nichean nach tai inn riut, 'sa h-uile h-aon fhàgail nam beach fhein, is iomchaidh dhut, na bhith a' cònsachadh riu. Ma tha thu a' seasamh gu math an làtha

, agus a' beachdachadh air a bhreitheanas, an is mua a bhios agad do dh' fhaighidín air thig cùis ad aghaidh.

2. O Thighearna, ciod a thàinig oirnn?— Uch tha gearain cruaidh air call saoghalta, is son beagain buannachd tha daoine dol gu mòr saothair is allabain, agus tha call spioradail leigeadh thairis air diochuimhn', agus gu gann thoirt fonear. Ni air bheag math, no gun cum, tha iad a' sireadh, agus an gnothach a's tanaiche uile ga dhìobradh le mobhsgaid: haobh is gum bheil an duine uile a' ruith air othaichean na leth-amach, is mur tionndaidh atha gu h-ealamh, bàthar e unnta ga dheoin.

XLV. CAIB.

a' n' 'eil a h-uile h-aon ri chreidsinn, is gur tric sgiorradh facal.

TEASRAIG mi, a Thighearna, o thrioblaid; is faoin comaradh dhaoine. De cho tric a shealladh mi ann am earbsa, far na shaoil leam bhith tiaruinte? De cho tric cuideachd a uair mi creideas, far bu lagha mo dhùil ris? Far sin is faoin earbsa ri daoine, ach 'sann unnsa, a Thighearna, tha sàbhaladh aig daoine unnaichte ri fhaotuinn. Gum bu beannaichte cinm airson gach ni a thig am rathadsa. Tha an anafhann is neo-stèidheil, tric air ar mealladh, 'sa caochladh.

2. Co an duine a's urrainn a bhith cho camach is cho shealltuinneach air fhein anns ch ni, 'snach tuit e air uairibh am mearachd no bhruaillean. Ach an beach a chuireas a bhun

asadsa, a Thighearna, 'sa dh' iarras ugad a chridhe dìreach, cha bhi e ro-dheas gu tuiteam.— Agus ma thuiteas e ann an trioblaid air bith, a' dèanamh a mhiad is ge 'm bi i, cha 'n fhada bhios tusa gu thoirt a tèinn, 'sa furtachadh air: oir cha trèid thusa am fear a dh' earbas asad gun dìobradh. Is duilich tachairt air caraid dìleas, a sheasas gu buan ri chomhlan sa h-uile cruaidh chàs. Is duilich tusa, a Thighearna, ad aonar a 's dìle ann an gach ni, is do choimeas cha 'n 'eil ri fhaotuinneachd.

3. O nach bu ghlic an t-anam naomh ud, a Thighearna, thuirt, tha mo chridhe stèidheil agus suidhichte ann an Criosta! Nam b' ionann dhomhsa, ch' fhaodadh mi chuireadh eagal dhaoine cho grad mi gu furbaras is cha drùigheadh saighdean bhriathran orm ch' ealamh. Co is urruinn gach ni lèirsinn, nach gabhail ro h-uile ni a tha ri tighinn? ma tha ruith a chi sinn gar lot, nach mua na sin an ni nach fhaic sinn. Carson nach tug mise, an creutair truagh, an aire orm fhein na b' fhearr? Carson nach cuideachd a bha mi cho deas gu feadhainn eile nach chreidsinn? Ach cha 'n eil unnainn ach daoine, ach daoine laga cuideachd, ged tha mias is ainm aingeal oirnn aig mòran. Co chreidear, a Thighearna, co, ach thusa ad aonar? is gur tu an fhìrinn, nach meall is nach gabh mealladh: Air a' laimh eile, tha h-uile duine breugach, lag, neo-shuidhichte, neo-sheasrach, gu h-àraid ann am briathran, ach chor is nach 'eil neach ri chreidsinn ach gannta, ged bhitheadh coltas na fhìrinn air a sgiala.

4. Nach glic a' chomhairle so thug thu seachad, feumaidh sibh an aire thoirt duibh fhein ann an dhaoine; is gur iad muinntir taighe duine naimhdean; cha 'n 'eil neach ri chreidsinn, ge

eireadh e, seall tha e sid, no seall tha e so.—
 nuair mi leasan air mo chosg sa chàs so, gum
 h-eadh dha gur ann gu m' ghliocas a leasach-
 h a bhitheas e, is nach ann gu miadachadh mo
 òraich. Thoir an aire, (os duine àraidh)
 Thoir an aire, cum agad fhein mo briathran;
 nuair a bha mise sàmhach, 'sa saolsinn a'
 eula an cleith, cha b' urruinn e fein (a' fear a
 a sireadh orm gun a bheag innse) fuireach na
 osd, ach air ball thug e mise is e fhein fos-
 iard, is fholbh e roimhe. O leithidean sin do
 ialachdan, is o dhaoine meallta teasraig mi, O
 nighearna, na tuiteam nan lamhan, no sa
 nearachd chiadna tuille. Facal fìrinneach
 asrach cuir ann am bheul, agus teanga mheall-
 cum fada uam. An rud a 's oil leam fhulang,
 chòir dhomh a sheachnadh gu math.

5. O cho math is cho sìochainteach is tha
 ith sàmhach mu fheadhainn eile; gun a h-uile
 d a chreidsinn; gun an rud a chluinnear a
 ur gu luath an cluasan an atharraich: gun
 ach ga shoilleireachadh fhein ach do bheagan;
 bhith 'g iarraidh daonnan gu fear leughaidh a'
 ridhe: gun bhith fo luasgan leis a h-uil' oiteig
 ainnte: ach a' sireadh toil Dè dhol air adhart
 us gach ni a stigh 'sam mach! Nach mòr an
 on do gràsan Dè, teicheadh o sgleò onair
 aoghalta, gun bhith an dèidh air mòrchuis na
 atha so: ach a h-uile dìchioll a dbianamh a
 saicheas 'sa dh' àrdaicheas ar beusan? Nach
 na' h-aon dha d' rinn e dolaidh a shubhailcean
 thiginn am follais, is cluas a thoirt do mholadh
 oin! Nach mòr a choisinn gràsan le iad a

bhith an cleith anns a' bheatha so, a tha na buai eadh uile is na comhraig.

XLVI. CAIB.

Air earbsa chur ann an Dia, nuair chaithear oir saighdean fhacal.

1. A MHIC, seas gu làidir, is cuir do dhòch unnamsa. Oir de bhrìgh a th' aig briathran? Siubhlaidh iad ro 'n athar, ach air cloich cl dian iad beud. Ma tha thu an coire, thoir aire gum bi thu làn thoileach air thu fhein tho gu dea-staid. Mur 'eil dad air bith a' cur eallair air do chogais, smaoinich gum bu choltach dhut bhith deònach air cur suas ris an trioblaid so airse Dè. Is beag dhut cur suas air uairibh ri briat ran, 'snach urruinn thu fhathast beuman a truime a ghiùlan. Ach carson a tha rudan cl faoin a drùghadh air do chridhe, nach e gu bhe thu fhathast feòlar, is gu bheil tuilleadh eisioma agad ri daoine na bu chòir dhut? Le bhith gab ail eagail a tàir, cha 'n àill leat a bhith air chronachadh airson do lochdan, ach ag iarraid thu fhein a dhion fo sgàile leithsgeulan.

2. Ach gabh beachd ort fhein nas fhearr, ag gabhaidh tu ris, gu bheil an saoghal beo unna fhathast, maille ri dèidh fhaoin air daoine tho eachadh. Oir an trà tha thu teicheadh o bheuma is nach math leat dol fo mhasladh airson chiontan, is cùis shoilleir, nach 'eil tha tur iriosa no marbh do'n t-saoghal, no claidhte dhut fhein. Ach èisd ri m' fhacalsa, is cha chuir deich mì facal o dhaoine ort gruaman. Faic, ged rachad a h-uile ni a chantuinn ad aghaidh, a 's urruir

dròchmheinn a 's mua luaidh, de an dolaidh hianadh sin ort, na leige' tu sàmhach seachad gun mhias stràibh a thoirt air? An urruinn aont aon fhuiltean a spionadh o d' cheann.

3. Ach a' fear a tha gun mhisneach na chridhe, gun Dia na bheachd, is furasda a ghluasad le al tàireil. Ach an neach aig a bheil earbsa namsa, is nach iarr seasamh air a bheachd in, bios e saor o eagal dhaoine. Is mise am theamh, an Tì aig a' bheil fios air a h-uile mhaireachd; tha brath agamsa ciamar tha othaichean a dol air adhart, 's aithne dhomh 'ear a rinn an eucoir, 'sa fear a fhuilig i. 'Sann nsa thàinig an t-ac amach, 'sann le m' chead a chair an gnìomh, los smaointean o mhòran idheachan a shoilleireachadh. Is mise a bheir th air a chiontach is air an neochiontach, ach breth dhiomhair is math leam diachainn a vurt daibh ro laimh.

4. Tha teisteanas dhaoine gu tric mearachdach, a tha mo bhinnse ceart, seasaidh i, is cha d' id a cur bharr a buinn. Tha i a' falach air huid a 's mua dhaoine, follaiseach do bheagan nns a h-uile càs, cha d thèid i iomrall, is cha'n ruinn i, ged shaoileadh daoine aimideach i as eathad. Ime sin 'sann ugamsa is còir ruith breitheanas anns a h-uile cùis, gun earbsa a th duine fhein. Air an duine mhath cha d' g gluasad, a dh' aon rud ge 'n tuit na rathad Dhia: agus ge do labhrte gu olc air, cha ghabh mòran suim dheth, is cha mhua thogar e gu toil- hadh faoin, ge do ghabhadh feadhainn eile gu th a leithsgeul. Oir bheir e fonear gur mise r rannsachaidh a' chridhe 'sna 'n àirnean, ged

nach 'eil mo bhreth air rèir coltais agus dréac na leth-amach. Oir is tric a tha mo shùilse faighinn giomh anns an rud a shaoil daoine toille eannach air moladh.

5. A Thighearna Dia, a bhritheamh cheir chumhachdaich, fhaighidnich, dha 'n aithne breoiteachd is aingeachd mhic-an-duine, bi a threise dhomhsa is na d' aobhar dòchais air fao oir cha 'n fhoghainn mo chogais fhein dhomh. 'S aithne dhutsa an rud a tha an aineol orms 's airson sin bu chòir dhomh mi fhein a sthriocadh do 'n h-uile ahasan, 'sa ghabhail gu faighidneach. Math dhomh cuideachd gu tròcrac nuair nach do thachair dhomh so a dhianam is thoir gràsan as ùr dhomh gu tuilleadh fhulang. Oir is fhaide thèid do mhòr thròcair gu ruighinn air mathanas na barail mbath orm fhein o chogais bhrèige. Oir ged nach 'eil mi ag agairt dad oir fhein, dèidh sin cha 'n urruinn mi mi fhein a thoirt a nuas; oir gun do thròcair, cha 'n fhaighe creutair beo neochiontach ad fbianuis.

XLVII. CAIB.

Gu bheil a h-uile trioblaid ri ghiùlan airson riogachd fhlathanais.

1. A MHIC, na meataich ad spiorad fo 'n obair ghabh thu fos laimh air mo shonsa; is na cuideachd trioblaid sa bith thu gu droch mhisnich: a anns a h-uile ni thugadh mo ghealladh dhut ca agus furtachd. Tha mise comasach air luach saothair a thoirt seachad fos cionn mias ag tomhais. Cha 'n fhada maireas do shaothair so, is cha bi thu an comhnuidh air do phianad

dh beagan faighidín agad, agus chit thu an t-olc h-athghearr a' tighinn gu ceann. Thig aon r a chuireas crìoch air a h-uile saothair is aid. Is beag agus gearr a h-uile nì a dh' lbhas le ùine.

. An rud a nì thu, dian gu math e, oibrich dùrachdach ann am fhion-lios, is mise do ais. Bi cur ri sgrìobhadh, leughadh, seinn, idh, tosdachd, urnaigh, giùlan chroisean gu rail; is fhiach rioghachd fhathanas a' strì so e, agus am barrachd combraig. Thig sìth an latha, a tha follaiseach do 'n Tighearna.— sin cha bhì latha ann no oidhche, air rèir ll na h-aimshir' an so air talamh, ach solus h dìbir bios ann, dearrsa nach sguir, sìth idhichte, fois thiarainte. An sin cha 'n abair , co shaoras mi o choluinn a' bhàis so, is chà ua ghlaodhas tu mach, mo thruaighe mise, is fada mo thuinidh an cèin-thir Oir thèid bàs air chùl, is bios beath' ann is slàinte nach ig, folbhaidh bròn, thig sòlas àghor, chitear leachda flathail aoibhinn.

. O na faice' tu mar tha na naoimh ann a' h-anas fo chrùn gheala no glòrach siorruidh, mar tha iad a nis fhein a leum an sòlas! seadh, sa bha roimhe so gun mias aig an t-saoghàl, nach b' fhiach nan sùilean a bhith beo; gun gamh lùbadh tu thu fhein fo thàir air ball, heireadh tu raghuinn a bhith fo gach neach nachdranachd air aon duine. Cha 'n ann ri hean aoibhinn air talamh a bhiodh t' ùigh, bhiodh t' fhiughair ri trioblaid fhulang airson ; agus a bhith gun dad do mhias aig daoine oile' tu na bhuanachd mhòir.

4. O nam biodh na nichean so ad aire, is na drùigheadh iad ort gu grunn do chridhe, ciam a bhitheadh a dhànadas agad gearain, ged na biodh ann ach aon uair! Nach fhiach a' bheatha maireannach dol fo 'n h-uile ànradh airson? Cha rud faoin idir rioghachd Dè chall a chosnadh. Ime sin tog suas ri flathanas do gnù. Feuch mise, feuch mo naoimh uile mu 'n cuaidomh; chuir iad cath cruaidh anns a bheatha sa ach a nis, tha iad aoibhinn, tha iad làn sòlais, tha iad sàbhailte, tha iad aig fois, is maille riumsa a' a' rioghachd m' athar bios an tuinidh gu dèilinn.

XLVIII. CAIB.

Air latha na siorruchd, is ànradh na beatha so.

1. O RIOGHACHD àghor na flathas! O lathghil na siorruchd, air nach d' thig dùbhradh h-oidhche, ach an comhnuidh fo sholus na fìrinn a's àirde, daonnan sòlasach, daonnan tiarainn gun chaochladh gu bràch gun doininn. B' fheàrr gu soillsicheadh an lath' ud, gu 'n d' thige' criod air nichean talmhaidh gu lèir. Na naoimh, deimhinn, tha fo dhearrsa glan an latha chaidh, ach sinne, a tha an tìr choimhich, c' n fhaic ach fad as am faiteal, mar gu b' ann sgàthan.

2. 'S aoibhinn do mhuintir fhathanais lath' ud; ach 'sbrònach tha sinne sliochd Eibh, fada diachainneach ar là. Is beag agus olc laithean na tìme so, làn dòruinn is anshocrach; a' bheil duine air a thruailleadh le ioma peacad a' sàs aig iomadh ana-miann, fo eagal ro' iomgàbhadh, fo imcheist le ioma cùram air seachr

oma gòraich, air iomrall le ioma mearachd, a shàrachadh le ioma saothair, fo dhiachainn oma buaireadh, air a lagachadh le sògh, air unnachadh le uireasbhuidh.

. O cuin a thig na h-uile sin gu crìch! cuin ios mi saor o sglàmbachd thruagh a' phéacaidh? n, a Thighearna, a bhios mi cuimhneach ortsa tonar? cuin a bhios mo thoil-inntinn unnadsa ? Cuin a bhios mi ann a' fìor shaorsa, gun imrig, gun eallach cuirp no anma? Cuin a sith shuidhichte, sìth fhèathail agus thiar-te, sìth a mach 'sa stigh, sìth sheasrach sa ile dòigh? Ios' chaoimh, cuin a chi mi maise odain? Cuin thig glòir do rioghachd fo m' il? Cuin a' bhios tu gach ni dhomhsa anns h ni. Cuin a mhealas mi thu ann ad riogh-d, a dh' uidheamaicheadh leat o t-siorruchd d' chàirdean? Tha mise air m' fhàgail am chdan an talamh coimbeach agus naimbdeil, a' bheil gach latha comhrag is mòran do uaidh fhortan.

. Furtaich orm am chèin-thir, aotromaich mo dhòruinn, is mi togail riut m' osnaich ad ar, oir a h-uile toileachadh a thig o'n t-saoghal orran air m' inntinn. Gum mealainn thusa no mhiann, ach miann nach urruinn dhomh rachadh. B' àill leam dìreadh gu rudan spior-il, ach tha nichean talmhaidh, is ana-mian-docheannsuichte gam thàladh le bruthach. uachdar air gach ni bu mhath leam a bhith, tha an fheoil ge b' oil leam gam chumail iochdar. 'S amhail so tha mise, am dhuine agh a' gleachd rium fhein, agus am callach

orm fhein, a' spiorad ag iarraidh suas, 's fheoil a sireadh sìos.

5. Oan spàirn a tha stigh! nuair a theannas ri gnothach spioradail, na 'm meall thig smaotean saoghalt' a stigh orm am urnaigh; a Dh na bi fada uam, is na trèig ad chorruck sheirbheiseach. Sgap do dhealan, is fuadaid, tilg do shaighdean, is sgleòthan an namh thèid fhuadach. Tionail riut fhein mo smaotean, cuir an saoghal as m' aire gu h-ìomla thoir càil dhomh gu luath gu sàmhlaichean p each a chur air chùl 'san gràineachadh uam. Dian mo chomhnadh, Fhìrinn shiorruidh, a a' rathad 'snach dian faèineis mo ghluasad. thig, a chaoimh spioraid fhathanas, is teichigach ni truailidh o d' gnùis! Thoir mathadhomh cuideachd, agus laghadh ann ad thròca airson cho tric 'sa chaidh mi uat air faondra urnaigh. Oir tha mi 'g aideach gu deimh gu 'n bheil mi ro-bhuailteach do sheachran i tinn. Oir's iomadh uair nach 'eil mi anns an i ad an seas, no suidh mo cholunn, ach far an g lain mo smaointean mi: oir far a' bheil smaointean, faodaidh mi radh, gum bheil fein: agus tha mo smaointean am bichiontas a' bheil mo mhiann. Is gur ealamh a leur an inntinn gus an rud air a bheil mo dhèidh nàdar no neart cleachdaidh.

6. Ime sin, fhuarain na fìrinn, thuirt th gu soilleir, far a' bheil t' iùntas 'sann tha chridhe. Ma bhios gaol agam air flathas smaoinichidh mi gu deònach air flathanas. tha mo dhèidh air an t-saoghal, tha for saoghalta a' cur gean orm, is driod-fhertan b

h-cridhe. Ma tha spèis agam do 'n choluinn
 ; nichean na coluinne gu tric fonear dhomh.
 Ma tha spèis agam do 'n spiorad, is toigh leam
 coineachadh air gnothaichean spioradail.—
 Ma d'air bith, dha 'n toir mi gaol, is ro thoil
 'n labhairt air, is cluinntinn mu dhèidhinn o
 dhainn eile, is tha mi toirt dhachaidh leam
 gh an seanachais. Ach 's beannaichte an
 ne sin, a Thighearna, a leigeas gach creutair
 aire, a dh'èigneas a nàdar, a chlaoidheas
 -miannan na feòla le càil spioraid; los gu'n cuir
 rnaigh ghlan suas riutsa le cogais shocraich,
 ur fhiach e seinn ann an còisir nan aingeal,
 air tha rudan talmhaidh a mach 'sa stigh air
 fuadach.

XLIX. CAIB.

*idh air a' bheatha shiorruidh, miad an t-sonais a
 healladh do 'n fheadhainn a ni strì.*

A MHC, nuair a dh'fhairgheas tu dèidh air
 heatha shiorruidh a' drùghadh air do chridhe
 slathanas, agus toil ag èirigh unnad dol a
 ch a prìosan na coluinne, gu mo ghlòirse
 icinn, air nach d' thig caochladh; dian far-
 nn do chridhe, is glac na gràsan naomha so
 toil mhòir. Thoir an tàing a 's mua do
 thas Dè, a tha cho bàigheil gad ghluasad, cho
 imhneil gad fharraid, cho dian gad phros-
 chadh, cho cumbachdach gad thogail, eagal
 'n tairngeadh do chudtrom fein thu gu nichean
 mhaidh. Cha 'n e do smaointean fhein no do
 ìchioll a tha gleidheadh so dhut, ach saoi-
 s nan gràs, is iochd Dè: gus do shubhailcean

a leasachadh agus t' umhlachd, gus t' armadh blàir a tha feitheamh ort, gu d' ghlaoghadh riun le t' uile chridhe, agus seirbheis a dhianar dhomh le làn thoil.

2. A MHC, ged gabhas an teine, cha d' th an lasair suas gun deathach. 'S amhuil sin, cuid a dh' fheadhainn nan teine le smaointe diadhaidh, gun bhith saor o bhuaireadh is tog na fheòla. Air an aobhar sin, cha 'n ann gu cliù Dè tha iad a' tionndadh an rud a tha a' sireadh cho dùrachdach. 'Sann mar sin a do thogradhsa, a tha thu cur cho làidir an cè. An rud ad cha 'n 'eil glan agus coimhlion a' bheil masgadh dhe d' bhuanachd fein.

3. Iarr, cha 'n e an rud a tha taitneach a tarbhach ad shùilean fhein, ach an rud tha taitneach cliùthar dhomsa: oir ma bheir thu breacheart, se mo dhòighse thigeadh dhut iarrail 'sa leanail, a' raghainn air do thogra' fhein, rud air bith tha d' mhiann. Is aithne dhomh iarratus, 'stric a dh' èisd mi ri t' acain. dràs' tha thu an geall gum biodh saorsa cloir Dè agad; an rìs se do mhiann gum biodh tu aoibhneas na dachaidh shiorfuidh, 'sa seilbh riogachd fhathanas a mhòir shòlais: ach fath cha tàine an t-àm, is àm eile a th' ann san u so, àm cogaidh, àm saothair agus dearbhaidh. 'S àill leat a bhith làn do 'n t-sonas a 's àir 'ach sin rud air nach ruig thu san uair. 'Sm a' sonas sin, feith rium, os an Tighearna, gus d' thig rioghachd Dè.

4. Tha tuille dearbhaidh ri dhianamh ort talamh, 'san ioma rud ri d' fhiachainn. Aoibhneas gheobh thu air uairibh, ach mòran sòl

o cha d' thèid a thoirt dhut. Air an aobhar bi làidir smearail ann an gnìomh, is cuir ri croisean. Feumaidh tu an duine nodha suas, is fàs ad dhuine ùr. Feumaidh tu rud a tha an aghaidh do thoil a dhianamb gu ; 'san rud a 's miann leat fhàgail. An rud math le feadhainn eile, thèid a chur air adhach an rud a 's math leatsa, thèid a dhiùlt. An rud a their feadhainn eile, thèid èisdeachd an rud a their thusa cha shaoilear dad dheth. Feumaidh fheadhainn eile, is gheobh iad : iarraidh is cha 'n fhaigh.

Bithidh feadhainn eile miosail am beul boire, ach cha bhi guth ortsa. Ri feadhainn earbar sid no so, ach cha shaoilear gu bheil an unnadsa gu rud air bith. Tha leithid so nairibh a' cur dorrain air ar nàdar, agus is leinn a leigeadh seachad sàmhach. Le rudmar so, 'sle ioma rud eile coltach riu, tha hainnean gan cur air seirbheiseach dìleas an nearna an cumantas, a dh' fhaicinn ciamar a e ga aicheadh fhein, 'sa toirt bristeadh as a l fhein anns a h-uile ni. Is gann a tha rud ann cho feumail ri fein-chlaoidh, se sin gum eadh tu, is gu 'n cuire' tu suas ri rudan a bhios aghaidh do thoil fhein; gu h-àraidh nuair d gnothach mi-dealbhach, no mi-fhreagrach hùilean fein a chur mu d' choinneamh.— Is, o 'n is dàna dhutsa, a tha fo mhaighistir, an aghaidh òrdugh a tha fos do chionn, saoil-tu na gnothach cruaidh ort a bhith umhail mèideadh an atharraich, agus do bheachd an fhàgail.

Ach smaoinich, a mhic, air toradh do

shaothair, air cho luath 'sa thig i gu ceann, 's a an duais mhòir a tha feitheamh ort; is cha b thu fo dhuilichinn, ach fo shòlas a gliocas dhòigh. Oir do thoil fhaoin fhein, a tha t leigeadh dhiot ga d' dheoin, gheobh thu a ais a rithist gu dìlinn ann a' fathanas. A' s cuideachd gheobh thu a h-uile rud a tha mhiann gu d' àilleas, is gach ni a 's urruinn t shireadh. A' sid bithidh a h-uile rud math aga gun chùram an call. A' sid 's ionann toil dhom sa agus dhutsa, ni dhut fein, no 'n taobh-ma dhomsa cha 'n iarr thu. A' sid cha chuir nea ad aghaidh; neach cha ghearain ort, neach c chronaich thu, ni cha d' thig ad aghaidh; a air do bheulaobh bìos gach ni comhla air a' bh do mhiann, agus bheir iad làn thoileachadh g d' chridhe, is lionaidh iad e gu chùl. A' bheir mi glòir seachad airson tàir a chaidh fh ang, deise ghlòrmhor airson earraidh brò cathair rioghail bith-bhuan, airson suidh 's àit' a b' isle. A' sid chitear toradh no h-um lachd, bithidh saothair an aithreachais fo aoit neas, agus àrd onair aig strìochdadh iriosal.

7. Air an aobhar sin lùb thu fhein gu irio fo laimh gach duine, is na cuireadh e gruam ort co thuir, no dh' òrduch sid no so. A gabh mòran suim dhe so, gu 'n gabh thu math, is gu 'n cuir thu le làn thoil an gnio rud air bith thèid iarraidh ort, no smèidea riut, biodh e o uachdran, iochdran, no do le bhreac fhein. Iarradh fear an rud so, fear rud ad, gabhadh am fear ud uail as an ni am fear so as an ni ud eile, is moladh e e de mìle cuairt: ach na dian thusa uail a sid no

a mòr shealltuinn sìos ort fhein, agus as moil mhathsa dhianamh is mo chliù chur air art. Biodh dèigh do chridhe is uail air so, r a thoirt do Dhia ann ad bheatha maraon 's bhàs.

L. CAIB.

r còir do neach nach fairich sùgh na chràbhadh fein fhàgail an lamhan Dè.

A THIGHEARNA Dia, is Athair naoimh, gum beannaichte t' ainm a nis agus gu dìlinn: oir t is àill leat, 'sann a thèid a dhianamh, agus rud a ni thu tha e math. Gabhadh do sheirbheach toil-inntinn unnadsa, cha 'n ann ann fein, ann an rud air bhith eile; oir is tusa ad aonar shòlas fìrinneach, mo dhòchas, agus mo chrùn, aoibhneas agus m' uail, o Thighearna. Ciod a' aig do sheirbheiseach nach d' fhuair e uat, as gun a thoilltinn cuideachd. Is leatsa gach a thug thu seachad, 'sa rinn thu. Is duine dh' mise, o thùs m' òige fo ànradh: agus air ribh tha bròn air m' anam gu sileadh nan diar, air uairibh tha e fo bruailleann ann fhein le aireadh ana-miannan.

. Tha mi an geall air aoibhneas na sìthe fhaigh, si sìth do chuid cloinne tha mi 'g iarraidh, gur iadsa a tha do sholus aoibhinn ag àrach.— Ses gu 'n d' thoir thu sìth seachad, is aighear omh, seinnidh anam do sheirbheisich dhut le r aoibhneas, is molaidh e thu le cràbhadh brìgh-

Ach ma fhàgas tu mi, mar is ro thrìc a tha bairt, cha 'n urruinn do sheirbheiseach suibhal slighe t' fhàithnean, ach 'sann is dòcha e

tuiteam air a ghlùine, a' bualadh uchd : a faicinn nach 'eil a shoirbheas mar an dè is air a bhòc nuair a bha dearrsa do sholuis air a cheann, thiarmunn o bhuaireadh fo sgàil do sgèithe.

3. O Athair cheirt, naoimh, is ionmholtach comhnuidh, thàinig an uair gus do sheirbheiseach fhiachainn ! Athair ghaolaich, tha e iomchaid gum fuiligeadh do sheirbheiseach 'sa cheart uair so rud-eiginn air do shon. Athair, a tha shior-mholadh, thàinig an uair a bha thu o t-siorruchd a' faicinn a' tighinn, anns a bheil a' do sheirbheiseach ri fulang car tamuill na cheann uinn, gus anam a bhith beo unnadsa gu bràch. Biodh e fo thàir car tacain, biodh e air umhlachadh, biodh e gun dlù an làthair dhaoine, buaileas air ana-miannan is easlainte : los gu 'n èirich lath' eile mar ùr dhearrsa na maidne, is mar ghasoluis ann a' fathanas. Athair naoimh, se so òrdugh agus do thoil, agus thachair a' chùis mar a dh' òrduich thu.

4. Is gu bheil e na chomaine dha d' charaid gu 'n cuirte e gu fulangas is gu dòruinn anns bheatha so airson do gràidh, agus sin cuideach sa h-uile àm, is o 'n h-uile neach a lughaige tusa. Gun do chomhairle, gun do fhreasdal, gun do thoil, cha tachair ni air talamh. Is math dhomh, a Thighearna, gu 'n deach m' umhlachadh leat, gus an ionnsuichinn do lagh naomb, 'n cuirinn uam gach pròis cridhe is ladarnas. Is math dhomh gu na laidh masladh air mo gnù los gu 'm b' fhèarr leam furtachd a shireadh o na o dhaoine. Air chòrr dh' ionnsuich mi o eagal a ghabhail as do bhreitheanas do-rannsaich a tha sgiùrsadh an neochiontaich 'sa chiontaich

araon ; ach cha 'n ann gun aobhar gun cheartas.

5. Tàinig dhutsa, a chionn nach tug thu fath-
nas dha m' lochdan ; ach mo pronnadh air a
le buillibh cràiteach, an leagadh orm dòruinn,
gam thilgeadh ann an ànradh a mach 'sa stigh.
ne na bheil fo 'n ghrèin cha 'n 'eil ni a bheir
ctachd dhomh, ach thusa, a Thighearna Dia, a
gh' spioradail nan anman, a lotas agus a leigh-
as, a bheir gu ifrinn agus air ais. Tha mi fo
bheumaibh, is tha do shlat a' toirt leasain
omh.

6. Feuch, Athair ghaolaich, tha mise ann ad-
nhain, is tha mi gam chromadh fein sios fo
ùradh do shlait riaghailt. Buail mo dhruim
us mo shlinnean, gus an lùb mi mo rag mhuin-
gu d' thoil. Dian deisciobull cràbhach iriosal-
iomh, is gur gnìomh math t' obair, gus gu
gèill mi dha 'n h-uile smèideadh dhe t' thoil.
fhein is gach ni a bhuineas domh tha mi
geadh fo d' fhreasdal, is fhearr a bhith air mo
achdachadh an so na dèis so. Is aithne dhut
ch ni, air chomhla is maraon, is ann an cogais
nic-an-duine cha 'n 'eil ni am falach ort. Mun
chair rud tha fios agad gu 'n d' thig e gu teach :
cha 'n 'eil thu an eisiomail neach a thighinn a
oirt brath no sgeula dhut mu gnothaichean a
dol air adhart air talamh. Is aithne dhutsa
rud a thig gu mo leas, is tha fios agad cho
mail 'sa tha trioblaid gu salchar a' pheacaidh
ighe' uam. Dian do thoil rium mar tha mi
sireadh, is na dian diù dhe m' bheatha pheacaich,
a' bheil brath agadsa nas fhearr, is nas soilleire
neach air bith.

7. Thoir solus dhomh, a Thighearna, anns a'

rud a chuireas feum air solus, se sin gaol a thoirt do 'n rud a tha ri ghaolachadh, moladh a thoirt do 'n rud a 's ionmhuinn leatsa, mias a thoirt do 'n rud a tha prìseil ad shùileansa; a bhith faighinn coire do 'n rud is fuathach leatsa. Naig leig dhomh breth a thoirt air rèir sealladh na sùl, no binn a thoirt air rèir an sgiala a thig g m' chluais o dhaoine aineolach; ach nichea talmhaidh agus spioradail a chothromachadh a meidh cheirt, agus do thoil mhathsa iarraidh daonnan fos cionn gach ni.

8. Is tric a tha ceudan dhaoine air am mealladh na 'm bhreitheanas; is mealladh air dhaoine saoghalta a bhith toirt spèis a mhàin do nichea talmhaidh. De is fhèirde duine a bhith mhias mòr aig duine? Tha aona mhealltair a mhealladh mealltair eile, duine faoin an duine fhaoin, an dall an doill, an lag a' laig, nuair th e ga mholadh; ach ga rìreamh 'sann a tha e dhiomoladh an ait a bhith ga moladh. Urad ' fhiach duine ann ad shùileansa, se sin a luac gun tuilleadh, arsa naomh iriosal Frannse.

LI. CAIB.

Gu beil obair iriosal ri glacail nuair a fhàsar sg do nichean àrda.

1. А МНІС, cha 'n urruinn thu an comhnuidh bhith san aon teas mu shubhailcean, no fu each daonnan sa cheum a 's àirde do chràbhad is fheudar dhut air uairibh le laigse a' pheacai ghine tuiteam le bruthach: agus uallach na beat choirbte ghiùlan, ge b' ann an aghaidh do th is le mighean. Fhad 'sa bhios tu fo callach

uinne bàsorsa, bios do chridhe trom is fo
 ulad. Bu chòir ime sin, a bhith caoidh gach
 gu bheil eallach na coluinne ri ghiùlan, a tha
 et ort nach urruinn thu gnothaichean spiorad-
 ail, is àrd chràbhadh a leanail gun lasachadh.
 2. An sin thigeadh dhut teannadh ri obair
 osail is gnìomh na leth-amach, agus t' anail a
 geadh le gnìomhan matha; is feitheamh le
 chas làidir ri m' thighinnse, is ri m' fhurtachd
 athanas : a' cur suas gu faighidneach ri bhith
 cèin-thir air fògradh agus gun tlus chràbhaidh,
 an d' thig mise a fhuasgladh ort, is gu d'
 coradh o n' h-uile anshocair.. Oir bheir mi
 gu 'n leig thu t' ànradh air diochuimhn' is
 'm meal thu sìth cridhe. Sgaoilidh mi air
 bheulaobh àilean gorma' sgriobtuir, gus gu 'n
 ann thu le cridhe farsuinn ri ruith air slighe m'
 ithnean. Is their thu an sin, cha 'n fhiach
 oblaid na h-aimsir' so a cur an coimeas ris
 ghloir a dhealras an daoine matha. *Thaim. 8. 18.*

LII. CAIB.

*a 'n e toil-inntinn, ach anshocair a tha neach a'
 oilltinn.*

A THIGHEARNA, cha 'n airidh mi air do shòlas,
 dad do shòchair spioradail; agus ime sin is
 rt a tha thu dianamh rium, an trà tha thu gam
 gail bochd agus ainniseach. Oir ged a b'
 uinn dhomh muir a lionadh le deoir, -cha
 lleadh sin dhomh do shòlas. Air an aobhar
 , cha 'n airidh mi air ni, ach buillean is
 n; a chionn gu 'n pheacaich mi gu tric is
 trom ad aghaidh, is gur fuathasach lionor

mo chiontan. Ime sin, nuair a ghabhas n sàr-bheachd air a' chùis, tha mi a' faicinn na fhiach mi an toileachadh is lagha. Ach o'n Dia iochdar agus tròcrach thusa, leis nach àit' obair a chall, bi do thoil (a' fiachainn mar si do mhòr mathas an sagmaichean do thròcair do sheirbheiseach a lionadh, ge bu tnr neo-thoilteannach, le aighir fos cionn aoibhneis shaoghalt. Oir cha 'n ionann an toileachadh a tha thusa a toirt seachad, agus subhachas saoghalta.

2. De rinn mise, a Thighearna, gum faighinn uat sòchair air bith a fathanas? Nach d' rinn mi math air bith tha mi 'g aideach; oir is duir mi a bha an comhuidh a' ruith air an ole, agus leisg gu leas m' anma chur an gnìomh. Is fìrinn so nach urruinn dhomb aicheadh, is na canainn a' chaochla', sheasa' tusa ann am aghaidh, is bhithheadh ann fear mo dhion. De thoill n airson mo pheacannan, ach iutharna agus teir siorruidh? Le fìrinn tha mi 'g aideach gu n thoill mi fauid is tàir air a h-uile dòigh, is nac 'eil còir agam air mo chunntadh an aireamh e dhea-sheirbheiseach. Agus ged is càinnt so a th mi-thaitneach leam ri èisdeachd, dèis sin airson na fìrinn tha mi gam dhìteadh fein airson n pheacannan, los gur fhasa dhomb ruighinn ma sin air do shòcair.

3. De their mi, duine peacach, is a tha leagladh le nàire? Cha 'n 'eil a dh' aghaidh agana their ach an aon fhacal so; pheacaich mi, Thighearna, pheacaich mi: dian tròcair orr their mathanas dhomb. Leig dhomb beagagus an taom mi mach mo dhòruinn, mun siubail mi gu talamh dorcha, is bàite ann an dhubh

bhàis. Ciod eile tha thu sireadh o chiontach, o pheacach truagh, na gum biodh e làn bròin umhlachd airson a chiontan? O chridhe goirt us iriosal thig earbsa a mhathanas, sìth gu gais èisleanaich, ath-ghleidheadh air ghràsan illte, dìon o'n fheirg a tha feitheamh air duine; us tha Dia, agus an t-anam brònach, a' tighn an còmhail a chèile le pòig naoimh na rèite.

4. Is iobairt thaitneach leat, a Thighearna, threachas nam peacach, is boladh so ad fhianuis cùbhraidh' gu mòr na tùis air a losgadh. Is a thaitneach so leis am math leat do chasan tomh' a nighe: oir cridhe iriosal is brùite cha chuir thu riamh suarach. 'Sann a so tha dean o aghaidh fheirgich an namhud; a so tha gheas is glanadh ri fhaotuinn o gach ni tha lach unnainn no truallidh.

LIII. CAIB.

Cha 'n 'eil bun aig gràsan Dè ann an daoine talmhaidh.

A MHIC, tha mo ghràsansa prìseil, cha 'n cuilig iad nichean coimheach, no toileachadh talmhaidh bhith air a masgadh unnta. Ime sin na gach ni tha cur èis air gràsan ri thoirt as a' athad, ma tha mhiann ort ruighinn orra. Iarr it' uaigneach dhut fhein, bi deònach air fuireach a' fhein, na sir comhra ri duine air bith, ach tom urnaigh dhùrachdach air bheulaobh Dè, us gum bi cridhe aithreachail agad, is cogais hlan. Na bitheadh mias 'sa bith agad air an -saoghal uile; freasdail air Dia, a raghainn air ile ghnòthaichean na leth-amach. Oir cha 'n

urruinn thu an aire thoirt ormsa, agus toileachadh talmhaidh agad san àm. Tha agad ri do fada o d' luchd-eòlais is o d' chàirdean, agus d' chridhe gleidheadh saor o n' h-uil' aighir shaoghailta. Air rèir sin b' e guidh an ostail bheannaichte Phedail, gu'n sealladh creidmhuich Chrìost agus an t-saoghailsa orra fein mar choigrich i mar fhògraich.

2. O! nach mòr an t-aobhar misnich do neach aig uair a' bhàis, a bhith saor o gach dèidh shaoghailta. Ach an cridhe a tha sgairte mar so o gach neach cha tuig an t-anam a tha fhathast lag; is aig an duine thalmhaidh cha 'n 'eil eòlas air saorsa an duine spioradail. Dèis sin ma 'smath leis a bhith na dhuine spioradail an seòl ceart, feumaidh e dealachadh ris an feadhainn a tha fada uaithe 's gaire dha, 'sa bhith air fhaicill roimhe fhein, i ro'n h-uile h-aon eile. Ma bheir thu làn bhuidheort fein, 's fhasa dhut buaidh a thoirt air rudan eile. Se buadhachadh ort fein buaidh is àird uile. Oir am fear sin aig a bheil smachd air fhein ann a' rathad is gu bheil ana-miannan f' reuson, 'sa reuson anns gach ni a' gèille' dhomh sa, is fìor mhaighistir a' fear sin air fein is air an t-saoghal.

3. Ma tha thu an geall air dìreadh gu inhbhe cho àrd, cha 'n fhuilear dhut tòiseachadh le fearalachd, 'san tuagh a chur ri friamb na craoibhe los gu 'n gearr agus gu sgath thu uat do spèil fhalachaidh agus mhi-riaghailteach dhut fein agus do thoil ga d' math fein is ga d' ghaireas saoghalta. Se an giomh so, leis a bheil duine a' toirt ga oil thuathail dha fhein, friamb a h-uil h-uile; is tha i ri spionadh a nuas agad as a bur

agus nuair a thèid an t-olc so chur fo smachd is chuing, thig sìth agus fè mòr air ball. Ach chionn 'sgur beag a tha strì ri bàsachadh tur haibh fhein, is dol a mach asda fhein buileach; na e tachairt, gu bheil a' mhòr chuid an sàs an in-chuibhrichibh, is ana-comasach air dìreadh os an cionn fhein le neart a' spioraid. Ach an each a tha an geall air imeachd gu saor am pargsa, cha 'n fhuilear dha gach togradh cam mathal ann fein a chlaoidh, is gun ghlaoghadh ri ceutair air bith le sannt a chridhe fein no le biann peacach.

LIV. CAIB.

Tu bheil gluasadan ar nàdair is nan gràs ao-coltach ri chèile.

1. A MHC, thoir an aire gu math do dh' impidh nàdair agus ghràsan, oir is ao-coltach ri chèile n gluasad, 's is duilich an eadardhealachadh; is ann a dh' aithnghear an diubhras eadorra, ach e duine spioradail, is soilleir air a thaobh-stigh. Tha daoine uile an geall air rud-eiginn math, agus an rud math so tha iad a' gabhail orra a h-ireadh nam briathran is na dianadas, agus fo gèimh a' mhath so tha mòran air am mealladh.

2. Tha nàdar seòlda, a' briagadh mòrain, gan ur an ribeadh; is gam mealladh; nuair tha e ein daonnan aig buna' ghnòthaich. Ach tha grà-an gun fhoill, gun sgleò uile, gnn chleòc brèige, a ianamh a h-uile ni le beachd glan Dia thoileachd, is ruighinn air mar an crìoch dheireannach.

3. Cha 'n fhuilig nàdar ga dheoin fein chlaoidh, no smachd no gèilleadh, no strìochdadh, no lùbadh

fo chuing. Ach tha gràsan a' sireadh, gu ' claidheadh duine e fein, gu 'n cuireadh e stria ri ana-miannan, gu 'n gabhadh e smachd, gu ' gèilleadh e, nach iarradh e gu saorsainn a tho fhein, gum biodh e tìtheach air a bhith na iochd aran, cha 'n ann na uachdaran air neach air bitl gum biodh e an comhnuidh fo rian Dè na bheatha na ghiùlan, 'sna dhòigh, is deas airson Dè g lùbadh gu h-iriosal fo laimh gach creutair.

4. 'Sann air a shon fhein a tha nàdar a' str agus fiach de choisnicheas e air an atharrach th shùil. Ach cha 'n e am math fhein, 's ar buannachd a tha gràsan a' sireadh, ach an ru a thig gu stà do mhòran a tha nam beachd.

5. Tha nàdar dèidheil air onair agus mias, ac 'sann do Dhia a bheir gràsan a h-uile onair agu glòir mar dhlighe.

6. Tha eagal aig nàdar ro mhasladh is ro thàir Ach tha gràsan deònach air tàir fhulang airso ainm Iosa.

7. Is toigh le nàdar diomhanas, agus socai dha 'n choluinn. Ach cha 'n fhuilig gràsan bhith na 'n tàmh, is cuiridh iad ri gnìomh g h-inntinneach.

8. Is toigh le nàdar rudan ainneamh agu briagha, agus beag air rudan suarach agus grànd Ach tha dèidh aig gràsan air nichean cumanta agus tàireil, is cha bheag orra nichean rocach, cha 'n nàr leo seann aodach a chaitheamh.

9. Tha sùil aig nàdair air rudan talmhaidh agus gabhaidh e tlachd a buinnig shaoghalt bròn a call, is fearg ri facal neoneach tàire. Ac tha gràsan a' sireadh gu nichean siorruidh, cha 'n 'eil taobh aca ri rudan talmhaidh, no

ruaillean airson an call, no fo ghruaman ri
riathran garga, a chionn is gur ann am flathanas,
r nach tèid ni air chall, a tha an ullaidh agus
n toil-inntinn an tasgaidh.

10. Tha nàdar sanntach, is nas tìthiche air
bhail, na toirt seachad, is toigh leis rud dha
sein, agus a chuid fhein. Ach tha gràsau càird-
l agus pàirteach, seachnach air rud fos leth,
ilichte le beagan, am mias gur fhearr a bhith
irt seachad na gabhail.

11. Tha taobhachd aig nàdar ri creutairean,
s a' choluinn, ri faoineis, is luasgan an sid 'san
. Ach tha gràsan a' dianamh air Dia 's air
bhailcean, a' tràigsinn chreutairean, a' teich-
dh o 'n t-saoghal, gràineach air togradh na
òla, seachnach air taobhastal, coma air dol an
uideachda dhaoine.

12. Tha nàdar dèidheil air toil-inntinn na
th-amach anns a' bheil a cheudan riarichte.
ch 'sann an Dia mhàin a tha aighear nan gràs,
ann sa' mhath is àirde tha 'n sòlas fos cionn
ch ni.

13. A h-uile guiomh a ni nàdar, 'sann gu
nuannachd fhein is gu ghaireas, ni cha 'n urr-
nn e dhianamh a nasgaidh, ach tha dhùil ri
ach-saothair, no tuilleadh agus sin, no ri mias,
o ri fàbhor airson oibrichean matha, agus 'smath
is a dhianadas fhein 'sa thàlant an a bhith fo
hòr mhias. Ach ni talmhaidh air bith cha 'n
il gràsan a' sireadh, no tuarasdal 'sa bith airson
a saothair ach Dia mhàin; is do nichean talmh-
dh cha 'n 'eil suim, ach air rèir 's mar a chomh-
as iad gu rudan siorruidh chosnadh.

14. Is math le nàdar gum biodh mòran

chàirdean is luchd-cinnich aige, tha uail ann a' àrd inbhe, fuil uasail, togalach ri daoine mòra brìodalach ri daoine, moltach air a lethbhreaca fhein. Ach tha gràsan gaolach air naimhdear gun uail a mòran chàirdean, gun mhias air inbh àird no breith uasail; mar 'eil beusan gan rèis. Tha 'm bàigh ris a' bhochd nas mua na ris bheirteach, an truas ris an duine ionraic na mua na ris an duine chumhachdach, 's an toil eachadh ris an duine fhìrinneach nas mua na ris an duine mheallta, a' comhairleachadh daor nan dhaoine matha gu sàmhlaichean nas fhearr leanail, is fàs coltach ri Mac Dè le subhailcear.

15. Tha nàdar gle ullamh air gearain a uireasbhuidh is air trioblaid; ach tha gràsan a' cur suas gu misneachail ri bochdainn.

16. Tha nàdar a' tarruing gach ni uige fhein a' gleac 'sa cònsachadh air a shon fhein; ach tha gràsan a' tarruing gach ni gu Dia o 'n d' thàinig iad air thùs, ni cha 'n 'eil iad a' cur as an leth fhein, no gabhail dànadais uaibhrich, cha dia iad cònspad, no 'm beachd fhein a chur fos cion barail feadhach eile, ach le 'm beachd air fad le 'n tuigse tha iad gan strìochdadh fhein do ghliocas shiorruidh, is do breth Dè.

17. Tha nàdar an geall oir eòlas air gnot aichean diomhair, is èisdeachd ri nuaidheachdan, e fhein fhiachainn, is ioma rud a rannsachadh le cheudan corporra; tha mhiann air fura o dhaoine, is air gach gnothach a' dhianamh g moladh is cliù a chosnadh: ach cha 'n 'eil iad a' cur a' bhàidh aig gràsan air nuaidheachdan, no eachdraic neònaich, cha 'n 'eil ann a sin uile ach mìr do t-seann truailleachd: oir cha 'n 'eil ni ùr no bu

air tuachdar a' talmhuinn'. Air an aobhar sin tha
 d' a' teagasg ar ceudan a riaghladh, toileachadh
 noin is uaibhreachas a sheachnadh, nichean prìseil
 agus urramach fhalach gu h-iriseal, a h-uile
 niomh is faghlum a thionndadh gu math, agus
 a cliù is onair Dè. Cha 'n e iad fhein, no 'm
 buadhan is math leo mholadh, ach 's àill leo gum
 bitheadh Dia air a bheannachadh airson a thiodh-
 nicean, is gur e thug gach ni seachad gu saor o
 bròcaire.

18. Is rud na gràsan so a tha fos cionn nàdair,
 a thiodhlac sònraichte iad o Dhia, combarradh air
 dhaoine taghte, agus earlas air beatha mhair-
 annach: tha iad a' togail duine o nichean
 talmhaidh gu spèis a thoirt do rudan diadhaidh,
 a dianamh duine spioradail do dhuine feòlor.
 Air an aobhar sin mar is mua thèid nàdar a
 bhlaoidh agus a smachdachadh, 'sann is mua a
 heirear seachad do ghràsan, agus fàsaidh an
 duine spioradail le gibhtean ùra a h-uile latha
 as coltaiche ri iomhaigh Dè.

CAIB. LV.

*Gum beil ar nàdar air a thruailleadh, is gràsan Dè
 eifeuchdach.*

A THIGHFARNA, is mo Dhia, a chruthaich
 mi ri d' iomhaigh fhein is ri d' dhealbh, thugas
 omh na gràsan so, a tha air am fiachuinn leat a
 bhith cho mòr is cho riatanach gu sàbhaladh:
 os gu 'n d' thoir mi buaidh air mo nàdar daobh-
 aidh, a tha gam tharruing gu peacadh is gu
 èirsgrios. Oir tha mi faireachduinn lagh ann
 m fheoil, a tha gleac ri lagh m' inntinn, is gam

sparradh air adhart gu m' ana-miannan a riarachadh an ioma rud; agus cha 'n urruinn mstad a chur air an conbhadh, nas lagha na gheobl mi comhnadh do ghràsan ro-naomh, gus m' chridhe neartachadh.

2. Tha do ghràsan feumail, is gràsan mòra cuid eachd, gu buaidh a thoirt air mo nàdair, a tha daonnan claon thun an uile o thoiseach. Oir thuit anns a chiad duine Abhadh, is thruailleadh e leis a' pheacadh; ann an rathad is gu na ruith pian na soilche so gus gach duine: mar sin, tha nàda fein; a chruthaich thusa gu math agus gu coimhlion, ann nis a' dol fo ainm peacaidh, no laigse nàdair thruaillidh; a chionn is gu bheil a ghluasac nuair a dh' fhàgar leis fhein e, ag iarraidh thu an uile, is nichean talmhaidh. Oir am beagan neart a th' aige is ionann e is stradag a' falac fo luaithe. Agus si an t-stradag sin an tuigs nàdarra, is tha ceò trom ga cuartachadh, ac fathast ag aithneachadh a mhath seach an t-ol an fhirinn seach a' bhreug: ged nach urruinn an rud a chi i math a chomhlionadh; a bhàrr a sin, tha làn sholus air fìrinn, is togradh ceart air chall.

3. O sin, mo Dhia, is ionmhuinn leam do lag air an taobh-stigh, is tha brath agam gu bhe t' fhàithnean math ceart agus naomb, a' dìteadh a h-uile h-olc is peacadh, mar rudan ri seachnadh. Leis an fheoil tha mi gèilleadh do lagh pheacaidh, nuair a tha mi leanail m' ana-miannan an aghaidh reusoin. O sin tha e tachairt, gu bheil toil a thoirt do 'n mhath rèidh dhomh, ac rathad air a choimhlionadh cha 'n 'eil mi faigh inn. O sin is tric a tha mi a' cur ghnìomha

athatha romham; ach le cion ghràs gu comhnadh m' laigse, tha an rud is lagha thig am rathad toirt orm tuiteam air ais is leigeadh dhìom.— sin tha e tachairt, gu bheil eòlas agam air ìghe na coimhlionachd, agus nas leòr do shoillreachd air mar bu chòir dhomh rud a dhianamh. ach le cudtrom mo choirbteachd fhein, cha 'n 'eil i 'g èirigh gu beusan nas àirde.

4. O cho tur feumail, a Thighearna, is a tha ghràsan dhomh gu tòiseachadh, dol air adhart, dea-chrioch a chur air math! Oir as an nàis cha 'n urruinn dhomh ni dhianamh, ach 'n càil 's urruinn dhomh gach ni dhianamh nadsa, O ghràsan fhlanais! gun sibh cha 'eil luach an gnìomh, no brìgh aig buadhan nàdair, no blagh an ionnsuchadh, no 'm beirteas, no maise, no neart; cha mhua gun ghràsan, a Thighearna, a tha stàth ann an gliocas, no 'n a-labhairt. Oir tha buadhan nàdair aig daoine ath' is olca maraon; ach gràsan, no gaol, is dhìolac a bhuineas do na daoine taghte, agus an mharradh a dh' fhiachas gur fhiach iad a' eatha shiorruidh. Tha gràsan cho prìseil is ch' eil brìgh gun iad an tiodhlaicean, no 'm sneachd, no 'n comas mhiarailtean a dianamh, no 'm fradharc air na nichean a 's àirde. Cha tinn creideamh, no dòchas, no subhailcean eile itsa, Dhia, gun charrannachd, is gràsan.

5. O ghràsan a' mhòir àigh! a ni a' fear a thachd na spiorad beirteach ann a' subhailcean, agus a' fear aig a' bheil mòran beirteis iriosal na ridhe. Thigibh, o thigibh a nuas am ionnsuidh, lionaibh mi gu tric le' r sòighneas, eagal gu llinnich m' anam le sgìs is tiormachd! Si m'

achanaich riut, a Thighearna, gu faigh mi ua
gràsan; oir is leòr dhomh do ghràsan, ged nac
faighinn rudan air bith eile air a' bheil mo nàda
an geall. Ged do bhithinn fo dhiachainn is d
phian le ioma trioblaid, cha bitheadh eagal ui
orm is do ghràsansa mar-rium. Siadsa mo near
bheir iad soilleireachadh dhomh is comhnadh.
Is treasa iad na m' uile naimhdean, is glic iad r
daoine crionna air fad.

6. 'Sann uatha thig sgoil na fìrinn, eòlas a
dea-bheusan, solus cridhe, furtachd an tèinn s
las am bròn, blàs an cràbhadh, 'san urnaigh deoi
As an eugais ciod a th' unnam ach maide tiorar
agus stoc nach fiù ach a thilgeadh air folbh. In
sin, a Thighearna, biòdh do gràsan daonna
maillerium, romham, am dhèigh, isgam chuma
gu teann ri gniomban matha sa h-uile h-am;
leth Iosa Criosta do Mhic. *Amen.*

LVI. CAIB.

*Gu feum sinn sinn fhein aicheadh, Criosta a lean
le giùlan ar croise.*

1. A MHC, mar is fhaide thèid thu asad fhein,
ann is teinne a thig thu ormsa. Nuair nach
thèid dad iarraidh a mach tha sìth a stigh.
'Samhuil sin nuair a thrèigeas sinn sinn fein
stigh, tha sinn a' dlùthachadh ri Dia. Bu ma
leam gu 'n ionnsuicheadh tu thu fhein aicheadh
gu h-iomlan, gu mo thoilse a dhianamh g
obadh gun ghearain. Lean mise; 'smi
t-slighe, an fhìrinn, 'sa bheatha. Gun slighe
'n 'eil dòigh air triall, gun fhìrinn cha 'n 'eil f
rachadh, gun bheatha cha 'n 'eil rathad air bh

toirt gaol dhomhsa: is bithidh gaol agamsa air fiachaidh mi mi fein dha, is cuiridh mi n shuidh' e ann a' rioghachd m' Athar.

5. A Thighearna Iosa, mar tha thu radh, 's gealltainn, biodh e dhomh mar sin, is thuga domh gu 'n toill mi e. Ghlac mi, ghlac mi: chrois o d' laimh; giùlainidh mi i, agus giùlainidh mi i gu ruig' am bàs, is gur tu fein a chuir orm i. Gu fìor, si chrois sgàthan beatha an de mhanaich, agus cairt-iuil fhathanas. Thòisic an gnothach, tilleadh air ais cha 'n fhaodar, leigeadh dhiom cha chòir.

6. Togamaid oirnn, a bhràithre, gabhama air adhairt combla, bithidh Iosa maille ruinn. As leth Iosa ghlac sinn a' chrois so, as leth I leanamaid rithe. Bìdh esan dhuine na threis na cheann-iuil, is na cheann-uidhe. Feuch rìgh ag imeachd romhainn, cathaidh e air ar so Leanamaid e gu fearail, na taisicheadh neach a bith ri uchd gabhaidh: bàsachadh sa chath na ghaisgich biodh na 'r beachd, na tàradh sin air ar cliù le trèigsinn a chruinn cheusaidh.

LVII. CAIB.

Cha 'n fheum duine dol gu anabarr bristeadh-cridhe airson tuiteam ann a' fàillinnean.

1. A Mhic, is docha leamsa faighidin agus un lachd ri linn anastachd na mòran toil-iuntinn cràbhaidh ann a' fè. Carson a bhiodh tusa bristeadh-cridhe airson facail bhig a rachadh a chantuinn ad aghaidh? Ged bhitheadh t-aobhar na bu mhua, cha bu chòir dbut dol bruaillean. Ach leig seachad sin an nis: Cha

o a chiad diachainn, cha mhua is diachainn ùr, 'n diachainn mu dheireadh, ma bhios tu fada o. Tha thu fearail gu leòr nuair nach d' thig d ad aghaidh. Tha do chomhairle math cuid-chd, agus le d' bhriathran is aithne dhut misach a thoirt do dh' fheadhainn eile; ach cha nithe a bhuaileas an trioblaid aig do dhorus n, na tha do comhairle, is do neart gad thrèign. Seall air do laigse mhòir fein, leis na ghèill i gu tric air bheag aobhair: agus tuig gu bheil uile 'sa lethidean eile a' tachairt gu leas t' anma.

2. Cuir t' arraban as do chridhe air an dòigh 'hearr is aithne dhut, is ma tha e a' drùghadh, na leig fada fodha e, is na fuirgheadh e ach rid a' cur èis ort. An car a's lagha, cuir suas le faighidin, mur h-urruinn thu le sòlas. Aurr air so, ma 's fearbh leat cuid do rudan èis-chd, is gu 'n tog iad ort dorran, caisg an asad sin, is facal neo-shuaire na leig a mach as bheul, eagal droch leasan a thoirt do dh' fheadh-n laga. Cha 'n fhada bhios am buaireadh a adh air folbh, nuair thig mo ghràsansa, èiridh as an àite bròin. Tha mise làthair fhathast, an Tighearna, deas gu d' chomhnadh is furd a thoirt dhut nas mua na b' àbhaist ah; ma ses gu dian thu rium earbsa agus aigh dhian.

. Socraich thu fein nas mua, is bi deas gu chainnean is cruaidhe fhulang. Cha 'n 'eil a ile rud càillte, ged bhiodh an trioblaid gu tric thaoghal, 's am buaireadh gu trom gad shàradh. Is duine thu, is cha Dia, is feoil, is cha aingeal. Ciamar is urruinn thusa a bhith radh an comhnuidh air an aon dòigh le subh-

ailcean, rud nach d' rinn ainglean fhathast no chiad duine ann a' phàrrais. Is mise a dhùisgeas aighear 'sa chridhe bhrònach, 'sa stiùras a fheadhainn dha 'n aithne a laigse fhein gu solus mo dhiadhachd fhaicinn.

4. Gum bu beannaichte t' facal, a Thighearn is mise e na mil dha m' bheul, na cìrean meal Ciod a dh' èireadh dhomh fo thrioblaidean is èiginnean cho lionor, mur tugadh do bhriathra naomba dhomh furtachd. Ma choisneas mi na dheireadh cala an t-sàbhalaidh, de an umha ciod, no de tric mo dhòruinn? Thugas dom dea-chrioch, thugas domh gum bi sonas orm fàgail an t-saoghail so. Cuimhnich orm Dhia, agus stiùr dìreach mo thriall gu d' riogachd fhein. *Amen.*

LVIII. CAIB.

Cha chòir a bhith rannsachadh rudan àrda, breitheanas diomhair Dè.

1. A MHIC, thoir an aire nach bi thu reusonachadh mu rùin dhiomhair, is mu bhreitheanas domhain Dè; a radh, carson a chaidh a' fàgail ud fhàgail mar sid, 'sa fear ud eile faighinn gusan cho mòr; no carson a tha an duine ad ànradh cho mòr, agus an neach ad a' dìreadh anabarrach àrd? Is rudan sin a tha dol fos cìle lèirsinn chlann-daoine: le reuson no rannsachadh cha 'n fhaodar ruighinn air breitheanasan Dè. Air an aobhar sin ma chuireas an namhaid ruc mar so ad cheann, no ma thèid am faighneadh dhiot le daoine faoine, freagair iad le briathra an fhàidh. Tha thu fìrinneach, a Thighearn

tha do bhreitheanasan ceart; no`abair so, tha
 eitheanasan an Tighearna ceart, agus fìrinn-
 ch unnta fhein, Is culaidh eagail mo bhreith-
 nas, is cha`n e cùis rannsachaidh; oir tha iad
 cionn tuigse mhic-an-duine.

2. Mar an ciadna na bi ri rannsachadh, no cò-
 n-
 hadh mu dhèidhinn toillteannas nan naomh,
 nias a h-aon nas mua naomhachd na h-aon
 e, no faighneachd co is àirde ann a`rioghachd
 athanais. Oir is tric le ceisdean mar sin
 onglaid is cònsachadh gun fheum a thogail,
 iad cuideachd àrdan is glòir dhiomhain àrach;
 èirich eud is aimhreit; nuair a bhios fear gu
 bìseil a`strì fiach an cuir e an naomh so air
 bìseach, fear eile a` toirt tuilleadh urrainn do
 omh ud. A bhith ag iarraidh eòlais air so,
 ga rannsachadh, is rud gun mhath,`s is dòcha
 e bhe chur air na naoimh; oir cha Dia na
 aimhreit mi, ach na rèite`sna sìthe, is tha mò
 ùinidh anns an fhior umhlachd, nas mua na
 a` fein spèis.

3. Tha gaol a` toirt air cuid raghainn a dhian-
 h air na naoimh so, no air na naoimh ud eile;
 is mua tha do nàdar spèis thalmhaidh na
 adhaidh anns a`ghaol so. Is mise a rinn na
 oimh air fad; is mise a riarraich orra gràsan;
 nise a thug glòir dhaibh. B` aithne dhomhsa
 lteannas gach aon; is sonas mo shòlais bha
 heamh orra. Ro chruthachadh an t-saoghail,
 aithne dhomh mo muinntir ionmhuinn, thagh
 iad as an t-saoghal, is cha`n e iadsa thagh mise.
 airm mi iad le m`ghràsan, thàlaidh mi orm
 in iad le m`thròcair, agus stiùr mi iad tro ioma
 ùireadh, thug mi toil-inntinn dhaibh gu saoi-
 b-

ir; neartaich mi iad gu buan-sheasamh, is crùna glòrach chuir mi air an ceann airson a cruadail.

4. A chiad naomh 's aithne dhomh, 'sa feum mu dheireadh; is tha mi faoilteachadh riu uile le gaol anabarrach. Tha cliù ri thoirt dhomh ann am naomh uile, fos cionn gach ni tha mi ri m' mholadh, ri onair fhaighinn anns ga h-aon, a dh' àrdaich mi cho glòrmhor, 'sa d'òrduich mi ro laimh gun toillteannas air a taobhsan. Air an aobhar sin an neach a bhe tair do 'n urra is lagha dhe m' mhuinntir, cha 'eil mias aig' air an aon is àirde, is gur mise rinn am beag 'sa mòr. Agus a' fear a' bhe spid dha h-aon dhe na naomh, tha e toirt spid dhomhsa, is dhaibhsan uile a tha ann a' rioghadh fhathanais. Is aon iad uile le boinn na carranachd, 's ionann am beachd, 's ionann an toillteannas, 's ionann an gaol gach a chèile.

5. Rud eile, a 's mua gu mòr fhàthast, tha barrachd gaoil aca ormsa na h-aca orra fhein air an toillteannas. Oir a' dol fos an cionn feum 's ag èirigh fos cionn an gaoil fein, tha iad a' leughadh gu m' ghaolsa gu h-iomlan, 'sa tuinidh ann am mòr shòlas. Is ni cha 'n 'eil ann a 's urruinn a beachd a chlaonadh uam no laghdachadh, is bheil an fhirinn shiorruidh gan lionadh, is teigridh nach d' thèid as gan lasadh. Biodh daoibh feòlor agus talmhaidh mata na 'n tosd, is leigea iad dhiù an deaspud mu staid na naomh, nach aithne dhaibh dad ach iad fhein a thoirt eachadh) gun glòir nan naomh a bhith ga laghdachadh is ga mbiadachadh mar a shanntaich

l, is anns an t-seòl nach taitinn ris an fhìrinn iorruidh.

6. Tha mòran dall, is tha ro-bheag soluis tur a sin, nach aithne làn ghaol spioradail a thoirt neach air bith. Le iarraidh an nàdar, is le ol talmhaidh, tha iad fhathast gu làidir air an ruing gu spèis a thoirt do 'n fheadhainn ad, fheadhainn ud eile; agus air rèir na barail th' aca air rudan saoghalta, 's ann a bheir iad leth air nichean fhathanas. Ach tur ao-còlach ri chèile tha smaointean dhaoine mhi-oimhion, is beachd feadhach a tha faighinn luis a fathanas.

7. Thoir an aire mata, a mhic, nach gabh thu ànadas ort fhein a bhith rannsachadh rudan a dol thar t' eòlais: ach tionndaidh an rathad t' ionnsuidh agus t' iarraidh, thu fhein a dianamh toillteannach air ruighinn air an ionad isle am fhathanas. Ged fhaigheadh neach ath air co is naomha na chèile, no co is àirde a fathanas, de a' stàth a dhianadh an t-eòlas dha, nas lagha na dh' umhlaicheadh e e fein omsa leis an eòlas sin, 'sa theannadh e ri tuille ù thoirt dh' am ainmse. 'A fear a smaoinich, air miad a pheacannan, is goinne a shubhail-ann, agus fhad 'sa tha e air ais o choimblion-nd nan naomb, tha a' dianamh rud is taitniche Dia, na fear a ni deaspud mu inbhe àird no ail am fhathanas. Is fbearr a bhith cur suas naigh ris na naoimh le dùrachd is deoir, 'sa eadh an eadar-ghuidhe ghlòrmhor le cridheosal, na bhith ri rannsachadh diombain air omhaireachd an dòigh.

8. Is math, agus ro-mhòr a bhitheadh iad air

an toileachadh, nam b' aithne do dhaoine a bhi
 toilichte, is cainnt fhaoin a leigeadh dhiu. Cl
 'n 'eil iad a' gabhail uail as an toillteannas fei
 ach dhomhsa tha 'n tàing; is math air bith cl
 'n 'eil iad a' cur as an leth fhein oir se mo gha
 gun chrioch a thug gach ni dhaibh. T
 an gaol air mo dhiadhachd gan lionadh cho mò
 's an cridhe cho làn do shòlas, is nach 'eil dad
 dh' uireasbhuidh air an glòir, no bheag a dhì
 air an aoibhneas. Mar is àirde na naoimh ar
 an glòir, 'sann is mua an umhlachd unnta fhei
 agus is teinne ormsa iad, 'sa teotha dhaibh r
 ghràdh. Air rèir sin tha e sgrìobhte, gu
 thilg iad an crùn air bheulaobh Dè, is gu
 thuit iad air an aghaidh an làthair an uain,
 gu 'n d' thug iad aodhradh do 'n Tì tha ma
 eann o shaoghal gu saoghal.

9. Tha mòran a' faighneachd co is àirde ar
 a' rioghachd fhathanas, gun fhios aca a
 fiach iad fhein an cunntadh am miag na feadh
 nach is isle. Is mòr an rud a bhith beag fhe
 ann a' rioghachd fhathanas, far a' bheil iad u
 mòr: oir theirear clann Dè riu uile, is bithi
 iad na 'n cloinn do Dhia. Is fhiach a h-aon mì
 is gheobh peacach nan ciad bliadhna bàs. Nu
 a fhaighneachd na deisciobuill co bu mhua a
 a' rioghachd fhathanas, so fregairt a fhuair iad
 Mur tionndaidh sibh, is mur fàs sibh coltach
 leanban, cha thèid sibh a steach do rioghach
 fhathanas. Ime sin neach air bith a dh' um
 laicheas e fhein mar an leanabh so, se a 's ài
 ann a rioghachd fhathanas.

10. Mo thruaigh' iadsa leis nach fhiach lùba
 sios g' an deoin gu umhlachd cloinne bige,

eat' iosal fhathanas cha leig a stigh iad! Mo
 Caruaghe cuideachd na daoine beirteach, aig a'
 theil an sòighneas an so; oir nuair a bhios na
 daoine bochda dol a stigh do rioghachd fhath-
 nais, seasaidh iadsa a mach a' tùrsa. Biodh
 fhear oirbh a dhaoine iriosal; agus mòr shòlas
 daoine bochda; oir is leibh rioghachd Dè, ma
 anas sibh ri gluasad air ceuma na fìrinn.

LIX. CAIB.

*Tha bheil ar n-earbsa uile is ar muingdinn ri 'n cur
 an Dia mhàin.*

A THIGHEARNA, co e bun mo dhòchais anns
 bheatha so? no co e m' aobhar sòlais is mua-
 ne na h-uile ni tha mi faiciun fo 'n ghrèin?
 nach tusa, a Thighearna mo Dhia, ga bheil
 dòcair gun aireamh? Càit' an robh mo dhòigh
 art as t' aonais? no cuin a' bha mi air dhroch-
 an is tu làthair? Is fhearr leam a bhith bochd
 r do sgà, na beirteach as t' eugais. 'S annsa
 am a bhith maille riut air allaban san t-saoghal
 , na gun thu a bhith an ionad na flathas; far
 bheil thusa, tha flathanas, far nach 'eil thu,
 n bàs agus iutharna. 'Sann ort tha mo dhèidh;
 ne sin, is èiginn dhomh a bhith caoidh, a'
 oineadh, 's ag acain air do lòrg. An aon fhac-
 , cha 'n 'eil neach ann ris a faod mi earbsa
 art a cobhair an àm na h-èiginn, ach asadsa
 l aonar, mo Dhia. 'Sann unnadsa tha mo
 dòchas, unnadsa m' earbsa, 'stu fear m' fhur-
 chd, is mo charaid ro-dhìleas anns gach càs.

2. Tha h-uile h-aon ag iarraidh a ghaireas
 mein, ach tha thusa ad aonar a' sireadh m' an-

ma a shàbhaladh is mo bheusan a cheartachadh is tha thu tionndadh gach ni gu 'm bhuanach. Ge do nochdadh tu mi ri ioma gàbhadh agus buaireadh, 'sann gu m' mhath tha thu gan òrachadh, is gur àbhaist dut do luchd-gaoil dhearbhadh air mìle dòigh. Agus fo na diaca ainnean sin, cha lagha do chòir air gràdh moladh, na 'n trà lionas tu mi le toil-inntir spioradail.

3. Air an aobhar sin, a Thighearna mo Dhi 'sann unnadsa tha m' earbsa air fad is mo dhèan: ortsa tha mi tilgeadh mo thrioblaid u agus m' ànradh: oir an taobh a mach dhuts tha mi faicinn gach ni lag is neo stèidheil. O cha 'n 'eil tairbhe ann a' mòran chàirdean; cha 'n 'eil e an comas luchd-comhnaidh, ge làid cobhair a thoirt seachad; cha 'n 'eil freagai cheart ri fhaotuinn o chomhairlich, ged bhiod iad glic; cha 'n 'eil furtachd an leabhraichea luchd-faghlaim; cha 'n 'eil fuasgladh ann maoin, ge luachor; cha 'n 'eil tiarmunn ann a ionad, ge dhiomhair, is ge taitneach, mur 'eil th fhein a làthair, a' comhnadh, a' neartachadh, furtachadh, a' seòladh, 'sa gleidheadh gach ao

4. Oir gach ni bu choltach sìth thoirt seachad is sonas, as t' aonais is neoni iad, agus sonas a bith le fìrinn cha toir iad seachad. Air a aobhar sin, is tusa fuaran a h-uile mathais, stèid na beatha, gliocas gach seanchais, agus se dòch a chur unnad fos cionn gach ni aobhar fuartacl is mua th' aig do sheirbheisich. 'Sann ortsa th mo shùil, 'sann unnadsa tha mo dhòchas, na Dhia, Athair na tròcaire. Coisrig agus naom aich m' anam le beannachadh spioradail, los g

a bi e dhutsa na ionad comhnuidh naomb, is
 a theach do ghlòir gu siorruidh; is anns an
 campull so, anns a' bheil aoidh cho mòr a'
 amh, ni na faighear a mhi-thaitneas ri sùil do
 chòralachd. Air rèir miad do mhathais agus
 onorachd do thrèaire leag orm do shùil, èisd
 achanaich do sheirbheisich bhochd, se fada uat
 r fògradh, ann an tìr fo dhubhar a' bhàis.—
 tion agus teasraig do sheirbheiseach, se miadhon
 màbhaichean lionor na beatha truailidh so, is
 d' ghràsan a bhith na lòrg stiùr e gu riogh-
 chd an t-soluis shiorruidh. *Amen.*

My dear Mother
 I received your kind letter of the 14th and was
 glad to hear from you and to hear that you
 were all well. I am well at present and
 hope these few lines will find you all the
 same. I have not much news to write at
 present. I am still in the same place and
 doing the same work. I have not much
 time to write at present. I must close
 for this time. I will write again soon.
 Give my love to all the family.
 Your affectionate son,
 John Smith

L
 A
 The
 call
 Tig
 ad
 ail.
 a th
 so n
 ithe
 ridh
 esan
 is sp

LEANMHUINN CHRIOSTA.

AN CEATHRAMH LEABHAR.

AIR AN T-SACRAMAID.

Dea-phrosnachadh gu comaine naoimh.

GUTH CHRIOSTA.

THIGIBH ugamsa, sibhs' uile a tha 'n ànradh is fo eallach is bheir mise dhuibh furtachd, os an Tighearna. An t-aran a tha mise a' toirt seachad se m' fheoil a th' ann airson beatha an t-saoghail. Gabhaibh agus ichibh, se so mo chorpasa, a thèid a liubhart seachad air ur son: dianaibh so mar chuimhneachan ormsa. An neach a dh'itheas m' fheoilse, 'sa dh'òlas m' fhuilse, gabhaidh mise comhnuidh anns an duine sin, agus esan unnamsa. Na briathran a thuirte mise ribh is spiorad agus beatha iad.

A' CHIAD CHABIDEAL.

Gu bheil Criosta ri glacail le mòr chùram.

GUTH AN DEISCIUBUILL.

1. SIAD sò do bhriathran, a Chrìosta, fhèrrinn shiorruidh, ged nach ann an aon àm a chaidh ar cantuinn, no 'n aon àit' an sgrìobhadh. Ach chionn 'sgur iad do bhriathran iad is gur fìor iad se mo chuidse an glacail uile le toil-inntinn mar fhèrrinn. Siad t' facail iad, agus is tusa labhair iad, agus buinidh iad dhomhsa cuideachd, ach chionn gu 'n deach an labhairt leat airson mo shàbhalaidd. Gu deònach tha mi gan glacail d' bheul, los gu 'n drùigh iad nas doimhne air mo chridhe. Tha mi air mo thogail le briathran cho blàth, cho làn blais agus gràidh; ach tha mo pheacannan a' cur fuathais orm, is tha mo chogais neo-ghlan gam bhacadh o ghabhail diomhair eachd cho mòr. Do chaomh bhriathran tha gam stuigeadh, ach lionorachd mo pheacannan gam chumail air ais.

2. Tha thu g' àithn' orm tighinn ad ionnsuidh le misnich, ma tha mi sireadh pàirt unnad, agus tha thu 'g iarraidh orm lòn spioradail a glacail ma tha sùil agam ri beatha shiorruidh fhaiginn is glòir. Sibhs' uile, os thusa, a tha fo àmhghar is fo uallach thigibh am ionnsuidhse, is bheil mise dhuibh fuasgladh. O am facal tlàth agus càirdeil ann an cluasan a' pheacaidh, gu 'n gairmeadh tusa, a Thighearna mo Dhia, an t-uir easbhach agus am bochdan gu comunn do chuir naomh! Ach co mise, a Thighearna, gum biodh

dhànadas agam tighinn ad ionnsuidh. Feuch, eamh nan neomhaibh cha chum thu, agus tha tu a' cantuinn, thigibh uile m' ionnsuidhse.

3. O gu de a tha furan blàth sò, gu de tha nairm chaomh so a' ciallachadh! Ciamar a tha dhànadas agamsa dol air m' adhart, 'smi faicinn nach 'eil math air bith unnam ris a faod mi obrusa? Ciamar a' bheir mi stigh thu fo m' àrdaich, is gur tric dh' ad gnùis àlainn a thug i masladh? Na h-aingle is na h-àrd-aingle na toirt aoraidh dhut le fiamh naomh, is daoine matha tha crith ad fhianais, is tha thu radh thigibh ugamsa. Mur abradh tu fein so, a Thigh-rna, co chreideadh e mar fhìrinn? Is mur agadh tu t' òrdugh seachad, co dh' fhiachadh tighinn ad chòir.

4. Feuch, bha an duine math Nòa ciad bliadhna ag dianamh na h-àirce, gus e fhein is beagan le a thiarnadh: agus ciamar a ni mise deas mi fein ann an uair a thim', gu cruthadair an omhain a ghabhail leis an fhiamh cheart. Rinn laois, do sheirbheiseach mòr, is do charaid dil-us àirc do dh' fhiodh nach grodadh, is dheal-àich e i leis an òr bu ghloine, gu clàir an laghà chur innte; 'sa bheil a chridhe agamsa, creut-ir truailidh, ughdaire an lagha 'sna beatha blacail cho ealamh? Fad sheachd bliadhna bha ola, an rìgh bu glice an Israel, a' togail team-uill bhriagha gu moladh t' ainme, is fad ochd tha mhair fèill a choisrigidh: mìle iobairt àithe thairgeadh suas, is gu mùirneach le fuaim 'ompaid is aighir chaidh àirc a' chumhnanta a hur anns an àit' a dh' uidheamaicheadh dhi.— agus ciamar a bheir mise thu fo m' àros, duine

truagh, 'sa bochda do dhaoine, duine nach aithne ach gann, leth uair a thim' a bhuileachad ceart air urnaigh? O nach robh leth uair feid do dea-cràbhadh agam ri chunntas am bheath uile!

5. O mo Dhia, nach mor an t-saothair a gab iadsan gu do thoileachadh? Och nach beag th mise ag dianamh! nach beag ùine tha mi gabail gu dianamh rèidh airson comaine! 'S air neamh tha mi buileach agam fhein, is ro-air neamh glan shaor o sheachrann-inntinn. Agu gu cinnteach ann an làthair àghor do Dhiadhaidh cha bu chòir do smaointean mi-àraid tighinn am chòir, no creutair air bith m' inntinn a thogail: oir cha 'n aingeal, ach rìgh nan air glean tha tighinn gu m' fhàrdaich.

6. Ach 's mòr an diubhras a tha eadar àire chumhnant le seudan prìseil is do cholunn re ghhlansa le subhailcean àillidh; eadar iobairtean an lagha, bha na sàmhla air an ni ri tighinn, ag iobhairt fhìrinneach do chuirpse, a chombhlic na tobhartan o shean air fad.

7. Carson mata, nach 'eil mo chridhe air lasadh nas teotha ann ad fhianuis? Carson nach 'eil mo shaothair nas mua a' dianamh deas gu ghlacail; is gu 'n d' fhiach na h-aithriche naomh 'sna fàidhean, rìghean is prionnsachan maille r an t-sluagh uile, urad do theas cràbhaidh a' toir urram do Dhia.

8. Le uile ueart dhanns an rìgh diadhaidh sì Dà air bhialaobh àirc' Dhè, se cuimhneachadh a na tiodhlaicean a fhuair na h-aithrichean o shear rinn e innil civil do dh' ioma seòrsa, chur e mac sailm, chuir e seinn aoibhinn air a bonn, shein

fhein gu tric air a' chruit, se làn do ghràsan Spioraid Naoimh; dh' fhiach e do chloinn rael mar a' bheireadh iad gaoil do Dhia le 'n le chridhe, is mar a mholadh 'sa dh' àrdaicheadh d e gach là le 'n cosheirm. Ma bha cràbhadh o teth san àm sin, is cuimhn' air cliù thoirt do ia cho mòr an làthair àire an tiomnaidh, de am umh 'san cràbhadh nach fhimear mise a nis a aith agam, is aig a' phobull chriostail uile, ann a làthair na Sàcramaid so, 'sa glacail cuirp uinn Chriosta.

9. Tha mòran a ruith o àite gu àit' a choimhead r fuigheal nan naomh : èisdidh iad le iognadh ri ghnìomhan iongadach, chi iad an teampuill arsuinnn, pògaidh aid an cnaimhe naomh', an rradh sìoda is òir paiste. Agus feuch tha thusa agam air an altair, mo Dhia, a naoimh nan omh, a chruthadair dhaoine, 'sa thriath nan ngeal. Gu dol a' choimhead air rudan mar d, is tric tha daoine air an gluasad le iognadh annas nichean diomhair fhaicinn, is tillidh iad r an ais air bheag caochlaidh air am beusan, t h-àraidh ma tha iad aotrom is gun fhior aith- achas cridhe. Ach an so, an Sàcramaid na altarach, tha thusa a làthair gu iomlan mar hia is mar dhuine : an sin tha feartan na beatha rruidh gan toirt seachad gu saoibhir, a h-uile uair a' ghabhair thu gu ceart cràbhach.— ha 'n aotromas, cha 'n iognadh, cha mhiann òla a thairngeas uige so, ach creideamh daing- n, dòchas làidir, is gràdh fìrinneach.

10. O Chruthadair dhiomhair an domhain, miarailteach ruinne do dhòigh ! Nach caoin fhreasdal, nach gràsor dhaibhse th' air an

tagha,' is gam beil thu gad thoirt fhein seachad 'san t-Sàcramaid mar lòn? Is rud so fos cionn a h-uile tuigse: is rud so a thairngeas air gu làidid anam nan cràbhach, 'sa lasas an cridhe: oin smòr an teas cràbhaidh, is gràidh air subhail cean, a tha 'n t-Sàcramaid ro uasal so am fadadh am bichiontas an cridhe do mhuinntir dhìlis, a tha rian am beath' uile gu leasachadh am beusan.

11. O'ghràsan miarailteach diomhair na Sàcramaid so, nach tuig ach creidmhich Chrìosta na 'n aonar, 'snach urruinn neo-chreidmhich na sglàmhidhean a' pheacaidh fhaireacainn. Ann an t-Sàcramaid so tha gràsan spioradail gan toirt seachad, na subhailcean a chailleadh gan gleidheadh as ùr, agus sgèimh an anma, a mhill an peacadh, 'a tilleadh air ais. Air uairibh tha na gràsan so cho eifeachdach, is teas cràbhachd chomòr is nach e an t-anam a mhàin, ach a cholunn lag fhein tha a' faighinn leasachadh càileachd.

12. Ach is cùis bhròin nach beag, agus mhulaid, gu 'm bheil sinn fuar 'sa gnothach agus marbh, 'snach 'eil sinn a' tighinn gu Crìost' ghlacail le togradh nas mua càil: is gur esan a' Tì ris a bheil ar n-uile dhòchas is ar duais a' crochadh. Annsan tha naomhachd againn a' fhaighinn agus saoradh: 'S esan fear furtach luchd turuis, agus aobhar aighir nan naomh.— Mar sin 's aobhar bròin cho beag suim 'sa th' ai mòran do 'n diomhaireachd fhallainn so, a tha toirt aoibhneis, is beatha do 'n t-saoghal. O doille agus cruas cridhe chlann-daoine, nach 'e a' gabhail suim nas mua do thiodhlac cho àghorach a' call an toirt dheth, ged a tha iad gach chleachdadh an gnà!

13. Na 'm b' ann an aon àite dhe 'n t-saoghal rachadh an t-sàcramaid ro-naomh so thairgse suas, na 'm b' ann le aon Sagart a rachadh a beannachadh, de an dèidh a shaoileas tu a bhiodh g daoine air an àite sin, agus air an t-Sagart an Dè, 's air an iobairt naoimh sin fhaicinn ga ur suas? Ach a nis thatar a' dianamh mòran bhaghartan, 'san iomadh àite tha Criosta ga chur suas na iobairt: gu sgaoileadh nan gràs fhiachainn nas mua, agus gaol Dè do chlanndaoine, mar is fhaide a thèid an comanachadh beannaichte a liad air feadh an t-saoghail. Buidheachas a 'n robh dhutsa, Ios' chaoimh, 'sa bhuachaille aiorruidh, a dheònaich fògarraich bhochda mar a sinne àrach le d' choluinn phrìseil fhein is le 'fhuil, agus gus an diòmhaireachd so ghlaicail, a 'aug cuire' dhuinn le briathran do bheoil fhein, 'gradh; thigibh am ionnsuidh uile a tha fo fhiachainn is fo eallach is bheir mise dhuibh 'artachd.

II. CAIB.

Gu bheil mòr mhathas Dè 'sa ghràdh do dhaoine air am fiachainn anns an t-Sàcramaid.

GUTH AN DEISCIUBUILL.

1. AG earbsa, a Thighearna, as do mhathas, as do mhòr thròcaire tha mi a' tighinn ugad, a duine tinn gus an t-Slànaire, an t-achdrach am pàiteach gu fuaran na beatha, an t-uireasach gu rìgh fhathanas, an seirbheiseach gus an maighistir, an creutair gus an cruthadair, a diòbrach gus an cobhartach caomh. Ach a chòir a th' agamsa gu 'n d' thig' tu m' ionn-

suidh? Agus ciamar a lùbas tusa thu fhein si gu peacach? 'S aithne dhut do sheirbheiseach, tha brath agad nach 'eil math air bith ann thoilleadh so dha. Ime sin tha mi gabhail ri neoneachd, ag aideach do mhathais, a' moladh chaoimhneis, 'sa toirt tàing dhut airson do mhò charrannachd. 'S ann air do shon fhein a t' thu dianamh so, cha 'n e gu na thoill mise 'Sann gu do mhathas fhiachuinn dhomh nas mu do charrannachd a chiur an liad dhomb, 'sa umhlachd a thogail gu tuille mias. A chior 's gur i so do thoil, is gu 'n d'òrduich thu dhianamh, tha mise gu toileach a' gèilleadh d' d' mhathas, agus gum bu h-eadh dhomb, na cuir mo pheacadh èis orm.

2. O Ios' a 's caoine, 'sa mua bàigh, gu de umhlachd, am buidheachas, am moladh gu tàmh, nach d' thige' dhomh a thoirt dhut as le do Chuirp Naoimh a ghlacail, anns am bh buadhan nach fhaodar a luaidh le daoine! A ciod a bhios am aire anns a' chomanachadh ann an tighinn a dh' ionnsuidh mo Thighearn. Tì nach urruinn dhomh mholadh nas leòr, ge tha mi an geall air a ghabhail le beo-chràbhadh. Ciod nas fhèarr, is nas tarbhaiche dhomh a' am aire, no mi fhein umhlachadh gu tur na làthair, agus do mhathas dhomh gun aiream mholadh? Tha mi gad mholadh, mo Dhia, gu bràch bheir mi cliù dhut? Tha mi sealltu sios orm fhein, is gam sthriochdadh fhein d' o grund mo neonachd.

3. Feuch, is tusa naomh nan naomh, agus mise diù nam peacach. Feuch, tha thusa tighinn am ionnsuidh, duine nach fhiach amh

rt. Feuch, tha thusa 'a' tighinn ugam, 's àill leat a bhith am chuideachda, tha thu toirt cuire dhomh gu d' chuirn. 'S àill leat tiachd-an-tìr am flathas a thoirt dhomh, aran nan aingeal gus che, cha rud eile th' ann gu beachd, ach thu fhein, an t-aran beo, a thàinig a nuas a flathanas, a tha toirt beatha do 'n t-saoghal.

4. Feuch fuaran a' ghràidh, agus àgh nach ann uaithe struthadh! de am buidheachas mòr an cliù nach 'eil dligheach dhut airson so! O ach ann agad a' bha beachd an àigh 'sna beann-ehd, nuair a dh'òrduich thu so! nach blasda boghar a' chuilm anns a' bheil thu gad thoirt fhein thuinn? Nach miarailteach, a Thighearna, do nìomh? nach cumhachdach do neart? nach cuilich ri aithris t' fhìrinn? Thuirt thu, is bha nach ni diante, mar an ciadna, nuair a dh'òrduich thu, bha so diante.

5. Is rud iongadach so, agus puinc a's geal is miach a creidsinn, 'sa tha dol fos cionn tuigse alann-daoine; gum biodh tusa, a Thighearna do Dhia, gu h-iomlan a làthair ad Dhia 'sad thuine fo riochd beag arain agus fiona, is gu 'n hte thu mar sin gun chaitheamb. Thusa, a Thighearn' an domhain uile, nach 'eil an eis-mail comhnaidh o neach, b' àill leat le t' shàr-maid comhnuidh ghabhail nar miasg. Cum do chridhe 's mo cholunn glan, los gu faod mi le tidhe togarrach naomh, do mhistirean a thairgse nas gu tric; is gum ann gu sàbhaladh siorruidh dhomh fein a ghlacas mi na nichean sin, a dh'òrduich agus a shuidhich thu gu cliù sònraichte thoirt dhut fhein, is gus do chuimhneachadh an comhnuidh.

6. Biodh aoibhneas ort, m'anam, is thoir tain do Dhia, a dh' fhàg agad an innis nan diargibh cho uasal, agus sòchair cho urramach; Oir ch tric 'sa bheir thu an rùn diomhair so fonear, 's ghabhas tu corp Chrìosta, tha thu ag cur obaid do shàbhalaidh an gnìomh, 'sa gabhail pàirt an an uile thoillteanas Chrìosta. Oir gu bràch ch 'n fhuaraich carrannachd Chrìosta, is gu dìlin cha tràigh aibheis mhòr a throcair. Ime sin còir dhut tighinn uige so daonnan le cridhe glair a' beachdachadh le dùrachd. air mistire mhòr a t-sàbhalaidh. An àm tairgse suas na h-iobair no ga h-èisdeachd, bu chòir gluasad do chridh bhith cho làidir ùr aoibhinn, mar ge b' e sin a là thàinig e gu h-innibh na h-òighe, 'sa dh' fhà e na dhuine, no gum b' e an là bha e air a' chroic a' taomadh a mach fhala 'sa bàsachadh airso chlann-daoinne.

III. CAIB.

Gur feumail comanachadh tric.

GUTH AN DEISCIUBUILL.

1. FEUCH, a Thighearna, tha mi tighinn ga ionnsuidh, los gum bi mi an dea-staid o thorad do thiodhlaic, is gum bi mi aig do chuilm naoin fo aoibhneas! Feuch unnadsa tha gach ni a d fhaodas no 's còir dhomh shireadh! is tusa n shlàinte, m' èirig, mo dhòchas, mo neart, m' ua agus mo ghlòir. Tog gean mata air anam e sheirbheisich; oir 'sann ugadsa, a Thighear Ios', a thog mi m'anam. San uair tha mi geall air do ghlacail, is le cridhe blàth iriosal e thoir fo 'm àros se mo mhiann: fiach am fiù r

ar Sacèus do bheannachd, 'san toill mi bhith a' aireamh sbhliochd Abraham. Tha m' anam geall air do choluinn, is mo chridhe sire' aoghadh riut.

2. Thoir thu fhein dhomh, is foghnaidh, oir an thu cha 'n 'eil brìgh an sòlas. Gun thu a 'n fhaod mi bhith ceart, gun do chuideachda a bhi mi beo. Leis a sin tha feum agam air ghinn gad ionnsuidh gu tric, is do ghlacail gu as m' anma, eagal gu fannaich mi san t-slighe, aran na flathas a bhith dhìth orm 'S amhuil i, an àm teagaisg an t-sluaigh 'sga leigheas o madh èislean, a thuirt thusa, Ios' chaoimh; a 'n àill leam an leigeadh dhachaidh na 'n asgaidh, ma fannaich iad air an t-slighe. Mar a dian riumsa an dràsda, a Thì a dh' fhuirich an t-sàcramaid gu sòighneas nan creidmheach. tusa cuirm mbiagail an anma, 'sa fear a dh' eas thu mar is còir sealbhadair agus òighre air òir shiorruidh e. Tha mi cho ealamh gu comhnachadh air m' ais, is peacachadh, cho bhionta meirgeach is fàilinneach, 'sgu 'n cuirinn m gu deimhinn air urnaigh thrì agus faoisid, us air do chorp naomhsa ghabhail, gus mo eothachadh, mo nighe', 'smo lasadh, eagal le òireach fada o m' lòn, gu 'n leiginn dhiom mo eachd dhiadhaidh.

3. Oir tha claonadh aig cridhe mhic-an-duine gu 'n o òige, is mur d' thèid ollanachadh diadhaidh a' dianamh air, fàsaidh e gu luath nas miosa.— ar sin is casg air an òle comanachadh naomh, us comhnadh gu math. Oir ma tha mi nis, a' gabhail comaine, no tairgse na h-aifrinn suas o tric, trom agus plodach, ciamar a bhiodh a'

chùis, na fanainn o leas m' anma, is mur sirinn comhnadh cho cumhachdach. Ged nach bithinn deas a h-uile latha, no làn uidheamaichte gu djanamh aifrinn, dèigh sin uile ni mi dìchioll air a' mhistire naomh so a ghlacail an àman sònraichte, agus ruighinn air gràsan cho mòr.— Oir se toileachadh is mua th' aig anam creidmich fad a chèilidh uat an coluinn bhàsoir, gu smaoinicheadh e tric air a Dhia, 's gu glacadh annsachd le cridhe cràbhach.

4. O tlàs iongadach do gràidh dhuinn, gu 'n deònaiche' tusa, a Thighearna Dhia, cruthadair is beatha nan uile spiorad, tighinn gu anam bochd, 's ariarachadh na uireasbhuidh le d'dhiadhachd gu lèir is le d' dhaondachd! O chridhe an àigh, is anaim shona, a tha toilltinn gu 'n gabhaidh e gu cràbhach thusa, a Thighearna 's Dia, is gu 'm biodh e air a lionadh leat le sòla spioradail! O nach mòr an Tighearna a tha 'n anam a' glacail, nach gaolach an t-aoidh tha tighinn fo àros, nach taitneach an comblan a tha e faighinn, nach dìleas an caraid a tha e faotuinneach nach maiseach uasal fos cionn gach leannainn air chèilidh tha e gleidheadh, is ga bheil aige ri gach a thoirt fos cionn a h-uile spèis! Tosdadh a fhianuis, a rùin mo chridhe, neomh agus talamh le 'n uile ghlòir; oir 'sann o d' laimh fhèil a tha an cliù gu lèir 'sa mòrchuis: ach air d' ghòir, is do ghliocas gun aireamh cha ruig iad.

IV. CAIB.

u bheil an dea-chomanaiche a' faighinn sonais mhòir.

GUTH AN DEISCIOBULL.

A THIGHEARNA mo Dhia, uidheamaich do eirbheiseach le beannachd do bhàigh, gus gur iach mi tighinn an staid cheirt is dhiadhaidh gu Shàcramaid naoimh. Blàthaich mo chridhe ut, is fuadaich uam truime na leisg. Thoir ìl fhial chàirdeil orm gus gum blais mo spiorad a' mhiselean a tha gu saobhir am falach, mar m' b' ann am fuaran, anns an t-Sàcramaid so. 'Sgail mo shùilean gu mistire cho mòr fhaicinn, agus gu 'gèille' dhi neartaich gu làidir mo chreidimh. Oir se t' obair fhein a th' ann, is cha 'n lianadas dhaoine, t' òrdugh is cha 'n e innachd mhic duine. So fhaicinn 'sa thuigsinn a 'n 'eil an comas duine le neart fhein, tha e dol thairis air gliocas nan aingeal fhein — eacach gun diù mar mise, talamh is luath ciamar, a dh' fhaodas mi diomhaireachd cho àrd is do naomh a rannsachadh 'sa thomhas?

2. A Thighearna, le chridhe gun fhoill, le eideamh ceart làidir, is le d' òrdugh, tha mi dianamh ort le dòchas is le fiamh: 'sa creidim gur fhior, gu bheil thu làthair 'san t-Sàcramaid so mar Dhia is mar dhuine. 'S àill leat iata, gu 'n gabh mi thu, 'sgu snaim mi riut leis charrannachd. Ime sin tha mi griosad air do dòcair, 'sa sireadh na gràsan sònraichte so, gu bhith mi unnad, is gu caith mi as le d' ghaol, is ch gabh mi son a so suas do thoileachadh

fuathdains. Oir is ro-àrd, is ro uasal an t-Sàcramaid so, Si beatha an anma 'sna coluinne leigheas air gach eugcail spioradail, slànaichidh i lotan a' pheacaidh, cuiridh i strian ri m' anam miannan, bheir i buaidh air a' bhuaireadh, nì laghdaichidh i neart, miadaichidh i gràsan, leas aichidh i subhailcean, neartaichidh i creideamh daingnichidh i dòchas, fadaidh i carrannachd lasaidh i suas i.

3. Oir is lionor na gibhtean a bhuilich, 'sa tha thu fhathast gu tric a buileachadh san t-Sàcramaid so air do chaomhaich, a tha a' comanachadh ceart. Is fìor so, mo Dhia, a threise rannan anama, a lèigh laigse mhic-an-duine, is fhuaraidh a h-uile sòlais cridhe. Oir 'smor t' fhurtachd dhaoine gu cur suas ri'n nioma trioblaid; oir tha thu togail an laigse gu earbsa ri d' dhion, is le gràs ùra tha thu toirt beothachadh is soilleireachadh dha 'n cridhe: ann a' rathad is gu bheil iadsan bhàro chomanachadh neo-shunntach is gun brìgh na'n spiorad, a' faireachduinn prosnachadh diadhaidh, dèigh a' bhith air an riarachadh le biadh dibh nam fiathas. Mar so tha thu furan dhaoine taghte, gus gu 'n tuig iad gu math, 's fairich iad ceart, cho mòr is tha laigse fein, ag cho pailt 'sa chaidh do mhathas is do ghràsan dhortadh orra. Oir fuar, cruaidh neo-chràbach tha iad unnta fein; ach le d' ghràsansa tha iad deòthasach sunntach blà-chridheach. Oir co tha le umhlachd gus a' fuaran so a's misle blas, na fairich rud-eiginn dhe brìgh an dèis fhàgail. No co thig an gaire do theine mòr, nach fairich beagan dhe theas: Agus is fuaran thusa a t

annan t'ann 'sa cur thairis, is teine thu a tha an
omhnuidh a' gabhail, is nach diocail.

4. Air an aobhar sin, mar urrainn mi tarr-
ing as an tobar mhòr so, no ruighinn air m'
moghnadh, cuiridh mi, an car is lagha, mo
rial ri feadan nan gràs, gu boinne beag air choir-
ginn a bhlasad, a chaisgeas mo phathadh, seach
i thiormachadh tur. Is ged nach fhaod mi
athast a bhith buileach diadhaidh, 'sam lasair
ar cherubim no seraphim, dèigh sin cuiridh mi
cràbhadh, fiach an ruig mi air stradaig bhig
'n teine naomh le Sàcramaid na beatha ghla-
il le umhlachd. Gach ni tha dhìth orm biodh
air a dhianamh suas gu bàigheil is gu gràsor
atsa, Ios' chaoimh, 'sa shlànair ro-bheannaich-
a dheònaich gach neach a ghairm ad' ionn-
idh, a' cantuinn; thigibh ugamsa uile tha 'n
radh is fo eallach is bheir mise dhuibh furtachd.

5. Tha mise gu dearbh ànrach, is fallus air mo
ruaidh; tha mo chridhe air a sgaradh le dòr-
on, tha am peacadh na eallach orm, tha buair-
ean gam shàrachadh, ana-miannan lionar a
eaba' rium is gam chuibhreach', fear comh-
idh cha 'n 'eil ann, fear fuasglaldh no teas-
ginn cha 'n 'eil ri fhaotuinn, ach thusa,
Thighearna, 'smo Shlànair, ris a bheil mi
m earbsa fein 'sna th' agam, gus mo ghleidh-
h, 'sma thoirt gu beatha mhaireannaich.—
abh griam dhiom gu cliù is glòir t' ainme, a
ù, a liubhair do cholunn is t' fhuil fein dhomh
r bhiadh 'smar dhibh. Deònaich, a Thighearna
a, mo shlànair, leasachadh cràbhaidh thoirt
omh le gnàthachadh na mistire mhòire so.

V. CAIB.

Air uaisle na Sàcramaid so is urrainn sagairt.

GUTH A' RUIN.

1. GED bbithe' tu cho glan ri aingeal, is cho naomh ri Eoin Baiste, cha b' airidh thu air an t-Sàcramaid so a ghabhail no laimhseachadh.— Oir cha rud so a thoilleas daoine, gum beannaicheadh neach, gu laimhsicheadh e Sàcramaid Chriosta, is gu 'n gabhadh e mar thiachd-an-tìr biadh nan aingeal. 'S àrd a' mhistire, is ana-barrach urram nan Sagart; 's onair sin nach d' fhuair na h-aingle. Oir siad na Saghairt a mhàin, a chaidh òrduchadh leis an eaglais, aig a bheil comas aifrinn a chur suas, is corp Chriosta a bheannachadh. Gun teagamh se 'n Sagart fear muinntir Dè, a' cur a' feichd facal Dè le òrdugh Dè fein is le lagh, ach se Dia fein is Priomh-Shagart, is àrd-fhear gnìomha, ge diomhair, aig a' bheil gach ni fo chomas a thoil, 'sa freagairt gha òrdugh.

2. Mar sin 'sann do chomas uile-chumbhachd aich Dè dha 'n gèill thu anns an t-Sàcramaid ro-urramach so, is cha 'n ann do theisteanas do cheudan corporra, no do choltas na leth-amach. Ime sin le sgàth is le fiamh is còir tighinn thu a' gnothaich so. Thoir ceàrt aire ort fhein, agu gabh dea-bheachd air an driachd mhòr so thugadh dhut le laimh an easbuig. Feuch! tha thu a Shagart, air d' òrduchadh gu iobairt a chu suas; fiach a nis mata, gu 'n cuir thu suas a frionn na h-àm gu dùrachdach agus gu cràbhach is gum bi do chaithe-beatha saor o lochd. Ch

'n ann an aotruime chaidh t' eallach, ach nas teinne tha t' fhasdadh ri dea-bheusan, is mar fhiachaibh ort tuille naombachd a chleachdadh. Bu chòir a h-uile subhailc a bhith aig Sagart, is dea-shàmpla fhiachainn, do dh' fheadhainn eile. Biodh a chomhra, cha 'n ann ri gràisg is ri daoine cumanta, ach ri ainglibh fhathanas is ri daoine diadhaidh air talamh.

3. An Sagart fo chulaidh naoimh is fear-ionaid Chrìost' e, gus e chur suas urnaigh air a shon fein, 's airson a' phobuill uile ri Dia gu dùrachdach is gu h-iriosal. Air a chùlaobh 's air a bhialaobh tha comharradh na crois' air, mar chuimhneachan buan da air pàis Chrìosta. Air èideadh uachdrach tha crois air a bhialaobh, gus gu 'n gabh e beachd air ceuman Chrìosta, is gu 'n dian e dìchioll air an leanail; is tha i air a chùlaobh, gus gu 'n cuir e suas gu faighidneach airson Dè ris a h-uile h-ànradh a thig na rathad o dhaoine. Tha e ag giùlan na crois air aghaidh, gus gu 'n caoidh e a' pheacannan fein; air a chùl, gus gu nigh e feadhainn eile le deoir na carrannachd, is gun tuig e gur eadar-mhiadhonair e eadar Dia 'sam peacach. Urnaigh agus iobairt-cuireadh e suas gun lasachadh, gus gu 'n toill e ruighinn air gràsan agus tròcair. Le tairgse suas iobhairt tha Sagart a' toirt onair do Dhia, toil-inntinn do na h-ainglibh, dea-shàmpla do 'n eaglais, a' cuideachadh nam beo, toirt fois do nam mairbh, 'sa farruing a h-uile mhathas air fhein.

VI. CAIB.

Ceasnachadh mu chràbhadh ro chomanachadh.

GUTH AN DEISCIUBUILL.

I. NUAIR a smaoinichidh mi, a Thighearna air do mhòrachd, agus air mo neoneachd fheir tha mi fo bhallachrith unnam fhein is fo fhuathas. Oir mur d' thig mi, tha mi teicheadh o' bheatha; agus ma ghabhas mi air m' adhart gu uidheamachadh ceart, tha mi a' peacachadh. Ciod mata ni mi, mo Dhia, mo threise, is n' fhear comhairle ann àm na h-èiginn. Seòl thus dhomh an t-slighe cheart, is cuir mu m' choinneamh cràbhadh goirid air choir-eiginn freagrach do chomaine. Oir 'smath dhomh fios a bhith agam ciamar is còir dhomh mo chridhe dhianam deas air do shon ann a' seòl diadhaidh naomh gus do Shàcramaid a ghabhail gu stàth dhomh no gu iobairt cho mòr is diadhaidh a chur sucaid.

VII. CAIB.

Air rannsachaidh cogais is rùn sgur do 'n olc.

GUTH AN RUIN.

I. AN àm tighinn gus an t-Sàcramaid so bheanachadh, a laimbseachadh, 'sa ghabhail, thigeadh do Shagart Dè fos cienn gach ni, a bhith l' umhlachd cridhe, athach na ghiùlan, is dain ean na chreideamh, maille ri beachd naomh onair Dè chur air adhart. Rannsaich le sui do chogais, 's air rèir do chomais glan agus de raich i le fìor aithreachas agus aideach iriosaid air chor is nach bi dad do chudthrom ort,

bheag a dh' agairt, a bhacas do thighinn le saor inntinn. Biodh gràin agad air do pheacannan gu n-iomlan, agus gu h-àraidh tuir agus caoidh do ghiomhan làthal. Is ma bhitheas ùine agad, uidich truaighean do nàdair uile do Dhia ann an saighneas do chridhe.

2. Guil is caoidh, gu bheil thu ro-thalmhaidh saoghalta: ro-mhi-chlaoidhte ann ad ana-mian-an: ro-bhuailteach do ghluasadan peacach: ro-mhi-gheardail air do cheudan corporra: ro-hric air seachran le sàmlaichean faoine do chinn hein: ro-thitheach air an leth-amach, is diohuimhneach air a leth-astigh: ro-ullamh gu gaireachdainn 'sgu àbhcaid: ro-thioram gu deoir s aithreachas: ro-dhèidheil air socair is gaireas tha 'n choluinn: ro-leisg gu cruas is cràbhadh: ro-thitheach air naidheachdan èisdeachd, is rud-riagha fhaicinn: ro-mheirgeach gu gnothaiche beag' agus suarach a dhianamh: ro-shauntach air anabharr codach: ro-ghann a' toirt seachad: ro-theann a' cumail: ro-mhi-shealltuinneach an cainnt: ro-dhearmadach air tosdachd: ro-otrom ad ghiùlan: ro-theinntidh ad gnìomh: ro-lonach gu biodh: ro-bhodhar gu èisdeachd ri acal Dè: ro-thograch gu diomhanas: ro-leisg u obair: ro-annasach air sgialachdan: ro-chadlach gu faire naoimh: ro-chabhagach gu tighinn u ceann gnothaich: ro-mhi-shuidhichte gu èisdeachd: ro-mharbhanta ri d' leabhar ofaig: ro-huar ag cur suas aifrinn: ro-thioram a' gabhail omaine: ro-sheachrannach ad inntinn an àm rnaigh: ro-thric sgapte ad smaointean: ro-heas gu feirg: ro-chas gu antlachd a chur air an atharrach: ro-brist gu breth: ro gharg ad

achasain : ro-uairbheach an cothrom : ro-dhìblidh ana-cothrom : ro-thric a' cur mòran matha romhad, ach beag dhiu gnìomh.

3. An dèigh na fàillinnean so, 'sa leithidean eil' aideach 'sa chaoidh le mòran bròin, is gràin air do laigse fein, cuir romhad gu làidir do bheatha a chur gach là air dea-rian, is fàs nas fhearr.— A thuilleadh air sin le làn sthriochdadh is le d' uile thoil, tairg thu fein suas air altair do chridhe mar iobairt uile-loisgte, nach sguir a thoirt cliù dha m' ainmse : t' anam, an aon fhacal, is do cholunn thoir seachad gu h-iomlan dhomhsa : mar sin thig thu ann a' seòl ceart gu iobairt a thairgse do Dhia, is gu mo chorp sa a ghlacail gu brìgheil.

4. Cha 'n 'eil iobairt ann is uailse, no breitheanas-aithrich is treasa gu mathadh pheacannan, na gu 'n tairge' duine e fein gu glan is gu h-iomlan do Dhia mar-ri corp Chrìosta ann a' Sàcra-maid na h-aifrinn 'sna comaine. Rachadh neach gu dhùbhlán, biodh fìor aithreachas na chridhe gach uair a thig e am ionnsuidhse, a dh' iarraidh mathanais is ghràsan ; mar is beo mise, os an Thighearna, cha 'n àill leam bàs a' pheacaich ach gu tionndadh e, 'sgu bitheadh e beo : pheacannan cha bhi am chuimhne nas mò, ach air am mathadh dha uile.

VIII. CAIB.

Air iobairt Chrìost' air a' chrois, is mar bu chòir sthriochdadh dha.

GUTH A' RUIN.

MAR a thairg mise mi fein gu deònach do 'n Athair, mar iobairt airson do pheacannan air :

threis le lamhan sgaoilte 'sle coluinn ruisge :
 ann a' rathad is nach robh ni unnam nach deach
 na iobairt suas gu feirg Dè thraoghadh : mar sin
 ou chòir dhutsa le d' uile neart, le d' uile chridhe,
 le d' uile inntinn, thu fein a thairgse dhomsa gach
 à san aifrinn gu ro-dheònach, mar iobairt ghlain
 maomh. De tha mise a' cur mu d' choinneamh,
 ach gu 'n d' thigeadh tu gu gèilleadh dhomh gu
 a-iomlan. Ni 'sa bith eile bheir thu seachad,
 aor uat fhein, cha 'n fhiù leam. Cha 'n e do
 chuid tha uam, ach thu fein.

2. Mar nach foghnadh gach ni dhutsa, gun
 mise, 's amhuil sin nach urruinn rud air bith mise
 choileachadh a bheir thu seachad, mur tairg thu
 hu fein dhomh. Tairg thu fein dhomh, thoir thu
 ein uile do Dhia, is bithidh t' iobairt taitneach.
 Feuch ! thug mise mi fein uile do 'n Athair mar
 iobairt air do shonsa, thug mi cuideachd mo chorp
 s m' fhuil dhut uile gu d' bheathachadh, los gu
 ithinn agad buileach, is gu leanadh tusa riumsa.
 Ach ma sheasas tu air do bhonn fhein, 'snach
 iubhair thu thu fhein gu deònach dh' am tèoilse,
 ha 'n 'eil t' iobairt làn, no snaim eadarainn
 aingeann. Ime sin ma 's math leat ruiginn air
 aorsa is gràsan, se do chuid ro gach gnìomh eile,
 hu fhein a thilgeadh an lamhan Dè le d' uile
 hoil mar iobairt. 'S ann air son so a tha cho
 eag a' faighinn lèirsinn is saorsainn cridhe, gu
 heil iad aineolach air iad fein aicheadh gu buil-
 ach. Seasaidh m' fhacal, mur cur duine cùl ri
 ach ni, cha 'n urruinn e bhith na dheisciobull
 gamsa : ime sin ma tha dèidh agad air a bhith
 a d' dheisciobull agamsa, tairg thu fein dhomh
 le uile mbiann do chridhe.

IX. CAIB.

Gum bu chòir dhuinn sinn fein is gach ni th' againn a thairgse do Dhia, is guidh airson gach neuch.

GUTH AN DEISCIUBUILL.

1. A THIGHEARNA, is leatsa gach ni, a tha air talamh. Tha mi fada an geall air mi fein a thairgse dhut mar iobairt, agus leantuinn riut gu bràch. A Thighearna, le cridhe gun fhoill tha mi gam thairgse fhein dhut air an latha diugh gu bhith am sheirbheiseach dhut gu dìlinn: gu bhith umhail dhut, is do mholadh gu bràch mar iobairt. Gabh mi combla ri d' iobairt phrìseil fhein, a tha mi an diugh a' cur suas am fianais nan aingeal a tha freasdal dhith gu diomhair, gus gum biodh i na h-iobhairt shàbhalaidh dhomh fhein is dha 'n phobull uile.

2. A Thighearna, air an altair ghràsor chiadna tha mi ag cur ad làthair mo pheacannan gu lèir 'smo chiontan, a rinn mi ad fhianuis fhein is t' ainglibh naomh, o là bha mhìrath orm gum b' urruinn mi peacadh a dhianamh gus an diugh los gum biodh iad gu lèir air an losgadh 's air an cràmh leat le teine do gràidh: los gu 'n glante leat mi o gach smal truailidh, is gu 'n nighte me chogais o'n h-uile lochd, is gu 'n d' thugte air ais dhomh do gràsan, a chaill mi leis a' pheacadh a' faighinn uat làn-laghadh, 'sa gabhail rium gu bàigheil le pòig na sìthe.

3. Ciod tha 'm chomas a dhianamh airson mo pheacannan, ach an aideach le umhlachd is bròn is mathanas a shireadh uat gun lasachadh? Tha mi ga shireadh, èisd rium gu tròcrach, anns an

onad sam beil mi am sheasamb ad làthair. Air no pheacannan gu lèir tha gràin mo chridhe, is uiteam unnta tuille cha 'n àill leam, ach a bhith an caoidh is gan leaghaidh air falbh uam rè mo àithean; le aithreachas a ghabhail air an son, sam pàidheadh mar is urruinn dhomh. Math dhomh, a Dhia, math dhomh mo pheacannan; airson t' ainm' naoimh. Sàbhail m' anam, a sheannaich thu le d' fhuil phrìseil fhein. Feuch, tha mi gam thilgeadh fhein air do thròcair, is gam liubhairt fhein ad lamhan. Dian rium air èir do thròcair, is cha 'n ann air rèir mo droch-heirt 's mo chuire.

4. Tha mi cuideachd a' tairgse dhut gach niomh math a rinn mi, ge ro-bheag iad, is ge ni-dhealbhach, los gu cuir thusa dreach orra is saomhachd: is gu 'n dian thu taitneach is ionmh-inn ad shùilean fein iad, is gum miadaich thu uach; is gu 'n toir thu mi, ge duine leisg gun sheum, gu crìch shona agus chliùitich.

5. Tha mi ag cur ad làthair cuideachd deagh-chanaich dhaoine cràbhach uile, uireasbhuidh no phàrantan, mo bhràithre, mo pheathraiche, no chàirdean uile, agus na feadhnach sin a rinn nath dhomhsa no do dhaoine eile as leth t' ainme: air an sonsa cuideachd, co dhiu tha iad beo no marbh' leis bu mhath, no dh' iarr gu 'n tairginn suas urnaighean, no iobairtean air an son fein no 'n dàimhaich air fad. Air chor is gu airich iad uile feartan do ghràs, furtachd do hòlais, do dhion an cunnart, t' fhuasgladh am bein, is gu 'n toir iad, saor o uile, mòr bhuidhachas dhut le cridhe aoibhinn.

6. Mar an ciadna tha mi tairgse suas m' ur-

naigh, is an iobairt thròcrach so ann a' seòl sòn-
raichte airson na feadhach a rinn mo chall, a
thog mo chorruch, a chàin mi, no rinn a' bheag
an chron orm no dhìobhail. Air an sonsa uile cuid
eachd air na chuir mi fein uair air bith dorran
furban, briste-cridhe, no dha 'n d' thug mi droch
shàmbla, am briathran, no gnìomhan, air fios
no gun fhios domh; los gu math thu dhuinn a
peacannan gu lèir, is gu laghdaich thu ar droch
bheirt. Spion, a Thighearna, as ar cridheachar
a h-uile h-amharus, fraoch, fearg, is gò, is gacl
ni is urruinn dolaidh a dhianamh air a' charr
annachd, no laghdachadh air gaol bràthrail. Dia
tròcair, a Thighearna, dain tròcair air a
fheadhainn a tha sireadh do thròcair, thoir gràs
an do na feumaich; agus dian sinne na 'r daoin
is fhiach tròcair fhaighainn, agus imeachd gus a
bheatha mhaireannach. *Amen.*

X. CAIB.

*Cha 'n 'eil comanachadh naomh ri leigeadh seachd
gun suim.*

GUTH AN DEISCIUBUILL.

1. Is còir dhut ruith gu tric gu fuaran dìadhaid
nan gràs agus na tròcaire so: gu fuaran a
mhathais agus na gloine gu lèir; gus do leighe
o t' ana-miannan uile agus o d' ghiomhan, is gu
do dhianamh nas treasa, is nas faicilliche gu glea
an agbaidh uile bhuaireidhean is mhealltaireach
an deomhain. Ni an deomhan, se faiciun r
tairbhe 'sa leigheis anabarraich a tha tighinn
'n chomaine, na dh' fhaodas e air a h-uile dòig
agus rathad fiach am bac, 'san cum e air ais r

reidmhich is na daoine cràbhach o t-Sàcramaid so.

2. Nuair tha cuid do dh' fheadhainn gan dianmh fhein deas airson comaine, tha iad a' fairachdainn ionnsuidhean shàtain nas treasa. Tha n droch Spiorad (mar tha sgriobhte an leabhar Job) a' tighinn am miasg cloinn Dè, gus an cur o fhuban le fhoill ghnàthaichte, no gus an togail gu tuille 'sa chòir a dh' eagal is do dh' imchist, leis an laghdaich e an cràbhadh, no leis am neall e o an creideamh iad le bhuaireadh; fiach n leig iad dhiu comanachadh, no gu 'n d' thig ad uige gu meagh-bhlà. Ach cha 'n 'eil a' bheag dh' fhearsaid ri thoirt air a phratan 's air àmhiltean, air a mhiad 'sge 'm bi an soilche 'sam uathas: ach ionnrachdan uile is còir a leagadh air 'cheann fein. Tha 'n daoi-fhear truagh ri chur uarach 'san neopris: is cha 'n 'eil an comanachadh naomh ri fhàgail, a dh' aon ionnsuidh o 'n gluasad ge dian e.

3. Is tric a tha e cur èis air feadhainn cuidachd le bhith gan cur fo chùram ro mhòr nach eil cràbhadh nas leòr aca, no le bhith gan cur fo mcheist mu 'n èisdeachd a th' aca ri dhianamh. Ach gabh thusa comhairle dhaoine ghlice, leig omguin is iomachomhairle dhiot, is gur rudan ad a tha cur èis air gràsan Dè, 'sa tiomrachach us chràbhaidh. Airson bruaillean beag, no allach faoin cridhe, cha 'n 'eil comanachadh aomh ri fhàgail: leis a sin theirig gu t' fhaoisid u luath, is thoir mathanas o d' chridhe do 'n fheadhainn a rinn eucoir ort. Ma rinn thu ein dolaidh air neach, iarr gu h-iriosal mathanas, is bheir Dia mathanas dhut fhein.

4. De 's fheirrd thu dàil fhad' a chur anns

an fhaoidid, no comanachadh a chur dhìot mòr an aimsire. Nìgh do chridhe sa chiad dol-amach leig gun dàil a mach am puinsean, ruith a shireadh leighis, is fairghe' tu do staid 'nas fhearr na le dàil fhada. Ma chuireas an leisgeulsa eòrort an diugh, theagamh gu 'n d' thig leisgeul iomua màireach: is mar sin gu faod thu a bhith fada nas leòr gun chomanachadh, is nas mi-dheis air a shon. Crath dhìot cho ealamh 'sa 's urruinn thu do thromsan is do leisg: oir math a bhith cha d' thig o bhith fada an iomchomhairle agus fo fhurban, agus le leisgeulaibh a' fuireadh o bhòrd an Tighearna. An àite math, 's ann thomòr dholaidh ann a' fuireadh fada gun chomanachadh; oir is tric tha leisg is màirbhe cinneachadh as. Mo thruaige! tha cuid a dh' fheadhainn siad meagh-blàth is tuainig nam beusan, deas gu a h-uile leisgeul a ghabhail gus an t-èisdeachd chur dhiu, is mar sin ag iarraidh dàil a chur ann a' chomanachadh naomh cuideachd; air eagal gearrachadh barrachd cuing a chur orra.

5. Och! nach beag an carrannachd, nach lag a cràbhadh, nuair tha iad cho deas gu dàil a chomannas a' chomanachadh naomh. Nach sona esan 'snach taitneach do Dhia, a tha rian a bheathach, cho math, 'sa gleidheadh a chogais cho glan, gu bheil e deas agus ullamh gu comanachadh h-uile latha; nam biodh sin cothromach dha, gun aobhar bruidhne no bruaillein! Ma si umhlachd a chumas neach air ais air uairibh, reuson math eile, tha e ri mholadh airson irleachd. Ach ma si an leisg an t-aobhar, chòir dha e fein a mhosgladh, is dol gu dhèidid

s bithidh Dia mar-ri dhùrachd airson a thoil mhath, dha mòr a spèis.

6. Ach ma se dea-leisgeul a tha cur èis air, biodh an toil mhath 'san dea-dhùrachd aige daonnan gu comaine, is cha bhi toradh na Sàcramaid dhèithe air. Airson math mòr cuideachd faodaidh duine cràbhach sam bith (oir ni cha 'n 'eil ga dhacail) comaine glacail ann a' seòl spioradail a h-uile latha, agus uair dhe latha. Ach air làithean àraidh, 'san àm comharraichte, tha corp a bhlànair aige ri ghabhail san t-Sàcramaid fhein le bhith a' dèanamh mòr is gràdh: agus 'se cliù agus onair a bh' ann do Dhia bu chòir a bhith am beachd duine, nas mua na bhith sireadh toileachadh dha fein. Air a bheathachadh 's air àrach tha neach le comaine dhiomhair spioradail, cho tric 'sa tha a' dèanamh mistire daondachd is pàis Chrìost' a' tighinn a' seòl a' bhàis, 's ga dhèanamh a' bhàis, 's ga dhèanamh a' bhàis, 's ga dhèanamh a' bhàis.

7. Ach an neach nach dian deas, gus an d' thig an latha fèille no là chleachd e a dhleasnas a dhianachadh, is tric leis a bhith neo-uidheamaichte. Se na h-àrdaichean, a thairgeas e fein suas do 'n t-àrdaichean, mar iobairt, a h-uile h-uair a ni e a' dèanamh a' bhàis, no ghlacas e comaine. A' cur suas na h-àrdaichean na bi mua 's mall, no mua 's cabhagach, ach lean an dòigh mhath shuidhichte th' aig na daoine tha d' chuideachda. Na toir air a' dèanamh a' bhàis eile a bhith gabhail fadail no sgis, ach a' dèanamh a' bhàis an dòigh chumanta, a bh' aig na h-aithichean, agus biodh sùil agad air buannachd an t-àrdaichean, nas mua no air do cràbhachd is do thoil fhein.

XI. CAIB.

*Gu bheil corp Chrìosta, air rèir an sgiobtuir naoimh,
ro-fheumail do 'n anam chrìostail.*

GUTH AN DEISCIUBUILL.

1. O THIGHEARNA chaoimh Iosa, nach mòr an toileachadh do dh' anam diadhaidh a bhith aig cuilm maille riutsa, far nach 'eileas a' cur suas biadh sam bith eile air bhialaobh nan aoidhean, ach thusa fein aona Mhic gràdhaich Dè, ionmh-uinn fos cionn gach miann cridhe! Agus gu cinnteach bu thoileachadh mòr dhomhsa deoir a shìleadh o ghràdh mo chridhe ann ad làthair, is do chasan a nighe' leo, mar a rinn Moire Mhagdalen bheannaichte. Ach càit' a' bheil an blàth chràbhadh sin? Càit' a' bheil na deoir seòcho pailt ri fhaotuinn? Gun teagamh ad làthair fhein 'sna aingeal naomh thigeadh do m' chridhe a bhith na bheò-lasair, agus bristeadh a mach gu caoidh ghaolaich. Oir gu riochdail tha thu agam san t-Sàcramaid, ach 'sann fo sgèimh eile.

2. Oir t' fhaicinn ad àilleachd dhiadhaidh fhein, is rud e nach tuit fo m' shùil laig: oir an domhan uile mheathadh as an làthair do mhaise ghàbhaidh. Is mar sin tha thu furanach air mo laigse le bhith falach ann ad Shàcramaid. Tha thusa agam gu beachd, is tha mi toirt onair do 'n Tì sin a tha faighinn aoraidh o ainglibh fhath-anais: ach 'sann fo sgàilean creidimh san àm a chhi mise, ach iadsan tha faicinn gun dubhar gun neul. Bu chòir dhomhsa a bhith toilichte le solus a' chreidimh, is imeachd ga rèir: gus an d thig latha an t-soluis shiorruidh, is gu 'n teich faileis air folbh. Nuair a thig an ni coimhlon

ha bhi feum air Sàcramaidean, oir na naoimh ann an glòir fhathanas cha 'n 'eil an eisiomail eighis Shàcramaidean, Is gu bheil iad an sòlas un chrìoch a' fianuis an àrd rìgh, aghaidh ri -aghaidh ag amharc air a ghlòir; 'sam fas nan panga geala le bhith boillgean 'soluis Dè; 'sa eum le aighir ris an fhacal am feoil, anns a' mhòrchuis bh' aige o thoiseach, 'sa leanas mar is chaoidh.

3. Làn do na smaointean àrda sin, tha mo chridhe fophràmh trom, agus sin cuideachd a dh' ion toileachadh spioradail ge faigh mi: oir gus 'faic mi mo Thighearna gu soilleir na ghlòir fhein, miasar leam mar neoni gach ni tha san saoghal ri fhaicinn no chluinntinn. Is tusa fhein m' fhianuis, a Dhia, nach 'eil ni air bith ann is urruinn mo thoileachadh no creutair a thogas mo chridhe, ach thusa mhàin mo Dhia, oir a' bheil mi geall coimhead gu sìorruidh.— Ach so rud nach urruinn tachairt, fad mo chèilidh ann coluinn bhàsor. Ime sin feumaidh mi feith-amh le mòr fhaighidin, agus mi fhein a chrìochdadh dhutsa le m' uile thoil. Oir 'sann e creideamh is mòr fhaighidin a bha do naoimh, tha diugh ann an rioghachd fhathanas, am creideamh ri teachd do ghlòirse. 'S ionann creideamh dhomhsa is dhaibhse, is ionann dòchas, agus gu 'n ruig mi air an ceann-uidhe le comhadh do ghràs tha mi an earbsa. Tha mi 'g gabhadh san àm le creideamh, a' gabhail misnich shàmbla caithe-beatha nan naomh. A bhàrr air sin, tha leabhraichean naomh agam, mar chulaidh a' cur tachd is mar sgàthan beatha: agus fos cionn

sin uile tha do chorp ro-naomh fhein agam, mar leigheas is mar dhion sònraichte.

4. Dà ni tha mi faicinn tur riatanach dhomh anns a' bheatha so, is nach d' thig mi as aonais, air neo bhiodh a' bheatha thruagh so na h-eallach orm. 'Gu bheil an dà rud sin riatanach dhomh fad mo prìosain sa choluinn tha mi 'g aideach: agus siad sin biadh is solus. Gu m' riarachadh sna nichean so mata, thug thu dhomh do chorp naomh fhein mar lòn anma is coluinne, agus t' fhacal thug thu dhomh mar choinnil gu stiùradh mo cheuman. Gun an dà ni so cha 'rinn urruinn dhomh caithe-beatha ceart a bhith agam oir facal Dè se solus an anma, agus si an t-Sàcramaid lòn na bheatha dha. Faodar dà bhòrd chantuinn ris an dà ni so, air an suidheachadh air an taobh so, 's air an taobh ud eile dhe t' eaglais làn iùntais naoimh. A h-aon do na bùird sin s' t' altair naomh, air an bheil an t-aran beannaichte corp prìseil Chriosta làthair. A h-aon eile siad clàir an lagha, air a' bheil teagasg naomh sgrìobhte gar seòladh gu creideamh ceart, is gar stiùradh gu taobh-stigh a' chùirtean, far a' bheil naomh achd na diadhachd an tasgaidh. Buidheachan gu robh dhutsa, a Thighearn' Ios', a dhearrs-ghlain an t-soluis shiorruidh, airson clàir a teagaisg naoimh, a thug thu dhuinn le d' sheirbh eisich na fàidhean, na h-ostail, is daoine lèir sinneach eile.

5. Tàing gu robh dhutsa, a chruthadair 's shlànaire chloinn-daoine, a dh' uidheamaich, ma chomhdach do 'n t-saoghal air do ghlòir suipeimhòr; anns nach e an t-uan càisge, ach do chorp ro-naomh fhein agus t' fhuil a thug thu dhuinn

'n iche, a lionadh mar sin do chreidmheich uile sòlas do chuirn naoimh, is do chailis bhrìgheil eartair : anns a' bheil gach mìslean a bha phàris nan seud, 's anns a' bheil na h-aingle fein a comh-aoibhneas mar-ruinn, ach le tuille blais sòlais na sinne.

6. O nach àrd urramach ofaig nan Sagart, nair tha comas aca le 'm briathran beannaichte ghearna na glòrach a choisrìgeadh, a bheannachadh le 'm bilibh, a laimhsicheadh le 'n lamhan ; a gabhail le 'm beul, 'sa riarachadh air fheadhunn eile ! O nach geal na lamhan, nach co-thruaillidh am beul, nach naomh a cholunn, ach glan an cridhe bu chòir a bhith aig Sagart, a a toirt a stigh ughdaire na maise fo àrdaich ! aha d' thighe' do ni, ach naomh, do ni ach dealbhach no feumail tighinn a mach a bial Sagairt, a a cho tric a' gabhail Sàcramaid Chriosta.

7, Ceart is athach biodh a shùilean, le bhith a' faicinn corp Chriosta, a lamhan biodh glan, a togail ri fathanas ; is gu bheil iad a' beanntinn gu tric ri cruthadair neomh agus talmhaine. 'San gu sònruichte ris nan Saghairt a tha briathan so lagha a labhairt ; bithibh naomh, a chionn gu bheil mise ur Tighearna Dia naomh.

8. Dianadh do ghràsan ar comhnadh, a Dhia e-chumhachdaich, los gu faod sinne, a ghabhadh Sagairt fos laimh, do sheirbheis a chur an dòigh gu diadhaidh ceart cogaiseach anns gach a. Is mur d' thèid againn air ar beatha rianach dealbhach 'sa thighe' dhuinn, thugas duinn a lochdan a rinn sinn a chaoidh mar is còir : a bhith an geall ann a' spiorad na h-umhlachd,

is dea-rùn cridhe do sheirbheis a dhianamh gu dùrachdach a so suas.

XII. CAIB.

Gu'n d' thige' do'n fhear a tha dol a ghlacail Chrìosd e fhein uidheamachadh le mòr shaothair.

GUTH AN RUIN.

1. **THA** mise an dèidh air gloine, is gur mi fuar an a h-uile naomhachd. Cridhe glan a tha mi sireadh, agus 'sann an sin a tha mo thuinidh. Dian deas dhomh talla farsuinn àrd, is gabhaid mi chàisg maille riut, le m' dheisciobuil!. Ma math leat mi thighinn ad ionnsuidh, is comh nuidh gabhail maille riut, cuir an t-seann taoi air chùl, is glan seòmar do chridhe. Cuir gac miann talmhaidh as, is gach droch ùpraid: dia suidh sin, mar ghealbhonn leis fhein am mullac taighe, agus smaoinich air do lochdan le cridh brònach. Oir gach neach tha 'n gaol, gleidhid e ionad dealbhach bòidheach dha annsachd, a fiachainn mar sin a spèis ga rùn a tha tighin gu ionnsuidh.

2. Ach tuig agad fhein, nach urruinn thu feartan do dhianadais fein dianamh deas nas leò cha 'n urruinn, ge do bhuiliche' tu bliadhna shlà gad chur fhein an uidheam, gun dad eile a aire. Si mo thròcair, 'smo ghràsansa a tha rèi each an rathaid dhut gu tighinn gu m' bhòrd tha thu tighinn mar dhuine bochd a ghairm gu fleagh duine shaoibhir, gun ni aig' a phàidhe a' chomain ach umhlachd, 'sa bhith tàingeil.— Diansa na tha ad chomas, is dian e gu sguairte thig, cha 'n ann air sgà cleachdaidh no èiginn

ch le cùram athadh agus gràdh, a' ghacail corp
 o luaidh, do Thighearna Dia, a tha tiùrachd-
 nn tighinn ad ionnsuidh. 'Smise a tha toirt
 'aire', 'smise tha toirt òrdugh, 'smise a ni suas
 uireasbhuidh cràbhaidh: thig, agus glac mi.

3. Nuair a bheir mi blàs cràbhaidh dhut, thoir
 ing dh' ad Dhia; cha 'n ann airson gur fhiach
 u e, ach a chionn gu 'n ghabh mise truas riut.
 gur 'eil sùgh unnad, ach a' faireachduinn do
 ridhe cruaidh, leig air urnaigh, guil, buail an
 rus: is nà lasaich gus an toill thu sileag
 aighinn, no boinne do gràsan sùghor. Tha
 um agads' ormsa. Tha thusa a' tighinn, cha'n
 n gu mise a naomhachadh, ach tha mis' a' tigh-
 n gu thusa a naomhachadh 'sa bheannachadh.
 ha thusa a' tighinn gus a bhith air do naomh-
 hadh leamsa, 's air do cheangal rium, gu gràs-
 ùra fhaotuinn, gu do bheothachadh, gu fàs nas
 earr. Na leig na gràsan so an domail, ach
 dheamaich do chridhe leis a h-uile saothair, is
 bh t' aonsachd ad ionnsuidh.

4. Cha 'n ann ro chomaine mhàin a thigeadh
 ut deasalachd cràbhaidh a bhith agad; ach an
 igh na Sàcramaid a glacail tha do chràbhadh ri
 umail beo gu ro-chùramach. Cha lagha tha
 ' fheum air faicill an dèigh comaine, na tha air
 asalachd roipe: oir cùram ceart an dèigh laimh',
 a na dea-uidheamachadh gu ruighinn air
 àsan nas pailte an ath-uair: is mi-dheas tur a
 illeas a' fear sin air ais, a thug e fein gun dàil
 achad an dèigh comaine do thoileachadh saogh-
 a. Bi air t' fhaicill o mhòran bruidhne, fau
 uaigneas, meal do Dhia; is gu bheil esan a-
 d nach urruinn an cruinneadh uil' a thoirt uat.

'Sann dhomsa is còir dhut thu fhein a liubhuir gu h-iomlan; ann a' rathad is nach ann unnad fhein a bhios tu beo a so suas, ach unnamsa gu neo-bhruailleach.

XIII. CAIB.

Gum bu chòir do dh' anam diadhaidh a' bhith a geall air snaim ri Criosta' unns an t-Sàcramaid le uile chridhe.

GUTH AN DEISCIUBUILL.

1. Co bheir rathad dhomh, a Thighearna, gu fhaighinn thu ad onrachd, gu fosglainn mo chridh dhut, gu mealainn thu mar mo mhiann; 'snac tugadh neach tuille tair dhomh, is nach dianad creutair air bith mo bhuaire', no m' fhaigneachd ach gum bu tusa ad aonor a labhras rium, agus mise riutsa, mar a 's àbhaist annsachd labhair ri annsachd, is caraid ri caraid aig fleagh. Se so mo m' achanach, se so mo mhiann, gum bithin air mo cheangal riutsa gu teann, is gu 'n tairr ginn mo chridhe o gach ni cruthaichte; is gu fàsuinn le toradh comanachaidh naoimh is iobair thric nas fiosraiche air nichean diadhaidh agus siorruidh. O! mo Thighearna Dia! cuin bhios mi buileach ceangailte riut, bàite unnad is diochuimhneach tur orm fein? Biosa unnad is biom unnad, is deònaich ar snaim a bhith gu fhuasladh.

2. Gu fìor, 'stu mo luaidh, mo raghainn mìltibh, anns a' bheil m' anam an geall air tuilidh fad uile làithe mo bheatha. Gu fìor, stu r fhois, mo shìth cheart, 's mo shàmhchair fhìinneach: an taobh mach dhìot, cha 'n 'eil a

cradh, dòruinn, is truaighean gun àireamh.—
 Gu fìor, is Dia diomhair thusa, agus do chomh-
 irle cha 'n 'eil an cuideachda nan àingidh, ach
 ann ri luchd na h-umhlachd is ri ionracain a
 na do comhra. O nach caoin, a Thighearna,
 o spiorad, is gu na dheònaich thu, mar chomh-
 cradh air do chaoimhneas ri d' chloinn fhein,
 a arach le aran is mìse blas, a tha tighinn a
 uas a flathanas. Gu fìor, cha 'n 'eil cinneach
 le cho mòr, is gu bheil an diathan cho faisge
 haibh, 'sa tha an Dia againne do chreidmhic
 ile, dha bheil thu toirt sòchair gach là: gu 'n
 ridhe thogail suas gu flathanas tha thu gad thoirt
 in seachad gus t' iche is do mhealtuinn.

3. Co an cinneadh eile a tha cho urramach
 s a' phobull Chrìostail? No co an creutair
 'n ghrèin cho taitneach ri anam diadhaidh,
 is a' bheil Dia tighinn gus a bheathachadh le
 eoil ghlòrmhoir fhein? O na gràsan gun
 coimeas! O mathas iongadaich! O an gràdh
 in tomhas, air fhiachuinn gu sònraichte do
 dlann-daoine! Ach de bheir mi do 'n Tighearna
 rson a leithid so do ghràsan, airson gràidh cho
 mharraichte? Rud eile cha 'n 'eil am chomas
 o taitneach leat, ri m' chridhe thoirt do m'
 hia gu buileach, 'sa shnaim ris gu teann. An
 a leumaidh mo chridhe uile le sòlas, nuair a
 ios e an làn fhasdadh ri Dia. An sin their e
 um, Ma's math leat a' bhith maille rium, 'smath
 um a bhith maille riut: is bheir mise am fhreag-
 rt so dha; tiùraich, a Thighearna, fuireach
 aille rium, agus si mo mhòr thoilse fuireach
 aille riutsa. So aon rùn m' anma gu 'n glaogh-
 h gu teann riut mo chridhe.

XIV. CAIB.

An dèidh mhòr bh' aig cuid do dhaoine cràbhach air corp Chrìosta a ghlacail.

GUTH AN DEISCIUBUILL.

1. O NACH ioma sòlas, a Thighearna, a tha 'g diomhair agad an tasgaidh, a feitheamh orrasa anns a' bheil t' fiamh! Nuair a chuimhnichea mi, a Thighearna, cho ro-chràbhach, is ch blà-chridheach 'sa bha cuid do dhaoine math' ruith' gu d' Shàcramaid; tha mi fo nàire unnar fhein is fo mhasladh, gu bheil mi tighinn gu altair, is gu bòrd naomh do chomaine cho meag bhàth is cho fuar: gu bheil mi cho tioram is ch beag sùigh ann am chridhe; gu 'n bhith tur an theine air do bheulaobhsa, mo Dhia: no cho làid air mo tharruing, no cho deòthasach am cridhe ri mòran do dhaoine diadhaidh, a bha cho tìtheach air comaine, is cho tairis le gràdh, 'snach robh nan comas gun bhith sileadh nan diar. Bha iad an ruith ugadsa, a Dhia, fhuarain na beatha, 'n cridhe fosgailte maraon 'sam bilibh, siad faicinn nach robh rathad eile aca air an acra a' chasg 'sa riarachadh, ach le gabhail do chuirp le mòr annas is miagh spioradail.

2. O nach budian teth an creideamh, comha soilleir gu bheil thusa a làthair 'san t-Sàcramaid 'Smath a dh' aithnich iad an Thighearna, an à bristeadh an arain; is bu teth a' bha an cridhe nan com, le Ios' a bhith 'g imeachd nan cuim eachda. Is fada uamsa am bichiontas a leithid so do thlus, is do chràbhadh, a leithid so do lasa gràidh is do shùrd cridhe. Gabh truas riur

os' chàirdeil bhlàth chaoimh : deònaich ga d' uruaghan bochd fein, gu fairgheadh e, ge b' ann r uairibh, càil-eiginn dhe d' gràdh na chridhe, linn tighinn gu d' chomaine naoimh ; air chor gum bi mo chreideamh air a neartachadh, mo dòchas ad thòcair air a bheothachadh, is mo barrannachd, air a dea-lasadh, 's air a sartheide' suas le mana nan gràs, gun dol as a maoidh.

3. Is comasach do thòcair air na gràsan so tha i sireadh a thoirt dhomh, agus mo chridhe lasadh suas ad bhàigh le spiorad gràidh san àm a nios taitneach ad shùilean. Oir ged nach 'eil o dhùrachd cho teth, sa bha rùn do mhuinntir a à-chràbhaidh ; dèigh sin tha 'n toil agam, gum thinn air mo lasadh suas le feartan do gràs gu mille teas, a' griosad 'sa guidh, gum biodh coirt agam ri d' dhaoine teinntidh gràdhach, is am bithinn air mo chunntadh nam miag.

XV. CAIB.

Gu 'n coisnear gràsan cràbhachd le umhlachd is fein-aicheadh.

GUTH A' RUIN.

Gu chòir dhut cur mu dhèidhinn ghràsan a' ràbhaidh gu ro-dhìchiollach ; an iarraidh gu cràbhachadh, feitheamh riu gu faighidneach agus cràbsach, an gabhail gu tàingeil, an gleidheadh h-iriosal, co-oibreachadh leo gu dùrachdach ; a fàgail an lamhan Dè an t-àm 'san dòigh a' c e iomachuidh sealltuinn ort. Gu h-àraidh a' gabhadh ri thu fhein umhlachadh, nuair a dh' airgheas tu thu fein air bheagan no falamh do

thlus cràbhaidh; ach na tuiteadh do chridhe mua 's iosal, is na d' thèid as an rathad le mìghean. Oir bheir Dia iomadh uair seachad ann an aona mhionaid, an rud a dhùilt e fad mòran tìme. Air uairibh an deireadh na h-urnaigh bheir e uaithe an rud nach b' àill leis na toiseach.

2. Nan d' thugte gràsan seachad daonnan gur dàil, 'smar bu mhath is bu mhiann leinn, cha b' urrainn laigse mhic-an-duine cur ceart suas ri. Ime sin tha agad ri feitheamh ri gràsan cràbhaidh le mòr dhòchas, is le faighidin iriosail. Ach or fhein, is air do pheacannan fein cuir a' choire mur 'eil cràbhadh air a thoirt dhut, no ma tha air a thoirt uat an seòl diomhair. Is beag an ni air uairibh a bhacas 'sa thiomraicheas gràsan ach cha ni beag ach mòr bu chòir a radh ris nuair tha e cumail air ais sonas cho mòr. Ach ma ses gu 'n toir thu so as an rathad, biodh beag no mòr, 'sgu toir thu buaidh air, bithidh t' iarratus agad.

3. Oir cho luath 'sa bheir thu thu fhein seachad do Dhi ag h-iomlan, gun a bhith sireadh sid no so gus thu fein a thoileach 'sa riarachadh ach gad fhàgail fhein tur na lamhan, fairghid tu thu fhein suidhichte agus sìtheil: oir cha 'eil ni chò ionmhuinn, is cho taitneach ri to mhath Dè. Neach sam bith mata, a stiùras bheachd gu Dia le cridhe dìreach, 'sa ghearradheth gach ana-miann, no gràin air chreutair air bhith cruthaichte, sin an duine is deise airso ghràsan, 's is fhèarr is fhiach tiodhlac a' chràbhaidh fhaotuinn. Oir tha an Thighearna, taomadh a ghràsan, fara faighe e saghaiche falam a ghabhas iad. Agns mar is mua thrèigear duine

chean talmhaidh, 'sa gheobh e bàs dha fein le ath air fhein, 'sann is luaithe thig gràsan, agus is ilte a dhrùigheas iad air anam, 'sa 's àirde a' ogas iad a chridhe saor.

4. An sin chi e, is bithidh e saobhair, gabhadh e ioghnadh, is nitear a chridhe farsuinn: aobh is gu bheil lamh an Tighearna leis, is 'n chuir e e fhein buileach na mhèin gu siorrdh. Feuch, 'sann mar so a bheannaichear an t-aine a dh' iarras an Tighearna le uile chridhe, nach do ghlac anam gu diombain. A leithid do dhuine an àm tighinn gu comaine, tha e illtinn ghràsan mòra, a shnaimeas ri Dia e: cionn is nach cràbhadh taitneach dha fein, no leachadh dha fein tha e sireadh, ach glòir is air Dè fos cionn gach cràbhaidh is toil-inntinn.

XVI. CAIB.

*ur còir dhuinn ar uireasbhuidh a chur an làthair
Christa, 'sa ghràsan a shireadh.*

GUTH AN DEISCIUBUILL.

O THIGHEARNA, is mua caoimhneas is gaol, tha mi dràs' an geall a ghlacail leis a' chràdh is teotha! tha brath agadsa air mo laigse, air an èiginn anns a' bheil mi; air cho lionor om 'sa tha na h-uile 'sna h-ana-miannan anns a' bheil mi sàs; air cho tric 'sa tha mi air mo ur uige, air mo bhuaireadh, air mo thilgeadh trioblaid, is air mo shalchadh: ugadsa tha mi ith gu 'm leigeas, riutsa tha m' urnaigh, ag raidh furtachd is cobhair. 'Sann ruitse, aig a eil fios air a h-uile ni, tha mi labhairt, is tha faic- n gach ni air an taobh-stigh dhomh 'sa 's urr-

uinn a mhàin fusgladh orm 's mo chobhair. I aithne dhut an rud air a mua m' fheum, agus cho bochd 'sa tha mi, is cho falamh do shubhailcean.

2. Feuch, mi bochd agus nochd ad làthair, sireadh do ghràsan, 'sa 'g iarraidh do thròcaireachd beathaich do dheoiridh acrach; fuadaich do fhuachd le teine do ghràidh; soilleirich mo dhoillean le solus do làthaireachd: thoir gràin dhomh a gach ni talmhaidh, faighidin fo 'n h-uile àm. Ghar is crois, droch-mhias is diochuimhn' air gach ni fo 'n ghrèin is cruathaichte: tog mo chridhe uad ad fein a tha am flathanas, is na leig air seachdaran mi so air talamh; biodh unnadsa mo shòla a nis agus gu bràch; oir is tu mhàin mo bhiaic agus mo dheoch: mo luaidh m' aighear, mo ghlòir is mo shonas gu lèir.

3. O nach robh mi air mo lasadh, air mo leigeadh, 's air mo thionndadh unnad fein, le do thighinn am ionnsuidh; ann a' rathad is gum bionn ionann spiorad dhuinn le snaim diomhair na gràs, is lasadh teth na carrannachd! Na leig uat mi acrach agus pàiteach, ach bi càirdeil ri mi mar a bha thu ann a' seòl iongadach ri do naoim. Cha 'n aobhar iognaidh, ge do bhithinn air mo lasadh leatsa, is ge do gheobhuinn bàs dhomh fein: is gur teine thu, a tha daonnan a' gabhadh gun idir cnàmh, gur carrannachd thu, a tha glanadh a' chridhe 'sa soilleireachadh na h-inntinn.

XVII. CAIB.

Air dèidh is toil mhòir Criost' a ghabhail.

GUTH AN DEISCIUBUILL.

LE mòr-chràbhadh is teas gaoil, le uile thoil is ùrachd mo chridhe, tha mi an geall air do ghlaail, O mo Thighearna: is do ghlacail sa cheart òigh, bu mhiannach le mòran naomh is dhaoine iadhaidh, a b' ionmhuinn leat airson an caithe-eatha beannaichte 'sam bla-chràbhadh, do ghabhail an comaine. O mo Dhia! m' annsachd u bràch, mo mhathas gu lèir, 's mo shòlas nach eirig, b' i mo thoil thusa ghlacail leis an dùrachd is treasa. 'san umhlachd is mua, a ghluais, no dh' fhairich riamh gin dhe d' naoimh.

2. Is ged nach airidh mi air na gluasadan ràbbaidh sin uile a bhith agam, tha mi an dèigh in a' tairgse dhut uile dhùrachd mo chridhe, nar gum biodh e làn na aonar dhe na tograich-bh ionmhuinn blàth sin: a thuilleadh air sin, ach ni ghlac no dhùraig anam diadhaidh 'sa leth, tha mi tairgse, 'sa toirt dhut leis an umhlachd 's an toil a 's mua: ni cha mhath leam a humail air ais dhomh fhein; ach gu saor ro-lheònach tha mi gam thoirt fhein, is gach sion th' agam dhutsa mar iobairt. O Thighearna, no Dhia, mo chruthadar, is mo Shlànaire, le eithid sin do dhùrachd, do dh' umhlachd, do nholadh is do chliù, tha mi an diugh a' rùn do ghlacail: seadh, le urad thàingealachd uidheim s ghràidh, le urad chreidimh dhòchais is ghloine, sa chaidh do ghabhail is do luaidh le d' mhàthair naoimh, an òigh ghlòrmhor Moire, 's an àm

an d' thug i gu h-iriosal naomh a freagairt so do 'n aingeal, a dh' innis dhi rùn diomhair daondachd do Mhic: feuch bean-mhinntir an Tigh-earna, biodh e dhomb air rèir do bhriathran.

3. Le urad aighir, 'sa leum ad làthair le gluasad a' Spioraid Naomh do theachdairé beannaichte, Eoin Baiste, àilleagan nan naomh; 'sa dèis sin a thuirt gu h-iriosal blà-chridheach, (sa faicinn Ios' a miasg an t-sluaigh) caraid fir-na bàinnse seasaidh, èisdidh, is èirigh le aigir r'ghuth. Mar sin tha mise an geall a bbith m'lasair le togradh teth agus diadhaidh, is tighinn ad làthair le uile dhùrachd mo chridhe. Air an aobhar sin, tha mi so a' cur ad làthair, 'sa tairgse dhut aoibhneas mòr gach dea-chridhe, an dùrachd làidir, am plathan diadhaidh, an soluidh mhiarailteach, 's an taisbeannean naomh; mar ri subhailcean, is moladh a h-uile creutair; bheirear seachad air neomh agus air talamh a n' agus dèigh so; so mo thairgse air mo shon fhein 's airson gach aon a dh' earb ri m' urnaigh, los gu faighe' tusa moladh mòr is glòir gu bràch o' r' iomlan.

4. Gabh an toil uam, o Thighearna mo Dhia agus mo dhùrachd moladh gun sgur thoirt dhut is cliù gun chrìoch: rud is ro-dhligheach dhut airson do mhòralachd gun tomhas. So am beachd tha mi tairgse dhut, 'san geall a thairgse dhut gach aon latha agus mionaid: agus le m' urnaigh is le rùn mo chridhe tha mi 'g iarraidh 'sa cuir eadh spioraid flathanais gu lèir 'sna creidmheach uile, gu 'n cuireadh iad leam a toirt molaid dhut maraon is tàing.

5. Moladh a h-uile cinneadh treubh is tean

ga t' ainm beannaichte gràsor, leis an aighir
 s mua 's an cràbhadh is blàithe. Agus gach aon
 a thairgeas gu h-athach is gu diadhaidh dhutsa
 an t-Sàcramaid naomh, 'sa glacas i le làn-chreid-
 eamh, faigheadh e o d' laimhse gràsan is tròcair,
 agus guidheadh e gu h-iriosal air mo shonsa,
 creutair peacach. Agus nuair a ruigheas e air
 coradh a dhùrachd, 's air comaine a mhiann, 'sa
 l' fholbhas e o d' bòrd naomh, làn-thoilichte is
 lea-riaraichte, tiùraicheadh e m' anam bochdsa
 a' chuimhneachadh.

XVIII. CAIB.

*Cha 'n fhaod duine rannsachadh domhain a dhian-
 amh air an t-Sàcramaid so, ach mar fhearr lean-
 mhuinn air Criosta, a cheudan a lùbadh do creid-
 eamh naomh.*

1. FEUMAIDH tu a bhith air t' fhaicill, nach toir
 eònachas faoin ort, a bhith rannsachadh diomh-
 aireachd dhomhain na Sàcramaid so, ma 's math
 eat gun dol fodha, 'sgun do bhàthadh le teagamh.
 Am fear a rannsaicheas mòralachd bàthar le glòir.
 Gnàf. XXV. Tha tuilleadh an comas Dè dhian-
 amh nas urruinn duine a thuigsinn. Se am fear
 dh' iarras an fhìrinn gu diadhaidh agus gu
 a-iriosal, agus a bhios leagte ri seòladh, 'san
 eall air teagasg fallain nan aithrichean a leanail,
 a tha dianamh ceart.

2. Is beannaichte an umhlachd sin a thrèigheas
 lighe dhoirbh deaspud, 'sa ghluaiseas air rathad
 rèidh cinnteach fàithnean Dè. Is lionor iad a
 chàill an cràbhadh le rannsachadh diomhain.—
 Se creideamh a bhith agad is caithe-beatha deal-

bhach a thàs a' cur mu d' choinneamh, is cha 'n e àrd fhaghlum, is iarraidh gu grunn d' nichean diomhair Dè. Mur h-urruinn thu na rudan tha fodhad a thuigsinn 'sa thomas, ciamar a mhas-raicheas tu na rudan a tha fos do chionn. Striochd do Dhia, is gèill do bheachd do chreideamh, is thèid solus na tuigse a thoirt dhut, fhad 'sa bhios sin feumail agus riatanach dhut.

3. Air cuid a dh' fheadhainn tha diachainnean mòra a thaobh creidimh, agus na Sàcramaid so : ach cha 'n ann uatha fhein, ach o chònsachadh an namhud a tha so a' tighinn. Ach na bi thusa fo imcheist, no dian cònsachadh ad inntinn, is na toir freagairt do dh' amharusaibh a thogas an deomhan ad chridhe; ach creid facal Dè, creid na naoimh 'sna fàidhean, agus teichidh an namhaid uat. Thig fulang a' leithid so do dhiachainnean gu tric gu stàth do sheirbheiseach Dè : oir cha 'n 'eil an deomhan a' buaireadh nan ana-creidmheach no nam peacach, anns am beil a sheilbh bharantach martha, ach 's iad na creidmich 'sna cràbhaich a tha e buaireadh 'sa sàrachadh air ioma dòigh.

4. Ime sin gabh air adhart le creideamh fìrinneach saor o theagamh, agus thig a' dh' ionnsuidh na Sàcramaid so le creideamh, is le umhlachd mhòir; 'sa rud nach urruinn thu thuigsinn, earb gu socrach ri Dia e, is gu bheil e uile-chumbachdach; Cha mheall Dia neach gu bràch, ach tha esan air a mbealladh a tha a' cuir tuille 'sa chòir a dh' earbsa as fhein : tha Dia maille ris na daoine treibhdhireach, is tha e ga thaisbeanadh fhein do luchd na h-umhlachd : tha e toirt tuigse do dh' fheadhainn iriosal,

a' fosgladh dorus an eòlais do luchd na h-inntinne gloine ; 'sa falach a ghràs air na daoine àrd-chuisseach uaibhreach. Tha reuson mhic-a-duine lag agus faodar a mhealladh, ach creideamh firinneach cha 'n urruinn dol mearachd.

5. Bu chòir doreuson, is do 'n h-uile cònsachadh gèilleadh do chreidimh, cha 'n e cur na aghaidh, no choinneachadh; oir ta creideamh is gràdh a' streab' ri chèile anns an t-Sàcramaid ro-naomh ro-urramach so, agus ag oibreachadh ann a' rathad diomhair. Tha Dia, a tha siorruidh, do-sgrudaidh, uile-chumhachdach, a' cur an cèill air neomh agus air talamh gnìomhan mòra do-rannsaichte, is cha 'n 'eil dòigh air oibrichean miarailteach a bhreithneachadh. Na faiceadh reuson chlann-daoine oibrichean gu rèidh gu 'n cùl, cha ruigte' leas an sin a chantuinn gum bu gnothaichean iongadach is do-innste iad.

CRIOCH.

Peirt, Clo-bhuailte le Morisons.

CEARTAICHEAN.

Taobh 2, lin 10, B' fhearr; t. 3, l. 12, coimhead
t. 4, l. 1, uail; t. 4, l. 26, bhriathran; t. 22, l.
9, agus 13, aoibhneas; t. 48, l. 31, bhràithrean
t. 75, l. 4, coinneamh; t. 78, l. 14, o.

id;
L
an;

